# An Gaidheal.







## In Caidheal:

(Formerly AN DEO GRÉINE)

The Monthly Magazine of An Comunn Gaidhealach

Volume XLII.

October, 1946, to September, 1947, inclusive.



AN COMUNN GAIDHEALACH,
131 WEST REGENT STREET, GLASGOW.

## → CONTENTS. ※

## GAELIC DEPARTMENT.

PAGE	PAGE
Am Feur Deasachaidh—	Cor na Gàidhlige 61
Am Feur Deasachaidh— Cliù nan Ceilteach 141	Cuairt thun a' Mhoid 36
Cor carach an t-saoghail 45	Dimeas na Gàidhlige 86
Dràmaidheachd Ghàidhlig 105	Droch Mhanadh 42
Ealainean Làimhe 129	Eadar sinn fhéin 11, 42, 54, 66, 79, 91,
Fuil na Féinne fo'n Bhreacan - 117	103, 115, 126, 138, 151
Gàidhlig a' Bhiobuill 81	Facal san dol seachad 2, 18, 32, 48, 60, 72,
Ghàidhlig agus na Sgoilean, A' - 69	84, 96, 108, 121, 133, 146
Ghàidhlig anns na Sgoilean, A' - 29	Ghàidhlig anns na Sgoilean Arda, A' 151
Is fearr Eisiomplair na Comhairle - 1	Gilleasbaig Aotrom agus an Sealgair 7
Ma Thogair 57	Gliocas nan Rodan 5 Iompachadh Iain 75
Oraid a' Chinn Suidhe 13	Iompachadh Iain 75
Tha feum air cabhaig 93	Leabhar Ur 41
Ainmean Aitean 108	Litir Comunn na h-Oigridh 3, 15, 30, 46,
Aiseirigh 38 An Cuan agus ar Cànain 85	58, 70, 82, 94, 106, 118, 131, 144
An Cuan agus ar Cànain 85	Lus 132
An t-Iasgach 10	Maraichean an Canada, Na 39
Ath-bheothachadh na Cànain Càrnaich 74	Mhaoile so, A' 88
Caifidh mór na h-Oigridh 98	Naidheachd á Melbourne 110
Cainnt Gàradh Edein 35	Oisinn na h-Oigridh 4, 31, 47, 59, 83, 95,
Campa Comunn na h-Oigridh 142	107, 119, 132, 145
Cia meud mearachd a tha an so? - 47, 71	Sgeòil Bheaga 6, 8, 9, 10, 60, 61, 75, 84,
Comunn na h-Oigridh 71, 145	87, 88, 89, 96, 114, 123, 147
Coille mór Srath Ghlais 119	Taillear na Manachain 136, 152
Come mor arath Gmais 119	ranical na manachalli 100, 102

## Bardachd.

					PAGE		PAGE
Amhran	-	-		-	10	Falbhaidh 's cha till	
Am Bròn Binn	-	-	-		148	Fhir a' Bhàta	
A' Ghàidhlig -						Mnathan nam Maraichean -	
An t-Iasgair -	-	-	-	-	6	Rainn	
Bodach na Nollai	g -	-	-	-	31	Seann Charaid is Nighean -	- 122
Brosnachadh -	-	-	-	-	49	Stoc is Failleanan	- 38
Cainnt nam Bear	nntan	_	_	-	48	Sùil air ais	- 150
Cuimhneachan	do Es	lasai	dε	gus		Teann a nall 's thoir dhomh do là	mh
Anna Nic M						(ceòl)	- 78
Dùil ris	-			-	133		



## ENGLISH DEPARTMENT.

PAGE	PAGE
An Comunn—	Mod, 1946, The 22 Modern Scottish Poetry 53
Annual Meeting 23	Modern Scottish Poetry 53
Central Fund 12, 28, 44, 55, 68, 80, 92,	National Mod-
104, 116, 128, 140, 152	National Mod— Diary 19
Executive Council 24, 32, 72, 96, 134	Donations - 12, 28, 44, 56, 116, 128, 140
New Members 127 139	152
New Members 127, 139 "Alba" 12	Impressions 22,23
Am Féile Beag 134	M-1 -6 1040 104
An Comunn Gaidhealach 63, 76, 89	Duine Tiet
An t Oireachtes	Mod Of 1948
An t-Oireachtas 37 Argyll Rural Choire 125	New Boooks
Briton-Scottish Festival in Brittany 151	News from Australia 10
C-lt: A-t Pestival in Brittany 191	News from Brittany 79
Celtic Art 40, 103 Celtic Congress, 1947 146	Nicolson, the late John A 120
Certic Congress, 1947 146	Obituary (Bas Chairdean) 6, 49, 64, 79, 86, 98, 126, 149
Celts in the Modern World 148	86, 98, 126, 149
Central (War Comforts) Committee	Owl of Strone, The 41
10, 26, 40	Periodicals of Interest 42
Comunn na Clarsaich 53	Perth's National Mod - 125, 136 President, New 17
Dunedin Society 40, 55	President, New 17
Edinburgh Chair of Celtic 5	Problems before the Celtic Nations - 147
Edinburgh Local Mod 122	Propaganda Notes 11, 25, 36, 51, 62, 75,
Comunn na Clarsaich	Provincial Mods— 87, 100, 111, 125
"Father Allan" - 53 Folk Lore Society Proposed - 126 Funds (various) - 56 "Gaelic Calling" - 41	Provincial Mods-
Folk Lore Society Proposed 126	Ardnamurchan 137
Funds (various) 56	Badenoch and Strathspey 123
"Gaelic Calling" 41	Glasgow and District 123
Gaelic in Galloway 7	Kintyre 100
Gaelic in Scottish Education 64 Gaelic Language, The 51	Lewis 137  Lochaber 136  Lorn, Mull and Morvern - 124
Gaelic Language. The 51	Lochaber 136
Glasgow and Goven Branches 95 55	Lorn, Mull and Morvern - 124
Glascow Ornheus Choir - 64	Mid-Argyll 123
Glasgow Orpheus Choir 64 Goldcrest and the Wren, The - 109 Grand Highland Ball 10	Sutherland 120
Grand Highland Ball 10	Sutherland 138
Highlands and Islands Now, The - 52	Raiders, The - 87 Secretary's Notes 35, 50, 60, 74, 85, 100, 109, 149
History of Pre-Christian Ireland - 112	Secretary 8 Notes 35, 50, 60, 74, 85, 100,
If a Language Dies, Can It Again Live?	109, 149
. 49	Skye, Lewis and Harris Concert Tour 53
	Switzerland's Fourth Language - 150 UNESCO 88
Important Dates 92, 104, 115, 127, 139	UNESCO 88
Impressions of a Visit to Eire and Cymru	War Memorial and Thanksgiving Fund 28,
J- Pairs 44 CC 70 101 114 107 108	44, 53, 68, 80, 92, 104, 116, 128,
In Brief 44, 66, 79, 101, 114, 125, 138	Welsh League of Youth 121
London Gaelie Class 78	110, 102



## **VOLUMES**

Limited number in Stock

Price 3/6 each.

Postage Extra.

MAY BE HAD FROM THE SECRETARY

OF

AN COMUNN GAIDHEALACH

131 WEST REGENT STREET,

GLASGOW.



AN COMUNN GAIDHRAIACH

EDITOR:—Rev. T. M. MURCHISON, M.A., Clude Villa, Herzholm Oval, Glasgow, S.W.I. (Telephone: Broz. 1393),
to whom all theray communications should be addressed. Business and other communications should be sent to the General
Secretary, An Comunn Gaidhealach, 131 West Regent Street, Glasgow, C.2. (Telephone: Douglas, 1433). All matter for
inclusion in the Magazine should be in the Editor's hands by the 12th of the month preceding publication.

THE OFFICIAL MAGAZINE OF

Leabhar XLII.

An Dàmhar, 1946.

Earrann 1

## IS FEARR EISIMPLEIR NA COMHAIRLE.

Tha cus dhaoine ann a tha deònach gach aon eile a chur ceart agus an saoghal uile ath-leasachadh, ach gun ghuth aca mu'n deidhinn féin. Chan 'eil dad nas fhasa na bhith 'g innse do nàbaidh mar bu chòir dha na gàradh aige a chumail agus a chlann hàrach, am feadh 's a tha an gàradh agad fhéin làn luibhean agus do chlann fhèin ag cur feum air smachd is treòrachadh.

Chan ann mar sin a thigeadh dhuinne a bhith anns a' Chomunn Ghàidhealach. Tha obair mhór a' feitheamh ri ar làimh, ach is e a' cheud chuid dhith

ar tigh féin a chur an òrdugh.

Is feàrr deagh-eisimpleir na sàr-chomhairle. Tòisicheamaid, mar sin, againn fhéin, gach aon againn a tha 'nar buill de'n Chomunn so, agus cuireamaid romhainn gu nochd sinn do ar co-Ghàidheil gu bheil sinn an ceart da-rìibh a thaobh rùintean a' Chomuinn.

Cia meud againn anns a' Chonunn as urrainn a ràdh le firinn gun do choisinn sim aon bhall eile do'n Chomunn anns a' bhliadhna mu dheireadh (na choisinn sinn aon bhall ùr riamh?), no gun do cheannaich no leugh sinn leabhar Gàidhlig air a' mhìos a chaidh seachad, no gu bheil e mar chleachdadh againn a bhith sgrìobhadh ar cuid litrichean agus a bhith cumail còmhraidh ann an Gàidhlig an uair tha ar gnothach ri daoine aig a bheil Gàidhlig?

Tha againn anns a' Chomunn móran bhall aig a bleib hidh mhór an aobhar na Gàidhlig agus a tha air leth saothrachail anns an obair sin. Ach chan 'eil a' Ghàidhlig aca. Mar chuideachadh do an leithid sin tha a' mhór-chuid de dh' obair-riaghlaidh a' Chomuinn air a deanamh, agus deagh-phàirt de'n Ghàidheal air a sgrìobhadh, ann am Beurla. Chan ann ag gearan naoir sin a tha sinn, ach 's ann a tha sinn ag gearan naoir sin a tha sinn, ach 's ann a tha sinn ag gearan naoh 'eil uibhir 's a bu chòir de na buill gun Ghàidhlig a' deanamh oidhirp sam bith air a' Ghàidhlig ionnsachadh. Bha, agus tha, feadhainn dhiubh sin a dh'ionnsaich a' Chàidhlig, agus a rinn barrachd feum

dhith na móran eile aig an robh i o ghlùn am màthar. Ach, a dh'aindeoin sin, tha cus fhathast a tha 'nam buill de'n Chomunn ach nach dean oidhirp air a' Ghàidhlig ionnsachadh.

Agus sinne aig an robh a' Ghàidhlig bho làithean ar n-òige, a bheil sinn ag cuideachadh le luchdionnsachaidh na Gàidhlig mar bu chòir dhuinn? Tha luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air uairean caran diùid. Bidh eagal orra gun deanar fanoid air na mearachdan aca. Is nàireach ri ràdh c, ach tha Gàidheil ann a bhios a' magadh air mearachdan an luchd-ionnsachaidh. Chan 'eil an sin ach an turaineolas agus an dearg mhì-mhodh. Chan 'eil duine sam bith coimhlionta no iomlan ann an dad a nì e, agus chan 'eil aon againn as urrainn clach a thilgeil air neach eile. Is ann a bu chòir dhuinn gach cobhair 's gach misneachadh a thoirt dhaibh-san a tha strì ris a' Ghàidhlig ionnsachadh. Chan e mhàin gun cuidich sin iadsan, ach cuidichidh e sinn féin mar an ceudna. Is iomadh ni nach do thuig sinn gu ceart 's nach tug sinn an aire dha gus an d'fheuch sinn ri a dheanamh soilleir do neach eile.

A rithist, tha feadhainn co-cheangailte ris a' Chaidhlig ach nach leugh 's nach sgrìobh i. Saoil nach gabh an suidheachadh bochd sin a leasachadh? Nach math a dh'fhaodadh iad dol an car leughadh is sgrìobhadh na Gàidhlig ionnsachadh?

Bu chòir do gach meur de'n Chomunn Ghàidhealach dà ni a bhith aca, a bharrachd air céilidhean is cuirmean-ciùil, math 's gu bheil na gnothaichean sin

- cròilean no clas Gàidhlig, no eadhon barrachd is aon, far am biodh labhairt is leughadh is sgrìobhadh na Gàidhlig air an teagasg.
- (2) leabhar-lann de leabhraichean is de phaipearan Gàidhlig, agus de leabhraichean an cànainean eile mu eachdraidh nan Gàidheal.

- Bu chòir do gach ball de'n Chomunn trì bòidean a ghabhail air:
- (1) Mur 'eil a' Ghàidhlig agam cheana, tòisichidh mi air a h-ionnsachadh gun dàil; agus, ma tha i agam cheana, ni mi dichioll ri m'eòlas oirre a chur am meud. Ma bhìos mi beò sha mu'n àm so an ath-bhìadhna, bithidh mi nas coimhlionta anns a' Ghàidhlig, agus nas eòlaiche uimpe, na tha mi an diugh.
- (2) Fa chomhair gach leabhair Beurla a leughas mi leughaidh mi leabhar Gàidhlig, agus fa chomhair gach leabhair Beurla a cheannaicheas mi ceannaichidh mi leabhar Gàidhlig; agus mar an ceudna ceannaichidh mi gach paipearnaidheachd agus gach mìosachan agus ràidheachan air an amais mi anns a bheil mìr idir de Ghàidhlig.
- (3) Nì mi mo làn-dhìchioll ri aon bhall ùr, aig a' chuid as lugha, a chosnadh do'n Chomunn roimh àm an ath-Mhòid mhóir.

Bu chòir do gach neach aig a bheil dreuchd agus inbhe ann an obair a' Chomuinn, chan e mhàin na h-earailean sin a chur an gnìomh, ach mar an ceudna a bhith cur roimhe gu daingean gun dean e gach gnothach, an labhairt is an sgrìobhadh, ann an Gàidhlig, cho fad 's is comasach sin dha.

Is ann mar sin a nochdas nuinntir a' Chomuinn Ghàidhealaich deagh-eisimpleir do na Gàidheil, agus do na Goill cuideachd. Bhiodh so 'na thogail agus 'na bheothachadh do'n Chomunn. Chitheadh an saoghal gu bheil sinn an ceart da-rìirbh.

Sguabadh gach neach an leac fa chomhair a dhoruis

Is fearr deagh-eisimpleir na sàr-chomhairle.

## FACAL SAN DOL SEACHAD.

LITREACHAS GAIDHLIG AIR SON FEACHDAN AN RIGH.—Faodaidh suill a bhith oirnne mar echomun air son mar a chuir sinn tomhas math de litreachas Gàidhlig an lalman na feadhna a bha an seirbhia s' Chrìtin ri liun a' chogaidh. Is iomadh àite iomallach agus neònach a ràinig ma pasganan a chuir Niall a mach bho'n oils. Am fasaichean bruthainneach Africa, anns na h-Innsean fada thall, air feadh na h-Eòrpa, air bàtaichean beaga is móra a' Chabhlaich Rìoghail, air laimhrigean-adhair an iomadh àite, an tighean-ciridinn agus an campaichean-priosain—bha na duilleagan 's na leabhraíchean Gàidhlig air am fàilteachadh 's air an leughadh, agus is mór an togail inntinn a thug iad do iomadh aon, fada bho dhachaidh agus bho thìr na Gàidhlig.

Gadding.

Ach cha b'e an Comunn againne a mhàin a bha ri obair de'n t-seòrsa so. Ann an Cogadh a' Cheusair suntichiceadh comh-chomhairie de na tri eagaissean—Baglais na h-Alba, an Eaglais Shac-Magna an Eaglais Shac-Magna

Anns a' chogadh mu dheireadh rinneadh a leithid eile, Shuidhich Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor comhchomhairle air cheann na h-oibre, agus chuireadh a mach còrr is cóig-deug de na leabhraichean beaga, cuid dhiubh feadhainn dhiubh-san a thàinig a mach anns a' chogadh roimhe ach air an clò-bhualadh as ùr, cuid eile ann an clò air son na ceud uaire. Tha an t-aon mu dheireadh de na leabhrain so f'am chomhair aig an àm, oir dh'éirich dàil d'a thaobh agus chan 'eil fada o thàinig e mach. 'S e sin "Sguaban A Achaidhean nan Aithrichean," grunnan de shearmonan le diadhairean a bha ainmeil 'nan latha 's 'nan linn fhéin. Bha, agus tha, na leabhraichean beaga so taitneach ri an laimhseachadh agus ri an leughadh, agus is math a dh' fhaodadh iad a bhith air an reic air feadh na dùthcha. Dhiubh uile is annsa leam fhéin an dà leabhar-laoidhean—"A' Chruit Oir" agus "Mil nan Dàn," agus b'fhìor thoigh leam an dà leabhran so fhaicinn air an cur an clò air son feum an t-sluaigh Ghàidhealaich uile.

TEANN-ROINN NA MIX-CHOIRCE.—Bha latha ann, agus pè bolla mine aig ceann na beinge no an oùil air chor-eigin an t-aon ni as eugmhais nach robh dachaidh ann bith air a' Ghàidhealtachd. Le bolla mine agus leth-bharaille sgadan mu'n tigh, buntàta anna s' phollaig a muigh, cruach mhath mòna aig ceann an tighe, agus am pailteas de bhainne 's de dh' uibhean, cha robh dad de dh'iarriadh air a' chòrr.

Ach chan ann mar sin a tha an diugh. Chan 'eil an sgadan

fhéin ach gann, 's nuair a tha e pailt 's ann is dòcha cuid mhór dheth a thaomadh air ais dòr mhuir, mar i trie a tha tachairt. Agus a thaobh na mìn-choirce! Có aige a théid air bolla dhith a cheannach a nise agus dà cheud is ceithir-fichead punc ri'n libhrigeadh fa chomhair gach bolla (dà phunc am punnd) a bharrachd air a dhaoiread. 'Tha sinn uile a' tuigisinn gu bheil am biadh gann; chan urrainn e bhith air a' chaochladh an deidhl sà no saeachd bliadhna de sgrìos. Tha fhios againn gu bheil aluagh dhithchannan eile mòran nas mìosa dheth na tha sinne. Ach air a shon sin, ma's ann a bheathachadh nan each a thàtar ag cleachdadh an arbhair an Sasann, 's e a th'anns a' mhìn-choire pròmh-bhiadh nan Gàidheal.

Tha na coin 's na cearcan fhéin a' faireachadh na gorta. Tha a' mhin-choirce air àicheadh orra, agus bha seann bhanacharaid dhomh ag ràdh rium nach 'eil na seòrsachan bìdh a tha ceadaichte dhaibh a' tighinn ris na cearcan idir.

TAING.—Moran taing dhàibh-san uile a sgrìobh thun A' Ghàidheil, agus gu sònraichte dhaibh-san a thairg cobhair dha ann a bhith lionadh màileid gach mìosa. Cuiridh sinn gu feum gach ni freagarrach a gheibh sinn, uair no uair-eigin, agus gu fortanach tha am paipear a' tighinn beagan nas paite oinra a nìs, agus is math gu bheil. Bu mhath leis A' Ghàidheal iomradh a thoirt 'na dhuileagan air obair nam meuran rèa gheamhraidh. Cuireadh na rinairean, ma tà, cunntas goirid thugainn an dràad' sa rithais, an Gàidhig no am Beurla, agus bheir sinn am follais e; ach cumadh iad e cho goird 's is urrain. Féghnaidh dà cheud fhacal, no folha sin.

Ann a bhith guidhe soirbheachaidh do'n Mhòd mhór tha C.M. a Steòrnabhagh a' sgrìobhadh :

"Tha na Mòid giề mhath, ach cha chùm iad ar cànain beò. Sin obair nan dachaidhean anns a' Ghàidhealtachd. Ged is nàir e r'a innse, chan 'eil mòran chloinne ann am Baile Steòrnabhaigh a bhruidhneas a Ghàidhlig, agus anns na bailtean beaga tha dlùth chan 'eil mòran spèis aig an òigridh dhì. Tha e coltach gu bheil cuid de na pàrantan de'n bheachd gur e uaisleachd a tha ann a bhith tròigiann na Gàidhlig agus gach ni a tha fillte a stigh innte. Mo thruaighe l'ait a bheil t'uaisleachd mur 'eil spèis agad do chainnt do mhàthar; 'l

Is fìor a labhair sibh, a laochain.

GLIOCAS NAN GAIDHEAL.—Bha Cailleach a' Ghobhann agus Cailleach a' Mhuilleir a' trod ri chéile, agus an déidh dhaibh treis a thoirt air cáineadh sinnsearna a chéile, 's ann a thuirt an dara té ris an té eile: "Chan abair mí an còrr mu'n abair mí cus."

FIRINN AIR SON A' MHIOS SO.—Pillidh freagradh mìn corruich, ach dùisgidh briathran searbha fearg. Gnath-fhocail xv.l.

## LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Is ann mu na -paipearan ceasnachaidh air son Comunn na h-Oigridh, a tha mi direach an deidh a sgrìdadh 's a phasgadh seachad a chum an tilleadh chugaibh-se, air am motha am bi mo sheanachas anns an litir so, ach mu'm buin mi ri sin no ni eile bu mhath leam iomradh a thoirt air bàs an duine chaoimh 's bhur caraid-se, an Lighiche Alasdair Mac-an-t-Saoir, a bha anns an Ard-ruighe.

Leig am fear-nach-maireann ris a spéis do Chomunn na h-Oigridh anns an leabhran ghrinn, Balaich an t-Sratha, a sgrìobh e le a làimh féin is de an tug e lethbhreac seachad saor is an asgaidh do gach balach is caileig a bha anns a' champ am bliadhna. An uair a bha mi féin shuas anns an Annait (dà sheachdain nan caileag), shìn mi do gach aon dhiubh leth-bhreac de'n leabhar so; agus an uair a ràinig na balaich a rithist, thugadh dhaibh-san mar an ceudna aon an urra. Bha e gun a bhith gu math 'na shlàinte an uair sin, is gun mór-ghealltanas air a bheag de fheàirrd a thighinn air gu cionn iomadh latha, nan tigeadh an fheàirrd idir. Cha do shaoil sinn gu robh a' chrìoch cho dlùth. Tha sinn ro dhuilich gur e iomradh a bhàis a tha againn anns an litir so. The e a nis 'na laighe an tìr a ghràidh, Srath Ghearr-loch, far an tug "Balaich an t-Sratha" a' chuairt iomraideach a bha an sud, 's a dh'fhàg e féin againn an leabhar ro ghrinn. Sìth d'a anam!

A nis, a thaobh nam paipearan, dh'innis mi dhuibh mar thà gach sgoil as an d'fhuair sinn paipearan, an àireamh a fhuair sinn, is dhiubh sin an àireamh a bha an geall air a bhith air an comharrachadh a mach mar Làn-is mar Shàr-Ghàidheal. Tha sinn duilich nach robh tuille na dusan sgoil anns a' Ghàidhealtachd uile qu léir as an d'fhuair sinn gin idir agus, dhiubh sin féin, sgoiltean cho beag ri dithis, ceithir is cóig. Ciod g'an taobh-san a bha air an aghaidh an uiridh ach a tha air chall am bliadhna; is ciod g'an taobh-san bh nach d'fhuair sinn smid bho chionn bhliadhnaan?

Chan 'eil mi dol a dh'ainmeachadh eilcan seach eilean, gleann seach gleann, ach chan 'eil cùisean ag còrdadh riumsa co-dhiubh mar a tha iad. Tha fios gu ro-mhath gum faod a' Ghàidhlig a bhith an deagh chor ged nach biodh sgoil idir a chuireadh a steach paipear air cheann na cùise so; ach "is mise bha thall 's a chunnaic," agus a thaobh na h-obair a tha air a leigeil ris dhomh anns na paipearan so a chaidh troimh mo làmhan, chan 'eil mi idir riaraichte. Chan 'eil math dhuinn a bhith ag eubhach sithe is gun an t-sìth ann! Tha cuid de na sgoiltean a tha a réir coltais fada air ais ann an teagasg na Gàidhlig, agus cuid dhiubh sin a bha glé mhath an uair a chuir mise eèlas orra an toiseach troimh na paipearan so, ach a tha air dol leis a' bhruthach gu dona.

Gun teagamh, is e àl eile a tha againn an diugh bho'n cheud bhliadhna a bha gnothach agamsa ris na paipearan ceasnachaidh; ach cha bu mhath leam a ghabhail a steach gu bheil clann na bliadhna so nas fhaide air an ais an comas inntinn na am bràithrean 's am peathraichean a ghabh cuid anns an fharpuis so bho chionn chôig bliadhna. Chan 'eil, ach, mur 'eil, tha na comharraidhean ann nach 'eil an teagasg anns a' Ghàidhliz ach mu làimh; agus, ged nach 'eil mo ghnothach-sa ri sin, tha cion ealain làmh-sgrìobhaidh féin cuid de'n chloinn ag cur ro mhór de iongantas orm. Bha, is tha an diugh, na Gàidheil a ràinig ìre cliùiteach mar luchd-pinn. Anns an obair san robh mi féin bha ainm aig ar Gàidheil mar sgrìobhadairean le peann a bha comharraichte, is dh'aidicheadh na Goill is eile sin. Ach is mór mo chùram nach 'eil an ealain so air a teagasg an diugh mar a bha i an uair a bha mise is mo cho-aoisean anns an sgoil.

A rithist, mar a chì sibh 'nan ainmeannan-san a fhuair na comharraidhean a b'àirde, tha aon sgoil a seasamh a mach air leth bho'n chòrr, agus is e sin Sgoil Eideird Sgot anns na Hearadh. A bheil mise no aon sam bith de'n bheachd gu bheil clann na sgoile so nas fearr an comas inntinn na clann sgoiltean eile? Chan 'eil mise, agus tha dòchas agam nach 'eil neach eile. eadhon a' mhuinntir aig a bheil an cuid cloinne anns an sgoil so; ach tha an obair a' leigeil ris gu bheil saothair air a gabhail ri an teagasg anns a' Ghàidhlig le neach-eigin nach 'eil a réir gach coltais air a gabhail ann an sgoiltean eile a thug dhuinn rogha pòir bho chionn gle bheag de bhliadhnachan air ais. Ciod a theirteadh ris an teagasg Ghàidhlig a tha balach no caileag a' faotainn an uair a sgrìobhadh iad mar so-"Bu cuar guit an loir ma aid an leath" agus "a geasguc loch a due," an àite "Bu chòir dhuit an leabhar math ud a leughadh" agus "ag iasgach anns an loch an diugh."

Ach, air an làimh eile, tha aon sgoil as an tàinig dà phaipear a mhàin, bho dhà phiuthair tha mi an dùil, agus b'e an toileachadh sealltainn orra. Choisinn iad le chéile àrd-chomharraidhean, mar a chì sibh, agus thug mi 98 per cent. do aon dhiubh. Is e togailinntinn a tha ann am paipear na té so a sgaoileadh fa chomhair mo shùla. "Ciod an sgoil as an robh iad?" tha sibhse a' fcòraich. Tha, sgoil a tha fada air falbh bho'n fhonn anns a bheil a' Ghàidhlig air a labhairt an coitcheannas gach là, Uachdar-àrd-thir : ach, air eagal nach tuig sibh ciod an t-àite a tha an sin, is e Auchterarder a theirear ris an litreachadh na Beurla. Chan e mhàin gur ann an siorramachd Pheairt, far nach 'eil a bheag de Ghàidhlig air a labhairt an diugh, a tha am baile sin, ach tha e 'na fìor iomall an eardheas, is fada a stigh ri machair nan Gall. A nis, an rud a theid aig dà nighinn an Uachdar-àrd-thir, fada air falbh bho fhonn is àille na Gàidhlig, air a dheanamh, ciamar nach deanadh balach no caileag an Ardnamurchan, an Colla, am Muile, no anns an Eilean Sgitheanach e.

Tha mi am beachd sùil a thoirt air na paipearan as am briathrachas, le mearachdan a rinneadh 'na eadar-theangachadh, anns an ath-litir, oir anns an té so chan 'eil de rùm agam tuille ach an ainmeannarsan do an tugadh 90 no còrr anns an dà roinn a thoirt dhuibh, agus so saaibh iad:—

## SAR-GHAIDHEAL.

Niall Caimbeul, Sgoil	Eideird	Sgot, n	a Hearadh		95
Cairistiona NicAoidh	**	**	59	,,	94
Dòmhnall MacLeòid	99	31	23	22	94
Iscabail Chaimbeul	33	31	12	22	94
Seonag NicLeòid	99	59	99	22 '	94
Ena NicSuthain	. 22	2.7	99	22	93
Cairistiona A. NicAoid	h ,,	59	22	22	92

on

90

90

Anna NicDhòmhnaill Calum Caimbeul Murchadh MacLeòid 90 Peigi NicIosaig, Dalbrog, Uidhist-a-Deas 90 Catriona A. Nic-an-t-Sagairt, Bagh-a-Chaisteil . . 90 Cairistiona NicMhuirich, Bogha-mór, Ile ... ..

Sine NicLachlainn, Uachdar-àrd-thir 98 Màiri NicGhille-Mhoire, Sgoil Eideird Sgot, na Hearadh Dòmhnall Uilleam MacLeòid, ,, ,, ,, Murchadh MacGhille-Mhoire, ,, ,, Ruarag Nic Dhòmhnaill. Mórag NicLachlainn, Uachdar-àrd-thir C. M. Caimbeul, Sgoil Eideird Sgot, na Hearadh 90 Anna NicFhionghuin, 00

Bhur Caraid Dìleas. EACHANN MACDHUGHAILL.

## OISINN NA H-OIGRIDH.

## CAMPA COMUNN NA H-OIGRIDH, 1946.

Chumadh a' cheud Champa bho 1939 aig an Annait an Lochabar, bho'n 18mh latha de'n Iuchar gus an 9mh latha de'n Lùnasdal. Cha robh an àireamh cho mór is a bha dùil, ach bha sin ann an tomhas mór an crochadh ris an droch shìde. Bha i a' séideadh gu garbh anns na h-Eileana Siar aig an àm a bu chòir do na caileagan an dachaidhean fhàgail, agus chan 'eil e 'na ionghnadh gu robh na pàrantan gealtach clann cho òg a leigcil air falbh air turus cho fada,

Bha dóruinn uisge neo-chumanta ann ré Campa nan Caileag ach dà latha a mhàin, ach a dh'aindeoin sin bha gach aon air an dòigh agus leig iad ris, uisgc ann no as, gun deanadh iadsan campa sona dheth, agus rinn iad sin. Chaidh iad gu Gleann Fhionghuin agus streap iad gu mullach Tùr Thearlaich, agus an deidh sin chum iad cuirm-chnuic anns a' ghleann ainmeil sin. Chuir iad cuairt air Gcarasdan dubh Inbhir Lòchaidh, agus thadhail iad aig Tigh nan Ionghnaidhean far am fac iad seann rudan air an robh na daoine bho'n tàinig iad mion-eòlach.

Agus nach iadsan a fhuair an cothrom nuair a thug am B.B.C. cuireadh dhaibh gu bhith a' craobhsgaoileadh air an Radio. A réir gach iomraidh chòrd a' chéilidh so ri sean is òg, agus tha taing na cloinne aig a' B.B.C. agus aig Fionnlagh Dòmhnallach a bha a' riochdachadh Comunn a' Chraobh-sgaoilidh, Agus cha dhì-chuimhnich sinn Eilidh chòir, a dheasaich gach sian ann an trì làithean. Tha Eilidh i fhéin cho dòigheil is cho càirdeil is gun do ghabh na caileagan rithe gu h-aon-sgeulach agus bha a bhuil sin air a'

Bha na caileagan deas-bhriathrach, agus is iomadh freagairt éibhinn a chualas ré tìd a' champa. Ach is i so té a b'fheàrr a chòrd rium fhéin. Bha aon chaileag nach robh ag itheadh cho math is a bu chòir dhi, agus thubhairt Ceiteag rithe, "Mur gabh thu do bhiadh cuiridh sinn a mach thu." "Cuiridh," arsa Mórag, "agus gheibh sinn subsidy air a son."

Aig àm an dealachaidh bha an cianalas r'a fhaireachdain agus thubhairt gach aon gun tilleadh

iad an ath-bhliadhna. Chuir caileag as an Eilean Sgitheanach mar so e : "Bidh mise aig an ath champa co-dhiù, ach mi bhith beò, ged a b'ann an Hong Kong a chumadh e!"

Bha aon chaileag tinn as déidh an tinneis-mhara, ach nuair a thàinig an Dotair MacIomhair a choimhead oirre agus a bhruidhinn e rithe anns a' Ghàidhlig agus esan san éideadh Ghàidhealach, bhioraich a sùil agus an déidh drùthag á botul a dh' fhàg e, bha i air a casan a rithisd is a' streapadh nan cnoc le càch.

Lean an droch shìde Campa nam Balach, agus cha robh ach aon latha slàn tioram. Ach is beag a chuir sin orra-san, na gaisgich. Le Iain MacAoidh a Dunéideann air an ceann is iomadh sgrìob-monaidh a thug iad, bog fliuch ach toilichte. Agus ma bha latha mór aig na caileagan air an Radio, bha aon latha mór aig na gillean cuideachd. Moch madainn Di-satharna, le Dòmhnall nan Cleas mar fhear-stiùraidh, thog iad orra, agus cha do stad iad gus an tug iad a mach mullach Beinn Nimheis, agus sin an taobh a stigh de thrì uairean. Ged a bha ceò dùmhail ann, chùm Dòmhnall is a threud air an t-slighe cheart, gach rathad, agus bhuail iad rathad-mór an righ a rithist an taobh a stigh de chóig uairean bho àm toiseachaidh. Ged a chaill fear sàil a bhròige agus ged a thill fear eile air leth-bhròig, bu bheag sin aca agus mullach na beinne as àirde am Breatann 'nan déidh. Thug na gillean a mach mullach Tùr Thearlaich cuideachd. agus nach iomadh sgeul a bhios aca air an turus do Lochabar nan craobh is nam meanbh-chuileag.

Chuir Fear-gairme Chlann an Fhraoich, Mgr. Eachann MacDhùghaill, seachad oidhche cuide ruinn agus labhair e gu càirdeil ris na caileagan. As leth nan caileag thug Ceiteag a Dùn-bheagan taing chridheil dha air son a làthaireachd agus an ùidh a tha aige an Comunn na h-Oigridh.

Tha an luchd-cuideachaidh uile ri am moladh. Rinn iad gach dleasnas a chuireadh rompa gu toilichte agus chan fhacas gruaim fad an t-siubhail.

So agaibh beachd gille òig a thadhail oirnn anns a' Champ:

"Chunnaic mi cailcag is na deòir 'na sùilean an àm falbh. Chuala mi balach beag ag ràdh ri fear eile, 'Ma ghabhas e deanamh, bithidh mise an so an ath-bhliadhna.' Cha teisteanas idir sodal a theirear an luib taing, ach is teisteanas da-rìribh do Champa na h-Annait na nithean ud a chuala is a chunnaic mise san dol seachad. Is ann a' dol seachad a bha mi. Cha robh annam ach fcar-turuis, agus bha a chall sin agam fhéin. Bha coibhneas agus càirdeas ann an Campa Comunn na h-Oigridh nach fhaca mise an leithid ach ann an aon àite eile-aig an tigh. Agus is ann bho'n tigh a thug an Oigridh ud leotha iad.

"Is iomadh uair a nì mi fiamh-gàire ag cuimhneachadh air na sgeulachdan a chuala mi; bithidh na céilidhean beaga ùrar dhomh ré iomadh latha, ach an uair a théid sin uile air chall, bithidh cuimhne agam air trì scudan air an do bhuail sùil gach fir-tadhail-Gàidhlig, ùmhlachd, agus modh. Thug mi dhà no trì làithean anns a' champa ; chunnaic mi na caileagan a' falbh agus na gillean air ùr-thighinn, agus is e a bha daonnan a' tighinn a steach orm—'Nach mi a chaill air nach robh mi fhéin an so 'nam bhalach.'

"An uair a bha mi a' falbh, choimhead mi air mo chil-haobh agus is e an rud mu dheireadh a chunnaic mi—luideag phaipeir ag ràdh, 'Seall chugad 's bhuat.' Ma ghabh an òigridh an earail ud, no nach do ghabh, cha leig a h-aon aca leas luideag phaipeir gu cuimhneachadh dhaibh sealltainm air sis."

Tha ar taing aig Mgr. Weir, an tuathanach, air son gach coibhneis a nochd e ruinn ri tìd a' champa, agus mar an ceudna aig a' Chabhlach Rìoghail air son Talla Chleasan is tigh-còcaireachd a chur gu feum na cloinne.

DOMHNALL MACPHAIL, Ceannard a' Champa,

## GLIOCAS NAN RODAN.

Thug aoir àbhacach Thormoid Dòmhnallaich am chuimhne sgeul a chuala mi uair-eigin mu chomhbhàidh nan rodan d'a chéile.

Bha sabhal beag, astar goirid air cùl an tighchòmhnaidh, aig bodach ann am fear de na h-Eileanan. Bha an sabhal loma-làn eòrna air ùr chur a steach as a' chruaich anns an iodhlann. Gu mì-fhortanach fhuair rodain a' bhaile lorg air an t-saobhaidh, agus an ùine gheàrr bha an t-àite ag 'àladh leotha. Ach bha abhag bheag smiorail aig a' bhodach a rinn forgladh am measg nan rodan. Bha cat mòr riabhach aige cuideachd—sealgair math—a chuir as do mhòran aca mus d'fhuair e bàs an dèidh ceann fear de na biastan itheadh.

Mu dheireadh thàinig a' chùis cho teann air comunn nan earball fada 's gun d'rinn iad suas an inntinn imrich a dheanamh gun an tuilleadh dàlach.

Aon latha agus an talamh còmhdaichte le sneachd, dé chunnaic am bodach an uair a dh' fhosgail e an dorus-cùil eadar dà fhrais ach trl rodain a' fàgail an t-sabhail. Bha na trì air an aon cheum, a' siubhai gu séimh socrach anns an aon sreith—seann rodan liath dall anns a' mheadhon agus fear air gach taobh dheth. Bha an aon sràbh làidir connlaich, leis an robh na dhà aig an robh am fradharc a' treòrachadh an fhir dhoill, air na trì 'nam beul.

Stad am bodach far an robh e. Cha do chuir e grabadh orra; chuir an sealladh uiread de smuaineachadh air. Is ann bho bhilean a' bhodaich fhéin a chuala mi an sgeula, agus faodar a chreidsinn, oir bha an seann duine còir in adhuine cliùiteach agus 'na fhoirbheach anns an eaglais.

Nach e na rodanan fhéin a tha teòma! Tha e air a ràdh gu bheil seòra de dhà-fhradharc aca, agus gun tréig iad roimh làimh long do'm bheil an dàn dol fodha. Chan eil e ceart daoine a shamhlachadh ri rodain, ach a bheil fhios an ann air son an aobhair cheudna a tha uiread de òigridh an latha an diugh a' fàgail long bhriagha àrd-chrannach nan Eileanan an Iar agus na Gàidhealtachd air fad? Nar leigeadh Dia!

A. L. M.

## A' GHAIDHLIG. (o'n t-seann Ghàidhlig)

Cànan binn, blàth nan draoidhean 'S nan saoidhean o chian; 'S nan saoidhean o chian; 'S nan shinn, blàth nan righrean, Nan naomh is nan cliar; (cànan binn, blàth nan clanna, Gaisgeil, fallain, mór, àrd. An uair a chaillear gu beachd e Cà seachnar leinn bàs ?

CALUM MACGILLEATHAIN.

## EDINBURGH CHAIR OF CELTIC. Dr. Myles Dillon appointed.

Dr. Myles Dillon, Professor of Celtic in the University of Chicago, has been appointed to the Chair of Celtic Languages, Literature, History and Antiquities in the University of Edinburgh, which has been vacant since the death on active service of Professor James Carmichael Watson in 1942.

Dr. Dillon is 46 years of age, and is a M.A. of the National University of Ireland and a Ph.D. of Bonn University. He also studied at Heidelberg. In 1985, 26 he taught Irish at the Sorbonne, and in 1936 became Lecture in Comparative Philology and Sanskrit in Trinity College, Dublin. From 1930 to 1937 he held a similar appointment at University College. In 1937 he was appointed to the staff of the University of Wisconsin, first as Professor of Irish and later as Professor of Comparative Philology and Irish Literature. Earlier this year he entered upon his present appointment at Chicago.

Dr. Dillon is regarded as one of the outstanding scholars to day in the field of Celtic studies He is joint-number with Dr. I. Williams (Professor of Welsh in the University College of North Wales) of a forth-orning volume on The Celtic Languages, announced for publication by Messrs, Faber in their "Great Languages"s series.

Schemburgh Chair, being the only Chair of Celtic Scotland, may the did not be the keyposis in Celtic Scotland, may the did not studies the statics of the strength of the stre

The untimely death of James Carmichael Watson, while serving his country in her time of need, was nothing short of a tragedy, and the greatest loss to Scottish Gaelic studies for many a long year, for, superbly equipped as he was, both by heritage and training, and with marked ability, he had achieved in his brief career a remarkable amount of solid and fruitful work, which will be an finer things to come.

We believe that those whose efforts led to the founding of the Chair had as their primary object, not merely to advance the scholarly study of the Celtic languages as of a dead language, such as Sanskrit or Latin, but to provide a spear-head in the endeavour to vitalise and develop the living language of the Scottish Gaelic people to-day. With this in mind, and having in view the tradition established by the three occupants of the Chair, it was generally assumed that the appointment would fall to a Scottish Gael. It was also fairly widely known that among the candidates were several Scottish Gaelic scholars, more than one of them fully qualified to fulfil the duties

of the Chair and to maintain and enhance its traditions of sound scholarship as well as of leadership in the sphere of modern Scottish Gaelic. The appointment of a candidate from outwith Scotland was therefore unexpected.

6

We realise, of course, that scholarship knows, or should know, no national frontiers; the commonwealth of letters is a reality. If scholars from outwith Scotland are eligible or Scotish Chairs, likewise Scottish scholars may be, and are, appointed to Chairs furth of Scotland. One of the best Scottish Celtic scholars of this generation, the late Professor John Fraser, occupied with high distinction the Chair of Celtic at Oxford. When the inst appointment was made to the Edinburgh Chair, Dr. Alexander Cameron, Brodick, the pioneer Celtic philologist in Scotland, Brodick, the pioneer Celtic philologist in Scotland, have been well to appoint Dr. Whitley Slokes or Professor E. Windisch, neither of then Scottish Gales, or Professor

The Children of Scotlan of Scotland, the Children of Scotlan of Scotland, the Children of Scotlan of Scotland of Scotland, the Children of Scotlan of Scotland of Scotland, the Children of Scotland of Scotland, the Children of Scotland of Scotland, the Children of Scotland of Scotland, the Scotland of Scotland, the Children of Scotland of Scotland, the Scotland of Scotland of Scotland, the Scotland of Scotland o

Many of us, therefore, had been expecting, and should have been glad, to see a Scottish Gael appointed to this important post, so vital to the success of the language movement in Scotland, but, nevertheless, we would congraulate Dr. Dillon on his appointment and bespeak for him a cordial welcome when he enters upon his duties among us. We in An Commun, whose primary concern is Dillon will identify himself with us in our efforts, and that, as a fellow Gael, he will share with us the fruits of his knowledge and experience.

We have an immense task on hand, and, on the side of scholarship, we require, as Professor Matson indicated thirty-two years ago, not a Professor in Edinburgh, a Reader in Aberdeen, and a Lecturer in Glasgow, but an adequately staffed and equipped Department of Celtie Studies (with a Professor and at least one Lecturers) each of the four Scottish Universities, and also Lecturers in other colleges. We also need a large number of fieldworkers, teachers, writers, etc. Much valuable work has and for certain parts of it (for example, the collection of folk-lore and oral literature and the study of dialects) the sands are fast running out.

T.M.M.

## SGIRE SGOBHRAIDH.

Bha uair a bu bheag air bodaich ministear fhaicinn le feusaig shlàn, ach thàinig fear de'n t-seòrsa gu òrduighean Sgobhraidh, agus rinneadh gearan air an fheusaig.

Arsa oileanach á colaisde na diadhachd : "Bha feusag air Aaron fhéin."

Arsa fear de na bodaich: "Ged bhitheadh a h-uile ealg a tha air a h-uile mart an sgìre Sgobhraidh ortsa, cha deanadh sin Aaron dhiotsa!"

## AN T-IASGAIR.

So mar dh' aithnich mi riamh thu, fhuair oilein aig sgoil an iasgaich.

An sealladh fir, na suilean socrach a sgrùdadh slugan dubh an doininn, 's a leughadh seagh an àrdthuinn obainn, ceann geal troimh dhall na h-oidhche nochdadh.

Tha fuaradh 's fasgadh, faire 's fulang 'nad shùil 's an ciùine do ghutha; dh'fhàg caol is cuan, rudh' air rudha le'n sruthan-cinn 's an gaothan uile, dh' fhàg cathadh sguabte iomadh tuinne, fèath is gaillionn is siontan dubha air do ghruaidh an seul, a dhuine.

DEORSA CAIMBEUL HAY.

Tairbeart Chinn-tìre.

## BAS CHAIRDEAN.

We regret to record the deaths of two distinguished Gaels, who, each in his own sphere, gave long and devoted service to the cause of Gaelic and the welfare of their followcountrymen.

## Dr. Alexander Macintyre, Airdrie.

Dr. Macintyre died on 6th September. He was a native of Gairloch, Ross-shire, and was for many years an enthusiest member of An Comunn. Although the claims of an exacting profession prevented his serving on the Council or on any of the Committees of An Comunn, he nevertheless rendered great service to Gaelic, and perhaps in a more fruitful way.

Dr. Macintyre was a first-rate Gaelic scholar, and had an immense store of local lore, cherished from his boyhood days in Gairloch. In such scanty leisure as he could command he employed himself in putting on record part of this valuable material. Much of it has been made public in the pages of An Gaidhad, to which he contributed important articles from the contribution of the contributed of the contributed allowed to the Gaelic Society of Glasgow and other associations.

It is much to be hoped that any material which Dr. Macintyre may have left will be carefully preserved and made available for publication. It was certainly his desire, had heen spared, to publish as much as possible of this material. It is only a few weeks since his fascinating little book, "Bolzick and a \$Sodiahs," appeared. It was intended in the first instance presented to those who attended the Summer Camp at Annat. It is now, however, on sale to the public.

## SIR JOHN LORNE MACLEOD, EDINBURGH.

Sir John Lorne MacLeod died on 7th September, at the age of 73. He was born in Inveraray, and distinguished himself as a student of law at Edinburgh University. At an early stage of his career as a law-agent he entered upon public life, first as a member of Edinburgh School Board and shortly after as a member of the Edinburgh Town Council.

After serving on several important Committees and as City Treasurer, he became Lord Provost of Edinburgh in 1916, he being then the youngest civic leader in Edinburgh within living memory. He was knighted in the following year.

Sir John's public service included many important appointments, but no claim on his interest had priority over his desire to help his fellow-Highlanders. He was an active member of many Gaelic and Highland Societies, and a tower of strength especially to the Highland Societies of Edinburgh. He was a life member of an Comun and, as Lord Povost of the city presided over the Grand Concert of the National Mod which was held in Edinburgh in 1919.

## GILLEASBUIG AOTROM AGUS AN SEALGAIR

Thàinig duine uasal Gàidhealach air foghar a shealg gu monadh na sgìreachd anns an Eilean Sgitheanach far an do thachair do Ghilleasbuig Aotrom a bhith fuireach aig an àm. An uair a chuala e mu Ghilleasbuig agus a chuid chleasan ceòlmhor, is ann a smaointich e, a thaobh 's gu robh seirbhiseach a dhìth air, nach b'urrainn dha ni a b'fheàrr a dheanamh na Gilleasbuig fhasdadh fad latha no dhà gu bhith giùlan gach goireis bhig a dh'fheumadh a bhith aige muigh sa' mhonadh agus gu bhith frithealadh air gach uair a bhiodh obair sam bith ri dheanamh.

Thachair air latha àraidh air an t-slighe gu robh an sealgair agus Gilleasbuig ag coiseachd trid mhòintich fhiadhaich anns an robh fraoch fada a' fàs a bha ruigheachd nan glùinean. Bha an duin'-uasal air thoiseach agus Gilleasbuig 'ga leantainn, ag giùlan cuaille fada de bhata 'na làimh. An déidh a bhith greis ag coiseachd, thug an sealgair a mach pìob tombaca, agus air dha a lìonadh theann e ri ceò a thoirt aisde. A nis, is e duine a bha ann an Gilleasbuig Aotrom aig an robh déidh mhór air tombaca e fhéin is a bha 'ga chleachdadh cuideachd. Air an latha so, co-dhiubh, gu mi-fhortanach cha do thachair gu robh greim tombaca aig mo laochan. Dhùisg a mhiann na bu mhotha an uair a chunnaic e am fear eile a' lasadh na pìoba. Do bhrigh 's nach robh e eòlach air an duin'-uasal, bha e car mór leis criomag iarraidh. Ach ge b'e có bhiodh a' fulang le cion tombaca, cha bhiodh Gilleasbuig còir fada as aonais nan deanadh seòltachd agus cleasan e. Agus mar tha fios aig na h-uile, bu làn ceann aotrom Ghilleasbuig dhiubh so. Rinn Gilleasbuig gàire ris féin is e toirt snàthaid bhig á chòta a stob e le mór innleachd am bàrr a bhata.

Feadh 's a bha iad le chéile ag coiseachd troimh an fhraoch. shìn Gilleasbuig am bata fad a làimhe, a' stobadh na snàthaid an calpa an t-sealgair. Leig an duine bochd sgairt àrd as a thug fuaim air mac-talla nan enoc.

Gu dé tha ort? " arsa Gilleasbuig, is e a' leigeil air gu robh e fo uamhas agus ann am mór thruas ris an fhear a bha dannsa

leis a' chràdh.

"Chan urrainn mi innse," arsa am fear eile. "Dh'fhairich mi rud-eigin a' stobadh mo chalpa mar gum b'e seillean a

dheanadh a lot." "Chan 'eil sin ag cur ionghnaidh orm," arsa Gilleasbuig : "tha am fraoch ann an so beò le nathraichean."

" Nathraichean!" arsa an duin'-uasal, is e ag atharrachadh nan dath.

"Seadh," arsa Gilleasbuig, "tha am monadh so làn

dhinhh "Gu dé a ni mi?" arsa am fear eile, "Tha mi air mo

phuinnseanachadh gu bàs, fada air falbh bho chobhair agus bho dhaoine!" "Innsidh mise sin dhuit," arsa Gilleasbuig, "agus ma

ghabhas tu mo chomhairle, cha bhi cnead ort am beagan mhionaidean." "Is mise ni sin gu toilichte," fhreagair an duin'-uasal:

"abair e gu grad." "Na thachair gu bheil caob tombaca agaibh an so?"

"Tha," arsa an duine uasal. "Fosgail am poca agus

gheibh thu faisg air leth-phunnd ann.' Thug Gilleasbuig a mach an tombaca a bha 'na ròpa fada

air a phasgadh an cuaich chruinn chothrom. "Suain an ròpa tombaca gu dlùth, cothrom mu do chalpa anns a' mhionaid, agus fàg air e air son deich mionaidean, agus

théid mi féin an urras nach bi aon ni ceàrr air do chois. Gu toilichte ghabh an duin'-uasal comhairle Ghilleasbuig. Shuain e an tombaca gun chaomhnadh mu'n cuairt air a

chalpa.

Coisich a nis gu bras air adhart," arsa Gilleasbuig.

Mar a thubhairt, b'fhìor. An taobh a stigh de dheich mionaidean cha robh ni air a' chois. 'Ciamar a tha thu a nis?'' arsa Gilleasbuig.

"Nach mi tha taingeil," arsa an duin'-uasal, "tha gu math."

"Thug an tombaca am puinnsean as do chalpa," arsa Gilleasbuig. "Faodaidh tu a nis a thilgeil dhith."

Rinn an duin'-uasal sin. Thilg e an ròpa tombaca bhuaithe air an raon, agus cho luath 's a thionndaidh e a chùl-thaobh

thog Gilleashuig leis an tombaca agus chuir e 'na phòca e. Fhuair Gilleasbuig, air sgàth a chuid chleas, suas ri lethphunnd tombaca, agus cha robh e as aonais ceò fad iomadh latha 'na dhéidh.

Chaidh an duin'-uasal dhachaidh, co-dhiubh, a cheart cho toillichte ri Gilleasbuig, do bhrìgh 's gun deachaidh a leigheas an uair bu dlùithe e do'n bhàs, is e ag cantainn ri càch nach b'urrainn nach e làn amadan glic a bha ann an Gilleasbuig Actrom. Ach cha robh fios aige uile air.

TORMOD DOMHNALLACH.

## GAELIC IN GALLOWAY.

It is a popular delusion that there are two races in Scotland -Celts and Saxons; the Celts inhabiting a gradually receding region north of the River Forth, and the Saxons the remainder of the country. As a result, Scotland has been kept a divided nation for centuries, and it is sad to think that so great a patriot as Sir Walter Scott has lent the force of his genius to perpetuate this noxious myth. Gaelic has been dubbed "Irish" and "barbaric," while English is considered the speech of educated people.

The origin of this attitude of mind is not far to seek.

### THE GARLIC EBB-TIDE BEGINS.

Previous to the arrival of Margaret of England, with a horde of Saxon refugees, shortly after 1066, Gaelic was the language of court and cot throughout Scotland, or Alba (to give our land its ancient name). Margaret was pious and bigoted, and her doting husband, Malcolm Ceann-mor, became the ready instrument in her hand to destroy the Celtic Church and substitute the Anglian Church and speech.

The Gaelic language began slowly to disappear from the Lothians and the coastal area of Fife. Further hordes of carpet-baggers, chiefly Normans, were invited into Scotland by Margaret's son, David I. To these he gave large grants of land, and the Anglian Church, following in their wake, ousted

the native clergy and with them the language.

Galloway bitterly resented the anglicising policy of the Scottish court, for, as MacKerlie states in his History of Galloway, "The Celtic owners were fiercely opposed to charters, or 'sheepskin-holding' as they termed it." The men who flocked to the standard of Wallace were many of them deprived of their ancestral lands by these aliens. The king's writ did not travel very far in the south, however, for (again quoting MacKerlie) "The Galloway men adhered to their own Celtic laws as far as their local transactions were concerned, and had proper judges appointed for that purpose, This continued to the reign of James VI.'

## OLD GALLOWAY.

In olden times Galloway extended from Carlisle to Central Avrshire, thus embracing the counties of Dumfries, Kirkcudbright, Wigtown, and South Ayrshire or Carrick. To-day its area has become restricted to the land lying between the Nith and Loch Ryan. The people of Galloway call themselves Albannaich or Picts. Remains of other races are the Fingals. Creenies and Gossocks.

That the original language of Galloway was Gaelic the placenames will testify. Names such as Knocktaggart, Ardcrochair, Craigbroc, Drummore, Barnagee, Darroch, and Laggan are readily intelligible to a northern Gaelic speaker. No other part of Scotland can show such variety and richness in its nomenclature, and it has been asserted that ninety per cent. of the place-names are Celtic.

Although one or two coastal names are imputed to Norse, there is no trace of Norse occupation, a pleasing contrast to the Western Isles where half the place-names are Teutonic, bearing evidence of the permanence of the Viking conquest,

These Gallovidian Picts, aggressively independent and pagan, in spite of a veneer of Christianity, long continued a thorn in the side of both Scots and English.

## PICTISH INFLUENCES.

At some unknown period B.C. there would appear to have been an invasion from the East of Scotland, where the Pictish

tongue prevailed, and these invaders became a ruling caste in Galloway. It is probable that they gave the name to the country, for, though many etymologies have been suggested for the name "Galloway," it is more likely to derive from Gal (a plain), Gwydd (wooded), plus the termination Ia (meaning country "), thus approximately closely to the name given in The Instrument of John Baliol (1296), where it is spelt "Galwedia,

The Highland area apart, the country is divided into The Rhinns, that is, the peninsula of which Stron na Gabhair (the Mull of Galloway) is the termination, and The Machairs, a great plateau occupying about half the acreage of Galloway, This territory is well-wooded and was much more so long ago,

An invasion similar to that above-mentioned took place from the same quarter about 440 A.D., when Cunedda led an army into North Wales and founded the kingdom of Gwynedd

after subduing the Gaels there.

Although the Pictish tongue has vanished from Galloway. as did the Gaelic lately, it has left its trace on the speech of Kirkeudbrightshire, which betrays a strong East Coast accent, while Wigtown is Gaelic with an Irish blas. Ninian of Rosnat (Whithorn) must have spoken Pictish, for he and his missionaries spent most of their effort in North-east Scotland, where the language was Pictish.

Again, Galloway was the last stronghold of Druidism, which collapsed on the defeat of Gwenddoleu, king of Galloway, in 573. Merlin, his counsellor, archdruid, poet and figure of romance, describes the battle in poems which are written in a tongue which is ancient Welsh or perhaps Pictish.

## GAELIC IN GALLOWAY.

The continuous influx or, better, reflux of Gaelic speakers from Antrim, combined with the Gaelicisation of Scotland which began with Kenneth MacAlpin in 842 A.D., caused the disappearance of the Pictish language in Galloway. Like Norman French, it had been the speech of an aristocratic caste and had shared the same fate. All Galloway and part of Northumberland can be included in the Gaelic area. While Eastern Scotland was becoming anglicised, largely through church influence, Galloway clung tenaciously to the Gaelic. In the celebrated "Flyting" of Kennedy and Dunbar, circa 1500 A.D., Dunbar speaks of the "Carrick lips" of his opponent, and that this refers to the Gaelic is evident from the reply of

Kennedy, who says: Thow lufts nane Irische, elf, I understand Bot it suld be all trew Scottis mennis lede It was the gud langage of this land And Scota it causit to multiply and sprede.

The Avrshireman's reply might well be taken to heart by the Scottish Highlanders who would keep the Gaelic, like the

deer, as a northern preserve.

In the military report of Carrick, Kyle and Cunningham, written between 1563 and 1566, we read, "Carrick balzerie for the most part speaketh Irish"; and Buchanan, in his History of Scotland (1582), writes, "A great part of the country (Galloway) still uses its ancient language."

## GAELIC LINGERS ON.

That the Gaelic continued to be spoken till recent times may

be inferred from the following testimonies. An old man named Hugh Gregg of Meikle Shalloch told the Rev. Dr. Landsborough about 1850 that, when his grandmother first came to the parish of The Barr, she could get no good by

going to church as the whole service was conducted in Gaelic. Dr. de Bruce Trotter stated, about 1871, that, when he was a boy, a few old women in the Glenkens could speak a few words of Gaelic, and that in his father's time there were plenty of old folk among the hills who used it for talking among themselves. And further he observes :

"About 1762 the parish of The Barr in Carrick advertised for a schoolmaster, and it was particularly mentioned that he must be able to speak Gaelic. The man selected was a Scotch Highlander from The Lennox.

"When the Rebels were passing through Galloway and Carrick in 1715 and 1745, the Highlanders were able to converse freely with the natives, but neither the Highlanders nor the natives could make out the Irish auxiliaries."

The Carrick Herald stated some years ago, in answer to an enquiry, that Gaelic was spoken by the fishermen in Ballautrae about 1820. There are, however, later instances, for Dr. Landsborough had a native speaker in his kirk at Kilmarnock about 1870.

## GALLOWAY GARLIC.

A short vocabulary of Gaelic words in current Galloway speech may prove interesting.

Deoch, a drink. Rosan, a shrub. O, grandson or granddaughter. Iar O, great-grandson or great granddaughter.

Turais, to stop. Truisleach, litter. Siall, to look sideways at. Geall tamhail, a horse-leech.

Cladach, pebbly shore. Smuisd, reek. Clochair, eject mucus. Sgadan, a herring. Doilach, stupid. Gionach, gluttonous.

Amadan, a fool. Oinseach, a foolish woman, Cailin, a girl. Olach, intelligent. Geamhlog, crowbar.

Faiseach, easy-going. Smudach, a bad-burning fire. Uampas, to turn. Gruisidh, fat, flabby. Griosach, live coals,

Slomaidh, false appearance of an ox. Uampal, thrash. Uasag, a cap. Siab, to smuggle. Ancrum, supper. Drum, river bank exposed by flood. Burach, cow-fetter. Fag. to leave.

Such names as Beinn Iolaire, Meall Fuar, Craig Tarsuinn, Loch an Bharr might well occur in the Northern Highlands. So thoroughly has the work of eradicating Gaelic in Galloway been done in the last four centuries that not a written scrap of the language remains.

## DUGHALL UILLEAM AGUS AN DROBHAIR.

Ri linn mo sheanar bha duine a' fuireach ann an Sròn an t-Sìthein ris an abradh iad Dùghall Uilleam. Bha Dùghall gu math amaiseach san teanga.

Bliadhna bha so thog e air leis an t-seann mhart gu faidhir an t-Sàilein. Bu bhrònach a dh'fhalbh e leis a' mhart odhar bhochd, agus gu dearbh ma bha esan mar sin, is i Màiri, a phiuthar, a bu mhiosa, ach cha robh atharrachadh air. Cha tig an aois leatha féin air duine no ainmhidh

Ràinig e an Sàilean, agus sheas e gu h-ìosal fo'n chrois. Bha dròbhair a' dol sìos is dròbhair a' dol suas, ach an diacais aon a thàinig rathad Dhùghaill 's a mhairt odhair, dheireadh thall thàinig fear de ghillean Druim-a-Saille 's thubhairt e, "An do reic sibh am mart, a dhuine?"
"Cha do reic," fhreagair Dùghall.

"A bhéist! tha i cho sean," arsa an dròbhair.
"Uill, tha fhios nach 'eil i cho òg," thuirt Dùghall, "ach chan 'eil i cho sean.''

"Nighean na mollachd, seall a' bhrù a th'oirre," thuirt an dròbhair; "ach, co dhiu, an ith i biadh?

Bha so ag ciallachadh gu robh an dròbhair de'n bheachd gu robh a fiaclan deas air son cagnadh.
"An ith i biadh!" arsa Dùghall; "ithidh, bho'n léine

gheal chamraig gus a' bhrog gholois."

Saoilidh mi fhéin ma bha an fhìrinn aig Dùghall nach robh fàillinn an deudach a' mhairt odhair.

TAOBH-TUATH EARRAGHAIDHEAL.

Caib air no dheth, cùm do chas air an sgonnan-Iron on or off, keep your foot on the peg. The caib was the iron-point of the cas-chrom (crooked spade). The sgonnan was the wooden peg on which the foot was pressed. The meaning is: "Keep working, even with a defective implement." (Nicolson's Gaelic Proverbs.)

## IMPRESSIONS OF A VISIT TO EIRE AND CYMRU.

By J. H. MILLLER.

## EIRE.

The Irish, like ourselves but unlike the Welsh, have suffered greatly from their schismatic tendencies, so much so that it would appear to be an inherent characteristic of the Goidelic peoples. Consequenly, the most significant language development in Eire has been the formation of a Federation of the Gaelic organisations, under the title of Combaháli Naisiwata na Gaelbilye.

This development is intended to secure unity of purpose and effort among all who support the restoration of the language, whether as organisations or as individuals.

The necessity of such unifying activity may cause some surprise in Scotland, in view of the official standing of Gaelic, but, notwithstanding State aupport, compulsory teaching in schools, and all other official agencies, there still exists considerable indifference on the part of many people, mostly in urban centres like Dublin.

This indifference seems mainly due to a "canna be bothered" attitude, similar to that met with in Scotland on a larger scale, rather than to hostility. Hence the necessity for continued work on the part of the language movement, which is still critical of the policy and methods of the State in respect of the language.

### ENCOURAGING LEARNERS.

Concurrently with this consolidat on has been the institution of An Nase, which can best be described as a half-way house to An Fáime, the all-Gaelic circle. Wearers of An Nasc are friends of the Gaelic, willing to speak it to the best of their ability and to help others use it in their private and public lives.

The value of this development is at once apparent, for it gathers in the person with a limited or partial knowledge of Gaelic and those who are in the process of learning it, thus bridging the mortifying gap which exists between the native speaker and the learner. This considerable helps the morale of the learner, for the encouragement and practice thus afforded will dispel the ever present fear of mistakes and mockery which inhibits the average learner. An Nasc takes the shape of a penamular brooch, thus forming an incomplete circle, and is surmounted diagonally by a short Celtic sword. Several have been noticed in Glassow recently.

diagonally of a short Celus word. Several has been noticed in Glasgow recently.

On numerous consistency, was spoken to by wearers of the numerous consistency of the state of the short of the state of the short of the state of the short of

tion and interest.

The welcome given, and the interest shown, by Eibhlin Ni Chathailriabhaigh, Secretary of Comhdúil Náisiúnta na Gaedhilge, Mr. MacLellan of An Gúm, and maothers, in An Comunn and the Gaelic cause in Scotland, was summed up in the general expression of hope that closer liaison would be established between the two

branches of Gaelic endeavour.

The publication of a Gaelic Year Book is another development of note, containing as it does details of all the organisations and a variety of other useful data.

## PUBLICATIONS—CHILDREN'S BOOKS.

The most interesting and perhaps valuable of the papers and periodicals published by the various agencies are the children's coloured Comics, Tir nan. Og and An Gaedheal Of, published by the Christian Brothers. Secular in character, they meet a popular demand in Gaelic which would otherwise be met by English Comics.

The format of popular Gaelic periodicals is attractive, and compares favourably with English magazines of a similar type. The bulk of Gaelic publishing is done by An Góm, of which mention was made in the last issue of An Gàidheal. But it may be of interest to add that 110

books for secondary schools have been published, in addition to the 800 works of general literature, of which over 650,000 copies have been sold.

It was a wonderful experience to open a Gaelic Algebra, an edition of Cicero (with all the introductory and explanatory matter in Gaelic), or Gaelic Hoography; but perhaps the greatest pleasure was derived from a beautiful translation of Barrie's Peter Pan, with illustrations in colour and line by Mabel Lucy Alwell, who is perhaps the finest children's artist in these Islands.

In the sphere of children's books An Gúm excels itself, for, in addition to classics like Grimm, Hans Andersen, and Standish O'Grady, there is a range of illustrated animal stories of pleasing appearance for infants, story-books for older children, and even "blood and thunders" for boys, including an Irish equivalent of the pre-war fourpenny "Dison Hawke."

fourpenny "Dixon Hawke."

A considerable increase in the numbers of readers of Gaelic has been noted, particularly among secondary school pupils, where it has been never marked. This would suggest that, where popular reading is provided in Gaelic, it competes successfully with English contemporation. Thus, where, instead of the usual kind of reading matter produced by adult minds as being good for children, Gaelic equivalents of Beano and The Wizard, etc., are the type of reading which children seem to want in any lanewage.

## BRINGING THE LANGUAGE UP-TO-DATE.

Work on the organic growth and development of Gaelic to meet the requirements of modern urban society as continued, and the publication of a series of Glossaries of modern terms is the biggest contribution yet made towards the establishment of Gaelic as the general medium of intercourse in contemporary society.

The Glossaries, eight in number, cover technical terms used in History, Grammar, Geography, Literature, Science, Commerce, Music, Law, Medicine, etc., and are filling the gap pending the publication of the new Irish Dictionary, on which work is still in progress.

This comprehensive work will supersede the well-known Dictionary compiled by Father Dinneen, and will be to Irish Gaelic what the Oxford Dictionary is to the English.

While it is true to say that translations from English have not been so successful as the original works in Gaelic, this only applies to books which appeared in English and not to works written in English for translation into, and publication in, Gaelic only.

Thus a book written by a popular English novelist for the purpose of publication in Gaelic only would enjoy the same success as an original Gaelic work.

The limitations of the standard Celtic type face have to some extent been improved upon by a new design of pleasing appearance developed by Colum O'Lochlainn at the Sign of the Three Candles in Dublin, whose establishment I had the pleasure of visiting, and where I also used as we have not been considered to the constitution of the column of the colu

In the Arts, the growth of the Gaelic Theatre in Galway is a striking example of progress, for here exists a fully developed theatre with a resident company right in the heart of the West.

(To be continued).

Chaidh dithis dhaoine, Calum agus Isin, thar a' chaoil do'n bhitth. Mu'n d'fhuair iad tilleadh dhachaidh, dh' thas a ghaoth mòr agus dh'éirich a' mhuir. Bha an fheadhaimt ia an tigh ann an iomagain ciamar a gheibheadh na fir dhachaidh sàbhailte.

Bha na mnathan aca ri faire, gus am fac iad gun d'fhuair iad air tìr an àit-eigin de'n chladach. An sin thuirt té de na mnathan, "Tha aobhar taingealachd againn do'n Tì a stiùir sàbhailte gu tìr iad."

"Seath," ars a' bhean eile, "'s e Iain, an duine agamsa, a bh' air an stiùir!"

Bands.

## NEWS FROM AUSTRALIA.

## Scottish Gaelic Society of Victoria.

There has come to hand a press cutting from the Moburne Nun of 29th July, 1946, reporting a "Clan Night for Bonnie Prince Charlie," when the Scottish Gaelic Society of Victoria entertained more than two hundred members of the Clan Donald to commemorate the 200th anniversary of Flora MacDonald's farewell to Prince

Charlie in the Isle of Skye.

As far as possible every item on the programme contained references to Clan Donald. The programme contained references to Gain Donaid. The programming included Gaelic verse, Jacobite pipe-tunes, and country dances. The last item was Psalm xlii, announced in Gaelic by the Rev. J. Noble MacKenzie of Gairloch and sung by the choir in traditional manner, with Mr. Duncan MacDonald of Gairloch chanting each line before the MacDonald of called called grant me before the choir, as did and to the precentors in the homeland. A one-act play, "Flora MacDonald," originally written in Gaelic by Mr. I. M. Moffatt-Pender, and awarded the first prize at the Edinburgh Mod in 1832, was presented in French, Prince Charlie's natural tongue, by the author and Madame Yvonne Le Gal-Taylor.

Highlight of the evening was the singing by the only Gaelic choir in the Southern Hemisphere of such Gaelic songs as the Lament of the Women of Glencoe, sung

unaccompanied.

The Chief of the Scottish Gaelic Society of Victoria is Mr. Iain M. Moffatt-Pender, well-known in Scotland and regarded as one of the keenest and ablest supporters of the Gaelic Cause. In welcoming the Clan Donald and other Highlanders and guests, Mr. Moffatt-Pender delivered an eloquent and rousing oration, in the course of which he said that he had just heard the news that the University of Edinburgh was to confer the degree of D.D. on the of Edinburgh was to conter the degree of D.D. of the Rev. Malcolm MacLeod, President of An Comunn and Editor of An Gàidheal. Mr. Moffatt-Pender paid a fine tribute to his old friend, Mr. MacLeod, calling him "the Caraid nan Gàidheal of the twentieth century,"

In a private letter received more recently, Mr. Moffatt-Pender has written of the deep sorrow with which he learned from the July issue of An Gàidheal of Mr. MacLeod's death, and paid a remarkable tribute to his

work and worth.

We send our greetings to our fellow-Gaels under the Southern Cross. Long may they keep the flag flying.

## AN T-IASGACH.

Gus an dean an Rìoghachd a dleasnas le bhith cur dìon air na cladaichean, dé am maith a bhith cainnt air iasgach?

Ma bheir Gàidheal bradan á abhainn, tha e an cunnart a' phrìosain. Ach togaidh na Goill na muillionan éisg air oirthir nan Gàidheal, agus cha mhór a tha an lagh no am maor ag cur de ghrabadh orra.

BODACHAN. Cà bheil an ceartas ?

## CENTRAL (WAR COMFORTS) COMMITTEE.

## Pipe Band Contest and Highland Dancing.

Under the auspices of the Central (War Comforts) Committee, a Pipe Band Contest and Highland Dancing Competitions were held on Saturday, 24th August, at Westerlands, the ground of Glasgow University Athletic Club, the use of which was very kindly granted for the

The attendance was somewhat affected by the miserable weather conditions which prevailed all forenoon, but this cleared up after mid-day and the sun shone with dazzling effect on the tartans and silver accessories of the various bands and dancers.

There were 24 entries for the three Band Competitions, which included an Open Contest and the 2nd and 3rd

Grade Championships of Scotland. The 2nd Grade Championship was won by the Glasgow Shepherds Pipe Band under Pipe Major Archd. MacPhedran, and in the 3rd Grade Championship Rutherglen Pipe Band, under Pipe Major J. Baxter, emerged triumphant.

The winners of the Open Contest proved to be Clan
MacRae Society Pipe Band under Pipe Major J. Nicoll.
The March Past of the Massed Bands was indeed an

inspiring spectacle, and one could sense the thrill of pride which ran through the spectators because this was symbolic of Scotland as a whole. It is hoped that this will become an annual event.

There was keen competition among the dancers, and Miss Bruce, the adjudicator, had a difficult task which was creditably performed. The appearance of George E. Mitchell added variety to the proceedings, and his prowess with the Hammer and Ball was greatly admired. Mrs. J. M. Bannerman presented the trophies to the successful

This was a most enjoyable way of spending an after-noon, and I am sure all who were present will wish to be there next year. The Memorial and Thanksgiving Fund will benefit from this excellent show.

> HIGHLAND BALL. GRAND

A Grand Highland Ball, under the patronage of Her Royal Highness The Princess Elizabeth, will be held in the St. Andrews Halls, Glasgow, on Thursday, 24th October. The Lady Jean Graham is Convener of the Ball Committee, and the proceeds are in aid of An Comunn War Memorial and Thanksgiving Fund. Tickets, price £2 2s each, may be had on application to An Comunn Office.

## AMHRAN.

Tha fasgadh 'nam eilean Bho'n ghaoith a tuath ged 's fuar i, Ach chan 'eil faochadh bho'n inntinn, A h-iadach 's a buaireadh, Tha faiche na tuigse fosgailt Do iomagain 's do chruadal; Ach dh'iarrainn blàths na gréin' oirr' Le fallaineachd 's le stuamachd; 'S chan iarrainn ràn na gaillinn oirr' No sgòthan dorch' a ghruaimeachd.

EOIN.

## PROPAGANDA NOTES. Northern Area.

After clearing up matters in connection with Comunn na h-Oigridh Camp, a Gaelic report of which appears in this issue, the Organiser was on holiday for a period of

On Tuesday, 3rd September, Mr. MacPhail presided at a Gaelic concert held in aid of the Kilmallie Gaelic Choir Mod Fund in the Town Hall, Fort William. There was a large attendance, and an excellent programme was

sustained by talented artistes.

At the close of the concert the Chairman was approached by two young lodies from Switzenland who expressed keep appreciation. They were both charmed by the Gaelic songs, especially the rendering of Puirta-beul by Angus Whyte, Alasdiar Matheson and Petrins Stewart. They said they had never heard anything like it and concluded, "What a grand beginning to a holiday in Scotland."

Meetings of the Northern Sub-Committees will be held immediately after the National Mod so that no time may be lost in getting the work of the new session under way. Ceilidh nan Gaidheal an Inbhir Nis hope to open the

new session in October, but at the time of writing it has not been found possible to secure suitable premises.

## SGEUL BHEAG.

Bha dithis bhodach agus iad air an saor thoil fhéin fad aon fheasgair. Ghabh fear dhiubh rud beag far a chomais, agus, gu tubaisteach, chaill e lùths nan cas. Chan fhaca am fear eile na b'fheàrr na chur air bara-mòna, agus sud air falbh dhachaidh

leis agus am fear a bha air a' bhara 'na shuain chadail. Aig leitheach rathaid bha e sgìth is leig e sìos am bara le sgleog.

Dhùisg am fear a bha air a' bhara agus, gun a shùilean fhosgladh, thubhairt e, "A bheil thu sin, a charaid ?"

Tha." ars am fear eile. "Ma tà, leum a stigh, is bidh sinn dhachaidh còmhla!"

DOMHNALL.

## EADAR SINN FHEIN. Coinneach Odhar Fiosaiche.

Urramaich Uasail,-Tha mi toilichte fhaicinn anns an iomradh a rinn sibh ann an Gàidheal na mìosa so chaidh air Coinneach Odhar gun do thog sibh a' cheist co-dhiu is ann do'n t-seachdamh no do'n t-siathamh linn deug a bhuineadh e.

Gus bho chionn ghoirid cha robh móran amharuis air a' chùis. B'e am beachd coitchionn gur ann eadar 1600 agus 1700 a rugadh am Fiosaiche 's a fhuair e bàs, ach tha dearbhadh againn a nis an dubh 's an geal gu robh fear, "Coinneach Odhar," beò an taobh an ear siorramachd Rois anns a' bhliadhna, 1577.

So an teisteanas mar tha e air a chur sios ann an Calendar of Writs of Munro of Fowlis :-

"1557/8, January 23. Commission under Quarter Seal appointing Lauchlan Mackintosche of Dunachtane, Colin Mackenzie of Kintail, Robert Munro of Fowlis, Walter Urguhart, Sheriff of Cromartie, &c. . . . to apprehend. imprison and try Kenneth alias Kennoch Owir, principal or leader of the art of magic . . . . and all other men and women using and exercising the diabolical, iniquitous and odious crimes of the art of magic, sorcery, and incantations.
. . . At Halierudehous." (Seal appended.)

Bhuineadh na reachdan-lagha anns a bheil an sgeula so air Coinneach air a sgrìobhadh do theaghlach Ceann-cinnidh nan Rothach am Fòlais, ach chaidh na paipearan air seachran 's chan fhaighte lorg orra thall no bhos. 'Chan 'eil fhios dé cho fada 's a bha iad air chall, ach mu dheireadh-mu thimchioll ochd no naoi bliadhna air ais-thog iad ceann am measg lìon nan damhan-allaidh ann an seòmar-cùil buidheann luchdlagha air Sràid St. Vincent an Glaschu.

Chaidh an tional 's an cur an clò leis an Scottish Record Society an 1938. Ciamar no cuin a thàinig còirichean-cuimhne nan Rothach gu ruig Glaschu cha d'fhuaireadh a mach fhat.hast. SULA SCRIR.

## Sgoil Eolais na h-Alba-A Question of Grammar,

Dear Sir,-The title of the "School of Scottish Studies" has been causing a grammatical headache. I refer to its middle genitive Eolais-barely correct by Biblical standards, but very misleading to at least one intelligent native speaker I have consulted, and also generally recognised as erroneous by the grammars: cf. Stewart, pp. 154-8, and notes (1) and (m) on pp. 155, 156; Nicolson, page 31, note (2), and on p. 33 an attempt at standardisation—he says ". . . . . Guth fold do bhrathar, which we would now express Guth fuil do bhrathar"; MacLaren, p.74, § 292; MacAlpine, Grammar Part III., where taigh fear na bainnse is preferred to taigh fhir na bainnse, etc. Calder passes over the matter altogether; but current speech supports the grammarians by using the nominative

The difficulty is this: if we take it as it stands, Sqoil Eolais na h-Alba tends to equal Sgoil-colais na h-Alba, that is, "Scottish School of Studies "-with the studies being anything from Arabic to Chinese fireworks for all we are to know! Substitute for a moment an aspirable word, foghlum, for colas. Your native speaker will now say Sgoil-fhoghluim na h-Alba, if he wishes to convey "Scottish school of Studies." but Saoil Foghlum (nominative case) na Alba for "School of Scottish

Studies.'

To champion Sgoil Eolais na h-Alba even on Biblical grounds is therefore in flat defiance of (i) general interpretation and (ii) grammatical usage, worse than blaming the Authorised Version for using "dost" and hast" in current English speech or literature. As Stewart says—Grammar, revised (4th) edition 1879, p. 156, note (m), "I am aware that the distinction has been little regarded by the translators of the Scriptures. It appeared, however, worthy of being suggested on account of its evident utility in point of precision and" (note) "because it is supported by the genius and practice" (note again) "of the Gaelic language." The translators of the Scriptures have been too long called venerable.

In other words, surely the most reasonable, because the least ambiguous and most grammatically recognised, form of the title of the School should be Sgoil Eolas (nominative case) na h-Alba?-Mise le meas, "FENIUS FARSAID."

The Secretary-General of Sgoil Eòlais na h-Alba replies :-"The Directors of the School do not wish to make any comment, except to say that the name of the School is Sgoil Eòlais na h-Alba, not Saoil Eòlas na h-Alba,

"The objective of the School is to place study and research Scotland against its proper Scots-Gaelic background. Accordingly our Syllabus is not limited to the teaching of the Gaelic language. We are extending it to include new subjects as quickly as teachers and staff become available.
"In this scheme of things a Course in Arabic will sooner

or later take its place. As for fireworks, perhaps our name will provide the Course!"

## Ath-choilleadh agus na Gaidheil.

A Charaid,-Bha mi ag éisdeachd an t-seachdain so chaidh ri òraid mu na coilltean ùra tha gu bhith againn mu thuath an Albainn. Thàinig e steach orm gu làidir gur gealltanach an rud e air son cosnadh buan do na Gàidheil, ach na daoine bhith air an seòladh chuige agus an cosnadh air fhàgail aca,

Ach tha car beag no dhà eile an adharc an daimh! Bu chòir do na daoine a bhith air an ceart aire nach dean cosnadh an tàladh buan o an cuid fearainn; agus bu chòir daibh greim daingean a chumail air an cùl-cinn, no am féurach, a bhuineas do am bailtean anns gach sliabh is monadh.

Rud eile, is e so an t-àm do dhaoine a tha an tòir air fearann is àite cur air a shon; agus air feadh na Gàidhealtachd tha fàsalachd is farsainneachd a' feitheamh air luchd-àitich.

Mur dean a h-uile seòrsa againn, an dràsda, ar dìchioll, lionar an taobh tuath le Goill agus coigrich de gach seòrsa, agus air son Gàidhlig is Ghàidheal cha bhi ann, an ùine ro gheàrr, air thàilibh sin ach "a bhó mhaol, tha mi ullamh

Carson nach deanadh gach seòrsa againn tighinn cruinn, a nis, gu comhairle is gnìomh, eadar Comunn is Cuideachd is Eaglais? -Buaidh is beannachd,

## Learning Gaelic: Some Suggestions.

Dear Sir,-After reading the article, "Cor na Gaidhlig an Diugh," in the September magazine, perhaps a few remarks by a non-native Gaelic student in a non-Gaelic-speaking area may not come amiss. You will gather from this that I am acquiring the language, and my only contact with the spoken word is through the Radio. Although I heard it spoken, and we were taught to sing it during my schooldays, I did not learn it then, and it is only some two years since I settled down to give it serious study.

From personal conversations, it is my opinion that a much greater interest is taken in Gaelic than is generally realised, and the Gaelic programmes on the Radio are greatly appreciated. Then comes the query, "How can one learn Gaelic ?", and one of the biggest deterrants is an exaggerated conception of its difficulties; also, in a district such as this, the lack of native speakers willing to teach it is a further obstacle.

In my opinion, then, we have in the Radio a most valuable medium for spreading the knowledge of Gaelic, if the B.B.C. could be persuaded to put over a series of lessons, similar to the "Listen and Learn" series of Radio Eireann, with readings from some simple book such as they had from M'Asal Beag Dubh. It is a valuable help to a learner to get the proper pronunciation while reading.

Personally, I feel-and that strongly-that one Scottish regional station is not enough for a hi-lingual nation like ours. There ought to be a Highland (and Island) Regional. Then we might get some progress in spreading the Gaelic language, and it would also or should be to the advantage of those whose lives are spent on crofts or in other vocations in the Highland way of life.

Another point that strikes me is that every Gaelic society should have a learners' class. Many do have, of course, but how many don't ? There's not much use in a non-Gaelicspeaker joining a society and attending its functions, and then coming home and wondering what it's all about! That soon kills enthusiasm, and enthusiasm is contagious; an enthusiastic member will soon bring along others.

Also, I find that many native Gaelic speakers are very diffident in talking when they get drawn into conversation about their language. Here we get a lot of lads from Skye and the Outer Isles for the fishing season, but I find it difficult to draw them into friendly conversation, and in this much is lost that would have been to our mutual advantage.

These, then, are some observations from one who is getting much pleasure and satisfaction from the study of what ought to be our national language.-Is mise, Gu dileas,

JOHN BYARS.

Newburgh, Fife.

## "ALBA"

## A Scottish Miscellany in Gaelic and English.

This Miscellany, as announced in our August number, is in course of preparation, but it is regretted that, owing to unavoidable circumstances, it was not ready for publication at the Mod, as had at first been hoped.

should, however, make its appearance very soon. From the orders already received it appears it will be much in demand, and those who have not vet done so are

advised to order a copy without delay.

The price is 2s. 6d. per copy, and orders should be sent to An Comunn office.

## AN COMUNN CENTRAL FUND.

To enable An Comunn to meet its current obligations. and place it in a position to launch a propaganda campaign now that the war is over, and thus regain the ground lost flow that the war is over, and thus regain the ground for during the years of its enforced inactivity, donations, large or small, will be gladly received by the Treasurer, Mr. James T. Graham, C.A., 5 st. Vincent Place, Glasgow, C.1. Remittances should be made payable to "An Comunn Gaidhealach."

1 Teviously acknowledged		220	2 0	١.
Duncan Thomson, Esq., Glasgow		1	1 —	
George Hay, Esq., Edinburgh		_	5 —	
Angus Robertson, Esq., Bearsden		3	3	
John Kerr Mills, Esq., Australia		-	5 —	
Mr. and Mrs. John Graham, Glasgow		_	5 -	
Hugh W. Johnstone, Esq., Inverness		1	3 —	
		071	0 0	
		£31	4 6	F.

## NATIONAL MOD, ABERDEEN.

Previously acknowledged	£457 7 8
RECEIVED AT HEAD OFFICE-	
Duncan Thomson, Esq., Glasgow	1 1 —
Dr. Dingwall, Glasgow	2 2 —
Miss Marion Falconer, Bellachontuy	— 10 —
Mrs. E. T. Junor, Perth	1 1 —
Aberfeldy Branch	5 5 —
Miss G. M. Hall of Tangy	3 — —
Archd, Campbell, Fortrose	— 15 —
"Grianaig"	- 5
Mrs. M. Stewart, Dalry	1 — —
Donald Macindeor, Esq., Edinburgh	1 1 —
"An Scabhae," Dublin	— 10 —
Tobermory Branch	10 — —
Mrs. Graham, Greenock	— 10 —
RECEIVED AT ABERDEEN—	
Messrs Milne & Reid, Aberdeen	1 — —

Anonymous		2	2	_
Proceeds of Concert by Scottish	Nationa	d		
Party			3	0
W. Alexander, Esq., Cults		5	_	
Comunn na h-Oigridh Feachd,	Ard Sec	1		
Phort-righeadh	ixa-bgo.	10		
R. MacKay, Esq., Aberdeen		. 10	2	
Golspie Branch		. 4	_	7
The Hon. Miss Margaret Forbes			_	J
Little Finterer	- Sembin	, ,	3	
Little Fintray Lord Forbes, Castle Forbes		0		
Man Classes Castle Forbes	41	. 2	_	_
Mrs. Claeson-Gordon, Cluny Ca	sule	. 2	2	
Proceeds of Dance, per Mr.			_	-
			7	7
Sundry Subscriptions, per Mr.	Dugale			
MacDonald, Stonehaven			10	
Proceeds of Highland Ball, less				
Proceeds of Free Gift Scheme		. 139	15	6
Coffee Mornings (second contribu	ution)	. 45	5	3
Proceeds of Jumble Sale			8	
				_
Collections at Ceilidhs		. 5	16	
Proceeds of Raffles			11	
Proceeds of Lantern Lecture		. 2	2	_
Proceeds from Sale of Flowers		. 1	16	_
Surplus from Ceilidhs		. 1	18	10
				_
		£1,006	11	1
				_
WAR MEMORIAL AND THAN	KSGIV	ING F	UN	D.

### Duncan Thomson, Esq., Glasgow G. M. Morrison, Esq., India ... **—** 10 **—** Miss Marion Falconer, Bellachontuy "Grianaig" 5 -Glasgow Gaelic Musical Association ...

Already acknowledged

£808 10 10

£796 14 10

## MACLAREN'S PUBLICATIONS

## Please send for our Book Catalogue Price Postage Cnoc an Fhradhaire. Poems by Angus Robertson Dwelly's New Illustrated Gaelic Dictionary - Oraln nam Beann. 26 Gaelic Songs with music -25/-Orain nam Heann. 25 Gaeile Songs with music -McCheyne's Sermons in Scote Gaeile -Orain Sermons in Scote Gaeile -MacKay, The Uist Bard Smeorach nan Cnoc's nan Gleann. Malcolm Gillies and others -6d Smeersch aan Groe 's mas Gleann. Madodm Gilleann debres. Belldom Songe of Mr. Marcheron, Badmeson Belldom Songe of Mr. Marcheron, Badmeson Belldom Songe of Mr. Marcheron, Badmeson Mr. Marcheron General Control of the Control of th 1/6

All An Comunn's publications as advertised are in stock.

Gaelic Bibles and Testaments at all prices.

4/-4d

MACLAREN ALEX. 80 GAELIC BOOKSELLERS 268 Argyle Street, GLASGOW, C.2

Published by An COMUNN GAIDHPALAGE at 131 West Regent Street, Glasgow. Printed by A. Learmonte & Son, 9 King Street, Stirling



EDITOR:—Rev. T. M. MURCHISON, M.A., Clyde Villa, Ibroxholm Oval, Glasgow, S.W.1. (Telephone: Ibrox, 1393), to whom all literary communications should be addressed. Business and other communications should be sent to the General Secretary, An Commun Gaidhealach, 131 West Regent Street, Glasgow, C.2. (Telephone: Douglas, 1433). All matter for inclusion in the Magazine should be in the Editor's hands by the 12th of the month preceding publication.

Leabhar XLII.

An t-Samhuin. 1946.

[Earrann 2

## ORAID A' CHINN-SUIDHE.

ARD CHAIRM NAN GAIDHEAL AN DILIGH.

[So sìos an òraid Ghàidhlig a liubhair Mgr. Dòmhnall Dòmhnallach, Inbhir-nis, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich, aig fosgladh a' Mhòid Nàiseanta an Ober-dheadhain air an 25mh de'n t-Sultuin, 19461

Bu chaomh leam fàilt agus furan fìor Ghàidhealach a chur air gach neach a thàinig an so chun a' cheud Mhòid a tha aig a' Chomunn Ghàidhealach am baile mór Obar-dheadhain, agus is e mo dhùrachd gum bi an cruinneachadh so chum buannachd ar cànaine agus ar dùthcha.

## A' Ghàidhlig an Obar-dheadhain.

Faodaidh cuid a ràdh nach e baile Gàidhealach a tha an Obar-dheadhain, ach, ged a tha e fìor gu bheil a' Ghàidhlig air bàsachadh mar chànain làitheil anns a' bhaile so, bha am baile agus an t-siorramachd do am buin e a cheart cho Gàidhealach anns an t-seann aimsir ri ceàrnaidh eile de thaobh a tuath Albann, agus chithear sin gu soilleir an uair a nithear meòrachadh air brìgh ainmean nan àitean feadh na siorramachd gu léir. Tha iad gu ìre bhig de fhreumhan na Gàidhlige, ged a chuir na coigrich Ghallda camadh cho mór annta agus gu bheil e nis cho duilich an ciall a bhreithneachadh.

Agus nach ann am baile de'n t-seòrsa so a bu chòir do'n Mhòd a bhith air a chumail corra uair, gun fhios nach biodh e 'na mheadhon air miann a chur eadhon an duine no dhà air son eòlas fhaighinn air seann chànain na siorramachd.

## An t-Urr. Calum MacLeòid nach maireann. "Is iomadh ceann a chaidh an currac is mullach

a chaidh am falach," mar a thuirt an sean-fhacal, bho'n choinnich am Mòd mu dheireadh an Glaschu a' bhliadhna mu'n do bhris an Cogadh Mór a mach.

Thàinig briseadh goirt oirnn, mar Chomunn, ann am bàs ar Cinn-suidhe, an t-Urramach Calum MacLeòid. Bha sibh uile eòlach air fhéin agus air an t-saothair mhóir a rinn e air son leas na Gàidhlige. Rinneadh iomradh air a obair cheana aig coinnibh a' Chomuinn agus anns A' Ghàidheal, a dheasaich e cho eagnaidh, fòghlumaichte fad iomadh bliadhna; agus, mar sin, cha ruig mise leas leudachadh a dheanamh air a sgoilearachd, a dhìlseachd, a charthannas, agus a dhìon-shaothair ann a bhith ag cur àirde air gach iomairt a bha chum feuma ar cànaine agus ar dùthcha. Bidh a chuimhne cùbhraidh 'nar measg fhad 's is beò sinn,

## Cor ciogailteach an t-saoghail.

Taing do an Fhreasdal, tha an cogadh a nis seachad, agus nach e so Mòd na Buaidhe is na Sìthe ? Thàinig sgrìos agus milleadh a bha uile gu léir uamhasach air an t-saoghal ri linn a' chogaidh sin, agus dh'fhuiling sinne mar Ghàidheil ar cuid fhéin de'n chall a thàinig air na slòigh. Ach chan 'eil rìoghachdan an t-saoghail mhóir idir an sìth agus an ceangal caoin ri cach a chéile fhathast. Fhuair spiorad na brùidealachd agus an ana-ceannardais a leithid de bhuaidh-làraich gur ann nas maille a bhios latha an deagh-ghean agus a' chàirdeis ri dealradh air dùilean gach tìre.

Ach nach 'eil gach rìoghachd a bha an sàs an amhaichean a chéile a nis a' dealbhadh saoghail ùir, anns am bi Cothrom na Féinne aig gach neach ann a bhith cumadh a bheatha a réir a mhiann-saoghal anns am bi obair agus deagh dhuais aig gach neach agus anns am bi gach dùthaich air a riaghladh le a daoine fhéin, agus leas an dùthcha fhéin mar a' cheud bhunait anns gach iomairt.

## Ciod mu'n Ghàidhealtachd?

Agus ciod e an saoghal ùr a tha sinne mar Ghàidheil ag cur air bonn air son leas ar dùthcha agus ar cànaine? Nach iomadh comunn a chuireadh air bonn o'n thòisich an cogadh so air son cor ar Gàidhealtachd a leasachadh, ach chan aithne dhomhsa gun deachaidh iomairt sam bith, air an robh na

Is e càs ro dhuilich a tha ann, ach, mur téid sinne mar Ghàidheil gu uchd ar dìchill dìreach aig an àm so, cha bhi lorg air ar cànain anns a' Ghàidhealtachd an

ùine nas giorra na tha dùil againn.

Tha e, mar sin, mar fhiachaibh oirnn a bhith bogadh nan gad agus a bhith ag éirigh suas gu h-aonsgeulach ann a bhith tagradh air son gum bi beòshlaint chubhaidh air a sholar do ar Gàidheil anns na glinn agus anns na h-eileana, a chum 's nach bi aca ri dùthaich an àraich fhàgail air son teachd-an-tìr fhaighinn.

Čha robh na Gàidheil anns na làithean a chaidh sachad idir aon-sgeulach ann a bhith tagradh an còirichean, agus is e sin gu h-àraidh a dh' fhàg sinn cho deireil agus a tha sinn. Nach 'eil mìltean de Ghàidheil an Glaschu agus am bailtean mòra eile an taoibh deas—seadh, an Lunnainn mòr fhéin, agus, nan tagradh iad sin uile còmhla r in a Gàidheil aig an tigh, le aon rùn, ann a bhith ag iarraidh gum biodh cosnadh, tighean goireasach, rathaidean mòra, laimhrigean, agus bàtaichean-sruitde cunbhalach aig an eilean as iomallaiche, saoil sibh nach fhaigheadh iad éisdeachd? Tha mise deimhinn gu faigheadh. Is ann an aonachd a tha neart, agus tha crìonadh is bàs am fochar an eu-còrdaidh an còmhnaidh.

Tha an solus-dealain air a ghealltainn do gach tigh as iomallaiche anns a' Ghàithealtachd aig an am so, ach, ged a tha sin glé dheiseil, ma thig e, cha bhi an Gàidheal beò air solus a mhàin, mur bi cosnadh cunbhalach aige,—seadh, agus cosnadh a bhios càil-mhor dha fhéin agus do a theaghlach. Mar sin, ma tà, tuigeamaid nach tig re am feasda air cànain a' Chomuinn Ghàidhealaich gus am bi meadhonan air an cleachdadh air son tigh is teine is cosnadh a chumail rithta aig an t-seann dachaidh.

## Suidheachadh na Gàidhlige.

Agus ciod mu chor na Gàidhlige anns na siorramachdan Gàidhealach? Chan 'eil an cor sin ach glé bhochd, nas bochda gu mór, tha eagal orm, na tha cuid dhinn am beachd. Air tir-mór na Gàidhealtachd tha i gach latha a' dol á fasan. Aig féill no banais no coinneamh is i Beurla chruaidh Shasainn a bhise air blàr, agus sguir na seirbhisean Gàidhlig cha mhór buileach ach an Innse-Gall fhéin, agus nach 'eil fhios againn uile cho ciontach agus a tha na Gàidheil againn ann a bhith deanamh dearmaid air an cànain fhéin ionnsachadh do an cloinn? Chuireadh draoidh-eachd uamhasach oirnn mar Ghàidheil o'n thòisich sinn ri togail ar sliochd air Beurla. Bha sinn ri smaoineachadh nach fhaigheadh ar clann Cothrom na Féinne anns an t-saoghal mur biodh iad fileante am

Beurla Shasainn, agus riamh o theachd Achd an Fhòghluim anns a' bhliadhna 1872 chuir ar sgoilean a' chlach-mhullaich air an ole sin le bhith dearmad fòghlum Beurla a thoirt do'n chloinn troimh chladhan na Gàidhlige—an chainn air an robh iad eòlach.

An uair a chaidh an sgoilear, aig nach robh ach a' Ghàidhlig a mhàin, do an sgoil, agus a chuala e cànain air an robh e tur-aineolach o bhan-sgoilear Ghaldla agus a' chianin choigreach sin ri a chluais fhad 's a bha e anns an sgoil, bha e nàdurrach dha a bhith smaoineachadh nach robh feum air thalamh 'na chànain fhéin agus mar bu luaithe a dhi-chuimhnicheadh e i gur ann a b'urramaiche a bhiodh a chor an comh-fhiaitheadh an t-saophail mhòir.

Sin, a chàirdean, fìor bhunait na tàire a rinneadh air a chain anns na làithean a dh'fhalbh, agus, ged a tha luchd an fhòghluim a nis air fhaicim an t-iomrall uamhasach a rinn iad agus iad a' feuchainn ri a cheartachadh, tha am fòtas a dh'ainmich mi air smior-chailleach nan Gàidheal a ruigheachd, agus is mór m'eagal nach fhada gus an cuir e clochranaich a' bhàis an caraibh ar cànaine. Is e dealbh dhuaichnidh, dhuilich, dhòbhraidh a tha sin mu chor ar chanien, eah sie e dealbh fhrinneach a tha ann.

Ach an déidh sin is 'na dhéidh, chan 'eil sinn idir gun dòchas do a taobh. Tha i nis air a teagasg anns na sgoilean, ged nach 'eil sinn idir riaraichte le farsaingeachd an fhòghluim sin. Nach biodh e iomchuidh agus freagarrach gum biodh a' Ghàidhlig air a teagasg mar an dara cànain anns gach sgoil an Albainn? Nach biodh e na b'fheumaile do'n sgoilear chumanta na bhith strl ri bloighean de Fhraingeis no Greugais no Laidionn iomaschadh air son an dichuimhneachadh cho luath is a dh'fhàgas e an sgoil?

Bheireadh fòghlum na Gàidhlige dha meas agus mùirn air a dhùthaich, air a cleachdaidhean, agus air na daoine o'r tàinig e, agus rachadh e troimh an t-saoghal le fìos is cinnt gum b'Albannach e agus gu robh e an seilbh air a' bhann as diamhaire a tha ceangal dhaoine ri a chéile—is e sin an cànain.

## Stuth-Leughaidh Gàidhlig.

Tha sinn toilichte gu bheil An Comunn ri clò-bhualadh leabhraichean-sgoile ùra an Gàidhlig, agus tha fios gun dean a' chlann gàirdeachas nach beag ann a bhith 'gan leughadh ; seadh, agus tha sinn cinnteach gum bi na phrantan a cheart cho déidheil air a bhith dol trompa agus a' faighinn eòlais mar sin air iomadh cuspair Gàidhealach air nach robh fios aca roimhe.

Tha àireamh mhór de ar Gàidheil mùirneach air a bhith leughadh na Gàidhlig ean uair a bhios cothrom aca air sin a dheanamh, ach chan 'eil leabhraichean Gàidhlig ro phailt a leughas iad. Tha e mar fhiachaibh air a' Chomunn barrachd de leabhraichean Gàidhlig a chur an clò—sin aon de na prìomh chùisean air son a bheil iad ag iomairt. Agus nach 'eil Rosg is Bărdachd a choisinn duaisean aig a' Mhòd 'nan laighe fo na leòmainn an Oifis a' Chomuinn! Tha fiosrachadh cuimir, dealascach annta air iomadh cuspair, agus nach bochd iad a bhith 'nan laighe fo dhust nam bliadhnaichean.

## Comunn a' Chraobh -sgaoilidh.

Tha An Comunn fo chomain mhóir do Chomunn a' Chraobh-sgaoilidh, no am B.B.C., air son cho cuimir, deas-bhriathrach, fóghlumaichte agus a tha na cuspairean Gàidhlig a tha iad ag cur air an adhar cha mhór gach seachdain. Tha iad ag cur soluis air nithean an eachdraidh is am bàrdachd nan Gàidheal a bheir raon-smaoineachaidh dhuinn air nach ruigeamaid air dòigh eile. Tha na seirbhisean Gàidhlig cuideachd 'nan hrachadh spioraid dhaibh-sun aig nach 'eil comas air a bhith deanamh aoraidh 'nan cànain fhéin mar a chleachd iad òg.

Bidh sinn gu tric ag gearan air cho beag de Ghàidhlig agus a tha sinn a' faighinn o'm B.B.C., ach nach ann againn fhéin a tha a' choire? Nam bitheamaid cho beòthail ann a bhith labhairt agus ag ionnsachadh na chaniar do a r cloinn agus a tha na Cuimrich agus muinntir Eireann, gheibheamaid a cheart uibhir de ar chania air an adhar agus a tha iadsan a' faighinn. Na creid nach 'eil am B.B.C. a' tuigsinn gu ro-mhaith gur ann glé chaoin-shuarach a tha mòran againn mu ar cànain dhùthchasaich.

## Comunn na h-Oigridh.

Rinn Comunn na h-Oigridh adhartas nach bu bheag, eadhon ri linn a' chogaidh, ged bha e cho duilich an cumail ri a chéile do bhrigh nam mìl-ghoireasan a lean teanntachd cogaidh anns a' Ghàidhealtachd agus na h-eileana. Is e Oigridh Ghàidhealsch bunait àraidh ar dòchais a thaobh beòthachadh ar cànaine, agus a nis, an uair a tha leas na h-òigridh an urraidh ri Comunn an Fhòghluim anns gach siorramachd, feumaidh sinn spàirn a dheanamh air son gum bi ar cànain agus ar cleachdaidhean a' faighinn àite urramaich an iomairt gach saothrach a tha 'ga dheanamh air son leas na h-òigridh.

Bha mi fhéin cho toilichte gu robh mi comasach air tadhal car tacan air a' Champa a bha am bliadhna anns an Annait an Lochabar, agus chuir e gàirdeachas orm a bhith faicinn uibhir de chaileagan lurach, laghach, leadanach, cruinn á eileana Innse-Gall, agus aoibh nam ban-Ghàidheal air gach aon diubh. Ge b'e ciamar a théid cuibheall an fhortain mu'n cuairt daibh re am beatha, cha tig an latha a ni iad dl-chuimhe air Campa Comunn na h-Oigridh.

## Earailean.

Ann a bhith comh-dhunadh nam briathran so, bu chaomh leam na beachdan so fhàgail agaibh :

1. Cha bhi soirbheachadh am feasda aig a' Ghàidhlig gus am bi rian air a dheanamh air son na Gàidheil a chumail 'nan thr ffein, le gach cosnadh agus goireas a tha iad an dràsda ri sireadh fo speuraibh coimheach.

2. Bàsaíchidh a' Ghàidhlig nas luaithe na tha sinn an beachd, mur teagaisg na Gàidheil i do an cloinn. Ged bhiodh Mòd mòr ann gach latha deug anns a' bhliadhna, agus ged bhiodh bloigh teagaisg air a dhanamh oirre anns gach sgoil, cha toir sin a h-àite féin dhi, mur bi i air a teagasg aig glùn na màthar.

 Cha tig an t-adhartas a bu chòir air ar cànain am feasda gus an tuig sinne mar Ghàidheil gu bheil dùthaich agus teanga againn fhéin, agus gur i an teanga sin seann chànain na h-Albann, anns a bheil gach subhaile ghràsmhor a bha aig ar daoine air a suaineadh suas le bannan nan linntean. Tr gun teanga, tr gun anam—agus an uair a thrèigeas an Gàidheal a chànain, tréigidh e gach ceangal diamhair a tha comharrachadh a mach a shinnsre o chian nan cian.

4. Cluimidh sinn air gach taobh daoine baotha, aineolach, claon bhreithneach ag ràdh nach fhiach a' Ghàidhlig a bhith' ga cumail suas, a chionn nach eil feum innte air son marsantachd. Tha am beachd sin cho sgodach agus cho leibideach ri inntinn nan sgaomairean a bhios ri aithris sin mar na pioghaidean —gach aon à beul a chèile. Bha agus tha na Gàidheil ri deanamh marsantachd an Gàidhlig, ach taing do Dhia gum buin ar chaiain do chuspair móran nas àirde agus nas spioradaile na marsantachd agus chraadh suas airgid—is e sin anam agus spiorad a' Ghàidheil, agus is i a' Ghàidheil an aon chladhan troimh a bheil e comasach air tograidhean agus miannan ama a chur an eáill.

Mar sin, is i a' Ghàidhlig fìor chòir-bhreith a' Ghàidheil, agus cha cheannaich na tha de dh' òr no de mharsantachd air uachdar na cruinne sin.

Is e mo ghuidhe is mo dhùrachd gum bi gach sonas agus mùirn agaibh uile timchioil air a' Mhòd so, gum bi gach soirbheachadh aig gach co-fharpuiseach a tha feuchainn ri àirde a chur air litreachas is ceòl na Gàidhlige, agus gum bi móran a' dol dachaidh o'n Mhòd so le rùn suidhichte gum bruidhinn iad fhèin a' Ghàidhlig gach uair as urrainn daibh agus gun ionnsaich iad i do an slìochd.

## LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Thubhairt mi an litir a' mhlos a dh' fhalbh gu robh mi am beachd anns an té so sùil a thoirt air na paipearan ceasnachaidh agus buntainn ri beagan de na shaoilinn a bhiodh gu bhur feum ann am breithneachadh a' bhriathrachais a bha annta le ceartas.

Gabhaidh sinn, ma tà, an toiseach paipearan nan lan-Ghàidheal. "Bha Seumas is Calum anns a' mhonadh an dé " bha aig a' phaipear, agus is anabarrach an t-eadar-dhealachadh a bha aig a' chloinn ann a bhirt ag cur Beutla air "monadh." Rinn cuid "mountain," cuid "moor," 'hill," "heath; "field," "glen," "meadow," "valley," is rudan eile dheth. Bha aon a rinn "peata" dheth, ach dhubh i as e agus chuir i rud-eign eile 'na àite. Bha cuid a rinn "to-day" de "an dé." An uair a thug iad "leo an ch," agus ged is dòcha gur e''the dog" a bha am fear a sgrìobh an rud ag ciallachadh, ghabhadh e bhith gur e "their dog" (mar a sgrìobh cuid) a bha 'na bheachd.

Bha an latha "ciùin," is rinn cuid "clear" is "bright" dheth. Tha mi an dùil gur e "mild" a chuirinn-sa sios. Agus an uair a bha a' ghrian "a' dealradh," chan ann "blazing" no "gloomy" a bha i. Thuit an ceò, agus b' iomadh facal a ghabhadh air son "ceò," "fog" is "mist," is bha iad le chéile ceart, ged is e "mist" a b'fheàrr leam, a bu bhith-anta a bha aca. Rinn aon "moist" dheth (is tha mi

cinnteach gur e "mist" a bha e ag ciallachadh), is rinn aon "foam" dheth.

Chaidh na balaich air chall, ach threòraich an cù dhachaidh iad; ach bu neònach na bha ag cur sho "the dog brought them home" an aite "guided" no "led." Bha aon a chuir "directed" slos, is aon eile a chladhaich cho domhain anns a' Bheurla 's gur e "escorted them home" a chuir e slos! Bha balach eile—maraiche a Barraidh—agus is e "the dog steered them home" a chuir e slos. Tha dòchas agam gum bi e beò ris 's gum bi long air a chùram fathast is e 'ga stiirradh "air chùl nan tonn àrda."

Ann an tionndadh na Beurla gu Gàidhlig, "fishing in the loch to-day," chan e " an dé" a ch " an diugh" a tha ceart; agus chuir eiongantas orm mar a thugadh dà chiall á "Is not the boy growing big?", oir bha móran a chuir slos, an àite "Nach 'eil am balach a' fàs mór!", ni a thug atharrachadh céill dha—"Nach 'eil am balach a' fàs mór idir?" is "A bheil an gille idir a' fàs mór?" Rinn móran "breac" de'n "salmon"; is dh' fhàg na h-uiread e mar a bha e le "sàman" a dheanamh dheth! Bha aon a rinn "trosg" dheth!

Far an robhas "sorry that your mother broke her arm," is e "lamh" a bu bhitheanta a bha air a chur sìos; is chan 'eil aobhar agam air innseadh dhuibh cia as a bha iadasan a rinn "dàmh" dheth! Cha robh uiread idir a chuir sìos am facal ceart "gàirdean," agus, a réir móran, is e a "gualann" no "a h-uileann" a chaidh a bhriseadh. A réir aoin is e a "garstan" a bhris i (droch Chàidhlig air "garter"), ach is dòcha gur e a "gàirdean" a bha e ag ciallachadh.

Cha robh ach dà no trì a bha ceart ann an iltreachadh an fhacail "tàirneanach," is tha mi cinnteach nach 'eil sin 'na iongantas: nam bìodh an còrr gu math cha tugaim "fairi" air sin. Thug mi an aire gur e "torum" a bha na Hearaich am bitheantas a' deanamh de "thunder," is chan 'eil mi idir a' faotainn coire dhaibh. Ann a bhith ag eadar-theangachadh "I must rise early," bha móran nach robh a' faotainn "éirigh" le ceartas. Bha "airidh" is iomadh litreachadh neònach eile r'a fhaicinn fada na bu bhitheanta na an litreachadh ceart.

A thaobh paipear nan shr-Ghàidheal, bha cuid a rinn "grandmother" de "seanair"; agus chuir e neònachas orm cho beag, a rèir coltais, 's a bha a' uigsinn fìor chiall "meal is caith iad "na brògan ùra) agus an fhreagairt, "mealaibh-se bhur slàinte." Chan 'eil fios agam cia lion seòl annasach anns an do chuireadh so: "deceive and wear," "praise them," "look after them," "respect them," "despise them," "spoil them," is an oʻtr.

Bha aon a sgrìobh "destroy and throw them away," is aon "deceive and throw them away," agus chan urrainn duinn a ràdh ach gur dòcha gun do thuig an t-aon ud leth-chiall nam facal a' seasamh air leth bho chéile, le "l' eile a chur ri "meal." An aon fhacal, cha tugas fainear gur e gnàths-cainnte air leth Gàidhealach a tha an so, is nach gabh e eadartheangachadh gu ltireil.

Bha móran a rinn "big town" agus "Lowlands" de "Tir-mór." Bha aon a rinn "Tiree" dheth, is cha bu Tirisdeach e idir. Bha aon a rinn "Fort William" de "Sonachan"; bha aon a rinn "million" de "ceud." An dòigh, cha bu droch mhearachd so, ged "is mór òirleach air sroin duine." Bha bean chòir a b' aithne dhomh fèin is bha i a' toirt sgenl air an airgiod mhòr a dh' fhàg aon de a luchd-dàimh a shiubhail. Cha robh i cinnteach co-dhiubh is e' fichead muillion" no "fichead ceud" a bha ann, ach b'e an dara aon a bha ann co-dhiubh! Bha móran a shaoil gur e "sinne" is nach b'e "Sìne" a bha ag ràdh gu robh a' Ghàidhlig aig na h-eòin fèin ann an Lochabar—" we were saying " an àite "Jane was saying."

Ciod an fhreagairt a tha againn d'an cheist sin? Tha so. Tha feum aig an t-saoghal agus aig an dùthaich gum bitheamaid uile ag coimhlionadh ar dleasanais mar dhaoine fa leth, gun deanamaid uile ar dìchioll anns gach saothair is dreuchd a tha ri ar làimh; ach, aig an aon am, feumaidh sinn fuireach rianail, reusanta, agus is e aon dòigh air sin a dheanamh agus dìbheal-misnich a chumail bhuainn ar n-inntinn a leigeil ri cuspairean inntinneil. Anns na làithean dorcha a th'ann, chan e nas lugha ach barrachd a tha sinn ag iarraidh de'n togail-inntinn agus de'n ùrachadh-spioraid a gheibh sinn bho dhìleab phrìseil ar litreachais agus ar ciùil. B'ann ann an sgoil chruaidh na beatha làitheil, ri aghaidh dheuchainnean is bhrisidhean-dùil, a dh'fhòghlum ar sinnsirean gach gliocas a thaisg iad suas 'nan litreachas do na ginealaichean a lean. Nan robh iadsan air géilleadh anns na suidheachaidhean doirbhe a bha aca, bu shuarach an oighreachd a bhiodh againne an

A bharrachd air sin, chan 'eil toileachadh as àirde as aithne do'n duine, saoilidh mi, na an toileachadh a th'aige 'na dhachaidh, an uair a tha an dachaidh mar is còir dhith a bhith. Ach chan 'eil neach sam bith dol a ràdh gur peacach dhàsan sòlas is sonas a dhachaidh fhéin a mhealtainn am feadh 's a tha uibhir dhachaidhean eile ann a tha brònach.

Bha fear ann aon uair, agus e air leth-mhisg, agus thàinig e tarsainn air fear eile air an dearg dhaoraich na leighe an clais an rathaid. Dh'fheuch e ris an fhear a bha 'na shìneadh a thogail, ach dh'fhailich air. "Chan urrainn mi do thogail," ars esan, "ach laighidh mi ri d'thaobh!"

Tha e mar fhiachaibh oirnne làmh-chuideachaidh a shìneadh dhaibh-san a tha an éigin, ach cha dubhairt sin gum bu chòir dhuinn tàir a dheanamh air gach beannachd is sòlas a tha againn.

\* \* \* \*

Cuireamaid mar sin ar n-aghaidh air a' bhliadhna ùir so gu misneachail agus gu dòchasach, a' deanamh le dichioll gach ni a gheibh a làmh r'a dheanamh, ag cur gu feum ar cothroman, ag altrum nan nithean sin a tha fior agus urramach agus ceart agus maiseach agus tlachdmhor, a' nochdadh taingealachd air son na tha sinn a' sealbhachadh an àite a bhith gearan mu na nithean a tha dh'easbhaidh.

Is ann mar sin, a dh' aindeoin cor carach an t-saoghail, a bheir sinn buaidh air na bòcain a tha cur eagail an iomadh cridhe, agus is ann mar sin a chuidicheas sinn ar dùthaich agus ar comh-chreutair-ean ré nan làthean dorcha gus an tig leasachadh ar chisean an t-saoghail. Oir thig leasachadh, ge b'e có a chì e.

Iadsan a ghéilleas san oidhche, chan éirich a' ghrian orra.

Aireamh bhliadhnachan air ais fhuaradh carraghcuimhne ri taobh a' chladaich an aon de dh'eileanan na Gréige, agus, mas math mo chuimhne, is e so a bha sgrìobhte air a' charragh: "An so tha seòladair bochd air a thorradh: san oidhche stoirmeil san A'rinn sinne long-bhriseadh, is iomadh soitheach eile a ràinig caladh."

"An tì a bhuanaicheas a chum na crìche, tèarnar

## LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Chan 'eil cinnt agamsa an am dhomh a bhith a' sgrìobhadh, oir tha an Nollaig Mhór féin fathast corr is dà sheachdain air thoiseach oirnn, co-dhiubh a bhitheas no nach bì a' Bhliadhna Ur thar na stairsnich mun ruig mo bhriathran sibhse. Ach is dòcha gum bì, gu sònraichte g'ur taobh-se aig a bheil ur dachaidhean fada air fallab bho bheart a' chlò is bho oifis a' Chomuinn. Aon rud tha làn-chinnt agam air, agus is e sin gur e "1947" agus "Am Faoilleach" a bhios os cionn nan taobhan-duilleig anns an ath-àireamh, is bliadhna ùr air inntreachadh a steach oirnn.

Mar sin is e mo dhleasanas is mar an ceudna mo mhiann "Bliadhna Mhath Ur is móran dhiubh " a ghuidhe dhuibh uile, agus gach soirbheachadh a bhith leibh féin is le Comunn na h-Oigridh. Agus tha mar an ceudna dòchas agam gu robh "Bodach na Nollaige," an deagh ainm a thug mo charaid, Niall MacGilleathain, air Santa Claus anns na rannan gasda a tha aige an Gàidheal na Dùbhlachd, coibhneil ruibh aige am na Nollaige Mòire. Leugh mi na rannan ud cho luath 's a fhuair mi An Gàidheal 'nam dhorn, is chòrd iad rium gu flor mhath. Feuch gun leugh is gun ionnsaich sibh uile na ceithir ruinn ochd sreathan a tha ann. Is ann ro theare a tha rannan de'n t-seòrsa so againn anns a' Ghàidhlig.

A nis, a bheil sgeul ùr agam dhuibh aig toiseach bliadhna ùire? Is dòcha gu bheil, ged a dh'fhosgail mi sgeòd beag de'n bhrat air chùl a bheil i an litir a' mhìos a dh'fhalbh. Is e sin sgeul air Campa na bliadhna so air a bheil sinn ag inntreachadh. Is e a dh'innis mi dhuibh mar thà gun do thairg an t-Uasal a tha 'na uachdaran air Inbir-ailleart dhuinn àite freagarrach gu camp a chur 'na uidheam ann air an oighreachd aige féin. Thubhairt mi ruibh gu robh sinn a' dol a dh'fhaicinn an fhuinn feuch am biodh e a réir ar beachd féin freagarrach anns gach dòigh.

Rinneadh sin; agus chaidh dithis do'n deagh ainne gach taobh de ar feumalachd, Dòmhnall MacPhàil agus Iain MacAoidh á Dùn-fideann, suas gu Inbhir-ailleart a dh'aon ghnothach gu sin a dheanamh, agus chuireadh lan fhàilte orra le Fear Inbhir-ailleart is a chéile caomh.

Mar a tha fios agaibh uile, tha "dà thaobh air a" Mhaoil," cho math ri "seachd seallaidh" a bhith dhith, agus thug Dòmhnall is Iain dhuinn sgeul air gach taobh is gach sealladh a dh'fhiosraich iad 'nam cuairt-choimhead. Bidh am beachdan air an cur air beulaibh na Comhairle an uair a choinnicheas sinn an Sruighlea eadar so is deireadh an Fhaoillich. Chan fhaod mise a ràdh ruibh an so le cinnt no as-is-as gu bheil an camp ri bhith an Inbhir-ailleart; ach tha sinn a' dol a mholadh do'n Chomhairle gum biair son aon samhradh co-dhiubh, agus chan 'eil gealltanas againn air a' chòrr an ceartair-seadh. gum bi camp an t-samhraidh so tighinn air fonn Inbhir-ailleart. Biodh bhur sùil biorach is bhur cluas ri claisteachd, matà, a' feitheamh air sgeul na làn-chinnt a thaobh so, agus ruigidh am fios bhur cinn-fheachd cho luath 's a bhios sin 'nar comas. Leis gum feum eadhon litir an ath-mhlos a bhith an làimh a' chlò-bhualadair mum bi a' choinneamh so air a gléidheadh, cha bhi am fios-cinnt so an dubh 's an geal anns a' Ghàidheal gu àireamh a' Mhàirt : ach bidh sin féin an deagh ám.

Chan 'eil sgeul ùr no sgeul-rùin sam bith eile ach sin agam dhuibh an ceartair, agus mar sin builichidh mi an còrr a tha agam de rùm air seanachas beag eadarainn féin; agus is e a bhuail 'nam inntinn gum faodainn innseadh dhuibh mu chòmhradh beag a bha agam rium féin—'nam inntinn, gun teagamh, oir cha do thuit mi fathast cho fada air faondradh 's gum bi mi a' bruidhinn rium féin, ach an smuain a mhàin.

Feasgar an sud bha mi a mach air chuairt. Bha ceann-uidhe àraidh agam anns an amharc, 's mi a' deanamh an t-siubhail air mo chois. Bha dorcha na h-oidhche a nis air tuiteam, agus shuidhich mi 'nam inntinn féin gum brisinn thar an rathaid air an robh mi a' triall, is ris an làimh dheis, an uair a ruiginn bad sònraichte. Ach bha mi aig trom-smuaintean, agus faodaidh e bhith gur ann air Comunn na h-Oigridh féin a bha mo smuaintean; ach, biodh sin mar sin féin, mun tug mi mo shiubhal fainear, nach ann a bha mi air dol seachad air an t-sràid bhig air an robh mi am beachd tionradah!

"An ainm an Aigh!" arsa mise rium féin—'nam inntinn, cha b'ann am briathraibh a chluinneadh cluas—"tha mi nis air dol air chall"; ach gu h-ealamh chuir mi mi féin ceart, is rinn mi "air seachran" de

" air 'chall."

Ciod a nis a thug orm "air chall" a dhubhadh a mach 'nam inntinn is "air seachran" a chur 'na aite! Bheir mi leabhar beag mar dhuais dhàsan no dhise as feàrr a bheir mineachadh dhomh air an eadar-dhealachadh a tha cadar a bhith air seachran agus a bhith air chall. Tha cuimhne agaibh gun deach na gillean a bha air a' mhonadh an latha ud a thàinig an ceò orra (paipear-ceasnachaidh nan làn-dhaidheal) air chall, is gur e an cù a threòraich dhachaidh iad. Ciod a nis an t-atharrachadh a tha ann a bhith air seachran seach a bhith air chall! Foilistichear an oidhirp a feàrr a gheibh mi an Litir na h-Oigridh cho luath 's a shònraicheas sinn ciod an oidhirp as feàrr. Thoiribh dhuinn "annas bhur làinhe" matà.—Bhur Caraid Dìleas,

EACHANN MACDHUGHAILL.

## OISINN NA H-OIGRIDH. Bodach na Moch-Eirigh.

Oidhche bha ann, bha bodach Gàidhealach, a bha fuireach ann am bothan beag 'na aonar, fo throm iomagain mu mhoch-eirigh a bha aige ri dheanamh an ath mhadainn, agus roimhe dol air ceann-turuis fada.

Bha e 'na rùn dùsgadh am beul an latha, ach cha robh fios ciamar a ghabhadh so deannánh aon uair is gun tuiteadh e seachad 'na throm shuain. Is ann fada roimh ám nan clocaichean-caismeachd a bha ann, anns na làithean anns an robh an sean-fhacal aig a' Ghàidheal—" Is math an t-uaireadair an t-sùil, a' bhrù, agus an coileach!"

Smaoinich fear na moch-eirigh mu dheireadh air dòigh anns an robh e cinnteach dùsgadh, ged a bhiodh

e seachd troighean fo'n talamh.

Ann an eadar-sholus an anamoich, am feadh a bha e cur mu dheidhinn dol do'n leabaidh, dh'fhalbh e mach thun an fharaidh air toir a' choilich. Rug e air an eun is thug e nuas e 'na làmhan is chuir e 'na thàmh e air spiris a bha tighinn a mach as a' bhalla ri taobh na leapa aige.

An sin thubhairt e ris fhéin gun dùisgeadh gairm a' choilich e co-dhiubh an deagh ám an ath mhadainn, agus gum faodadh e cadal gu suaimhneach, socair,

saor bho chùram.

Sin mar a bha. Chaidil am bodach, is chaidil e da-rìreabh, is bha an latha mór geal ann 's a' ghrian an àirde nan speur an uair a dh'fhosgail e a shùilean. An sin ghrad chuimhnich e air an turus is mhothaich c gun do chaidil e cian tuilleadh is fada.

Gun an còrr dàlach thug c dubh leum as an leabaidh a sgiùrsadh air falbh an eòin leibidich nach tug fiù is aon ghloc as fad na maidhe. Ach mo chreach! an uair a sheall e, dé a bha aige air an làr thall mu choinneamh ach cearc! Leis cho dorcha 's a bha am faradh an oidhche roimhe, thug e nuas an t-eun ceàrr.

TORMOD DOMHNALLACH.

## CIA MEUD MEARACHD A THA AN SO?

[So agaibh sgoul beag neònach, agus tomhas math de mhearachdan ann. Lorg a mach iad agus sgrìobh sìos air paipear iad, agus cuir sìos àireamh nam meanachdan a lorg thu; agus cuir thugam-sa am paipear roimh cheireadh a' mìlos, le t'aois is t'ainm is t'àite-'tuirich. Bheir mi leabhar do'n neach, fo aois sin bliadhna deug, a lorgas an aireamh as motha de mhearachdan.—Am Pear-desaschaich.]

Air feasgar briagh blàth ciùin, mu shia uairean air an uair luath-luath, aig toiseach dara mìos na bliadhna 1905, bha Eachann Mòr 'na shuidhe air stòl trì-chasach agus e ag amharc gu gcur air na lasraichean a bha ag éirigh bhó'n teine l'a chomhair.

Bha am bodach mu dheich bliadhna fichead a dh'aois, agus ged a bha deagh-fhalt air a' cheann, cha robh gaoisid air aodann. Aig a chasan bha cat mòr 'na laighe d'am b'ainm Peadar. Bha an seònar anns an robh an duine agus an cat car beag, le uinneig mhòir ag amharc ris an ear-thuath. Bha an tigh air a thogail air mullach cnuic agus gheibhteadh sealladh farsainn àlainn thairis air a' chòmhnard a bha a' sgaoileadh a mach gu bun nam beann.

Bha gathan deireannach na gréine, agus i ag órigh, a' deàrrsadh a steach air an uinneig, agus rinn Eachann Mór osna. Shil na deòir sios air a shròin gu ruig bàrr fhcusaig, agus chuir e a làmh gu brònach air a cheann maol.

Bha an uinneag air chrith fo bhuillean na stoirm. Chuir Eachann a mheur air putan an Ràdio, agus chuala e fear air chor-eigin an Glaschn a' labhairt an Greugais agus e ag innseadh do shluagh na Gàidhealt-achd gu robh Hitler is Ealasaid a' Chuain an deidh posadh, agus gu robh an "Lochness" (bata Steòrna-bhaigh) an deidh dà mhlid e ha saighdearan ris an abrar "Commandos" a ghiùlan á Barraidh gu Cinn a' Ghiùthsaich.

Chualas fuaim a muigh. Dh'éirich Peadar air a chasan, chuir e air a speuclairean, agus thòisich e air comhartaich. Leum Eachann a mach as an leabaidh air an robh e 'na shìneadh fad an fheasgair. Sheall e mach agus thuit sgleat bhàrr mullach an tighe. Ghabh Eachann ceum air a shocair air an lèanaig fa chomlair an doruis. "Feumaidh mi sìoman fraoich a chur air an tigh," ars Eachann, "air neo cha bhi sgrath no tughadh air fhàgail agam an uair a thig an geamhradh. Thug e sùil bhuaith, agus ars esan ris fhéin:
"Nach e an t-arbhar a tha math am bliadhna anns an
achadh: feumaidh mi tòiseachadh air a bhuan air an
ath-sheachdain."

Anns an dearg mhionaid sin, có a chunnaic e a' tighinn 'na ruith sìos am bruthach a dh'ionnsaigh an doruis ach balach beag cas-ruisgte. Ràinig am balach, agus rinn na tacaidean 'na bhrògan fuaim anabarrach air na leacan mu choinneamh an doruis.

"Nach c a tha fuar?" ars an nighean, agus i a' siabadh an fhalluis bhàrr aodainn, agus an sin bhuail i a làmhan gus blàths a chur annta.

"Chan 'eil e ach tràth de'n latha fhathast," ars Eachann Mór, agus 's dòcha gun sguir an cuirsneachd roimh mheadhon-latha.

Thug am balach mór litir do dh'Eachann. Leugh Eachann an litir. "Obh, obh," ars esan, "nach uamhasach an naidheachd so: tha an t-iar-ogha agam an déidh nosadh!"

"Nach coma leat," ars am fear eile, "tha triùir

mhac agam-sa posda cheana."

"Mata," ars Eachann Beag, "tháid mi agus cuiridh mi an dìollaid air Peadar, agus théid mi gu cilean na creige a dh'iarraidh cliabh mòna, agus bheir ni leam an gunna feuch am faigh mi liùth no sgadan air an rathad dhachaidh.

#### CAINNT NAM BEANNTAN.

 Togaibh suas le aoibh 's le saod A' chainnt d'an tug sinn gràdh is gaol; Bithbh eudmhor air a taobh, Is iomsaichibh do'n chloinn i. Tha i blasda, séimh 'na fuaim; Tha i stheid do gach cluais; Tha i brioghmhor's bheir i buaidh Thar shuaich dhi nochdas naimhdeas.

O, gur binn leam fhein a ceòl;
 'S cainnt i's grinne thig bho bheòil;
 'S ib ub hruidhinn dhuinn 's sinn òg,
 Ann an tir nam beanntan.
 Ge b'e àit san gabh sibh cuairt,
 'N Ear no 'n Iar, a Deas no Tuath,
 Cumaibh cainnt bhur gràidh a suas
 Gu buadhmhor le 'r cuid teangaibh.

3. Chaidh a giùlan thar an t-sàil
Le 'r luchd-dàimh do iomadh àit;
Thug iad spéis dhi agus gràdh
Dhi fhéin 's do shliochd nam beanntan.
'S còir dhuinne mar sin gu flor
A cumail beò le tuill 's gun sgìos,
A dha bha chaidh

An dìleab shìneadh dhuinn a nìos, A' Ghàidhlig luachmhor, ghreannmhor.

4. O, cha leig sinn i gu bàs, Cainnt cho fìorghlan, brìoghmhor, blàth ; 'S ann ro phrìseil bhios i fàs,

Ma chleachdas sinn gun mheang i. Gur c sluagh làn de'n mheud-mhór, Aincolas is àrdan 's pròis, Dheanadh dìmeas air ar còir—

A' Ghàidhlig, cainnt nam beanntan.

 Buadhmhor, uasal, luachmhor, slàn, Cumaidh sinn ar cànain gràidh, 'S cha leig sinn le neach gu bràth

Fo chasan bhith 'ga stampadh.
'S tiodhlae i a fhuair sinn fhéin
A shìnear do na thig 'nar déidh;
Chan 'cil chain fo'a a chain

Chan 'eil cànain fo'n a ghréin Bheir bàrr air Cainnt nam Beanntan.

NIALL MACGILLEATHAIN.

#### FACAL SAN DOL SEACHAD.

FAILTE NA BLIADHNA UIRE.—Bliadhna Minth Ur do a leughadairean uile. Guu deonaicheadh Dia ré na bliadhna so gun deanar adhartas air feadh an t-saoghail a dh'ionnsaigh staid nas socraiche agus nas sitheile na tha ann an ceartair. Ged a tha an cogadh mór seachad, tha na duthchannan agus na slòigh fhathast ann an suidheachadh buaireasach, agus bithidil, gus an amaisear air dòigh agus rian tea m bi barrachd earbas agus tladnd'n an chéile am meag a' chinne-daonna. Fasaichear baile ann an aon oidhche agus risear sios airteabh an aon latha, ach gu bhith a' togail as ùr, is e sin obair bhiladhnachan. Is ann ceum air cheum, tre shaothair is tre fhoidhidhna, a bheirear a mach ceann-uidhe na sìthe, agus tha lamh againn uile anns an obair a tha ri dheanamh a chum maith an t-saoghad uile.

"CEARNAG NAN GAIDHEAL"—Tang dhèsan a chur d'ar n-iomsaigh am paipear, The Maple Leaf, a tha air a chlò-bhualadh gach dara mìos an California. Anns a' phaipear so gheibhear n-aidheachdan an Gàidhlig 'a am Beurla mu ghnothaichean Gàidhealach, air an sgrìobhadh le Seumas MacGaraidh. Chah 'eil Seumas fhéin no na Gàidhlei eile au California idir 'nan tàmh. Tha coinneamhan is classichean diàthlig seile aca. Gu robh gach soirbheachadh leotha 'nan oidhirg gu bhith cumail suas na Gàidhlige ann an the ichin. Ga dearbh, is amn a tha iad ag cur gru nìsre iomadh atte as 'Ghàithealachd aguinn fhein, far nach 'eil dad air a dheanamh a chum lean an Gàidhlig seann a Gàidheach a chum lean an Gàidhlig agus ann Gàidheach a chum lean an Gàidhlig agus ann Gàidheach

AN T-OLLAMH URRAMACH DOMHNALL MAC-LAOMAINN .- The an t-Urramach Domhnall MacLaomainn, D.D., Ministear Bhlàr Athaill, an déidh uallach na sgìre a leigeil dheth, air dha bhith ann an sin fad ochd bliadhna deug thar fhichead. Roimhe sin bha e 'na mhinistear an Gleann Urchardainn. Mar a tha fhios aig na h-uile aig a bheil ùidh ann an litreachas Gàidhlig, is e an t-Ollamh MacLaomann a tha 'na fhear-deasachaidh air na duilleagan Gàidhlig ann am Beatha agus Obair, mìosachan Eaglais na li-Alba. Tha còrr is dà fhichead bliadhna bho'n a ghabh e an obair so os làimh an toiseach, agus anns an ùine sin is mór agus is math na sgrìobh e fhéin de rosg Gàidhlig. Mar a thubhairt e fhéin uair-eigin, chan e an aois a liath a cheann ach a shaothair ann abhith sgrìobhadh na Gaidhlige. Chan 'eil fhios agam a bheil neach eile ann 'nar latha-ne a sgrìobh le a pheann fhéin uibhir de Ghàidhlig, agns Gàidhlig mhath. 'Nam bheachd fhéin, is e fhéin agus an t-Ollamh Coimneach MacLeòld an dithis as fheàrr a tha maireann de luchd-sgrìobhaidh rosg Gàidhlig. Chan e so an t-àite no an t-am gu bhith toirt beachd air na sgrìobh e, oir tha sinn uile an dòchas gun sgrìobh e mòran eile fhathast, agus c nise saor bho uallach sgìre. Bu mhath cuideachd nan cuireadh e ri chéile ann an leabhar no dhà pasgan de na sgrìobh e cheana. Tha sinn ag guidhe dha slàinte agus sìneadh làithean.

GLIOCAS NAN GAIDHEAL.—" Is còir trì làin anns na claisean san Fhaoilleach: làn uisge, làn sneachda, agus làn tughadh nan tighean."

FIRINN AIR SON A' MH108 SO.—"Glòir do Dhia anus na h-àrdaibh, agus air talamh sìth, deagh-ghean do dhaoine.— Lucas ii. 34.

#### PLEASE NOTE.

Contributors and Correspondents might please note the Editor's new address.

Those who have been inquiring about ALBA are asked to be patient a little longer. The delay is regretted, but it is unavoidable. All who have ordered copies will receive their copies as soon as the Miscellany is published.

## IF A LANGUAGE DIES, CAN IT LIVE AGAIN? The Marvellous Feat of an Insignificant Man.

There are thousands of Gaelic speakers still left in Alba. and yet the cry goes up continually that Gaelic is moribund; that so few speak it that it is hopeless to attempt its revival. The experience of another small nation in our own day should

give fresh hope and determination to the despairing in Alba.
After the dispersal of the Jews to Babylon in 586 s.c., the
Hebrew tongue practically died. It was used only by scholars

and as the official language of the Synagogue. In 1881 there were 50,000 Jews settled in Palestine. They came from every corner of the world, speaking every tongue under the sun except Hebrew, their common speech being

Yiddish. About this time there came a young man from Lithuania to Palestine, called Eliezer Ben Yehuda. He had forsaken his faith and his nation, but, through reading the Welsh author George Eliot's "Deronda," a wonderful change came over him, and he became not only a truc Jew again but also an ardent

nationalist

He was a man quite unknown, without money or friends, and in poor health, but he possessed an indomitable will, steadfast as a rock. He determined to resurrect his mothertongue from its long, deep grave, and to revive it in every aspect of life, private and public. His slogan was: "Do everything in Hebrew, everyday and all day."

During his first twenty years in Palestine, he was looked upon as a fanatic and fool. His fellow-countrymen mocked him for seeking to re-animate the corpse of a language from its two-thousand-years-old grave. He was thrown out of the Synagogue, and was even sentenced to fifteen years' imprisonment for high treason against his nation, but he was released

after a few months in prison.
"Ben Yehuda's language" they called their ancient mothertongue in derision. So prejudiced were his people against him, that, even when he lost his wife, no one came forward to assist him carry her body to its resting-place on the Mount of Olives. But nothing daunted Ben Yehuda. There was no end to his labour. He brushed aside all difficulties. He went on publishing newspapers, teaching in the schools, founding societies, and very slowly but surely his enthusiasm began to permeate the country. He was neither linguist nor scholar, but he made himself both, in order that his language, that had been idle so long, should use the modern terms that other languages used. It was a gigantic task for Ben Yehuda. He had to create hundreds of new words and to study kindred languages to find roots whence he could coin what Hebrew had need of. He issued a dictionary, at first in instalments, finally in book-

He lived to see his dreams realised beyond his wildest hopes. The reward of his labours was to raise a generation in Palestine that knew Hebrew only. He lived to see newspapers opposing his political views in the old language of his nation. He saw the modern Jerusalem, with its theatres, University, public library, opera house, theatres, law-courts, all conducted in Hebrew; and, what must have pleased him particularly, a census taken in which 96 per cent. of the Jews notified that Hebrew was their mother-tongue. He saw Hebrew acknowledged to be the official tongue.

This was the work of one man. He died in 1927, and the memorial column above his grave on the Mount of Olives

pays a fitting tribute to his life-work:

"He was not a politician nor reformer. He did not summon a great congress, nor had he welcome from kings

and rulers. He did not excite a crowd to violence, nor bring war upon his enemies. In the peace of his little home he was the spark that kindled a bonfire in his nation, for Ben Yehuda gave back to his people their greatest treasure—their own language." (Translated from Yr Ddraig Goch by "Tangwystl").
Surely Alba will be spurred on to cherish her language when

Surely Alba will be spuried on to share she remembers what one man accomplished.

F. M. WILLIAMS.

#### BROSNACHADH.

Nach mairg gach iomadh buaireadh The 'n coille dhorch na bàrdachd : An cridhe 'na choigreach uaibhreach Nach aithnich oidhirp màthrach. O àrdain, cùm do stoirm bhuam ; Mhic-mheanmna, bi am làthair, Mar eala togaiil sgath-gheal Gu saor-fhaich a fàrdaich.

Gun sgòth 'na rathad luaineach, 'S i cruadalach, nàireach.

Carson a dheanainn amhran Do shaoghal neo-shuaimhneach, 'S i gluasad 'na creitheal Ann an truaillidheachd a lomnochd ? Dhùisg i le crith-eagal 'S air allaban gun d'fhalbh i Gun rathad anns an fhionnairidh

Troimh chunnartan an anmoich. A leanaibh, air do shlighe Tha iomagain is searbhachd.

Tarraing t'aodach timehioll ort, Tha'm fuachd a' tighinn gu garbh ort : Gun rionnaig san dubh-dhorchadas Is t'oide ri seinn marbhrann. 'S na creagan gléidh do chasan Ged a reubadh tu le teanntachd. Biodh fuil a' Ghàidheil 'nad chridhe

Is mòralachd a ranntachd. Tha lasair gréine anns na neòil 'S a casan air na beanntan.

#### BAS CARAID.

The late Ex-Provost John MacRae, Dingwall.

Members of An Comunn learned with very deep regret of the sudden death of Ex-Provost John MacRae, Dingwall. He was singing at a concert in Achterneed when he had a seizure from which he never recovered, and he passed away at his home, Heatherly, Dingwall, on 7th December.

Ex-Provost MacRae was an ardent supporter of An Comunn and was President of the Dingwall Branch. He was a great lover of Gaelic songs and possessing a pleasing voice he often appeared on concert platforms and competed at the National Mod of 1913 in Dundee. He was ever ready to help An Comunn Organisers, and the writer recalls a visit to the Black Isle, when Mr. MacRae met him at Kessock Ferry and motored him free of charge to the school at Ferintosh, then in the charge of Mr. David Urquhart. Both contributed to the programme and thereafter proceeded to Dingwall.

Twenty years ago Mr. MacRae became a Life Member of An Comunn, and he was a tower of strength to the Gaelic cause in Easter Ross

He was buried at Dingwall on 10th December, and Mr. Donald MacPhail, Northern Organiser, was present at the funeral as representing An Comunn.

Bidh dòrn aig fear na h-eadraiginn-The interventionist will get struck. An rud nach buin dhuit, na buin dha-Mind your own

business.

#### SECRETARY'S NOTES.

Gaelic Music and Drama Organiser Appointed:
Mr. Iain A. MacSween.—A grant towards the
expenses of an Organiser for Music and Drama in the Gaelicspeaking areas has been made to An Comunn by the Scottish
Education Department. Applications for this post were
considered, and Mr. Iain A. MacSween was appointed and has
Sween is a native of Harris, and has been connected with the
Highland movement for many years. He will be remembered
by many visitors to the Empire Exhibition (1938) as organiser
in An Clachan. He has also been a prominent prize-winner
at National Mods. We feel sure that Mr. MacSween is well
qualified to arouse enthusiasm in the Gaelic-speaking areas,
and that as a result of his activities considerable imperius will
this end we wish him success in his new appointment.

Dunfermline. — The Dunfermline Highland Society has resumed activities. The President is the Rev. Goge MacNeill, and the Secretary Miss A. B. MacDonald. Jattended a meeting of the Society on 13th November, and address of a meeting of the Society on 13th November, and address on audience of about 100 people in Gaelie and English on the work of An Comunn. I was glad to note that much interest is taken in our post-war aims, and that Gaelie is given an observation of the second of the second

Ayr.—Mr. Alasdair Matheson, Miss Chris. Turner, and
Mr. Iain A. MacSween attended a Ceilidh of the Ayr Branch on
19th November. This year the Branch meets in more commotious premises in the Church Hall, Fort Street. There
was a splendid attendance, and the President, Mr. Alasdair
MacKechnie, was in the Chair. Under the auspiece of the
Branch a Gaelic Class is conducted by the Rev. Archie Beaton,
Mr. Donald MacIssac, Mod Gold Medallist, as conductor. The
Branch meets monthly, and Mr. David Findlay continues his
good work as Secretary.

Duror.—I attended a meeting of the Duror Branch on 22nd November, and there was a large attendance of members and friends from the neighbouring districts. Good work is being done in the school by Mrs. Hunter, the teacher. The Junior Choir contributed several Gaelic songs and some of the members rendered solos. A pleasing item was a Combradh in which many of the school children took part. Spirited selections on the bagpipes were given by Dougie MacColl, a member of the School Choir. Tea was served by members of the Committee. Mrs. Malloch, Duror Hotel, is the Practical, and Mrs. Malloch was formerly President of the Branch at Crisinlarich, and her name is well known to beves of Gaelic lullabies. It was she who gave us the haunting melody of "Mo Chubharakan"

I took the opportunity of my visit to interview several people connected with the Appin and Benderloch Branches. The Benderloch Gaelic Choir is to be revived shortly, and it is hoped to resume Branch activities in the near future.

Inverarray.—The Inveraray Branch is now meeting regularly in the St. Malicu Hall, of which the Committee has a yearly lease. I attended a Ceilidh of this Branch on 28th November, when the Chair was occupied by the Rev. Angus Gray, in the absence of the President, Ex-Provost Alex. MacIntyre. There was a large attendance, and a good programme of songs and instrumental music was submitted. I addressed the meeting in Geele and Ene day members. The Secretary and Treasurer of the Brench is Mr. J. Gillies, National Bank House.

I took the opportunity while in Inveraray of paying a visit to Dr. Donald Ross, late of Lochgilphead, who on account of a breakdown in health had to retire from active duties. Dr. Ross was most active on behalf of An Comunn and served for

many years on the Executive Council and Art and Industry Committee. He also acted as local sceretary to the Mid-Argyll Provincial Committee. Although confined to bed, Dr. Ross tak's a keen interest in the affairs of An Comunn and the Gaelic movement generally.

Johnstone. — I presided at the first post-war Gathering of the Johnstone Highland Association in the local Town Hall on 29th November and had the pleasure of referring to the aims of An Comunn before a large audience. The President of the Association is the Rev. Colin MacPherson, M.A., who was a member of the Executive Council of An Comunn many years ago. The Secretary is Mr. Hugh Keith, an Ex-Provost of the Burgh. It is hoped to add this Association to the list of Affiliated Societies in the near future.

Kinlochleven. — This Branch is doing excellent work. The Gaelic Class, conducted by the President, the Rev. Malcolm MacCorquodale, M.A., is well attended, and the Gaelic Choir is making good progress. Mr. Alasdair Matheson and Mr. Angus Whyte attended a Cellish of the Branch on 29th November, and there was a very large attendance. I hope to visit this Branch before the end of the Session.

Dumfries .- Th's Branch opened the Session with a successful Ceilidh on 7th November. I attended the second Ceilidh on 4th December, and addressed the largest attendance of members since I formed the Branch 16 years ago. An excellent programme of songs, bagpipe and violin music was gone through, and there was also a service of tea. The Gaelie Choir, conducted by Mrs. Duncan Campbell, rendered several Gaclic songs with pleasing effect. Here, as in Duror, a juvenile piper enlivened the proceedings with stirring selections. The new President of the Branch is Mr. Colin Morrison, a native of Lewis. Mr. Morrison, as mentioned in previous reports, has been one of the mainstays of the Branch for many years. As Gaelic instructor and exponent of Gaelic songs, he has rendered splendid service. I was glad to see four former Presidents at the Ceilidh, all taking the greatest delight in the continued success of the Branch. Mr. Duncan Campbell is the active and efficient Secretary and Treasurer. As on former occasions, I was the guest of Mr. and Mrs. Anderson at their hospitable home "Cruachan."

Bute. — The Bute Branch opened its Session on 16th December, and I was able, despite heavy fog, to make the journey to Rothessy and accompany the President, Canon John MacQueen, to the platform. The Branch is meeting this winter in the Mid Hall, Bridge Street. There was an attendance of fully 120 people, who enjoyed a nice programme of songs and bagpipe music. The President, than whom few excel in the rendering of Gaelies ongs, assisted greatly towards the success of the evening. The Rev. Donald MacQuish, M.A., recently elected minister of St. Bruce's, Port Bannatyne, was present, and, on the call of the President, spoke in Gaelie and English.

Lochgilphead.—A meeting of the available prewar members of Mod Dhaliridad (Mid-Argyll Provincial Mod) was held in Lochgilphead on 23rd November, and it was decided to resume their pre-war activities, and with this object in view they nominated new members to fill vacancies which had occurred during the war years. Ex-Ballie John MacKellar succeeds Sir George Campbell of Succent has Chair-Terrace, Lochegilphead, was appointed Secretary. The syllabus is in course of preparation and dates will be announced shortly. The local Branch and Gaelic Choir are meeting regularly.

Campbeltown.—A meeting of the Branch was held on 29th November to give members an opportunity of bidding farewell to the Rev. T. S. Maepherson and Mrs. Macpherson and to present them with tokens of the esteem and regard in which they are lield. Mr. Macpherson gave years of yooman service to the Gaelic cause in Campbeltown and the Kintyrearea, and his departure from the district is a distinct loss to the movement. Presentations were made on behalf of the Branch members to Mr. and Mrs. Macpherson by Miss Grace MacAllister Hall of Tangy, President, and by Mrs. MacIlchere, a member of Committee for many years. Several of the members present spoke of the warm regard in which both Mr. and Mrs. Macpherson were held and of the great service rendered by them to

the community and particularly to the Branch and the Gaelie Choir, Mr. Farquhar MacRae, Vice-President, represented An Comunn, and during the course of the evening referred to Mr. Macpherson's long association with An Comunn. He had been a member for 40 years and served for 20 years on the Executive Council. He was for a period a Vice-President of the Association and was for four years Convener of the Publication Committee. The services rendered by Mr. Macpherson to the cause for which An Comunn stands were highly appreciated by the members.

The Campbeltown Courier of 7th December contained very full reports of this meeting of the Branch, and also of the tributes paid to Mr. Macpherson by the Presbytery of Kintyre, and by leading citizens in the community at a Lunch given

in his honour by the Presbytery.

The good wishes of a host of friends will follow Mr. and Mrs. Macpherson from Campbeltown where they spent so many happy years.

## PROPAGANDA NOTES. Northern Area.

Tour in Skye .- From 11th to 16th November the Organiser was engaged in Skye. The Strath and Dunvegan Branches were re-constituted. At Broadford it was encouraging to receive a request that the meeting should be conducted entirely in Gaelic, and the same request was made to the Organiser at Dunvegan. Both meetings were successful, and we wish the new office-bearers and committees every success in their efforts to further the cause of our language and music. An effort was made to have a meeting at Kilmnir but this proved unsuccessful.

Comunn na h-Oigridh .- The Organiser also visited a number of the schools, and the following additions

were made	to the	mem	bership	of Comunn	na h-(	Digridh	:
		Boys	Girls			Boys	Girl
Broadford		18	14	Bernisdale		8	1
Dunan		7	5	Loch Bay		3	1 1
Staffin		10	5	Knockbreek		. 4	10
Kilmaluag		- 5		Struan		8	1
Kilmuir		- 5	8	Carbost		10	1
Macliannid	Sahar	1 7	15	Post non Le	222.07	20	1.5

This shows a total of 198 new enrolments. A supply of badges was left with the Ceann Feachd at Portree, and he will enrol additional members in due course

Broadford Ceilidh, - Mr. MacPhail presided at an all-Gaelic Ceilidh at Broadford on Friday, 15th November, and in addition to local talent, a number of dialogues and sketches were given by members from Portree Feachd. These were admirably done and reflect great credit on the children and their teachers. Singers from the outlying areas also contributed to the Ceilidh programme.

Skye Provincial Mod .- On Saturday, 16th November, the Organiser attended a meeting of the Skyc Provincial Mod Committee, when it was unanimously decided to hold a local Mod next year, provided An Comunn can supply a Gaelic Music Teacher. The Very Rev. Dr. Norman MacLean resigned the post of President owing to advancing years, and, on his suggestion, Colonel Iain MacDonald of Viewfield was appointed in his stead. Mr. Iain F. Steele, M.A., continues as Hon. Secretary, and there is a representative committee from all over the Island. If a Music Teacher can be provided, there is no reason why a very successful Mod should not be held at Portree next year. The dates suggested are 24th and 25th June.

Dornoch. — After a day at the office, the Organiscr proceeded to Sutherland, and on Tuesday, 19th November, addressed a meeting at Dornoch. Thereafter the local Branch was re-formed, with Mr. John MacLean as President and Mr. Calum MacDonald and Mrs. Hector Munro as Joint-Secretaries. It is hoped to hold monthly meetings of the Branch throughout the session.

Helmsdale. - On the following night the Organiser was at Helmsdale, when it was unanimously decided to re-

constitute the local Branch. Dr. Gray was elected President, and Mrs. M. C. Ross continues as Hon, Secretary. Dr. Gray, by the way, took up the study of Gaelic some three years ago and now reads and writes the language tolerably well.

Brora.—Mr. David Grant, who has been a tower of strength to the Gaelic Movement in Brora, is shortly going to Canada, but he intends to continue with his labours until his sailing date is known. At the moment he is endeavouring to start a Senior Gaelic Choir, and we wish him all success in

Lairg.—At a meeting held at Lairg on Thursday, 21st November, it was unanimously decided to re-constitute the local Branch. Mr William Grant, Head Postmaster, is President, and Mr. R. D. MacDonald is Hon. Secretary.

Sutherland Mod .- Efforts are being made to hold a Mod or Mods in Sutherland next year, and a meeting of Branch representatives is to be held in December to consider this matter. Branches will be notified of this meeting in due course

Comunn na h-Oigridh Camp .- On Saturday, 23rd November, Mr. John MacKay and the Organiser visited Inversilort in connection with next year's Comunn na h-Oigridh Camp, and their report will come before Clann an Fhraoich Committee at an early date.

Uist Tour. - An itinerary for the Uists has been arranged, and a report of this visit will appear in the next issue

#### THE GAELIC LANGUAGE.

The Basques claim their language is so difficult that the devil has never been able to learn it. Gaels say that their language was spoken in Eden and that His Satanic Majesty was quite unable to learn to speak it in order to beguile Mother Eve until he had obtained the assistance of Vulcan, the smith of Infernus.

> Ar dtús i n-Eden, do cualadh ceól, A's canamhna binne Gaedhealach', 'Nuair sheinn Jubal ar a phíb-mhóir, Do rinneadh as bian beag caorach.

Deirtear ni féidir le Diabhal Mór, Do mhealladh daoine 'san nGaedhilg mbinn. Go léadugh' Culann a theangadh dó, Ar inneóin sár-theintigh an ifrinn.

Brave music first in Eden was heard, And those wondrous Gaelic accents sweet, When Jubal played a dudelsack, Made from the skin of a Keltic sheep,

They say the Great Tempter was unable, In Gaelic to decive people so well. Till Vulcan had flattened his tongue, On the fiery anvil of hell.

Note.—Culann (Ashes) a 'kenning' for the God of War and Death symbolized by the setting sun-like the Phoenix, the young Sun-god is born from the ashes of the old god : life is born from death : day from night; hence, perhaps, the origin of the idea of reincarnation. Culann was the Smith of Iorruaidhe (Ire Rúith, Land of Flood Tide) also called Inis Tuile (Flood Isle), the Ultima Thule of the Romans, now Iceland, which was occupied by Gaels before the advent of the Vikings. The Forge of Culann was Sliabh h-Ealga (Sacred Mountain), now known as Hekla. The Achilles of the Gaels— Cuchulainn-was, as his name indicates, a devotee of Culann.

GLEANN COMHANN.

Là Briain, 1946.

Na h-Uiscí Súile,

Beul a labhras, ach gnìomh a dhearbhas-The mouth speaks, but the deed proves.

## THE HIGHLANDS AND ISLANDS NOW. Proposals for Development.

For some years past it has increasingly sheen felt that the most effective way of setting about the rehabilitation of the Highlands and Islands is to establish a single co-ordinating authority for the area. Mr. Hugh Quiley elaborated such a scheme some ten years ago, and the Highland Development Board should be established (with or without an additional and Islands) to plan and elident the teressary measures, to co-ordinate the work of the local authorities and government of the properties of the property of the properties of th

Recently the Secretary of State for Scotland has been hinting at the establishment of a Highland Advisory Panel. This proposal is not likely to be acceptable to anyone who realises the seriousness of the Highland problem. We have had more than enough of advice, but nothing has come of it because there has been no one with the requisite status and anthority to initiate action.

As an alternative to the Secretary of State's proposal, the Scottish Agricultural Organisation Society now suggest the formation of a "technical planning group" to direct the work of a Highland Council for the Crofting Counties. It is proposed

that this Council should consist of, say, two representatives from each of the Crofting Count'es and eight representatives appointed by the Secretary of State, including representatives of the Scottish Council (Development and Industry). This Council would plan for the unified development of all

resources of the Highlands and Islands, advise the Secretary of State as to the execution of the plans, and carry out those parts of them not falling within the province of any existing organisation.

Preparation of the plans would be remitted by the Council to a Technical Planning Group comprising experts on crofting, agriculture, fishing, transport, communications, marketing, industry, and raw materials, and a planning technician.

While this scheme may be open to criticism on points of detail, it is sincerely to be hoped that all interested in the Highlands will combine to press for its adoption and that energy will not be dissipated on controversy about minor details.

It may be mentioned in passing that recently the Crofting Counties themselves suggested a regional planning organisation. This scheme of the Scottish Agricultural Organisation Society was foreshadowed in an article 'n The Glasgow Herald last August by Mr. Alastair McNeill Weir, Highlands Officer for the Society. Writing of certain features of life and work

in the Highlands and Islands to-day, which "contain hoth a promise and a threat," he argued for the establishment of a co-ordinating body, a "Development Board."

Mr. McNeill Weir listed the various organisations operating in and for the Highlands: Government Departments, County Councils, Hydro-Electrie Board, Forestry Commission, Scottish Council (Development and Industry), Herring Industry Board Scottish Agricultural Organisation Society, Scottish Council of Social Service, Carnegie Trust, Highland Development League, Highland Home Industries, Scottish Cooperative Wholesale Society, Scottish Country Industries Development Trust, An Comunn Gaidhealach, the Peat and Seaweed Research Organisations, etc.

But this "conglomeration of many-sided activity," which "represents an enormous body of good-will," is, he said, "an enormous amount of un-coordinated and uncorrelated effort." He therefore proposed the appointment of a Development Board, charged with direct responsibility for speedy and effective action, instructed to obtain results, authorised after consultation with the Secretary of State to do what needs doing, and what has been agreed needs doing by a dozen what is required. ... Join together and co-ordinate all the spasmodic and piecemeal development that is being done, or suggested, or planned, and the Highlands can become in reality worthy of their people and fit for heroes."

The time is past for amateurish investigation and discussion. There is sufficient expert knowledge available to make plain how things are and how they must be remedied. In recent years, to mention only one man's contribution to the elucidation of the Highland problem, the late Adam Collier published in the press the results of his researches. His accidental death deprived us of a brilliant young economist who greatly loved the Highlands and keenly desired to help the Highland people.

a More recently, Lr. F. Fraser Darling has been carrying out a survey of the population-structure and the natural and a potential resources of the various districts in the Western Highlands and Islands. By a skifful use of "population pyramids" (a form of statistical summary already used with good effect in the reports of the Lewis Association), Dr. Fraser Darling, than whom no one known to us is better qualified for this task, drives home the urgency of the situation in the Highlands.

It is not only a declining population, but one in which the reproductive age-groups are increasingly absent and the aged are in the majority in many places. The Islands are relatively better populated than the West Mainland parishes, but it is clear that the same trend operates in both Islands and Mainland The population-structure of Harris in 1931 is strikingly comparable with that of Gairloch in 1901. What will the population structure of Harris be in 1941.

Elsewhere Dr. Fraser Darling has stated his conviction that, provided certain things are done and done quickly, the population of the Highlands and Islands can be trebled in lifty years. He concludes: "The indications are plain, and it is in our hands to prevent collapse by a co-ordinated programme of rehabilitation. The points of such a programme are well cnough known, but we seem as yet to lack the Commission empowered to carry it through."

Whatever one's opinion of some of the recommendations therein, the Hilleary Report of 1938 also must not be over-looked. It brings together a vast mass of valuable information.

We have talked enough. We now want to see something being done. Let us be ready and willing to play our part in whatever way may be open to us. We in An Comunn, who are primarily concerned with language and culture, must recognise that these can survive and flourish only on the basis of a stable economic structure.

Since the above was written, and just as we go to press, the Secretary of State for Scotland has announced the appointment of "A Highlands and Islands Advisory Panel" to advise him on "the carrying out of concerted plans by Government Departments, local authorities, and other public bodies for promoting the best economic use of resources and capacity in the Highlands and Islands." The Panel will be composed of a nominated representative from each of the seven crofting counties and from the burgh of Inverness, two nominees of the Scottish Council (Development and Industry), and seven other members with personal experience of the problems of the areas.

Members already appointed include: Mr. Malcolm Macillan, Mr. P., Chairman, Mr. A. Anderson, M.P., Major Duncan McCallum, Mr., Mr. J. D. Macdonald (Inverness), Dr. I. H. MacIver (Fort William), Captain J. MacLeod, M.P., Provost A. J. MacKenzie (Stornoway), and Mrs. Naomi Mitchison, Lochiel, has been nominated by Inverness County Council. All appointments to the Panel will be for a period of two years. The Secretary is Mr. M. Campbell of the Department of Agriculture. The headquarters of the Panel will be at Norterins programme of development, and later a long-term policy.

We sincerely hope that real and comprehensive development will follow this new step. As the Panel is only advisory, it would seem that the onus for acting upon their proposals rests on the Secretary of State. In view of what has been said in the foregoing article, further comment is unnecessary.

#### AN GAIDHEAL

#### COMUNN NA CLARSAICH. Interim Report, 1942-46.

The Clarsach Society held its first post-war general meeting in Edinburgh on 30th November, and an Interim Report for 1942-46 has been published, giving interesting information about the various activities of the Society.

Comunn na Clarsaich is closely associated with An Comunn Gaidhealach, and the President, of course, is Mrs. Iain Campbell (Airds), who has been rendering outstanding service in the cause of Gaelic Culture, not only in the Clarsach Society but also as Convener of An Comunn's Art and Industry Committee.

The Clarsach Society has branches in London, Edinburgh, Glasgow, and elsewhere, some of which have remained active all through the war, while others are being revived. The particular bit of "war service" to which the Society devoted itself was the "Hebridean Fishermen Minesweepers Comforts

Fund.

The primary aim of the Society is to encourage clarsachplaying, and it ought to be widely known that those who wish to try their hand on the clarsach may borrow one from the Society at the low fee of 2/6 per month. A School of Harping is to be held at Rahoy, Argyll, at Easter, and the Society is arranging for two clarsach competitions at the Edinburgh

Musical Festival in May next.

An increased membership is reported, there being now almost 500 members. A playing member pays 2/6 per annum, and an ordinary member 5/- annually, while life membership may be had for one payment of £3 3/-. Application for membership should be made to the Hon. Secretary and Treasurer, bership should be made to the Hon. Becker, Mrs. W. G. Porter, 2 Belgrave Crescent, Edinburgh, 4.

T. M. M.

#### "FATHER ALLAN." Author of "Eilean na h-Oige."

FATHER ALLAN, by J. E. Hutcheon (Gatholic Truth Society, 38 Eccleston Square, London, S.W.1., 3d).

This is a brief but well-written sketch of the life and labours of Father Allan MacDonald of Eriskay, "The most able priest the Isles ever had." Even if 'Maighstir Ailean' had done nothing but compose "Eilean na h-O'ge," he would be remembered as long as Gaelic literature survives. His enduring fame, however, rests even more on the impression left by his personality and ministry upon those who knew him.

I used to think of him as an old man, but he died in 1905 at the age of forty-six, having worn himself out in the service of his people and his Church. He is the representative of those who consecrate their gifts of body, mind, and soul to the service of their fellows in the obscure and remote places; but these

do not lose their reward.

Some day, we hope, a fuller biography of Father Allan will be forthcoming, but we cordially commend this attractive booklet to the notice of the people of the Gaidhealtachd and we congratulate the author on so vividly and sympathetically portraying a remarkable personality. T. M. M.

#### MODERN SCOTTISH POETRY. A New Anthology.

MODERN SCOTTISH POETRY, edited by Maurice Lindsay (Faber, 6/-), is "An anthology of the Scottish Renaissance, 1920-45." It is a well-chosen and representative selection, and a well-produced little book, and will come as a revelation to those who have been only vaguely aware that there has been a Scottish Renaissance. It will be even more of a revelation to Gaelic readers to learn from this book, and particularly from the editor's introduction, where Gaelic poetry stands in relation to recent literary trends in Scots and English.

In his brief but informative introduction, Mr. Lindsay outlines" the main influences which reflect upon the moderns.
"The modern Scottish poet," he says, "has the choice of at least two, and in some cases three, languages. And unless he can use them all with equal skill, his Scottish psyche must feel, in some degree, frustrated. By the chance influences of environment and education, however, few Scots writers can handle Gaelic, Scots, and English with the same proficiency ;

and sooner or later each poet turns to the tongue in which he

has acquired the most skill.'

Thirty-six poets and poetesses are represented in the Anthology, including two Gaelic ones (Donald Sinclair with one piece, and Somhairle MacGilleathain with four). Gilleathain's poems are accompanied by a rendering in Scots by Douglas Young, and Sinclair's by a Scots version by Hugh

There are many for whom certain types of modern poetry are unintelligible and, when intelligible, distasteful. In this connection, excellent guidance can be got from The Background of Modern Poetry (Clarendon Press, 2/-), the recently

published inaugural lecture by Dr. C. M. Bowra, the Professor of Poetry at Oxford.

Dr. Bowra points out that it is the poets' doom that "they must always create something new." A correct observance of tradition and convention is not enough. A poem must be new in a rigorous and exacting sense. "Poetry renews itself by changing its habits," breaking away from old conventions. inventing new ways of using words. "The history of poetry is a series of violent changes in which old standards are continually abandoned for new standards, which in their turn become old, and so the process goes on. Whenever a change comes, it alarms and horrifies the older generation which has already formed its tastes and shrinks from any call to adjust them to new aims.

It is well to have all this in mind when reading contemporary poetry. Most of recent and contemporary Gaelic poetry is conventional and derivative, however good of its kind some of it may be. That is why special significance attaches to the Gaelic poetry of Somhairle MacGilleathain and George Campbell Hay, both of whom write in a new, and sometimes startling, idiom.

Apart from technique, there is the poet's reading of life conveyed through his particular idiom. In regard to this, some of the modern poets express only the bewilderment and frustration characteristic of our confused and challenging age. Some, like T. S. Eliot, have distilled from the impact of the contemporary scene upon them a matured philosophy.

Two of Somhairle MacGilleathain's poems, Calbharaigh and Ban-Ghaidheal, reveal a perhaps understandable misunderstanding of the connection between facts that impinge poignantly upon the poet's consciousness and other, equally profound, issues. But MacGilleathain's words certainly come with compelling power. To quote a phrase of Dr. Bowra, "In them we listen to the living voice of life."

T. M. M.

## SKYE, LEWIS AND HARRIS CONCERT TOUR.

Mr. Donald MacPhail has arranged with Mr. Alasdair Matheson, to take his party of Artistes, who did so much for An Comunn Central Fund in the Southern area last winter, on a tour of Skye Lewis, and Harris.

Concerts have been arranged for Portree, Broadford, Concerts nave been arranged to retrieve, blossance, stornoway, Tarbert, Leverburgh, and Sandwick, during week commencing 20th January. The party will consist of Mrs. Petrine M. Stewart, Miss Ina MacLellan, Mr. Angus Whyte, Mr. Alasdair Matheson, and Mr. Donald MacPhail.

The purpose will, of course, be a dual one; firstly, propaganda for An Comunn, and, secondly, the proceeds will be in aid of the Central Fund.

## MEMORIAL AND THANKSGIVING FUND.

A Christmas Gift Sale organised by the Ladies of the Work Party was held in the Highlanders' Institute on Saturday, 30th November. The Sale was opened at 2.30 p.m. by The Lady Jean Graham. The various stalls were well patronised, and by 5 p.m. practically all goods were sold.

In the evening, a successful Ce'lidh was held with Mr. John M. Bannerman a very popular Fear-an-Tighe, and a homely atmosphere was apparent throughout the proceedings.

The fund will benefit to the extent of approximately £150 as a result of this successful function. The Committee are greatly indebted to the Ladies of the Work Party for their

untiring efforts to make the Sale the success it was, and also to the many friends who gencrously contributed in cash and kind. Gratitude is also expressed to the Artistes who very kindly gave their services at the Ceilidh,

## EADAR SINN FHEIN.

## GAELIC PERSONAL NAMES.

Dear Sir,-Here are some notes on the Highland personal names mentioned in the August issue of An Gàidheal

Eoghann is an old Gaelic name and its equivarent in Welsh is Owen. The equivalent Ewen is reasonably satisfactory. It is now confined to Scotland, but was once common in England. as is shown by the presence of such surnames as Ewen and Ewing, and it apparently represents the French form of the Welsh word.

Uisdean appears to be the modern Gaelic equivalent of the Norse personal name Eysteinn; and probably the fact that there is a slight similarity of sound to Hutchin and Hutcheon, diminutives for Hugh, which were once popular in Scotland. led to Hugh being taken as the equivalent of Uisdean. The meanings are different, however, and perhaps Huisdian, which is to some extent now used as the English equivalent, would suit best.

Aonghas is a very old Gaelic word which does not appear to have any affinity to Aeneas. Aonghas is commonly translated Angus, and this is best. Aeneas has for centuries been used to some extent both in Scotland and in Ireland as the English equivalent for Aonghas, under the mistaken impression that it was a variant of Angus. It has been so used by some leading Highland families, including the Macdonells of Glengarry.

Fionnghal ("Fionn-ghuala," fair shouldered) has, as old and modern equivalents, Finnuala, Finella, and Fenella. last of these appears to be the most popular now. In Ireland Penelope is sometimes used as the English for Fionnahal, and 'n Scotland Flora is similarly used.

Flora (from the classical goddess of flowers) was brought into use in France at the Renaissance as a woman's name and thereafter became popular in Scotland, but the English until comparatively recently considered it a suitable name for a dog but not for a woman.

Mor, Morag (meaning "great"). Morag is to some extent now used also in English, and this would seem to be the best usage. The Hebrew Sarah, which is on occasion used in the Highlands as the English equivalent for Mor. Morag, and in Ireland for Sorcha, etc., is not suitable in meaning or otherwise, Marion is a diminutive for Mary and i similarly unsuitable as an equivalent for Mor or Morag.

For long there was a tendency both in Scotland and in Ireland to use existing English personal names (especially English names of Hebrew origin) as equivalents in English for Gaelic personal names, quite regardless of meaning; but the Gaelic personar names, quite together extent.—Yours, etc.,

W. McD.

#### LEABHRAICHEAN.

A Charaid,—Chan 'eil ar leabhraichean ùra Gàidhlig ach tearc, ach tha beagan aca ann cheana. Nach bitheadh e 'na chleas laghach nan deanadh daoine, a tha far an ruig iad air an ceannach, cleachdadh de bhith cur ceann aca gu an càirdean aig an Nollaig no aig a' Bhliadhna Uir. Bu mhór am maitheas a dheanadh iad, matà, ach iad feuchainn ris, agus iad a chumail

Uiread agus a fhuair mise de sgoil Ghàidhlig riamh fhuair mi e agus mi leughadh leabhraichean Gàidhlig far nach robh oide ri fhaota'nn. Tha eagal orm gu bhe'l daoine deanamh bòcain gun seagh de bhith cumail a mach gu bheil e doirbh Gàidhlig a leughadh. An e gum fairtlicheadh oirnne an rud a rinn ar seanair a dheanamh?

Agus air son sgrìobhaidh dheth, tha a' Ghàidhlig móran nas riaghailtiche na a' Bheurla. Ged nach leughadh duine ach agus an diugh agus thuirt no thubhairt am maireach, b'e na h-uibhir e ; agus an ceann bliadhna, air a shocair, leughadh duine tùra'l grioba-gil-feannaig! Leabhar! leabhar! leabhraichean!—Is mise gu dìleas, HEARACH.

#### AN GAIDHEAL: A SUGGESTION.

Dear Sir,-Might I suggest that our members who receive An Gaidheal monthly might help greatly by directing their copies, when read, to some person in the Gaidhealtachd?

Some may wish to preserve their copies; but there are

always many whose copies are not preserved.

Until we can find means to make our magazine more available, this would serve to increase the utility of our magazine, and help our people in the most direct and simplest way possible. Leis an dùrachd as gile dhuibli.

Conon. CALUM MACGILLEATHAIN.

#### READING GAELIC.

Dear Sir,-It is a standing disgrace that so few Highlanders who speak Gaelic can read or write Gaelic. It is easy to say, "They were never taught." True: but why stop at that?

Any intelligent Gael who can read English can teach himself to read Gaelic, if he will take the trouble to compare his English and Gaelic Bibles verse by verse.

Why do we make no effort to educate ourselves?

(In this connection attention may be drawn to the edition of the New Testament, with Gaelic and English in parallel columns, published by the National Bible Society. and costing, I think, 4/6,-EDITOR.),

## COINNEACH ODHAR FIOSAICHE.

A Charaid,-Tapadh le "Sula Sgeir." Tha an t-ungadh air làmh an rìgh nach gabh a bhith air fholach !

Bha ministear an Sgìre Mhuire, beagan a tuath air Inbhirnis, a rugadh an 1634 agus a chaochail an 1709, air an robh Seumas Friseal. Bha e cumail leabhar ceann-latha air an tug e fhéin Polichronicon.

Anns a' bhliadhna 1666 chuir e sios iomradh air teachd oighre Mhic-Shimidh chon an t-saoghail; eadhon Uisdean. Rugadh an leanabh agus ball-dubh air a bheul uachdair. So an t-iomradh aig Mgr. Seumas :

"Now 's our old predictions confirmed of four considerable chiftens in the North, born with signall marks, of able chittens in the North, born which signal marks, or which the Master of Lovat is one. (1) McKehinnich Glundow; (2) McKhimi Baldow; (3) Mackintoshich Cline; (4) Shissolach Came, that is, B'ackneed McKenzie; Blackspotted Lovat; Squint Mackintosh; and Shiesholm blind off an eye. All four are so, and whither for good or evil. to raise or ruin their families, they are signally marked and remarked. I shall not ominat ; let future contingencies ver fy the truth of it.

Thugamaid fainear gu robh an "fhiosachd" sean am beachd duine a rugadh an 1633. Agus an nair a rugadh Uisdean oighre, tha am ministear a' sgrìobhadh gun do ghluodh a' bhean-ghluine, '' Berwom! Berwom! Take him: away with him!' Is e '' Beir bhuam'' a thuirt i gun teagamh, cò dhiubh a chu'r i "e" ris no nach do chu'r.

Cha do dh'fhag Uisdean so, no MacShimidh Ball-dubh, mac mar oighre dligheach 'na dhéidh; agus thàinig iomadh Odhar a bha an fhiosachd ud: "MacCoinnich Glun-dubh, MacShimidh Ball-dubh, Mac-an-Toisich Claon, Siosalach

A ré r beachd nan seann Ghàidheal cha bu dligheach " rìgh" a thogail air am biodh aon mhar-bhiodh no fàgail no mimhaise 'na chorp. Cha tigeadh as ach call mór air na h-iochdarain. Is e droch mhanadh, mar sin, a chuireadh Gàidheal, an Albainn fhéin, an 1666, air an leithidean sid Fhuair iad rabhadh. BODACHAN.

#### "IS FEARR EISIMPLEIR NA COMHAIRLE."

Sir,-Your Editorial in the October Gaidheal entitled "Is Fearr Eisimpleir na Comhairle" is full of the comments which I myself have made for twenty years, and there is an excellent corollary to it in Mr. J. H. Miller's "Impressions of a Visit to Eire."

Incidentally, there were some fairly pungent remarks in the *Irish Press* reports on this year's Mod about the general refusal of old and young to speak Gaelic. I always remember my own ghastly reactions at a Mod in Dingwall, when I heard nothing but English spoken by the Mod officials. Surely the "Canain agus Litreachas" are far more important than the "Cebl." No, a good mental spring-clean is required if our language is to be developed.

You cannot save a language.

Churchill, at our great crisis in the late war, turned our eyes to the West where lay our hope. There too lies the hope of the Sottish Gael, where the National Language is Gaelic in the Mother-land of Gaeldom, despite certain anti-Gaelic elements there. And we may yet see Comman as h-Oigránd. "firsthing" with Commun as h-Oigránd and the Carlo and th

other Irish youth movements

No longer can, we allow Gaelic to be the prerogative of the Highland (West at that!) pulpit, the prey of the philologist, or the medium of the amateur singer, but we must make it again the soul and expression of all Scotland. Just see what the Afrikanders have done in twenty-five years, and the frish—outside the "sporting" circles (greyhound and horse-racing—shades of Cuchullin!)—also in twenty years.—Mise le meas,

#### Alasdair Mac Each Thighearna. Dunheanish House, Oban.

A Charaid,—An uair a leugh mi an ceann-teagaisg, "Is feàrr eis mpleir na comhairle," anns A' Ghàidheal, smaointich mi gum bu mhath leibh litir fhaotainn bho Shasannach aig a bheil beagan de'n Ghàidhlig.

Matà is urrainn domh beagan a sgrìobhadh ann an Gàidhlig agus, a bhàrr, is urrainn domh a' phiob-mhór a chluich, agus tha mi 'nam bhall de'n Chomunn Ghàidhealach cuideachd.

Fhuair mi m'eòlas air a' Ghàidhlig á leabhraichean is cha d'fhuair mi leasan riamh. Bha e 'na obair cruaidh air uairean,

ach is e bh'ann obair thaitneach.

An uair a bha mi a' fantainn ams a' Ghàidhealtachd a' bhliadhna so, bha mi a' bruidhinn ri Gàidheal aig an robh Gàidhlig agus a' Bheurla Shasannach. Bha ionghnadh mór orm an uair a thubhairt e gu robh a' Ghàidhlig 'na cànain acaoltach. Co-dhiubh. chuidich e mise leis a' Ghàidhlig.

I do not actually know much Gaelic, but, since I am centirely self-taught and have no opportunity of meeting Gaelic speakers, except perhaps at holiday time, I feel that my efforts to learn Gaelic have brought some measure of success. Nevertheless, I realise my limitations and appreciate that I have a long way to go before I can say that I have a sour

Inowledge of the language.

My first attempt to learn Gaelic was through the medium
of a rather old-fashioned grammar, but progress seemed very,
very slow. As time went by, I bought a copy of Gaelic Without
Grozos, which gave me my first real start. After studying this
book, I found I had made progress. The next step was to buy
a good grammar and a dictionary, and thereafter I began to

acquire a small selection of reading books, etc.

To anyone who would like to learn Gaelic but who considers it too difficult I would say, "Give it a trial, bearing in mind the old saying that you must walk before your run." It is a very interesting subject, and not at all useless as some

people would have us think.

In conclusion, I would like to offer my very best wishes for success to An Comunn's campaign to further the use of Gaelic, Yours sincerely.

H. Foers.

## WANTED-A MORE VIGOROUS POLICY.

A Charaid,—May I congratulate Mr. J. H. Miller on his splendid letter in the July issue on the revival of our language. I trust it has been read by all our members. This phrase, "a more vigorous policy," was used at a

This phrase, "a more vigorous policy," was used at a Gaelic Society's meeting on the cultivation of our language about 1900.

There is little need to remark on any particular para-

graph, for, from a Scottish point of view, it cannot be improved upon.

The School is, without doubt, the only means of saving

The School is, without doubt, the only means of saving the Gaelic. Gaelic should be compulsory in at least all the so-called Highland counties.

About the year 1898 an Inverness paper started a fund for money-prizes for teachers who had the highest percentage of passes in Gaelic in their schools. Subscription lists were printed and money was collected. These prizes were presented at the Mod. Why cannot this be done by An Comunn?

Let us start at the bottom and make a good foundation. We will win through. I am sure Mr Miller will give his support to such a movement.—Is mise.

A. MACKAY.

#### BEUL-AITHRIS NAN GAIDHEAL.

A Charaid,—Is dòcha nach 'eil fios agaibh gu bheil Calum MacGilleathain à Ràtharsaidh o chionn greise am Barraidh ag cruinneachadh sheanchasan air son Comunn Bealoideas na h-Eireann. Tha e tadhla air gach bodach agus cailleach anns an eilean, agus chan 'eil latha no oidhche nach 'eil faighinn seann seanchasan is sgeulachdan nach deachaidh riamh an dò. Agus cha stad e idir le seanchasan Bharraidh a thogail. Dach e bu bloir eile an Eirisgeidh i san Utilast a' Chinn a

Agus chan e sin a mhàin, ach tha fear-ciùil barraichte a' tighinn à Baile Ath Cl'ath an déidh na Nollaige a chur làmhchruinn air na h-òrain a tha cho pailt am Barraidh is an Eirisceidh.

Nach saoil sibh fhéin a nis gur e bochdainn mhór a tha ann gun caill ar n-eileana gach seanchas is òran a tha sin, agus gun

cuirear air mhaireann iad thall an Eirinn.

Kant

Carson nach gabhadh An Comum an gnothach sin os làimh, agus leithid Anna Niclain is Dòmhnail MacDhòmhnail na sgoil Bàgh a' Chaisteil, agus iad le chéile murrach anns gach dòigh air son na sgeulachdan agus na h-òrain sin a chur air paipear?

Ma chailleas sinn ar seann òrain is ar seanchasan, ciod a thachras do ar cànain anns an ath linn? Agus nach iad eileana Innse-Gall an aon daingneach a tha againn anns a bheil ar cànain tèarainte fhathast?

Manachainn nan Lios. IAIN N. MACLEOID.

## DUNEDIN SOCIETY.

The Recital of Gaelie Music and Poetry, originally arranged for 18th December, has been postponed to 16th January, in the Stevenson Hall, Glasgow, at 7.30 p.m. The programme will include an arrangement for harp and voice by Donald Main, new accompaniments to Gaelic songs composed by Ian Whyte, and also some new music for the clarasch. It is hoped that Somhairle MacGilleathain will be present to read some of his own poems and -also some by George Campbell Hay.

#### GLASGOW BRANCHES' CONCERT.

The Central and Govan Branches Joint Committee held the first of their monthly ceilidals in the Christian Institute Glasgow on Saturday, 16th November, when the President of An Comunn, Dr. John Cameron, LL.B., presided over an audience of 600 people. An excellent programme was submitted and the Committee have every reason to be satisfied over an audience of 600 people. An excellent programme of the committee of

#### AN COMUNN CENTRAL FUND.

To enable An Comunn to meet its current obligations, and place it in a position to launch a propaganda campaign now that the war is over, and thus regain the ground lost during the years of its enforced inactivity, donations, large or small, will be gladly received by the Treasurer, Mr. James T. Graham, C.A., 5 St. Vincent Place, Glasgow, C.I. Remittances should be made payable to "An Comunn Gathealach."

Rov. A. C. MacGillivray, M.A.; Paisley         2 5           Miss. A. MacMillan, Corpach         2 6           Rev. A. W. Ross, Ballindalloch         5 -           John Gollan, Esg., Nairn         10 -           Miss Susan Mackenzie, Isle of Luing         2 6           Mrs. Mary Carmichael, Clarkston         10 -           Campbeltown Gaelic Chort         5 -           Invertany Branch         5 -	THE SCOTTISH CENTRE  158 HOPE STREET, GLASGOW, C.2  Vanished Waters, by Alasdair Alpin MacGregor 12/6
£58 2 4	The Clearing House (a John Buchan Anthology) 12/6
NATIONAL MOD, ABERDEEN.	Gateway to Skye, by Duncan Mac- Pherson 9/6
Previously acknowledged £1,056 14 10  REGERYED AT HEAD OFFICE—  Donald Davidson, Esq., Grantown-on-Spey 5  George Thomson, Esq., M.A., Glasgow 10  £1,057 9 10	Scotland Arise! by Duncan Ferguson (should be read by every Scot) - 3/6 Celtic Art, Books 1-4, by George Bain (learn to do Celtic designs) - 2/6 each Ghaidhlig a' Gairm! (something new in Gaelic song-books—16 popular songs
COMFORTS FUND.	in Gaelic and English) 2/- Scotland—Picturesque and Traditional, by George Eyre Todd 8/6
Previously acknowledged £2,146 17 4	
Mr. and Mrs. James MacDonald, Pitlochry 1 2 — £2.147 19 4	Current Books of Fiction and General Literature.
	Gaelic Bibles and New Testaments.
(This Fund is now closed).	Gaelic and English Calendars.
ROYAL AND MERCHANT NAVIES' COMFORTS FUND.	STATIONERY OF EVERY DESCRIPTION.
Previously acknowledged £4,384 7 10 The Federated Caledonian Society of South  Africa 1	Postage additional to above prices.  Cash with Order or C.O.D.
	Cabi Will Older of Clory.
Dumfries Branch	
Dumiries Branch Z Z -	MACLAREN'S PUBLICATIONS
Dumfries Branch 2 2 2 2	MACLAREN'S PUBLICATIONS

268 Argyle Street, GLASGOW, C.2

£909 15 -



EDITOR:-Rev. T. M. MURCHISON, M.A., 14 Kinross Avenue, Glasgow, S.W.2. (Telephone: HALfway, 2844), to whom all literary communications should be addressed Business and other communications should be sent to the General Secretary, An Comunn Gaidhealach, 131 West Regent Street, Glasgow, C.2. (Telephone: Douglas, 1433). All matter for inclusion in the Magazine should be in the Editor's hands by the 12th of the month preceding publication.

Leabhar XLII.

An Gearran, 1947

Earrann

#### MA THOGAIR!

Tha an saoghal làn chunnartan is éigin, ach tha móran de na cunnartan is trioblaidean sin ag éirigh a chionn 's gu bheil uibhir dhaoine cho coma códhiubh.

Chan e nach 'eil suidheachaidhean ann anns a bheil e glic dhuinn a bhith car coma. Is truagh an duine a ghabhas air a dhruim 's air a chridhe fhéin uallach an t-saoghail uile, agus 'nar beatha làitheil is iomadh cruaidh-chàs a dh'fhaodas ar léireadh ma bheir sinn cus aire dhaibh.

Ann an òran àbhachdach sa' Bheurla a tha dol fo'n ainm, "Ma Thogair," tha cunntas againn air beatha balaich o'n taobh tuath, agus b'e so an duan a bh'aige an còmhnaidh-"Ma thogair!" An uair a bha e 'na leanabh, thuit e far glùn a mhàthar agus ghoirtich e e fhéin gu h-olc, ach cha dubhairt e dad ach "Ma thogair." Phòs e luid de bhoirionnach a bhiodh daonnan a' trod ris, ach am measg gach ùpraid san dachaidh, cha dubhairt Niall còir ach "Ma thogair." Oidhche bha sud chuir an dotair cagair 'na chluais, "Tha i marbh," ach fhreagair Niall, "Ma thogair," is las e a phìob.

Nan robh Niall air na tubaistean a thàinig 'na lùib a ghabhail gu cridhe, 's e fhéin a bhiodh marbh an àite na mnatha crosda. A dh'aindeoin sin, saoilidh mi gun dubhairt e "Ma thogair" tuilleadh is tric.

Ach, air an làimh eile, tha móran nithean ann agus ma chanas sinn "Ma thogair" d'an taobh, tha sinn ag aobharachadh dragh is cunnairt dhuinn fèin is do fheadhainn eile.

B'ann le strìth is spàirn a choisinn ar n-athraichean dhuinn na cothroman a tha againn an diugh, ach nach coma a' mhór-chuid 'nar measg m'an deidhinn? Ann an taghadh luchd-riaghlaidh, an dà chuid air son na Pàrlamaid agus air son chomhairlean nam bailtean 's nan siorramachdan, tha gu bitheanta dara leth an

t-sluaigh a' diùltadh an dleasanais. "Ma thogair." ars iadsan. B'ann air spiorad coma a' mhór-shluaigh a shreap Hitler agus Mussolini gu inbhe is ùghdarras 'nan dùthchanan féin. Nach mór na dh'fhuiling boirionnaich san dùthaich so fhéin beagan is deich bliadhna fichead air ais 'nan oidhirpean gus cead guth-taghaidh fhaotainn do na mnathan? Ach tha dara leth nam boirionnach a cheart cho dearmadach mu'n chùis an diugh 's a tha na fir.

B'ann troimh fhulangas eadhon gu bàs a choisinn ar n-athraichean an Albainn an t-saorsa a th'againn a thaobh aoradh Dhé is leughadh na Fìrinne, ach nach dearmadach a' mhór-roinn de'n t-sluagh an diugh mu na sochairean prìseil sin. "Ma thogair." ars jadsan.

Nach mór an t-saothair a rinneadh gus sochairean sgoile is fòghluim fhaotainn do'n t-sluagh chumanta. Is e glé bheag 'nar measg a thàinig gu ìre nach urrainn leughadh. Ach gu dé tha sinn a' leughadh, no bheil sinn a' leughadh idir dad a chòrr air luideig de phaipear naidheachd? A thaobh litreachas uasal an t-saoghail mhóir tha móran 'nar measg ag ràdh " Ma thogair."

Tha againne, mar Ghàidheil, sochairean is dìleab a tha da-rìreabh prìseil, ach nach lìonmhor iad 'nar measg a tha ceart coma mu na nithean sin. Chan 'eil litreachas nan Gàidheal r'a choimeas ri litreachas nan Gall a thaobh meudachd, ach na th'ann dheth tha e luachmhor. Bha an dòigh fhéin aig na Gàidheil air a bhith beachdachadh air an t-saoghal. Chunnaic iad an dà chuid uaisle na beatha so agus mealltaireachd an t-saoghail. Chunnaic iad maise ann an nithean cumanta agus foghainteachd ann an nithean beaga. Dh'fhàg iad againne ann am bàrdachd 's ann an rosg, ann an seanfhacail agus am beul-aithris smior an gliocais. Agus is bochd a bhitheas sinn ma bheir sinn cluas bhodhar do'n ghliocas sin.

Is tric a chluinnear iomradh air cor na Gàidhealtachd, air mar a tha an sluagh againn fhéin a' sìordhol nas lugha an àireamh, agus air mar a tha àirean iomallach na dùthcha a' fulang anshocair is anacothroim le dìth ghoireasan, ach nach beag 'nar measg a tha da-rìreabh ag gabhail suim de na nithean sin, ''Ma thogair : nach sinn a tha coma''

sin. "Ma thogair; nach sin a na cholaidh," agus 's ann a dholaidh a théid gach nl, mas e spiorad coma agus dearmadach a nochdas sluagh d'an taobh. Cha d'rinn duine adhartas riamh, cha tugadh buaidh riamh ann an cath, cha do choisneadh clùi riamh, leis an t-sluagh-ghairm shuaraich so, "Ma thogair!"

Bitheamaid faireachail is furachail is dìchiollach is dèanadach. B'ann mar sin a bha smior nan daoine

o'n tàinig sinn.

## LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Thubhairt mi ruibh ann an litir a' mhìos a dh'fhalbh, 's mi a' buntainn ri Camp Comunn an h-Oigridh, gun d'fhuair sinn tairgse pàirce air oighreachd Fear Inbhir-ailleart gu camp a chur 'na uidheam oirre air a' bhliadhna so air a bheil sinn air inntreachadh, agus gu robh dithis againn do an deagh aithne ciod ar feum shuas ag gabhail beachd oirre bho gach ionad-amhaire a tha feumail.

The an teist a tha iad a' toirt dhuinn r'a thoirt fa chomhair na Comhairle an uair a choinnicheas sinn an Sruighlea gu goirid—seann sgeul mun ruig na briathran so sibhse, gun teagamh—agus bidh e air a chur an leth-taobh an sin co-dhiubh is ann no nach ann an Inbhir-ailleart a bhios an camp am bliadhna. Mar a thubhairt mi mar thà, tha sinn a' moladh do'n Chomhairle suidheachadh air e bhith an so an samhradh so tighinn, ciod air bith càite am bi e 'na dhéidh sin. Chan 'eil againn an ceartair ach a' chùis fhàgail mar sin. Creidibh, matà, cho luath 's a shuidhichear cùisean gum faigh sibh fios ciod a bhios anns an amhare.

A nis, bho nach 'eil an còrr r'a ràdh air a' cheann sin, is gus am bi fios cinnt againn, nach faod sinn an ceartair seanachas beag a bhith againn r'a chéile.

Bha, matà, sneachd trom againn anns a' bhaile so mu na làithean so anns a bheil mise a' sgrìobhadh; agus is cinnteach gur e sin an seòrsa side ris an dùth ar sùil a bhith aig an ám so, ám an Fhaoillich, an uair a bhios na claisean a' faotainn an trì làin fo sgiùrsadh gaillinn. B'e sin, tha mise cinnteach, an t-sìd a bha aoibh-se uile air an t-seachdain so.

Bhuail smuaintean is seann chuimhne a steach air m'inntinn-sa le teachd an t-sneachd. Thàinig aon latha gu m' chuimhne gu sònraichte, latha a bha an sud a sheachd bliadhna an anus so, is mi an cilean m'araich. Cha bu chuairt thoil-inntinneach a thug an taobh ud mi le leithid de shìd, ach chan e an t-aobhar a tha mi a' tighinn air an dràsd. An oidhche a ràinig mi shìl an sneachd gu trom; ach, air do'n latha comharraichte. Bha i a' reodhadh gu cruaidh agus na fearainn mun cuairt bho Uidhist is an Cuilthionn Sgitheanach mu thuath gu ruig na Clochan Diùrach mu dheas cho glan, lainnearach fo'n t-sìil, is iad uile geal bho am mullaichean gu iomall a' mhuir-làin

Bha Uidhist is Barraidh, na h-eileanan do'm buin móran dhibhse a leughas mo bhriathran an so, mar chnapan gruth, ctibhraidh gun smal, fada a mach anns a' Chuan an Iar-thuath mar gun biodh iad air filod air uachdar na tuinne! Chuala mise iad ag ràdh, is leugh mi e, nach laigh sneachd uair sam bith air Eilean Idhe; ach bha a dheagh chòmhdach sneachd air an latha ud, mar a bha air gach eilean eile, mór is beag, is a' mhór-thir, a bha taobh a stigh de chearcall-amharc mo shùla. Agus bha am fuachd cho dian 's gu robh an sàile féin a' reodhadh anns na geodhachan' Sin aon chuimhne a dhhùsg an sneachd a bha againn air an t-seachdain so dhòmhsa; ach dhùisg is dh'ùraich e ceud cuimhne eile dhomh.

Dhùisg e 'nam mheomhair, cuideachd, mar a bhitheadh agus a bhitheas ar bàird ag gabhail an t-sneachd a tha air ùr-fhroiseadh gu làr mar choimeas do àilleachd, do mhaise, do chùbhraidheachd, agus do ionracas. Bhiodh na bàird uile, bàird na Galldachd cho math ri ar bàird Ghàidhealach féin, 'gan coimeassan air am biodh an rùn ris an t-sneachd 'na ghìlead is 'na ùiread gun sal gun smal. Bha iad a' toirt a steach an t-sneachd 'nam bàrdachd air iomadh dòigh.

Nach 'eil cuimhne agaibh a' mhadainn a bha ann an uair a dh'fhàg an deagh Sgitheanach a thug dhuinn "Thoir mo Shoraidh do'n Taobh Tuath" eilean a rùin—"An t-Eilean," mar a their na Sgitheanaich féin ris, agus có againn a gheibh coire dhaibh a chionn gur ann mar sin a chuireas iad e? Bha an sneachd "'na thorran air an làr"; agus dh'innis an gille blàth-chridheach dhuinn gu "d'fhàg sud a mhàthair fo leòn." Nach drùidhteach na smuaintean a dhùisgeas a leithid so de bhriathrachas dhuinn!

Có agaibh, a nis, a dh'innseas dhomh càite am bàrdachd ar dùthcha am faighear na sreathan a leanas?

"Nuair thig an geamhradh is ám na dùmhlachd, Bidh sneachd a' dlùthadh ri cùl nan geug, Gu domhain, dùmhail dol thar na glùine, 'S ged 's math an triùbheair cha dean i feim Gun stocainn dhùbailt 's a' mhoguis chlùdach Bhios air a dùnadh gu dlùth le áill; 'Be, 'n fasan ur bhith' ag cosg le fùinntach

B'e 'm fasan ùr bhith 'ga cosg le fiùnntach, Mar chaidh a rùsgadh de'n bhrùid an dé!''

Chan 'eil mi a' dòi a ghealltainn leabhair do gach aon a bheir dhomh freagairt cheart, air eagal gum faigh mi fuasgladh na ceiste bho gach balach is caileig an Comunn na h-Oigridh; ach geallaidh mi gun cuirear an ainm-san bho am faighear freagairt chothromach, cheart slos anns an litir so cho luath 's a bhìos ni 'nar comas.

A nis, ged a tha an diugh fuachd an Fhaoillich 'gar teumadh, tha samhradh a' tighinn is cha dean e maille; agus bidh camp againn fathast, is e a bhitheas:—

"An uair a thig an samhradh, 'S am bàrr-buidhe air an fheanntaig, Théid na coin a dhannsadh Ri Seann-triubhas-thullaichean, Seann triubhas, seann triubhas, Seann-triubhas-thullaichean' Agus, an uair a sgrìobhas sibh a dh'innseadh dhomh mu'n bhàrdachd ud eile, có agaibh a bheir dhomh tuille de'n rannaghal so ?—Bhur Caraid Dìleas,

EACHANN MACDHUGHAILL.

## OISINN NA H-OIGRIDH. Na Boineidean Gorma.

O chionn fada an t-saoghail mhóir bha iasgair còir, tapaidh ag còmhnaidh air an Dòirnidh an Cinn t-saile MhicCoinnich.

Air feasgar briagha samhraidh chaidh e fhéin agus sgioba a' bhàta aige a dh'iasgach gu Caol-reithe. An uair a bha iad a mach mu Ard an t-sabhail bheothaich a' ghaoth gu h-uamhasach agus dhòirt an t-uisge 'na thuiltean. Dh'iomair iad dachaidh cho luath 's a b'urrainn daibh, ach ged chaidh aca gu fortanach air cala a ruigheachd bhuail an t-eathar air sgorra crèige le mór onfhadh na fairge, an uair a bha iad a' fiachainn ri faighinn air tir aig ceann cheidhe na Dòirnidh, agus bhriseadh a druim 'na dhà leth.

Air larna-mhàireach thog an t-iasgair air gu coillidh àraidh a bha astar maith air faibh a shìreadh bun craoibhe de an deanadh e druim ùr do'n bhàta. An uair a bha e astar àraidh o'n tigh thuit ceò dùmhail mun cuairt air, agus a chionn is nach robh e riamh roimhe air an t-slighe cheudna chaidh e air chall.

Cha robh air ach suidhe far an robh e. Bha an ceò a' dùmhlachadh, an t-uisge a' tromachadh, agus sgàilean na h-oidhche a' tuiteam a lion beag is beag

mun cuairt da.

Sheall e is dhearc e air solus deàrrsanta thall mu a choinneamh. Rinn e dìreach a'r agus an déidh iomadh sloc is càrn a chur seachad ràinig e mu dheireadh an tigh anns an robh an solus.

Chaidh e a steach.

Bha triùir bhoirionnach an sin 'nan suidhe timchioll air clach an teinntein. Dh'innis e dhaibh mar a thachair dha, ach ged dh'innis agus ged chunnaic iad fhéin gu robh e bog, fiuch, acrach, cha do dh'fhoighnich iad an robh fhù is bial air. An uair a thàinig ám a dhol a laighe thuirt iad ris gu feumadh e falbh; nach robh àite aca-san dha.

"Chan fhalbh mi nochd," ars esan. "Chaidh mi air chall cheana, is ma théid mi a mach an dràsda

chan 'eil fios ciod a thachras dhomh."

An uair a chunnaic na boiríonnaich nach robh maith sam bith dhaibh a bhith ris, sheall iad seòmar cadail dha, agus chaidh an duine bochd do'n leabaidh, fuar, aognaidh, acrach is mar a bha e. Ach cha b'ann gu fois fhaighinn.

An uair a shaoil iad gu robh e air tuiteam 'na chadal, chaidh té dhiubh suas far an robh e agus chuir i a cluas ris fiach an cluinneadh i srann aige.

Leig esan air gu robh e an rìoghachd na suaine o choinn fhada, agus shaoil leatha gu robh gach gnothach ceart. Chaidh i null gu ciste mhóir a bha an oisinn an t-seòmair, thug i mach aisde boineid bheag ghorm, is chuir i mu a ceann i. "Lunnainn! Lunnainn! Lunnainn!" ars ise, agus air ball chaidh i mar an dealanach a mach troimh na sgrathan a bha air mullach an tighe.

Air ball rinn an dara té an nì ceudna, agus air dhi-se "Lunnainn! Lunnainn! Lunnainn!" a ràdh bha i féin a mach cuideachd.

Rinn an treas té an aon nì, agus mun do thàrr an duine bochd e fhéin a bheannachadh bha ise mach cuideachd.

Bha an tigh aige nis dha fhéin, agus smaoinich e gun éireadh e agus gu faiceadh e ciod an seòrsa fàrdaich anns an robh e. Chuir e air a bhriogais an cabhaig agus chaidh e null a dh'ionnsaigh na ciste iongantaich a bha an oisinn an t-seòmair. Dh'fhosgail e i agus chunnaic e gu robh i lom-làn de na boineidean gorma sin a bha cho deiseil ann a bhith giùlan air falbh mathan an tighe anns an robh e. Dh'fhiach e té dhiubh 'na làimh agus chuir e mu a cheann i.

"Lunnainn! Lunnainn! Lunnainn!" ars esan, agus air ball sud a mach esan troimh na sgrathan cuideachd, agus an tiota fhuair e e fhéin am bùth dibhe an Lunnainn, agus air a bhialaibh bha an trùir bhoirionnach aig an robh e air aoigheachd mionaid no dhà roimhe sin agus iad air tuiteam seachad leis an daoraich

Bha gach seòrsa dibhc is gu leòir dhith mun cuairt da, agus o'n bha c fuar, fliuch, acrach, thòisich e air òl gus mu dheireadh an robh e fhéin 'na shìneadh

air an ùrlar marbh leis an daoraich.

Fad iomadh bliadhna roimhe sin bha fear an tighòsda ag ionndrainn móran dibhe a bha air a ghoid air, ach cha d'fhuair e mach riamh có a bha deanamh na meairle. Cha robh dòigh air na boirionnaich so a ghlacadh; bha na boineidean gorma ro dheiseil air son an giùlan gu h-obann o gach luchd-tòrachd fo'n ghréin. Ach aig a' cheart mhionaid ud dh'fhosgail fear an tigh-òsda an seònar-dibhe agus fhuair e an duine bochd 'na ghlag marbh air an ùrlar gun smid aige leis an daoraich. Cha robh sgial air na boirionnaich: is fhada o'n a thug na boincidean gorma gu h-uallach gu Cinn t-sàile iad.

Thuirt fear an tigh-òsda ris : "Tha thu air do dhearg ghlacadh a nis, a mhèairlich. Is iomadh stòp mór a dh'òl thu ormsa o'n thòisich thu ri tathaich an so an toiseach, ach cha bhi misc riaraichte nis gus an téid

lùbach de'n bhall mu do sgòrnan."

Chuireadh an duine bochd an làimh is thugadh gu cùirt e. Fhuaradh ciontach e agus thugadh binn bàis a mach air, agus mar sin air latha àraidh a dh'ainmich am breitheamh bha binn a chrochaidh gu bhith air a cur an cleachdadh.

Thàinig an latha. Bha an crochadair is a' chroich agus gach nì ullamh, agus bha iasgair Chinn t-sàile a'

feitheamh na mionaide.

Thuirt an crochadair ris gu faodadh e nì sam bith a thoilicheadh e a ràdh no a dheanamh fad chóig mìonaidean mun crochte e.

Chuir e a làmh 'na phòcaid agus thug e mach aisde ludean bog, fliuch, làn de àileadh an uisge-bheatha. Sheall e air, agus ciod a bha sin ach a' bhoincid ghorm a thug á Cinn t-sàilc e. "Am faod mi so a chur mu mo cheann?" ars an Tàileach.

"Faodaidh," ars an crochadair.

Chuir e a' bhoineid ghorm mu a cheann aon uair eile is thuirt e "Cinn t-sàile! Cinn t-sàile! Cinn t-sàile!" agus cha bu luaithe thuirt e sin na dh'fhalbh e fhéin agus a' chroich agus an crochadair dìreach gu Cinn t-sàile

An uair a fhuair e an crochadair os cionn na mara thug e breab dha; thuit e anns a' mhuir agus bhàthadh e.

Ràinig an t-iasgair a cheann-uidhe an tiota, agus a' chroich 'na chois, agus an latha no dhà rinn e druim ùr do'n bhàta leis a' chroich a bha dùil aige a chuireadh crìoch air a bheatha.

IAIN N. MACLEOID.

#### An Ath.

Bha dithis fhear a' tioradh gràin aig dà àth. Air do aon diubh dol a mach, ghabh an àth aige teine, agus ghlaodh e ris an fhear eile: "Bàth m'àth; bhàthainn-s' i nam bu t'àth-s' i !"

Fhreagair anı fear eile: "Mas i t'àth-s' i, bàth i;

bhàthainn-s' i nam bu m'àth-s' i!"

(Ma théid na briathran a chleachd na fir ri chéile a ràdh luath, bithidh e 'na thoimhseachan air móran ciod e thubhairt iad.) A. D.

#### Sioman.

Bha am bodach a' snìomh sìoman fraoich. Arsa caraid a thàinig a stigh: "A Charaid, nach e a bhiodh math latha na stoirm móire?"

Agus fhreagair am bodach: "Nach e a bhiodh math an latha roimhe!"

DOMHNALL.

#### FACAL SAN DOL SEACHAD.

PEAIRT IS DUN-DEAGH .- Ann am mìos na Dùbhlachd fhuair mi cothrom air cuairt a thoirt do Pheairt is do Dhundèagh a labhairt ri coinneamhan de Chomuinn Ghàidhealach nam bailtean sin. Anns an dà àite tha ar càirdean ag cumail na brataich ris a' chrann gu dealasach. Tha Gàidheil Pheairt a' strì ris gach ullachadh a dheanamh fa chomhair a' Mhòid mhóir, agus tha iad dìchiollach is dòchasach san obair. Bhiodh e 'na thaic 's 'na bhrosnachadh dhaibh nan deanadh meuran eile a' Chomuinn air feadh na dùthcha cuideachadh leotha ann a bhith trusadh an airgid a dh'fheumar fhaotainn air son cosgais a' Mhòid. Tha am Mòd Nàiseanta a nis air fàs cho mór 's gu bheil e glé throm air aon mheur an làn uallach a ghiùlan leotha fhéin, agus ged is saothrachail Gàidheil Pheairt chan 'eil iad mór an àireamh. Tha sia fichead bliadhna 's a h-ochd o'n chaidh Comunn Gàidhealach Dhun-dèagh a chur air bonn an toiseach, ach tha An Comunn cho beòthail 's cho làidir an diugh 's a bha e riamh. Is airidh ar caraid, Ruairidh Dòmhnallach, a mholadh gu sònraichte air son mar a tha e o chionn bhliadhnachan a' teagasg elas Ghàidhlig. San ám a thadhal mi aca, bha muinntir Pheairt ag cur mu dheidhinn clas Gàidhlig a chumail, le Ruairidh MacFhionghain mar fhear-teagaisg. Rinn Mgr. MacFhionghain deagh sheirbhis do'n Ghàidhlig cheana anns gach àite san robh a chòmhnaidh, agus is math do Ghàidheil Pheairt gur ann 'nam measg-san a tha e a nisc.

"ASDIC."—So an t-ainm a th'air an inneal iongantach a bh'aig na bàtaichean-cogaidh againne ri linn a' chogaidh ann a bhith lorg bataichean fo-mhuireach (no submarines) an namhaid. Tha dùil gun cuirear gu feum e ann a bhith lorg an sagadain. Tha iasgairean am bitheantas an eisimeil coltas no dath na mara agus Bathaireachd nan eun-mara gu bhith 'gan sebladh a dh'ionnasigh an sgadain, ach 'a dòcha gum bi "Asdic" moran nas cinntiche dhaibh. Rinneadh mion-rannsachadh m'un chiùi air an t-samhradh so chaidh, agus a nis thatar a' beachdachadh air an dòigh as freagarraiche air acfhuinn-asdaic a chur an tairgse nai iasgairean.

MORT NA H-APAINN.-Mar a tha fhios aig gach Gàidheal aig a bheil ùidh ann an eachdraidh a dhùthcha, thachair am mort so an 1752, agus mar thoradh air rinneadh (a réir beachd mhórain) mort eile, mort fo làimh an lagha. Chaidh Cailean Caimbeul Ghlinn-Iubhair ("An Sionnach Ruadh." mar a theirteadh ris) a mhort 's e dol troimh an choille air taobh deas aiseag Bhaile a' Chaolais, Chuireadh Seumas Stiùbhart ("Seumas a' Ghlinne ") an gréim air son a' ghnìomh. Sheas e cùirt an Ionar-aora, agus thugadh binn-bàis air, agus chaidh a chrochadh air a' chnoc faisg air an aiseag. Chithear air an dearbh àite anns an do chrochadh e càrn-cuimhneachain. Anns na bliadhnachan mu dheireadh dh'fhàs na craobhan glé dhùmhail mu'n chàrn, air chor 's gur ann air éigin a gheibheadh neach thuige. The sinn toilichte a chluinntinn gu bheil Comunn Chloinn Stiùbhairt ag cur mu dheidhinn na craobhan a ghearradh agus an t-àite a sgioblachadh. Is math a fhuaras iad. Tha sinn toilichte, cuideachd, gu bheil bruidheann ann mu chlach-chuimhneachain a chur air uaigh Chailein Chaimbeul. Tha e air a thiodhlacadh ann an seann chladh Aird-chatain, ach cha do ghabhadh móran cùraim riamh de'n uaigh aige.

CEIR A MOINE.-Tha iomadh rud a ghabhas deanamh de'n mhòine a bharrachd air coire no poit bhuntàta is sgadain a ghoil. Is iomadh stuth feumail a thàtar a' tarraing aisde, gu sònraichte thall an Eirinn. Tha e coltach gun gabh céir de sheòrsa sònraichte a thoirt aisde, seòrsa céir a tha glé fheumail air son iomadh aobhair. Ann an 1937 b'fheudar do'n dùthaich so seachd ceud tunna de'n t-seòrsa céir sin a cheannach o'n Ghearmailt aig prìs £65 an tunna. Nuair thòisich an cogadh b'éigin feuchainn ris a' chéir a lorg 'nar dùthaich fhéin, agus rinneadh móran rannsachaidh mu'n chùis an Sasann agus an Albainn. Ma shoirbhicheas leis an oidhirp so, 's dòcha gum bi so 'na nì eile a bheir cosnadh is duais do na Gàidheil 'nan tìr féin, oir chan 'eil a' Ghàidhealtachd idir gann de mhòine. Gu dearbh, is mi dheanadh gàirdeachas air a' cheart mhionaid nan robh fòd no dhà mòna agam, agus mi air a' chnap mu dheireadh de ghual a' mhìosa a chàradh air an teine!

GLIOCAS NAN GAIDHEAL.—"Tigh a thughadh gun a shìomaineachadh, saothair dhìomhain."

FIRNN AIR SON A' MHIOS SO.—"Gach neach a chluinneas na briathran so agamsa, agus an iiad, samhlaichear e ri duine glie a thog a thigh air a' charraig. Agus thùiring an Luisge, agus thàinig na tuilean, agus shô'd na gaous thàinig na tuilean, agus shò'd na gaous thainig na thuilean, agus sho'd na gaous thainig na bhunail suidhichte air a' charraig."—Mata vii. 24-25.

#### SECRETARY'S NOTES.

Oban.—The Oban Branch had an excellent concert on 20th December in the Parish Church Hall, when the President of the Branch, Mr. Angus MacLeod, was in the Chair. Mrs. Petrine Stewart, Angus Whyte, Alasdair Matheson, and Iain MacSween, ably supported by talented local artistes, submitted a programme of high merit which was thoroughly enjoyed by all present.

Gourock and Luss.—With the Christmas and New Year holidays over, Branches and Affiliated Societies are getting into their stride again. Two Highland Societies which have now become affiliated to An Comunn are Luss and District AN GAIDHEAL.

and Gourock. We wish them success in their efforts to maintain. Highland traditions and culture in their respective areas. In this respect, the Luss and District Society are not allowing the grass to grow under their feet, and by the time this appears in print they will have held a concert, with a programme of exceptional merit, on behalf of An Comunn Central Fund, on 15th January. A report will appear in our next issuc.

An Comunn Concert Party.—Through the kind invitation of Sir Iain Colquhoun of Luss, a concert will be given by An Comunn Concert Party in Arrochar on Friday, 14th February, when it is also hoped to form a new Branch. On Wednesday, 12th February, the Party will visit Strathyre, where they can be assured of a warm welcome from Mrs. Edgar and her friends who did so much last year to ensure the success of our visit. It is also hoped to visit Crianlarich on 13th February, with a view to reviving the Branch which has been in abevance since before the War.

Glasgow Central and Govan Branches .- The Joint Committee of Glasgow Central and Govan Branches are to be heartily congratulated on their fine gesture in handing over the sum of £100 to the Central Fund. This shows the earnest desire of the Branches concerned to further the work of An Comunn, and proves the old adage, "Where there's a will there's a way." This is an excellent example to all who profess a genuine love for our language and culture.

## COR NA GAIDHLIGE.

Le IAIN N. MACLEOID.

Tha móran ri sgrìobhadh anns A' Ghàidheal aig an ám so timehioll air cor bronach na Gàidhlige ann ar Gàidhealtachd, agus tha sin fhéin a' leigeadh ris dhuinn gu bheil có-dhiubh iarmad de ar Gàidheil ag gabhail gu cridhe gu bheil an t-ám againn a bhith bogadh nan gad an ceart da-rìreadh, ma tha sinn an dùil gun cùm sinn ar cànain beò mar chainnt làitheil 'nar measg fhéin.

Có aige a tha a' choirc, matà, a thaobh a' chrìonaidh làitheil so a tha tighinn air cànain ar sinnsre? Chan 'eil briag anns an fhìrinn, mar a thuirt am bodach eile, agus tha fios agus cinnt aig gach neach a bheir eadhon aon smaoin do'n chùis sin gu bheil a' choire gu léir aig na Gàidheil fhéin riamh o'n sguir jad de bhith ag ionnsachadh na Gàidhlige do an cloinn. Chan 'eil sluagh fo shileadh nan speur cho mì-threibhdhireach a thaobh an cànaine ri Gàidheil an là an diugh.

Gun teagamh, chuir Sasainn draoidheachd orra ré dhà chiad bliadhna a thaobh an cànaine is an dùthchais; ach nach d'rinneadh an droch dhìol ceudna air Eirinn, agus seall mar a chuir an t-ana-ceartas sin spiorad an canaine is an tìre chuige, agus do bhrìgh sin tha Gàidhlig na h-Eireann air a teagasg gu coimhlionta an diugh anns gach sgoil 'nan dùthaich, agus troimh fhòghlum na cànaine tha an òigridh a' tuigsinn gu bheil tìr is teanga aca fhéin, agus gur ann troimh na cladhain sin a chumas iad suas cliù àrsaidh an sinnsre.

Ach ciod mu ar Gàidheil an diugh? Chan 'eil dad ach nach 'eil tìr no teanga aca, agus tha iad ceart coma a thaobh na staid bhrònaich sin anns a bheil iad an ceartuair. Chan 'eil diù no tlachd aca de na daoine o an tàinig iad. Nam biodh. dheanadh iad oidhirp air an cànain is an dùthchas a theagasg do an cloinn.

#### CIOD MU'N CHOMUNN?

Gun teagamh, tha iarmad beag ann ar measg a tha fiachainn ri bratach an sinnsre a thogail ri crann; agus tha iad a deanamh dìchill a chum nach téid an cànain am mughaagus eagal orra gun tachair sin gu luath ma leanas an dìmeas a thatar a' deanamh oirre móran nas fhaide. Ach, a charaid, tha móran de'n t-seòrsa Ghàidheal sin-seadh, a' mhór-chuid diubh—a' togail an cloinne air Beurla chruaidh Shasainn. Tha iad dìreach mar a tha an còrr-caoin shuarach a thaobh an cànaine, agus cha labhair iad facal dhith aig an teallach ach an uair a bhios iad air son bruidhinn air rùn-dìomhair nach caomh leotha fhoillseachadh do an cloinn.

Agus ciod mu thimchioll buill A' Chomuinn Ghàidhealaich fhéin? Bheil iadsan uile a' teagasg na Gàidhlige do an sliochd -seadh, an iarmad diubh aig a bheil i? Is i ceist chudthromach.

a tha sin, agus, gu 'dearbh, 'na mo bheachd fhéin, chan 'eil fhios agam nach biodh e feumail a' chùis sin a rannsachadh. Ach, fheara, nan deante sin, bhiodh "ole mu ghlanadh a' mhionaich," mar thuirt an seanfhacal. Nam biodh riaghladh A' Chomuinn agamsa, chuirinn gach ball fo bhòidean gun ionnsaicheadh iad fhéin a' Ghàidhlig agus gun teagaisgeadh iad i do an cloinn, nam biodh sliochd aca. Ach nach mise a tha gòrach! Cha tig an totha an dìle latha a thachras sin. Ach tha aon nì cinnteach. Mur dean An Comunn barrachd iomairt air son na Gàidheil a bhrosnachadh a thaobh an dleasdanais do an cànain, cha bh' facal Gàidhlig aig an linn a tha ag éirigh suas air tir-mór ann am fichead bliadhna cile.

#### ANNS NA SGOILEAN.

Agus ciod mu dheidhinn teagasg na Gàidhlige anns na sgoilean? Chan 'eil i air a teagasg idir idir ach ann an iarmad glé bheag de na sgoilean. Agus, ma tha mise ceàrr anns a' bheachd sin, chan 'eil agad ach an cunntas a thug Eachann MacDhùghaill seachad anns A' Ghàidheal mu phaipearanceasnachaidh Comunn na h-Oigridh a leughadh air do shon fhéin, agus chì thu o na freagairtean sin cho fìor bhochd agus a tha eòlas na cloinne air litreachas an cànaine. Ach is beag dorrain a tha sin ag cur air na pàrantan. Ma bhios an clann ag ionnsachadh mablaich de Bheurla na Frainge a dhì-chuimhnicheas iad a cheart cho luath agus a dh'fhàgas iad an sgoil, saoilidh na bròin bhochda gu bheil an clann suas a' bhruthach agus gu bheil iad làn de fhòghlum nan uaislean, ged nach b'urrainn a' cheart chlann sin ainm an seanamhar innse an Gàidhlig. Mo thruaighe, mo thruaighe! nach e ar Gàidheil a chaidh a phutadh na cloiche!

#### DLEASANAS NAM PARANTAN.

Agus eadhon ged bhiodh a' Ghàidhlig air a teagasg anns gach sgoil anns a bheil clann aig a bheil i, agus gcd bhiodh Mòd mór aig A' Chomunn gach là diag de'n bhliadhna, le comhfharpaisich a' seinn Gàidhlig nam pioghaidean, bàsaichidh a' Ghàidhlig 'nar measg gun teagamh sam bith mur bi i air a teagasg aig glùn na mathar, agus mur cuir pàrantan spiorad uaille 'nan sliochd a thaobh an tìr agus an teanga. Ach ciamar a ni parantan sin an uair nach 'eil uaill sam bith 'nan cridhe fhéin a thaobh nan daoine o'n tàinig iad ? Chaidh am fòtus a tha sin cho domhain anns an smior-hailleach aca agus gur h-e miorbhuil mhór mhór a bhios ann ma thig iompachadh orra anns a' chùis sin.

An gabh nì sam bith a dheanamh, matà, air son an draoidheachd sin a thaobh an cànaine a thogail o spiorad ar Gàidheal? Ma gabhas, is e so a' cheart am air son fiachainn gu dìorrasach ri sin a dheanamh. Ciamar a theagaisgear dhaibli gur h-ann de shliochd àrsaidh na h-Albann a tha iad, agus gur h-i seann chànain na h-Albann am bann as dìomhaire a bha riamh ag ceangal ar sinnsirean ri chéile ann am fìor spiorad an dùthcha? Ciamar a dhearbhar dhaibh gu bheil iadsan a deanamh tàire air an dìleab sin as luachmhoire a dh'fhàgadh aca fhéin agus an sliochd, agus do bhrìgh sin gu bheil an sliochd an diugh gun dùthaich, gun chainnt, gun anam, agus iad air an àrach air gortadh spioradail a chuireas an eitig 'nan creubhaig air a' cheann thall?

"Oidhche Mhath Leibh and Laoidh na Rìoghachd brought to a close two of the best all-Gaelic concerts held in Stornoway for a long time."

Tarbert, Harris .- The week end was spent in Stornoway, and on Monday evening Mr. Norman Robertson, C.C., took the Chair at Tarbert and gave a stirring address on An Comunn and its work, stressing the need for financial assistance in order to place An Comunn on a sound financial footing. He then intimated that the Northern Organiser, Mr. MacPhail, would introduce the various pieces with explanatory notes. There was general regret when it was intimated that Angus Whyte was not present. Unfortunately he had to return to the Mainland from Stornoway suffering from Laryngitis. Sir Edward Scott School, however, filled the gap and did it very well too. The Headmaster was present with two Gaelic Choirs, three soloists, Donald with his Chanter, and a boy reciter. This boy, from Luskentyre and one of a family of eleven, fairly captivated the audience with his dramatic recital of "Buntata 's Sgadan." The Chairman said he hoped this boy would find it possible to compete at Perth Mod where he would be sure of a real welcome. A local piper put the copingstone on a very fine all-Gaelic Concert. Sincere thanks are due to Mr. and Mrs. Cameron, Tarbert Hotel (both life members of An Comunn), for the use of their piano and for their many kindnesses to the Party; also to Mr. D. MacDonald, Postmaster, who made all the arrangements for the Concert.

Leverburgh.—The following night found the Party at Leverburgh, or as the old people say An t-Ob, with the Hall packed to the door. The Northern Organiser presided by request. The Singers were at a disadvantage here as there was no piano available, but this difficulty was surmounted and they gave of their best. Local Artests included Miss C. Yorston (songe), and Mr. Angus MacDonald (pipes and accordian).

Sandwick.—The Party returned to Tarbert after the Concert, and the following morning across the sonw-covered Clisham to Sandwick, where the local Headmaster, Mr. Donald Matheson, presided over a fair attendance. This Concert, the last of the series, was very successful, and well-known local singers assisted with the Concert programme. Sincere thanks are due to Mr. Matheson who made all the arrangements, and to all the good ladies who supplied a sumptious repeat.

A Successful Tour,—Warm thanks are also due to Mr. D. MacMilan, Shadar, for many good deeds while the Party were in Lewis. Himself at one time a Comunn na h-Oigridh boy in Aird School, he has not forgotten his promise—"Bidh mise 'na mo dheagh Ghàidheal cho fad 's is beò mi." Is math a chim thu ris na bòidean a thug thu seachad, ged is iomadh ceann a chaidh an currac is iomadh mullach a chaidh am flach bhòr u uair sin, a bhalaich. Gach budidh is piseach ort!

From this tour the sum of £118 4z 7d has been sent to the Central Fund, but of greater value to the Cause is the new interest created through these all-Gaelic gatherings held in

Gaelic-speaking areas.

The Official Party.—A word about the official Party, Petrine Stewart has never been heard to better advantage in songs, grave and gay. Her rendering of "Fo Mhulad, with its old Perthshire air, was very fine and deeply appreciated by the people of the West. "Mo Bhalachan Bân" captivated the hearts of all, and women could be heard humming the tenter after the Concerts. In a MacLellan sang throughout with fine feeling, and her choice of Island songs was much appreciated. Angus Whyte had the misfortune to contract Laryngitis, but in the Puirt-a-beul with Alasdair he showed lovely rhythm and, despite the warnings of the Chairman, not a foot was still until the part was finished. Of Alasdair it can truly be

new Artistes.

said that he has captured the hearts of the Island people, and will be a welcome visitor at all times. An Comunn were well served by these singers. Long may they be spared to use their talents in the cause we all have so much at heart.

Comunn na H-Oigridh.—While in Lewis the Northern Organiser visited Aird and Bayble Schools and the following enrolments were made in Comunn na h-Oigridh—Aird: 29 Boys, 37 Girls; Bayble: 14 Boys, 13 Girls. The Organiser also visited Tong School and enrolled 9 Girls and 8 Boys

Onich.—A new Branch has been formed at Onich, with the Rev. John MacDonald as President and Mrs. MacDonald, Schoolhouse, as Hon. Secretary.

The Badenoch Strathspey Provincial Mod. had been arranged for early in April but, as the Music for the Junior Choirs was not available, the Mod Committee decided to postpone the dare until Friday. 6th June.

Lewis Mod.—For a time the prospects of holding a Mod in Lewis were faint, but from enquiries made by Mr. A. Urquhart, Provincial Mod Secretary, the Committee feel they can proceed with arrangements for at least a one-day Mod. It will probably be held late in June.

Lairg.—Since it was re-constituted, the Lairg Branch has been holding regular meetings and ceilidhs, and these are being well attended. The Branch propose holding a concert in March, and arrangements are also being made for the County Mod, to be held on 27th June.

Elgin .— The second ceilidh of the session was held in Elgin on Monday, 10th January, with Mr. D. C. Cowan, President, in the Chair. The Branch continues to claim the support of all lovers of our Music and Language in Figin and the surrounding districts. A special invitation is being extended to native speakers in the Army Training Unit to attend these Cellibbs.

## GUIMHNEACHAN DO EALASAID AGUS ANNA NICMHAOILEIN.

Is ann 'nan laighe an Cill Aindreis tha dithist bhan a dh'altrum mi, mnài chuir maise air a' bheatha-a', ged bu sean iad, le'n cuid gnìomh; Ealasaid maraon is Anna, bha iad farsaing caomh, neo-chrìon; thug iad saoghal mòr ri fialachd, is thug aon bhliadhna iad do'n chill.

Uaisle ghiùlain, cainnt bu chiùine, suaireas, sunnd, is cridhe mór, có a shaoileadh mnàthan aosda a bhith 'nan aobhar ionghnaidh leò ? Mar sin bha Ealeasdi is Anna, le sgairt a fhreagradh do'n aois òig ; bha seann fharsaingeachd nan Gàidheal a rist 'nan gnùths a' tighinn boò.

An seann saoghal còir bha nochdadh riamh tromhaibh anns gach ceum, feumaidh sinn a ràdh, mo thruaighe, gum 'b'aisling uair-eigin e.' Is maith a bhiodh sinn dheth, a dhithist, nam fàgadh sibh mar ghibh 'nur déidh 's nam faigheadh daoine an t-saoghail ghoirt so leth nan sochair bh'annabh fhéin.

Cha do chrom thu ceann no inntinn, Ealasaid, gu rud crìon nach b'fhìù; is Anna phàirteach ghaoil an t-sonais làml no dorus cha do dhùin. Chì mi thu fo fhiamh a' ghàire a' roinn air càch air ceann do bhùird; 's ma tha thu fhathast mu'n t-seann àite, is spiorad fàilteach coibineil thù.

DHORSA CADIBBUL HAY.

#### NEW BOOKS.

TRANSACTIONS OF THE GARLIC SOCIETY OF INVERNESS Vol. xxxvii.—In the seventy-five years of its existence the Gaelic Society of Inverness has rendered quite unique service to the cause of Gaelic, not least by the contribution made to Gaelic and Highland studies by its long series of published transactions. The 37th Volume has lately appeared and fully maintains the high standard of its predecessors. It contains fourteen papers of varied interest, but all of great value. Perhaps the most important is the first, "Some Rare Gaelic Words and Phrases," running to over fifty pages of text, collected by Mr. Duncan MacDonald, Lewis, in the Island of Bernera, Lewis. There are many words, phrases, and idioms still in use among those whose daily language is Gaelic, which have not yet been put on record and cannot be found in dictionaries or grammars. It is essential that every effort be made to record them, and Mr. MacDonald has produced a rich and valuable collection. Mr. George Bain writes on "Celtic Art: The Mathematical Basis of the Construction of the Art of the Pictish School," and Somhairle MacGilleathain deals with "Realism in Gaelic Poetry." There are several important contributions from the Rev. Dr. Archibald MacDonald, "father" of the Church of Scotland and still, in his 94th year, engaged in literary activity. The Volume contains a photograph of Dr. MacDonald and an account of his life and work. There is a paper by the late Rev. Dr. Neil Ross on "The Origins of Scottish Gaelic and its Culture," which seeks to prove a greater degree of independence between Scottish and Irish Gaelic than is generally admitted. It is a great pity that the Society cannot publish its volumes at more frequent intervals, and it cannot do that until it receives greater support, by way of increased membership and financial aid, than it has hitherto enjoyed. The present Volume brings the published Transactions down to 1936, but the many papers contributed in the past ten years are still unpublished.

ROCKAIL: ITS PAST AND FUTURE, by James A. Macintosh (Hugh MacDonald, Ltd., Oban, 2)-, is an interesting booklet about "the most isolated speek of Rock, surrounded by Water, on the Surface of the Earth." Rockal lile some 180 miles west of St. Kilda and has been identified with the mysterious island of Gaelic legend, "Rockabrarisht:"

"An uair thig Ròcabarraidh ris, Is dual gun téid an saoghal a sgrios."

A short article on "Roc Ail," by the late Editor, the Rev. Malcolm MacLeod, appeared in An Gaidheal, May, 1941. Mr. Macinosch has collected much information about Rockall, and suggests a use for it in connection with Trans-Atlantic air services. He also puts forward suggestions for "Mal rock runways, estuary bridges and docks" and for harnessing occan tides to generate electricity.

Westward Look, by Robert Herring (William MacLellan, Glasgow, 6/-), is a volume of poems by the Editor of *Life and Letters*. He describes himself as a "partly Scottish Welshman," and his poems are of high quality.

POSTEY—SCOTLAND, Third Collection, edited by Maurice Lindsay (William MacLellan, Clasgow, 6/4), will be welcomed by many who have read the two previous Collections in the series. It includes Gaelle poems by Somhaire MacGilleathain and Debrsa Caimbeul Hay. Postry—Scotland now hopes to appear bi-annually.

Also from the publishing house of William MacLellan come more new magazines. The Children's Magazine (2/8) contains matter of interest to children of all ages—stories, poems, articles about music, art, natural history and country life, things to make and do, etc. The Open-Air in Scoland (2/-) is a Review of open-air activities. Con Brio (edited by Maurice Lindsay) is a "modern magazine for musiclovers," and appears quarterly (1/-). All three are beautifully produced, and the last two are very well illustrated.

FROM CROPT TO FACTORY—The Evolution of an Industrial Community in the Highlands, by M. Gregor and R. Crichton (Nelson, 3'6), is a fascinating and very important book which no one who is concerned with the development of the Highlands can afford to miss. It is the record of a social survey

of Kinlochleven, which in the past forty years has grown from a few isolated cottages to be an important centre of hydroclectric industry. All the main aspects of the life of this community are dealt with—population structure, wages, housing, health, education, religious and social life. The concluding chapter deals usefully with the value of industry in the Highlands and with the many problems related thereto, upon which the story of Kinlochleven casts much light. There are excellent illustrations and a useful book-list for further study, although the book-list omits several important documents which might have been included. T. M. M.

#### LONDON GAELIC CLASS.

#### Teacher Wanted.

It is reported that the Beginners' Class in Scottish Gaelic held (under the auspiess of the London County Council) and the City Literary Institute, Berkeley Square, W.C.2., on Mondays from 7 to 9 p.m., is held up for want of a teacher. Will anyone who can undertake this bit of service please come forward and help? The two persons who previously, successively and successfully, taught the class—Miss Murray and Mr. MacIver—are not now able to attend.

#### TEANN A NALL 'S THOIR DHOMH DO LAMH. \*

Gleus—B flat.		Le Gilleasbuig Domnullach.		
Séist.			Am Fonn lo	I.R.B.
{ :   s : - : 1   Teann a	d : - : m   nall 's thoir	m : - : r   dhomh do	d : -	: - }
$\left\{ \begin{array}{cccccccccccccccccccccccccccccccccccc$	m:-s  nall 's thoir		i : -	: - }
{   m : - : s   Teann a	m : - : r   nall 's thoir	$\begin{array}{cccccccccccccccccccccccccccccccccccc$		$: \begin{array}{c} s_1 \\ Is \end{array} \bigg\}$
bheir mi	r ; - : m   sgriòb do		d : - leat.	:
Rann.				
$\{: s_1 \mid s_1 : - : 1\}$	d : - : m	r r	d · -	}
Tha'm feasg - ar				-
and manage of	010111	DIGIT GOVE	Ollectiy	
{   m : - : m   ghrian san	s : - : s	1 : s : m mheall de'n		: s }
{   d : - : r	m : - : r			
$\left\{ \begin{array}{cccc} & & & & \\ & & 1_{\scriptscriptstyle \parallel} & : & - & : & d \\ & & & \text{mh\"{o}r} & & \text{mo} \end{array} \right.$	r : - : m	,	d : -	

- \* Prescribed song for Competition 72 (Uist and Barra) Perth Mod, 1947.
- Tha sìth air aghaidh beinn is raon,
   Tha fàileadh cùbhraidh thar an fhraoich,
   'S tha neòinean bhòidheach fàs gach taobh,
   'S bu mhór mo mhiann bhi'n Uidhist leat.
- Na h-eòin a' seinn air bhàrr nan geug,
   'S an seillean tionail mìl dha fhéin,
   Na h-uain a' mireag-ruith 's a' leum,
   'S bu mhór mo mhiann bhi'n Uidhist leat.
- 4. Tha 'n iarmailt gorm gun lorg air neul,
  An sruthan torghan nuas bho'n t-sliabh,
  A' chuthag ghlas 's gug-gùg 'na beul,
  'S bu mho'r mo mhiann bhi'n Uidhist leat.

- 5. Tha 'n crodh ag geumnaich anns a' chrò, A' bhanarach 's a cuach 'na dòrn, A' seinn a duan 's i bleoghann bhó. 'S bu mhór mo mhiann bhi'n Uidhist leat.
- 6. Nu mhór mo mhiann bhi 'n sud san ám, Is m'inntinn fad bho thir nan Gall, Ag éisdeachd sgeulachd, òran 's rann, 'S bu mhór mo mhiann bhi'n Uidhist leat.
- 7. Tha pòr na machrach làn de bhiadh, Tha breac air linne 's lach air sgiath, Tha iasg am pailteas sa' chuan-shiar, 'S bu mhòr mo mhiann bhi'n Uidhist leat.
- Is dìomhain dhuinne bhi cho faoin
   A' siubhal saoghail ruith gach maoin,
   Tha beatha 's slàint' an tir mo ghaoil,
   'S gun téid mì thàmh do dh'Uidhist leat.

#### BAS CHAIRDEAN.

We regret to report the deaths of three members of An Comunn, and we would express our deep sympathy with

the bereaved families Mrs. Ian Grant, wife of the late Dr. Ian Grant, Glasgow, was an active and valued member of the War Comforts Work

Party. Bha Mgr. Gilleasbuig Caimbeul, Ard Driseig, 'na bhall de'n Chomunn fad ùine mhóir, agus b'e a thlachd a bhith ag còmhnadh leotha-san a bhiodh 'gan ullachadh fhéin air son

comh-fharpaisean seinn an Gàidhlig

Fhuair Mgr. Alasdair Dòmhnallach, Dearbhaig am Muile, aois mhór. Bha e 'na bhall de'n Chomunn fad mhóran bhliadhnachan agus mar an ceudna 'na Cheann-suidhe air meur a' Chomuinn an Dearabhaig. Is math a sheinneadh e fhéin nan oran Ghàidhlig agus 's e deagh sgeulaiche a bh'ann. B'esan bràthair an Ollaimh Urramaich Gilleasbuig Dòmhnallach, a tha fhathast 'na fhìor sheann aois ag cumail a phinn air ghleus agus ag cur 's a' sìor-chur ri litreachas na Gàidhlige.

## NEWS FROM BRITTANY.

"Taldir" (Dr. Jaffrennou), the President of the College of Bards of Brittany, was, along with over a hundred thousand other Bretons, imprisoned by the French Government; onethird of his estate was confiscated, and on his release from prison he was to be perpetually banished from France. News has come that on Christmas Eve he received a pardon from the President of France, and was released, and is now home again. It is hoped that the other imprisoned Bretons will receive equal justice. \_\_\_\_

#### IN BRIEF.

The attention of parents in Glasgow is drawn to the scheme for introducing Gaelic as an optional language in the secondary course at Bellahouston and Woodside Secondary Schools. Those who intend to take advantage of the scheme should intimate their intention at an early date. \*

"Highlanders do not have much sense of humour. They have to come south for a generation or so to develop it." So said the Very Rev. Dr. James Black in an after-lunch address to Edinburgh City Business Club (according to The Weekly Scotsman). Seadh dìreach: cha dubhairt Dia na thubhairt thusa, a charaid.

Incidentally, Mr. Harold Nicolson has just published a book (price, £2 2/-) about The English Sense of Humour, from which it appears that the English sense of humour is "distinguished in particular by three qualities: childishness, self-protection, and economy of mental effort." This last quality means (I quote from a review in The New Statesman and Nation) that, since we (the English) are by nature mentally indolent, we prefer to laugh at matters which we will not take the trouble to understand." Dr. Black, please note!

The Dunedin Society's Sub-Committee on Celtic Art is arranging an Exhibition to be held in Glasgow in April, and later in Edinburgh. An appeal is made for articles of every description, but with a Celtic décor, which may be exhibited. Those interested should communicate with Mr. J. H. Miller, Chairman of the Committee, 240 Hope Street, Glasgow, C.2.

The Tourist Association of Scotland (sponsored by, and affiliated to, the Scottish Tourist Board) has issued an appeal to individuals and societies to become members. The aim is to give world-wide publicity to the natural beautics and attractions of Scotland; to disseminate knowledge of Scottish history, culture, and aspirations; to encourage the peoples of other countries to visit Scotland; and to provide a contact between all people of Scotland birth or descent. For further information apply to the Secretary, 20 York Place, Edinburgh, I. T. M. M.

#### EADAR SINN FHEIN.

BEUL-AITHRIS NAN GAIDHEAL.

A Charaid,-Tha mi an dòchas gun gabh sibh mo leisgeul ma thogas mi dhà no trì fhacail a chunnaic mi ann an Gaidheal an Fhaoiltich so chaidh. So iad

" . . . gu bheil Calum MacGilleathain á Ratharsaidh o chionn greise am Barraidh ag cruinneachadh sheanchasan air son Comunn Bealoideas na h-Eireann . . .

"Nach saoil sibh fhéin a nis gur e bochdainn mhór a tha ann gun caill ar n-eileana gach seanchas is òran a tha sin,

agus gun cuirear air mhaireann iad thall an Eirinn . "Ma chailleas sinn ar seann òrain is ar seanchasan, ciod

a thachras do ar cànain anns an ath linn? ' Nach saoil sibh gu faodadh taobh eile bhith air a' chùis ?

Chan 'eil call, agus cha mhotha a tha mi faicinn gu bheil cron. anns an obair. 'S fhada ghabh e bhoidhe.

'S e th'ann a bhith sgrìobhadh, ag clò-bhualadh, agus ag craobh-sgaoileadh na Gàidhlig buannachd. Bheir an obair so gu follais am màireach air son sòlas na mórain na tha an diugh air a mhealtainn leis a' bheagan a mhàin.

Cha mhisde na h-Eileana Siar cuairt Chaluim. 'S ann orra bhios an uaill gun do thadhal fear 'gan aithne air son tasgadh gu tèarainte na bha an imis dol thar cuimhne. Tha seanachas is amhrain ar anail an t-sluaigh. Cha ghiorraichear anail le bhith sgrìobhadh na tha air chuimhne. 'S ann a ni iad gàrdachas-iadsan uile a ghléidh gu mùirneach na fhuair iadri bhith faicinn na bha iad an amharus dol a dhìth air a thogail

le meas agus le cùram.

Mas e cùis-fharmaid a tha ann gur c Eireannaich a tha gluasad sa' chùis, tha e iomchuidh dhuinn uile a thoirt fainear nach 'eil de'n chinne-daonna gu léir ach fuigheall bheag aig a bheil dùirt Gàidhlig, agus cha bu mhór an treubhantas do'n bhuidhinn bhig sgaipte so a bhith air an aon fhacal. Tha sgaraidhean agus cadar-dhealachaidhean do-àireamh cheana ann an lùib nan Gàidheal. Bheil e do-dheanta dhuinn mar chinneach ar cànain, na tha maireann di, a bhuileachadh slàn 'na h-aon ?

Ma tha e an dàn gum bị a' Ghàidhlig 'na dà bhloigh—leth an Eirinn 's leth an Albainn-am feum iad a bhith an iolagain a chéile mar dhà chat fhiadhaich? Neach aig a bheil spéis do'n Ghàidhlig, nach bu mhór gum b'fheàrr dha na tha de dhealachadh eadar Gàidhlig na h-Eireann agus Gàidhlig na h-Albann a lorg a mach agus feum a dheanamh de gach taobh ? Tha beartas ùrail beathachaidh anns a' chlaonadh a rinn an dà ghéig bho chéile.

Tha litreachas Gàidhlig gach géig glaist air a' ghéig eile. Chan 'eil comh-chomaidh ann ach sa' Bheurla. Tre cadarmheadhonaireachd na Beurla tha dreach agus blas na Gàidhlig air an rioladh air falbh. So far a bheil a' bhochdainn agus an

Nam biodh aon litreachas cadarainn, bhithcadh nì-eigin de choltas oirnn, ach fhad 's a bhios sinn mar a tha sinn, a' ruith bho chéile, tuitidh an dàrna fear an clais an sud agus am fear eile an clais an so, agus bithidh ar deireadh riàsach. Tha na mìltean furachail gu sgòid fhaighinn oirnn,

Tha Eireannach inbheach cliùiteach againne an Dùnéideann, air ùr-shuidheachadh air cathair àrd, dhligheach. Tha mi an dòchas gun dean e feum. B'e mo ghuidhe e coiste de shàr-fhòghlumaichean na h-Eireann agus na h-Albann a chur air chois gu còrdadh air an dòigh bu fhreagarraiche air dà ghéig na cànain a sgrìobhadh air aon mhodh, air chor 's gum bitheadh litreachas na Gàidhlig, bho'n Bhuta Leòdhasach gu ruig iomall Chairraighe an Eirinn, fosgailte do gach Gàidhealann an Eirinn, ann an Albainn, agus an tìribh céin. B'e sin an latha le leabhraichean agus paipearan-naidheachd Gàidhlig!

Tha dà nì àraidh a tha 'nan dragh. 'S e a' chiad nì : comharradh na h-anala. Ann an sgrìobhadh na h-Eireann tha ball os cionn na litir. Ann an sgrìobhadh na h-Albann tha "h" an dèidh na litir. Có aca as sgiobalta? Có as cireachd-ail? Có as freagarraiche do'n chlò-bhualada'r? An deanar innleachd air comharradh ùr a bhios taitneach leis a' mhórchuid?

An dara nì a tha 'na phlàigh 's na cheap-tuislidh, an lagh "leathann ri leathann is caol ri caol." Có a rinn an lagh? A bheil an iagh gun chearb? An seas an lagh so ri geur rannsachadh eolas fuaimnidheachd an latha an diugh? An e lagh gun bhrìgh a tha an so? Masa h-e, nach truagh a bhith 'ga leantainn 's ag cur choigreach iomrall. Chuir fòghlumaichean foghainteach teagamh anns an lagh so bho chin fhada. N. T. M.

For the benefit of learners and others, for whom some words may be unfamiliar, the writer adds a brief list of Irishisms and Lewisisms:

'S fhada ghabh e bhoidhe (bhuaithe)-far (went it) from it (Lewis). amhran-song (Lewis and Irish). gàrdachas—rejoicing (Lewis form of "gàirdeachas.").

dùirt-the least word (Lewis). iolagain-"sud na seòid an iolagain a chéile," "the heroes set about each other "(Lewis).

rioladh-sifted (Lewis).

riàsach—streaked, smudged, dirty; figuratively, wretched, untidy, undignified (Lewis). coiste—committee (Irish). Cairraighe-County Kerry.

comharradh na h-anala-mark of aspiration (Irish). eòlas fuaimnidheachd-science of phonetics (Irish). bho chin fhada (bho chionn fhada)-long ago (Lewis).

#### AN COMUNN CENTRAL FUND.

To enable An Comunn to meet its current obligations, and place it in a position to launch a propaganda campaign now that the war is over, and thus regain the ground lost now that the war is over, and thus regard the ground lost during the years of its enforced inactivity, donations, large or small, will be gladly received by the Treasurer, Mr. James T. Graham, C.A., 5 St. Vincent Place, Glasgow, C.1. Remittances should be made payable to "An Comunn Gaidhealach."

Previously acknowledged ... £242 4 2 Mr. and Mrs. R. C. Macdonald, Ardgour - 10 -Donald Ross, Esq., Edinburgh .. .. - 10 -2 2 -Miss W. Millar Weir, Alexandria Proceeds of Concert at Luss, per Luss

and District Highland Society £1 Donation from Miss Millar Weir, £11 Alexandria .. ..

12 1 ---Proceeds of series of seven Concerts held at Portree, Broadford, Stornoway (2), Tarbert 118 4 7 (Harris), Leverburgh, and Sandwick . .

10 10 -Avr Branch ... A. M. MacLachlainn, Esq., Tobermory ... - 17 3

£386 19 --

#### WAR MEMORIAL AND THANKSGIVING FUND. £925 15 --Previously acknowledged ...

Miss B. MacFarlane, Fort Augustus - 5 --2 2 -Miss W. Millar Weir, Alexandria ... Proceeds of Whist Drive held on €2 7 1 28/1/47 ... Denations : Mrs. M. MacRae, Glasgow . . 5 -

Mrs. W. MacLean, Bearsden - 5 -2 17 1 Net Proceeds of Xmas Gift Sale held on 30/11/46 150 13 5 3 3 ---

£1,084 15 6

#### FOR SALE.

A complete Set of the Transactions of the Gablio SOCIETY OF INVERNESS (Volumes I .- XXXVII), containing numerous scholarly Papers on Highland Lore, Social Customs of the Gael, Songs and Stories, and many phases of Highland Life throughout the centuries, not accessible elsewhere.

Replies to: Box 20, c/o An Comunn Gaidhealach, 131 West Regent Street, Glasgow, C.2.

## THE SCOTTISH CENTRE

158 HOPE STREET, GLASGOW, C.2.

Scottish Pageant, by Agnes Mure Mackenzie Scotland-Picturesque and Traditional, by George Evre Todd .. .. 8/6 Gaelic Without Groans, by Rev. John MacKechnie 2/6 Gaelic in Scottish Education and Life, by J. L. Campbell of Canna .. 3/6 Dàin do Eimhir agus Dàin Eile, by Somhairle MacGilleathain ... 10/6 Scotland Arise! by Duncan Ferguson (should be read by every Scot) .. 3/6 Poetical Works of Robert Burns-Collins Edition .. .. 4/6 Penguin Poets Edition 1/-Scotland-A Wealthy Country, by Dr. A Lamont (a Scientist's survey of Scottish resources) 1/-Highland Journey, by Colin MacDonald 6/-Ghaidhlig a' Gairm (16 popular songs in Gaelic and English) Gaelic and English) .. .. .. Allan's Collection of Reels and Strathspevs (for Piano) 3/-Current Works of Fiction and General Literature

STATIONERY OF EVERY DESCRIPTION

Postage is additional to above Prices. Cash with Order or C.O.D.

## MACLAREN'S PUBLICATIONS

Please send for our Book Catalogue

Cnoc an Fhradhairc. Poems by Angus Robertson Dweily's New Hiustrated Gaelic Dictionary -Orain nam Beann. 26 Gaelic Songs with music -McCheyne's Sermons in Scota Gaelic 5/-McKay, The Uist Bard
Smeorach nan Cnoc 'a nan Gleann. Malcolm
Gillies and others 3/6 68 Smeersch han Choe 'a nan Gleann, Malcolm Gillieland of Chary Macpheran, Badmood, 300 General Macpheran, Badmood, 300 MacPhillieland of Chary Macpheran, Badmood, 300 MacPhillieland of Chary MacPhillieland (1998) MacPhilli 1 d 2d 7d 7d 7d 7d 7d 7d 7d 7d 7d

All An Comunn's publications as advertised are in stock, Gaelic Bibles and Testaments at all prices.

ALEX. MACLAREN & SONS GAELIC BOOKSELLERS

268 Argyle Street, GLASGOW, C.2

AN COMUNN GAIDHEALACH

BDITOR—Rev. T. M. MURCHISON, M.A., 14 Kinvass Asenus, Glasgon, S.W.2. (Telephone: HALfingy, 284s),
to whom all literary communications should be addressed. Business and other communications should be addressed. Business and other communications should be and the communications should be and the company of the co

Leabhar XLII.] An Giblein, 1947.

[Earrann 7

#### GAIDHLIG A' BHIOBUILL.

Bha, agus tha, buaidh iongantach aig a' Bhiobull, chan ann a mhàin air cor spioradail a' chinne-daona, ach mar an ceudna air an cor saoghalta agus gu sònraichte air litreachas agus cànain iomadh dùthcha.

Is mór a' bhuaidh a bh'aig a' Bhiobull Bheurla air litreachas Shasainn, agus is mór an call do dh'Albainn nach deachaidh am Biobull a chur anns a' chainnt Albannaich. Thàtar ag ràdh gur e buaidh a' Bhiobuill anns a' Bheurla Shasannaich a lagaich an t-seann chainnt Albannach, agus, nan robh am Biobull aig sluagh na h-Albann anns a' Bheurla Albannaich, gum biodh a' chainnt Albannach air a h-àite fhéin a ghléidheadh san dùthaich againn.

Thiomndaidh Màirtinn Luther am Biobull gu cainnt a dhùthcha fhéin, agus b'e sin tobar-tòiseachaidh litreachas na Gearmailte. Tha mòran sheòrsachan sluaigh air feadh an t-saoghail, agus cha robh dad riamh sgrìobhte aca, cha robh eadhon aibidil aca, gus an deach an Leabhar Naomh a chur an clò anns a' chànain aca.

Bha, agus tha, buaidh aig a' Bhiobull Ghàidhlig cuideachd air cànain agus litreachas nan Gàidheal. Tha feadhainn ann a bheireadh a chreidsinn ort gur ann gu tur a chum sgrìos na Gàidhlige a bha an Eaglais Ath-leasaichte an Albainn ag oibreachadh. Chan 'eil anns a' bheachd sin ach an dearg aineolas. Ma ghearras tu a mach á litreachas sgrìobhte na Gàidhlige na thàinig bho làmhan na feadhna a bhuineadh do'n Chreideamh Ath-leasaichte, cha mhór a bhitheas air fhàgail agad.

Ged nach biodh ann ach gun tug an Eaglais Athleasaichte am Biobull Gàidhlig do na Gàidheil, bu mhór an t-sochair sin fhéin. Ach tha barrachd na sin ri ràdh. Is airidh air gach moladh an fheadhainn, agus bu lìommhor iad, agus is lìonmhor fhathast iad, a tha a' leughadh a' Bhiobuill Ghàidhlig agus a tha ag aoradh an uaigneas agus gu Gluiseach anns a' Ghàidhlig. Rinn sin, saoilidh mi, barrachd maith na nì sam bith eile ann a bhith cumail beò na Gàidhlige.

Bha an t-Ollamh Iain Friseal nach maireann, àrdollamh na Ceiltig an Oil-thigh Oxford, de'n bheachd gur h-e a th'againn anns a' Bhiobull Ghàidhlig cainnt nach do labhair beul duine riamh. Le so bha e ag ciallachadh nach e cainnt làitheil an t-aluagh chumanta a gheibhear anns a' Bhiobull Ghàidhlig. Agus is flor sin; ach tha e flor cuideachd mu bharrachd is am Biobull Gàidhlig.

Chan e caimit chumanta an t-sluaigh a gheibhear anns a' Bhiobull Bheurla; ach có tha dol a dhearmad a' Bhiobuill Bheurla air an aobhar sin? Is e caimit usail a gheibhear anns a' Bhiobull agus ann an leabhraichean móra eile, agus is eadar-dhealaichte a' chaimit sin bho chaimit bhriste an t-sluaigh agus bho chaimit a' phaipeir-naidheachd. Ach an neach aig a bheil eòlas air a' Bhiobull agus air na leabhraichean móra bidh uaisleachd air a chaimit nach biodh aige air dhòith eile.

Tha Gàidhlig an là an diugh air fàs gu math cearbach agus móran de na seann ghnàthasan-cainnte air dol á cleachdadh. Bhiodh a' Ghàidhlig a tha daoine a' labhairt an diugh móran nas cearbaiche agus nas briste na ta i mura b'e gu bheil Gàidhlig a' Bhiobuill ag cumail fa chomhair dhaoine cainnt nas uaisle agus nas coimhlionta na tha iad ag cleachdadh gu làitheil.

Tha e fior gur h-ann air bonn Eireannach a' rinneadh am Biobull Gàidhlig an toiseach, oir bha mór-bhuaidh aig Biobull Eireannach Bhedell agus O'Dhomhnaill orra-san a chuir a mach am Biobull an Gàidhlig air ths. Mar sin tha móran de ghnàthasan-cainnte agus de fhacail Eireannach anns a' Bhiobull Ghàidhlig againn. Ach is iomadh ceartachadh a rinneadh air a' Bhiobull Ghàidhlig o thàinig e mach air tùs, agus is iomadh sgoilear math Gàidhlig aig an robh làmh anns an obair, agus anns na clè-bhualaidhean mu dheireadh

de'n Bhiobull chan 'eil fàileadh na h-Èireann idir cho làidir. Ach, fhathast, carson a chuireamaid cùl ri nì air a bheil blas Eireannach ? Mas fìor na sgoilearan móra, nach ann á Eirinn a thàinig a' Ghàidhlig fhéin an toiseach ? Agus, mar a sgrìobh neach-eigin an Gàidheal a' mhìos so chaidh, nach 'eil e móran nas tarbhaiche gum biodh an dà mheur—a' Ghàidhlig Eireannach agus a' Ghàidhlig Albannach—ag cuideachadh a chéile, a' tarraing bho chéile, agus a' neartachadh a chéile ?

82

Ma tha leabhraichean Gàidhlig tearc, tha lethbhreac de'n Bhiobull Ghàidhlig furasda fhaotainn agus saor r'a cheannach. An neach a bhios a' sìorleughadh a' Bhiobuill Ghàidhlig tha an dà chuid biadh d'a anam 's d'a inntinn aige agus Gàidhlig uasal daonnan fa chomhair a shùla. Gu sònraichte dhaibh-san a tha ag ionnsachadh na cànaine, chan 'eil dòigh as fheàrr air adhartas a dheanamh na bhith a' leughadh a' Bhiobull an Gàidhlig agus am Beurla agus ag coimeas an dà eadar-theangachadh ri chéile.

Coma dé a' chanain a tha thu ag ionnsachadh, ma théid agad air a' Bhiobull a leughadh anns a' chànain sin, leughaidh tu rud sam bith.

# LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Chuala sibh a nis, is fhuair sibh ùine gu breithneachadh air agus air a ghabhail gu cridhe, gu bheil an camp samhraidh ri bhith againn am bliadhna a rithist gun teagamh, seadh, ma bha aon sam bith fo iomagain nach bitheadh. Tha e ri bhith an tir nan sonn, an Inbhir-ailleart nan Garbh-chrioch, dùthaich a bha cho ainmeil 'nar n-eachdraidh anns gach linn.

Na Garbh-chrìochan! Nach cuir eadhon an dùthaich sin ainmeachadh buille nas braise an cuisle a' Ghàidheil: Mac Mhic Allein, Iain Mùideartach, is "a' tighinn fodhainn uile éirigh" leis nam biodh e maireann gu dol air ar ceann!

So a rithist an ceàrn-dùthcha anns an deach e féin, Teàrlach Og Stiùbhart, air tha ir a' Mhòr-thir an uair a thàinig e a nall thar sàile gus an oidhirp threun ud a dheanamh gu crùn athraichean athcheanach no a dhol a dhìth! Is e dol a dhìth a bha ann dha; agus nach b'fheàrr nan do thuit e air raon dòbhaidh a' chatha, far an do thuit uiread de a threunfhir an latha fuar, frasach ud, oir is e dìth a bha ann dha co-dhiubh.

Tha ar cuimhne air Teàrlach Og Stiùbhart fathast glé bhlàth, oir chan 'eil eòlas againne an Albainn air ach am maise is an eireachdas na h-òige; agus bhiodh sin na bu bhlàithe uile nam b'ann a mhàin mar ghaisgeach a thuit air raon a' chatha a bhiodh ar cuimhne air, is na bliadhnachan claoidhte a chuir e seachad fo bhrat na h-ionndrainn air an dubhadh a mach á eachdraidh.

A rithist, chan 'eil Gleann Fionnan, far an do thogadh ri crann a' bhratach rìoghail an latha mór a bha an sud, fada air falbh, agus is mise a tha cinnteach nach bi balach no caileag anns a' champ nach ruig am bad ud, far an do thogadh 'na dhéidh sud Carragh-cuimhne nam Fineachan leis a' Ghàidheal shuaire a mhuinntir na dùthcha ud is a chose ris as a nbòca fialaidh féin.

Is beò mo chuimhne air an latha ud a chunna no shùil féin an carragh is an gleann ud an toiseach. Bha ise, mo ghràdh, leam; agus a' breithneachadh air gach sealladh mun cuairt is air an eachdraidh a tha co-cheangailte riu, shuidh sinn air an lianaig làimh ris a' charragh, is dh'ith sinn grèim beag. Ach tha mi brath dol ro fhada a thaobh, is feumaidh mi srian a chur ri mo mhac-meanma.

Co-dhiubh, sud far a bheil camp na bliadhna so ri bhith; agus tha ar taing aig Fear na h-Inbhire a chuir a chuid fuinn 'nar tairgse gu ar camp a thogail air am bliadhna co-dhiubh. Bidh camp na h-athbhliadhna a rithist a réir ciod am bealach a dh'fhosglas Freasdal dhuinn; agus fosglaidh Freasdal bealach dhuinn gun teagamh, ma tha sinn féin deas gu ar lamh a chur ris an iomairt.

A nis, feumaidh mi tionndadh taobh eile. Chunna sibh uile, is gu sònraichte a' chuid agaibh nach fhaca gu sin iad, is ghabhadh sibh beachd orra, seadh, paipearan-ceasnachaidh na bliadhna a dh'fhalbh. Agus sibhse nach do gahbh cuid anns a' cheasnachadh an uiridh, tuigidh sibh ciod a tha air a chur fo 'ur comhair is air a thagar bhuaibh anns na paipearan so, is nach 'eil iad idir cho duilich 's, theagamh, a shaoil sibh. Tha sinn an dòchas gun teum am faicinn mar so anns A' Ghàidheal sibhse nach tug aghaidh dhaibh fathast gu dhol an gréim gun dàil a chum is gum bi na bràisdean ud agaibh féin is gum bi sibh air bhur n-ainmeachadh mar Làn-is mar Shàr-Ghàidheil. Tha cuid a chuir air an tòir mar thà, is bu mhath leam innseadh dhaibh-san an so, is do Mhóraig NicLachlainn gu sònraichte, is i cho dealasach, gun ruig na paipearan iad an ùine gun a bhith fada. Tha mi ag creidsinn gu robh paipear nan Sàr-Ghàidheal pailt fada an uiridh, agus, mar sin, dheilbh sinn e beagan na bu ghiorra am bliadhna.

A mis, thàinig an t-eadar-dhealachadh a tha ann an dol "air chall" is dol "air seachran" a steach ann an litr àireamh an Fhaoillich, agus thairg mì leabhar beag air chor-eigin a thoirt do'n bhalach no do'n chaileig a chuireadh chugam am mìneachadh a b'fhearr air an eadar-dhealachadh a tha anns na facail so. Tha mir od huilich, is tha e ag cur iongantais orm, nach do ràinig ach aon oidhirp mì. Tha i sin féin glé mhath, ged thà, agus so agaibh i:

"A Charaid,—Ann an Gàidheal na Faoiltich tha e air iarraidh oirnn mìneachadh a thabhairt dhuibh air 'air chall' agus 'air seachran'."

"Nam bheachd féin tha mì a' smaointeachadh gu bheil 'air chall' ag ciallachadh na'n rachadh duine air falbh air chuairt agus nach deidh aige air tilleadh air ais gun chuideachadh bho chuid-eigin eile; ach is e a tha 'air seachran' ag ciallachadh gun deidh agad féin air tilleadh gun chuideachadh sam bith." Is e Dòmhnall A. MacGille-Mhoire, Talla nan Gillean, Port-righeadh, a chuir air aghaidh an oidhirp so, agus, mar a gheall mi, tha mi ag cur leabhran beag chuige mar chuimhneachan air a ghleustachd. Is e am beachd a bha agam Gin gum faod neach a dhol air seachran gun a bhith air chall. Ged a chaill thu an t-slighe a bha 'nad bheachd a dhol, is mar sin thu air dol air seachran, tha fathast fios agad càite bheil thu is ciod a tha agad r'a dheanamh gus an ceum a bha 'nad bheachd an toiseach a thoirt a mach; ach, an uair a tha thu air chall, chan 'eil fios agad càite idir a bheil thu no ciod an taobh ris an toir thu t'aghaidh gu faotainn gu d' cheann-uidhe.

Tha mi mar an ceudna duilich nach do leig aon idir ris dhomh gu robh fios ac eaite am bàrdachd ar dùthcha am faighear na sceathan a thug mi dhuibh mu'n "gheamhradh is ám na dùmhlachd "an àireamh a' Ghearrain. B'e sud, ma tà, rann as an dàn ionmholta "A' Choille Ghruamach." aig Iain MacGilleathain (Iain mac Ailein, Bàrd Thighearna Cholla), bàrd cho math 's a dh'àraicheadh anns na h-Eileanan, agus tha mi creidsinn am bàrd a b'fheàrr, is cha robh iad tearc,

a tha air an ainmeachadh air Tiridhe.

Cha mhór nach 'eil mi aig ceann mo theadhrach; ach, mun crìochnaich mi, bu mhath leam innseadh dhuibh gun d'fhuair mi paipear-naidheachd an là-roimhe bho'n uasal chòir, agus bhur caraid-se, Iain A. Moffatt-Pender, ceud Athair Clann an Fhraoich. Tha a chòmhnaidh a nis thall an Astràlia, am baile mòr Mhelbourne, agus ged nach robh facal ann ach am paipear a mhàin rinn mi fiughair ris, is tha mi air mhiann gum bi fìos aige gun d'fhuair mi e. Bha aobhar aige air a' phaipear so a chur chugam, is theagamh gun innis mi dhuibh an t-aobhar sin anns an th litir.—Bhur Caraid Dileas.

#### EACHANN MACDHUGHAILL.

(An deidh an litir so shuas a sgrìobhadh, agus dìreach an uair a bha sinn air tì An Gàidheal a chur do'n chlo-bheairt, ràinig litir eile Eachann mur neadar-thealachadh eadar "air chall" agus "air seachran." Thàinig i so as na Hearadh, agus ged nach buin an neach a sgrìobh i do Chomunn na h-Oigridh, bheir Eachann iomradh oirre air an ath-mhlos. Cha robh cothrom aige dad a ràdh m' a deidhinn air a' mhlos so.—F.-D.)

## OISINN NA H-OIGRIDH. Ulaidhean.

Is lìonmhor na sgeulachdan a tha air innse nu ulaidhean, agus is mòr na beachdan saobh-chràbhach a dh'fhàg beul-aithris nan linntean a dh'aom againn mu'n deidhinn, araon anns a' Ghàidhealtachd agus an tirean eile an t-saoghail.

Cian mun deach tighean-tasgaidh a thogail air feadh na dùthcha, nam bu rud e' sg ur obh a' bheag no mhór de airgiod no de nithean luachmhor eile aig neach, cha robhas ach 'gan gléidheadh seachad gu chramach ann an ionad falachaidh fo'n talamh cho luath 's a gheibhte forfhais air luchd togail chreach a bhith air fairge.

Chan 'eil teagamh sam bith nach robh gach àitegléidhidh de'n t-seòrsa air a sheunadh gu làidir air chor is gu robh daoine de'n bheachd nach éireadh rath gu bràth air aon a ghabhadh seilbh air an fhaodail so air dha amas oirre.

Bho chionn a dhà agus a trì de cheudan bliadhna air ais, bha spùinneadairean-mara na h-Eòrpa glé lìonmhor anns a' Chuan an Iar dlùth do fhearann Albann Nuaidh agus na còrsaichean sin. Bha na h-allmharaich fhuileachdach ud a dh'aon-obair ag gur 's a' feitheamh longan-malairt a bhiodh air ais 's air aghaidh. Gu mìnic, nuair a thogadh na creachadairean an spùinn, thigeadh iad a stigh an cois an fhearainn nu aird fheasgair, ach cha rachadh iad gu thr gus am biodh e seachd dùirn a dh'oidhche; agus an sin thaisgeadh iad an cobhartach san talamh am bad-eigin uaigneach ri solus na gealaich.

Bu mhath an ruith gun tilleadh an sgioba ceudna a chaoidh a thogail a' chalpa no a chur tuilleadh 'na cheann. Ma dh'fhaoidte an ath ionnsaigh a bheireadh iad air soitheach gu rachadh cur as dhaibh uile.

Tha creideas làidir aca ann an Albainn Nuadh gu bheil spiorad bho'n t-saoghal eile ag cumail faire air ionnmhas a chaidh fhalach fo'n talamh. Ni am freiceadan so na 's urrainn e air son neach fhuadach air falbh a théid an sud air tòir an òir. Gairmidh e air sluagh gun àireamh de spioradan eile a thig 'ga chuideachadh ann an riochd sgaoth de cunlairh dhubh agus shaighdearan fo làn-armachd. Tha e air aithris gur e tannasg fear de'n chuideachd do'm buineadh an ulaidh a tha an so. Nuair a thiodhlaic iad a' mhaoin, chaidh esan a mharbhadh le a shaor thoil féin, a chum 's gum biodh a shamhladh gu bàth ag cumail faire 's dìon air an àit-ghlididhidh.

Mar sin, chan 'eil e iongantach ged a bha an saothair dìomhanach do na h-uile a chaidh a mach a shealltainn air son taisgeachan nan ionadan dìomhair ud.

Bha dithis fhear ann an Ceap Breatann air oidhche gheal ghealaich ag cladhach ann an àite anns an robh amharus aca ulaidh a bhith an tiodhlacadh bho chionn iomadh linn. Mu dheireadh thàinig iad air taisgeadan (wauld) a bha air a chlachaireachd gu snasail, agus am beagan mhionaidean thàinig ceann ciste mhòir, làidir, dhruidte, am follais. Rinn na fir le chéile agréim air an làimh iarainn is thòisich iad air a slaodadh a mach. Bha a' dol aca air a' chuid 's a' chuid, ach nuair a bha leth na ciste a muigh chaidh a grad splonadh as an gréim air ais gu a b-àite féin. Ghabh na fir a leithid de eagal 's nach deach iad na b'fhaide na sin fhéin air adhart. Thig iad an talamh mar a bha e roimhe air uachdar an taisgeadain, is thug iad na buinn as dhachaidh.

Tha còrr is ceithir fichead bliadhna ann bho'n thàinig guth ann an ám an h-oidhe gu fear ann am baile Steinnseil anns an Eilean Sgitheanach, a dhùig as a chadal e. Labhair an guth ris mar so: Eirich agus thoir leat dithis eile maille riut, agus rachaibh gu Bealach Ollasgairte, is fanaibh ann an sin gus am brist an latha. Cladhaichibh anns a' bhad air am buail a' ghrian cho luath 's a nochdas i thar guala na beinne, agus gheibh sibh de shaidhbireas ann na ni dhuibh cho fad 's is maireann sibh, ach is e dithis dhibh a thilleas dhachaidh beò'."

Thàinig an dearbh ghuth leis na briathran ceudna 'ga ionnsaigh aig an aon ám trì oidhche an déidh a chéile, gidheadh cha tug esan feairt. Mar a dh' fhaodas sinn a thuigsinn, cha do leig an t-eagal leis a' bhodach riamh falbh air toir na h-ulaidh, gun fhios nach e fhéin an t-aon de'n triùir nach tilleadh

dhachaidh beò. Tha clach mhór air mullach Crannag an Lou'earna. air taobh sear Eilean A' Cheò, ris an abradh iad bho shean "A' Chlach Ulaidh." Mór agus gu bheil a' chlach so ann am meudachd, bha e air a ràdh gu robh i uair-eigin gu math na bu mhotha. Thilg famhair a bha thall ann an Geàrrloch clach aibheiseach a nall thar a' Chuain Sgìth, ag cuimseachadh air tigh famhair a bha fuireach air Dùn Hasgaill an teis meadhon Rudha nam Bràithrean. An àite bualadh air an tigh, is ann a bhuail a' chlach air creagan an Dùin is chaidh i 'na trì bloighdean a sgap an sud 's an so. Thuit bloigh air mullach na Crannaig. Sheòl an dà bhloigh eile seachad air a sin, fear dhuibh gu àite ris an abair iad A' Mhucallach, mu mhìle gu leth an iar, agus stad an t-aon eile thall dlùth do Dhùn Reiseaborg, mu dhà mhìle an iar thuath! Chithear an sud iad thun an latha an diugh.

Anns na seann làithean, nuair a bha an Lon'earna uile 'na ghabhail fearainn aig an aon tuathanach-Fear an Lon'earna, bhruadar e oidhche gun d'fhuair e ulaidh fo chloich na Crannaig. An ath latha thòisich e air cladhach fo'n chloich is ceithir thimchioll oirre. An déidh a bhith deagh ghreis ag obair an sin, nuair a bha sloc domhain air a dheanamh is gun nì ri fhaicinn ach ùir, sguir Fear an Lon'earna de bhùrach is chaidh e dhachaidh.

Uine gheàrr 'na dhéidh, co-dhiubh, dé thachair ach gun do choinnich dà reithe sgoinneil leis fhéin ri taobh na cloiche móire, agus a shabaid gun deach iad. Is e a' chrìoch a bh'aig an t-sabaid gun deach na h-adhaircean cruinn an sàs mu chéile gus an robh iad glaiste 's nach robh e an comas nan creutairean faotainn réidh. Anns an t-suidheachadh sin thuit an dà reithe eireachdail sìos anns an t-sloc far an d'fhuair iad bàs.

B'e sud an ulaidh! 'S ann tearc a thig bruadar gu teachd mar a chithear e.

TORMOD DOMHNALLACH.

### FACAL SAN DOL SEACHAD.

Ainmean-cinnidh.-Air duilleig eile de'n Mhìosachan so tha an t-Ollamh Iain Camshron, Ccann-suidhe a' Chomuinn, a' toirt deagh iomraidh am Beurla air an leabhar mór eireachdail a tha an t-Ollamh Seòras MacGhille-dhuibh an New York an deidh a chur an clò mu "Ainmean-cinnidh na h-Albann." Gu mì-fhortanach 's e prìs mhór a th'air an leabhar, trì notaichean tha mi an dùil, agus cha mhór an diugh as urrainn an làmh a chur san sporan cho domhain sin. Ach tha fhios gum faighear iasad de'n leabhar anns na leabharlannan air feadh na dùthcha. Tha anns an leabhar thomadach so na chumadh cagnadh ri duine fad a bheatha-

Mar a tha an t-Ollamh Camshron ag ràdh, tha ùghdar an leabhair ag cur sìos gach fiosrachaidh air a bheil dearbhadh aige ann an seann sgrìobhainnean, agus tha e a' seachnadh gach nì air nach 'eil dearbhadh cinnteach aige. Cha chòrd so ri feadhainn, oir is iomadh sgeul gun bhun a tha co-cheangailte

ri ainmean-cinnidh agus ainmean-àitean. Nach cuala mi fhéin fear a' mìneachadh an ainm-aite "Breacais" san t-Srath san Eilean Sgitheanach mar "àite a tha breac le uisge (móran lochan beaga air feadh a' mhonaidh).

Cluinnear feadhainn ag radh gu bheil an t-ainm-àite "Ardabhasir" an Sléibhte san Eilean Sgitheanach ag ciallachadh "an àite anns an do bhàthadh saor." Bheil fhios an e so an Saor Sléibhteach bho'n tàinig Clann Mhic an t-Saoir? Ann an "Rainn Gearradh-arm" tha Donnchadh Bàn (agus b'ann de Chloinn Mhic an t-Saoir e fhéin) ag ràdh mar so, agus e labhairt mu'n t-Saor Shléibhteach no "Saor na h-Ordaig," mar a theirte ris:

Bha sibh uair gu grinn a' seòladh Air tuinn sàile, Chaidh tarrang a aon de bhòrdaibh Druim a' bhàta : Leis a' chabhaig spàrr e an òrdag Sìos 'na h-àite,

Is bhuail e gu teann leis an òrd i, Is ceann di fhàgail.'

Aimsir Ghailbheach .-- Aig ám a bhith sgrìobhadh nam facal so tha an sneachd agus an reothadh fhathast againn agus gun dùil ri feabhas. Chan e mhàin gun d'aobhraicheadh móran ana-cothrom is call cheana air feadh na rìoghachd ach bithidh buil na h-aimsire so 'na éire oirnn fad iomadh latha. Tha eadhon na speuradairean iad fhéin ag call am misnich. Dhearbhadh ceàrr iad cho tric 's gu bheil iad nise a' diùltadh innse mar a b'àbhaist dé seòrsa tide bhios ann am màireach.

Tha cuid a' saoilsinn gu bheil an Sruth Mór á Bàgh Mhexico air falbh o chùrsa, agus mar sin chan 'eil e a' blàthachadh cladaichean siar Bhreatainn mar a b'àbhaist. Tha feadhainn eile de'n bheachd gur e spreadhadh nam bomaichean atomach a tha deanamh deifir. Ciod air bith an t-aobhar, chan 'cil móran dhaoine beò an diugh dh'fhiosraich aimsir cho gàbhaidh riamh roimhe. Bhiodh e coltach gun do sheachain taobh an iar-thuath na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan làn-ànradh na h-aimsire so, ach 's dòcha gum bi an sneachd air an ruigheachd mus laigh sùil air an duilleig so.

"Caitein" is "Caigeann."-Tha Alasdair Buidhe a' faighneachd ciod as ciall do na facail so, "caitein" is "caigeann." Is e "caitein" seòrsa de chlòimhteach a bhios air uachdar aodaich mar chlò Hearach no clò molach sam bith. Abrar ris anns a' Bheurla "nap." Cleachdar am facal cuideachd ADTATTS anns a Dneuria map. Creamnar am tacas canadasam mu àile gaoithe no mu'n ghreann a thogas gaoth air uisge. Tha "caigeann" ag ciallachadh "paidhir," a dhà de sheòrsa sam bith, mar "chaigeann iasg" (dà iasg air an aon ghad no air an ceangal ri chéile air an iorbaill). Is minic a chunnaic mi mo sheanamhair ag caigneadh éisg; 's e sin, an déidh an glanadh 's an sgoltadh, 'gan ceangal 'nam paidhrichean, iorball ri iorball, gus an crochadh chum an tiormachadh agus an cruadhachadh. Bha so san Eilean Sgitheanach. Ann am Muile chuala mi am facal air a chleachdadh mar so-"caigeann salainn," 's e sin, "beagan salainn."

Gliocas nan Gàidheal.-Am fear a ghléidheas a theanga gléidhidh e a charaid. W 10

Firinn air son a' Mhìos so .- "Is ball beag an teanga, agus ni i mór-uaill. Feuch, cia mór an connadh a lasar le teine cho beag ! "-Seumas iii, 5.

#### CALUM GOBHA.

Bha Calum gobha a' tighinn dachaidh oidhche shònraichte agus deoch air, agus e tomhas an rataad. Thàinig an sagart seachad air muin eich, agus ghabh

e fearg mhór a bhith faicinn Chaluim mar sin.
"Seachainn mo rathad," ars esan.
"Seachinn sibh fhéin mo rathad-sa," arsa Calum, "agus e nas fhasa dhuibh-se na dhomh-sa!"

L. M.

#### SECRETARY'S NOTES.

Helensburgh .- The Helensburgh and Clan Colombonn Association is holding regular meetings, and on the evening of 12th February, I presided at a Ceilidh held in the Victoria Hall, Helensburgh. I was accompanied by Miss Chris Turner and Mr. Alasdair Matheson, who assisted with a very fine programme of Gaelic and Scottish songs, readings, and Bagpipe selections. The other Gaelic singers were Miss Annie Mac-Askill and Mr. Donald MacSporran. A well-attended Gaelic Class is sponsored by the Association and the teacher is supplied by the Dunbartonshire Education Committee. The President of the Association is Mr. D. J. Ewing Hunter, a worthy son of a worthy father, the late Dr. Ewing Hunter, who was himself President for many years. Mr. Hunter entertained An Comunn Party to supper, and I stayed overnight as his guest at Invertyon." The Helensburgh and Clan Colquboun Association has been affiliated to An Comunn for many years.

If Gaelic is to survive as a spoken language in Scotland, An Comum must pursue a more vigorous policy and a more intensive propaganda on behalf of the spoken language. The average Gaidheat to-day is quite careless about the preservation of his own language and culture. He does not use it in his daily conversation, neither does he teach it to his children, and, worst of all, he is not conscious that through his neglect of his native language he is rapidly losing his nationality and his culture, for language is the greatest bond which unities any

I would suggest that An Comunn should issue a circular in Gaelic and English, pointing out the serious state of the spoken language in Scotland today, and urging our Gaidheil to use it themselves on all possible occasions and to teach it to their children. This circular could be distributed throughout the Highland counties with the help of Branches of An Comunn, schools, and members of Comunn as holicids.

A circular of this kind would at least reveal to our Gaidheil that they are losing their greatest heritage—their native language; and, surely, it would be the means of awakening at least a few of them from their national slumber.

JOHN N. MACLEOD.

#### IS FEARR EISIMPLEIR NA COMHAIRLE.

A Charsid,—During the past year it has been growing increasingly obvious that there is a tremendous revival of interest in Gaelic language and literature. There are many reasons, any or all of which could explain this revival; they do not concern us for the moment, but what does concern be consolidated. It must not be allowed to be killed or to die a natural death. Every effort must be made to foster it and to help it to expand.

In this connection, I agree with you, Sir, and with the correspondents who commented on your Editorial, "Is fearr esimpleir na comhairle," that we speakers of Gaelic use our native language all too infrequently. Mod officials are by no means the only offenders. In my own experience, I feel a certain diffidence in using Gaelic in the Lowlands, even when I speak to a native speaker, for fear that he or she might not like to be heard using Gaelic; that feeling is all too common and it must be stamped out. Wherever and whenever Gaelic speakers meet, they should use Gaelic in preference to English.

I would suggest that what we require is some means of recognising Gaelic speakers in the cities and in the Lowlandssome badge that will indicate that we are not only speakers but are willing to use Gaelic in preference to English. In Eire this is done by the issue, by the Gaelic League of Ireland, of a gold "fainne"-a little gold ring that is worn in the coat lapel or tie or elsewhere. Permission to wear the fainne is won by passing an examination (mostly orally) in Irish; and the examination is made sufficiently difficult to ensure that those who pass really are proficient speakers and users of Gaelic, The wearing of the fainne also carries with it the obligation that the wearer will use Irish on all possible occasions in preference to English, and that when two wearers meet they will use only Irish. For instance, a fainne-wearing housewife will order her groceries in Gaelic, even in Dublin, when she sees that the shop-assistant is also a wearer. The wearing of the fàinne is a matter of intense pride to the citizens of Eire.

An Comunn could design and adopt some badge having the same purpose as the Irish făinne, and making the extrinsic and intrinsic values of the badge such that it would be a treasured possession of anyone who was sufficiently proficient in Gaelic

to win it; then a glance would tell us that we could use Gaelic, whether it were to buy a bus ticket, a meal in a restaurant, or a drink in a pub; and we, by our constant use of Gaelic on every occasion, would give encouragement to others to

learn and use our native tongue.

A second badge could be designed for wearing by others who who are interested in Gaelic and doing their best to learn it, but who have not reached a stage of proficiency that would entitle them to present themselves for examination for permission to wear the main badge. To the wearers of the second badge the wearers of the first could give much help. by explaining idiom and obscure words, and indulging in slow, carefully articulated conversation, in order that the less fortunate may understand and manage to get a proper grip of the language

I believe that the adoption of some such idea would do much to encourage speakers of Gaelic to use their language, and would act as a goal towards which learners could strive.- Is mise le DUNCAN MACDOUGALL. meas mór

### IMPORTANT DATES.

Apr. 11. Gaelic Meeting of Executive Council. Perth Gaelic Rally 18. Glasgow and Govan Branches Concert. May 8. Kintyre Provincial Mod. 9.1 Edinburgh Provincial Mod. 30. Glasgow Provincial Mod. June Mid-Argyll Provincial Mod. 4. ]

Badenoch-Strathspey Provincial Mod. Oban, Lorne, and Mull Provincial Mod. 90 Lochaber Provincial Mod. Ardnamurchan Provincial Mod.

26. Lewis Provincial Mod

27. Sutherland Provincial Mod. July 10. Comunn na h-Oigridh Camp opens at Inversilort. Closing date for Entries and submission of Musical Compositions and Literary Work for National

Mod Competitions. 4. Comunn na h-Oigridh Camp closes. Aug.

Sept. 30 National Mod at Perth begins. Oct 3. National Mod concludes. 4. Annual General Meeting of An Comunn.

#### AN COMUNN CENTRAL FUND.

To enable An Comunn to meet its current obligations, and place it in a position to launch a propaganda campaign now that the war is over, and thus regain the ground lost during the years of its enforced inactivity, donations, large or small, will be gladly received by the Treasurer,
Mr. James T. Graham, C.A., 5 St. Vincent Place,
Glasgow C.I. Remittances should be made payable to Glasgow, C.1. "An Comunn Gaidhealach."

Previously acknowledged ... .. £386 19 -Struan Feachd (earmarked for Comunn na h-Oigridh Badges) .. .. ..

## WAR MEMORIAL AND THANKSGIVING FUND.

.. £1,084 15 6 Previously acknowledged ... Inverness Ballrooms, Ltd., per Mr. Donald MacPhail Net Proceeds from Social Meeting of Ladics' Committee on 25/2/47... — 16 —

Net Surplus from Highland Ball on 24/10/46, including special donation from Mr. Duncan

MacLeod of Skeabost, C.B.E., of £947 14s. . . 1,756 6 10

£2,851 18 4

£387 19 -

## THE SCOTTISH CENTRE

158 HOPE STREET, GLASGOW, C.2.

The Drinking Well, by Neil M. Gunn (a new novel) 10/6 From Croft to Factory, by M. Gregor 3/6 and R. Crichton Crofting Agriculture, by Fraser Darling 6/-Breeding Farm Animals (a new "Penguin" handbook) 1/-Scotland - A Wealthy Country, by Dr. A. Lamont (a Scientist's survey of Scottish resources) 1/-Scotland's War Losses, by Duncan Duff 1/-

Celtic Lettering, by George Bain (Volume 5 of the Celtic Art series) 2/6 Highland Journey, by Colin MacDonald 6/-Scotland Arise! by Duncan Ferguson (should be read by every Scot) ... 3/6 Gaelic Without Groans, by Rev. John MacKechnie 2/6

Anthology of Modern Scottish Poetry, edited by Maurice Lindsay ... All the new Scottish Periodicals, including Chapbook (6d); Lion Rampant (1/-); New

Con Brio (1/-); The Open-Air in Scotland (2/-); To-day and To-morrow (2/6). Postage is additional to above Prices. Cash with Order or C.O.D.

## MACLAREN'S PUBLICATIONS

Please send for our Book Catalogue

Cnoc an Fhradhaire. Poems by Angus Robertson Dwelly's New Illustrated Gaelic Dictionary -Orain nam Beann. 26 Gaelic Songs with music -McCheyne's Sermons in Scote Gaelic McChapte's Serion in Stote Control of the Man of the Ma 6d All An Comunn's publications as advertised are in stock.
Gaelic Bibles and Testaments at all prices.

MACLAREN & SONS

GAELIC BOOKSELLERS 268 Argyle Street, GLASGOW,

AN COMUNN GAIDHEALACH

EDITOR.—Rev. T. M. MURCHISON, M.A., 14 Kintoss Avenue, Glasgon, S.W.2. (Telephone: HALfuny, 284), to whom all literary communications should be addressed. Business and other communications should be sent to the General Secretary, An Comuna Gaidhealach, 131 West Rogent Street, Glasgon, C.2. (Telephone: Douglas, 1433), All matter for inclusion in the Magazine should be in the Editor's hands by the 12th of the month precading publication.

THE OFFICIAL MAGAZINE OF

Leabhar XLII.] An Céitein, 1947. [Earrann

## THA FEUM AIR CABHAIG. Na Seanchaidhean A' Falbh Oirnn.

O chionn ghoirid chaochail anns na h-Eileanan a Muigh triùir dhaoine còire aig an robh ainm agus cliù mar sheanchaidhean. B'iad sin Seonaidh Caimbeul an Uidhist a' Chinn a Deas agus Dùghall MacMhaolain is Gilleasbuig MacIosaig an Aoraisgeidh. B'e Dùghall Maighstir na Postachd san eilean bheag ainmeil sin, agus fad a bheatha 's e Gilleasbuig a bhiodh ag aiseag dhaoine thairis air a' chaolas eadar Aoraisgeidh agus Uidhist a Deas.

Bha an dithist Aoraisgeach saidhbhir ann am beulaithris agus ann an ceòl, agus tha e coltach gur ann bhuapa-san a thrusadh móran de na sgeulachdan agus de na seann òrain a gheibhear ann an leabhraichean a tha aithnichte do na h-uile. Tha na bha bàsmhor dhiubh a nis air a chàradh ri taobh uaigh Mhaighstir Ailein ann an "Gilean na h-Oige."

Is dòcha gu bheil barrachd aithne aig a' mhórchuid air ainm Sheonaidh Mhic Dhòmhnaill Mhic Iain Bhàin, no Seonaidh Caimbeul, oir àireamh bhliadhnachan air ais chuir Mgr. Iain Latharna Caimbeul dà leabhran a mach—comh-chruinneachadh de na h-òrain aig Seonaidh agus "Sia Sgialachdan" d'an d'fhuair e a' chuid mhòr dhiubh bho Sheonaidh fhéin. Bha Seonaidh Caimbeul còrr is ceithir fichead bliadhna's a seachd aig am a bhàis.

Is e gnothach bochd a th'ann gu bheil na seann bhàird agus na seanchaidhean a' falbh oirm, fear an dràsda 's fear a rithist, agus gach fear dhiubh ag grùblan leis gu sàmhchair na h-uaighe ionnmas prìseil de litreachas-aithris. Tha fhìos gu bheil seanchaidhean maithe fhathast air am fagail againn anns na h-Eileanna guse eadhon air Tir-môr, ach a dh'aindeoin sin is duilich a bhith smaoineachadh air na chailleadh oirma a chionn' s nach do chuireadh air paipear no air clàr pàirt de na bha air a thasgadh air meòmhar nan seann daoine. Rinneadh iomradh uair no dhà anns na duilleagan so cheana air an obair a tha Mgr. Calum fain MacGilleathain á Ratharsaidh a' deanamh, agus e trang a' trusadh gach sgeulachd is gach òran is gach bloigh aithris eile as fhiach a thogail. Mar a chaidh a ràdh mar thà, tha esan uidheamaichte air gach dòigh a chum na h-oibre so, agus gu ma math a theid leis

Is e Coimisiún Béaloideasa Bireann a chuir Calum Iain MacGilleathain a nall a dheanamh na h-oibre so, agus is iadsan a tha pàidheadh gach cosgais co-cheangailte ris an obair. Tha sinn 'nan comain air son sin a dheanamh, ach nach 'cil e 'na aobhar nàire dhuinne ann an Gàidhealtachd na h-Albann gu bheil sinn deònach a bhith fàgail dragh is cosgas na h-oibre priseil so aig daoine eile.

Dìreach mus do thòisich an cogadh mór mu dhéidhinn làn-rannsachadh a dheanamh air dualchainntean Gaidhlig na h-Albann; agus cheana tha an t-Ollamh Nils Holmer air leabhran a chur a mach mu Ghàidhlig Earraghàidheal agus chuir an t-Ollamh Borgstrom leabhar luachmhor a mach mu Ghàidhlig Bharraidh.

Nach sinne a tha 'nar cadal! Agus an déidh 's na h-uile, nach e sinne an Albainn a thòisich air beul aithris a chruinneachadh an toiseach. Faodar sreath fada a chur sìos de dh'ainmean nan daoine cliùiteach a shaothraich 'nar dùthaich anns an obair so: Iain Og Ile, an t-Ullamh Alasdair MacGille-Mhichell, an t-Urr. Iaim MacGriogair Caimbeul, am Morair Gilleasbuig Caimbeul, an t-Urr. D. MacAonghais, an t-Urr. Semas MacDhiyhaill, is mòran eille.

Cé ann an Albainn an diugh a tha aithnichte mar fhear-cruinneachaidh beul-aithris? Tha feadhainn ann, agus is maith gu bheil, a tha a' trusadh agus a' sgrìobhadh sìos gach bloigh air an ruig iad; ach chan 'eil duine 'har measg an diugh a tha dol an car na h-oibre mar bu chòir. Oir, mar a thuirt mi, 'se so obair a tha cur feum air cabhaig, agus na seanchaidhean 'gan toirt air falbh bliadhna an déidh bliadhna gu tosd a' bhàis.

An là-roimhe fhuair mi litir bho dheagh-charaid na Gàidhlige, Mgr. Tòmas MacNeacail, anns a' Chaisteal Nuadh an Sasann—fear nach buin do'n Ghàidhealtachd agus, mas maith mo chuimhne air na dh'imis e dhomh aon uair, nach robh riamh nas fhaide tuath na Sruighlea. Chaidh a thogail an fhìor cheann-a-deas na h-Albann, agus gun fhacal Gàidhlig aige gus an tàinig e gu ìre. Is ann dìreach mu'n chuspair so—Beul-oideas nan Gàidheal—a bha Mgr. Chuspair so—Beul-oideas nan Gàidheal—a bha Mgr. Ghaidh agus chuir e thugam litir a fhuair e bho Mhgr. Seán O'Súilleabháin, Ciarathóir coimisiún Béaloideasa Eireann, agus tha mi cinnteach gun ceadaich Mgr. MacNeacail is Mgr. O'Súilleabháin dhomh bàirt de na tha san litir so a thoirt am follais.

"Is maith liom go dtaitneann an obair atá idir lámhaibh ag an Coimisiún so i n-Albain leat. Obair ri-thábhachtach i, agus obair i ná féadfar a dhéanamh i gcionn fiche blian (nó b'fhéidir deich mbliadhna eile). Fear ana-mhaith Colm Mac-Gilleathain atá ag obair i n-iarthar na hAlban dúinn. Tá tuiseint mhaith aige anois san obair, agus tá súil againn go n-éireochaidh leis ana-obair a dheanamh ann. Tá fear eile d'ár bhfuirinn oibre ag obair ag cnussach ceoil i n-Albain chomh maith, agus tá ag éirghe go bana-mhaith leis ann Tá roinnt phlataí gramafóin déanta aige.

"B'fhearr linn go mór gurab iad muinntir na hAlban iad féin do thógfadh an obair seo idir lámhaibh, ach ní dócha go bhfuil seans air sin i láthair na huaire. . . . Má cuirtear gluaiseacht ar bun i n-Albain ar ball aon am bhun tabhairt fén obair seo, tabharfaimídne cóip den adhbhar ó Albain a bheidh cruinnithe againn, agus cóip den adhbhar go léir atá á chruinniú againn i n-Eirinn dóibh mar bhronntanas. Is féidir é sin a dhéanamh le microfilm. Tá suim againne i n-Albain, go háirithe sa Ghaeltacht ann, toisc gurab é an cultúr céadna atá ann agus atá sa Ghaeltacht againn féin annso-cultúr atá ag trághadh, foiríor, i n-aghaidh na bliana. Déanfaimíd ár ndithcheall chun an chuid is fearr de bhéaloideas cine Gaedheal sa dá thír a shábháil sara gcailltear na daoine go bhfuil an oighreacht san aca.

Sin, ma tà, mar a tha àrd-dhaoine Coimisiún Béaloideasa Eireann ag amharc air a' chúis. Tha sinne agus Gàidheil na h-Eireann 'nar comhoighreachan air na thàinig a nuas thugainn bho ar sinnsirean san dà dhùthaich; tha an oighreachd sin gu luath a' seargadh as; is mithich a bhith greimeachadh air na tha fhathast air fhàgail mus bi e ro anamoch. B'fheàrr leis na h-Eireannaich gun gabhadh Gàidheil na h-Albann os làimh beul-oideas na dùthcha so a chruinneachadh, ach, o nach 'eil sinne a' deanamh sin mar bu chòir dhuinn, tha iadsan air tòiseachadh air. Ach cho luath 's a ni sinne oidhirp, bheir iadsan dhuinn gach cobhair

agus gach seòladh air a bheil feum againn, agus iad a nis cho sgileil agus cho uidheamaichte air son na h-oibre so. Agus, mar an ceudha, tha iad deonach a bhith roinn oirnn na thrus iad mar tha, an Eirinn agus an Albaim.

Nach bu chòir dhuinne, gun tuilleadh dàlach, Comunn Beul-oideas na h-Albam a stèidheachadh? Is math a dh'fhaodadh An Comunn againn fhéin agus Comunn dàidhlig Inbhir-nis agus mòran de chomuinn is bhuidhnean eile tighinn an ceann a chéile agus Comunn Beul-aithris a chur air chois. Tha cus de'n ùine air ruith cheana, agus tha gach latha ag cur ri ar call. Deanamaid cabhaig anns a' chùis

### LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

An uair a bha mi a' sgrìobhadh mu bhith "air chall," cha do shaoil mi gun biodh rud a bhith "air chall' co-cheangailte ris an litir so cho dlùth orm féin, ach b'ann mar sin a bha.

So agaibh mar a thachair. Chunna sibh an athsgrìobhadh leis an Fhear-dheasachaidh aig bonn litir a' mhìos a dh'fhalbh gun d'fhuair sinn litir bho Hearach còir co-cheangailte ris na thubhairt mi nu bhith "air chall" is "air seachran." Aig an ám leugh mi an litir le aire, agus an sin chuir mi an lethtaobh i, 's 'nam bheachd buntainn ris na sgrìobh e an litir a' mhios so.

Ach ciod a tha agaibh air ach, an uair a sheall mi an ceartair far an robh mi an dùil a bha i, nach robh i r'a faotainn. Rùraich mi shlos is rùraich mi shuas, thall agus a bhos, ach sgeul cha robh oirre! Bha mo rùrach eadhon cho mean 'a a bha siubhal Mhir Rùslainn air na h-eich a bha air chall, ach an dòlas mìr de'n litir a bha ri fhaotainn. Togaidh i ceann fathast; ach leis nach 'eil a bheag de tìme ri sheachnadh agan an ceartair, chan 'eil ach a fàgail gus an tog i ceann eadar so is an ath-mhìos.

Agus le iomradh a thoirt air siubhal MhicRùslainn air na h-eich, a bheil fìos agaibh ciod an siubhal a bha an sin? Ma tà, an uair a thuigeadh gu robh eich an fhamhair aig an robh MacRùslainn 'na sgalaig air chall, thuirt a mhaighstir ris e a dh'fhalbh g'an siubhal.

"Càite an seall mi air an son?" dh'fheòraich MacRùslainn dheth.

"Falbh thusa agus faigh iad," ars am famhair, "agus seall air an son far an saoil thu am faigh thu iad, agus far an saoil thu nach fhaigh thu iad!"

Thog MacRùslainn air gu feum; agus an ceann tiota bhig, air do'n fhamhair dol a mach, nach ann a bha MacRùslainn air mullach nan saibhlean 's e a' stialladh dhiubh na tugha cho trang 's a bha 'na chomas!

Mhiomaich is speur am famhair e, is dh'fheòraich e dheth dé an dol-air-aghaidh a bha an sud ; agus is e a thuirt MacRhìslainn ris gu robh e a' deanamh an rud a dh'iarr e féin air—gu robh e a' sealltainn air son nan each "far an saoileadh e am faigheadh e iad is far an saoileadh e nach fhaigheadh e iad i' a' Agus chan 'c'll shil sam bith agam am faighinn an so," ars esar.

Chan 'eil, mar sin, agam an ceartair ach mo leisgeul a ghabhail ris-san a sgrìobh an litir, agus tha dòchas agam gun toir e mathanas dhomh, eadhon ged nach b'urrainn dha làmh a ghabhail anns a' chomh-fharpais, leis nach 'eil e 'na bhail de Chomunn a h-Oigridh, oir tha e os cionn na h-aoise. Co-dhiubh, cha b'ann mar chomh-fharpaisiche a sgrìobh e idir; bha e a' moladh dhuinn gum bitheamaid a' buntainn r'a leithid so de fhacail bho âm gu âm, agus is fhiach a chomhairle éisdeachd rithe.

Is ann a ghabhas sinn, eadhon, a chomhairle; agus, bho'n a bha e cho coibhneil's am beachd so a mholadh, an cuala e—no aon agaibh—riamh am facal "sgoill," agus ciod an t-eadar-dhealachadh a tha eadar e is "stiall," 'stròic," no "sgonn"?! Chan fhiosrach mi gun cuala mi am facal "sgoill" riamh taobh a mach an eilein againn féin agus an eilein as dlùithe dha. Bheir mi eisimpleir an littr an ath mhìos air an dòigh anns an cleachdar na facail so anns an eilean againne. Is ann mar a tha gun do chuir mi aon de na facail so ann an cleachdadh anns an littr so mar tha.

A nis, leis gum bi Latha Buidhe Bealltainn agaibh an uair a ruigeas an litir so sibh, agus gur dòcha gum bi a' chuthag r'a cluinntinn roimh sin, nach faodainn tarraing bheag a thoirt air an eun sin an dràsd. Chuala sibh uile, tha mi cinnteach, an gnàth-radh, "Gug-gug, thuirt a' chuthag, Latha Buidhe Bealltainn." A nis, bha earrach againn am bliadhna a bha uile gu léir còrr, agus an uair a tha mise a' sgrìobhadh so, Luan na Càisge, is ann as coltaiche an latha ri deireadh Faoillich no toiseach Gearrain na ri Giblein nam frasan ciùine; ach, dona 'gan robh is 'ga bheil an t-sìd, is dòcha gun tig a' chuach 'na h-ám suidhichte féin, agus coirbte 'ga bheil i mar eun, le beachd a ghabhail air a gnè is a gnàths, fathast ni sinn fiughair rithe an uair a chluinneas sinn a "hòran ceòlmhor milis," mar a chuir am bàrd e.

Is e nl sònraichte co-cheangailte ris an eun so a shualadh 'nam inntinn an ceartair a thug orm a' chuthag a tharraing a stigh do m' sheanachas. Mar a tha fios agaibh am bitheantas, is mar a thug sibhes aig nach robh fios air gu so fa-near 'nam bhriathran mar tha, is aithne dhuinn an t-eun so fo dhà ainm— a' chuthag agus a' chuach. Gheibh sibh an dà ainm so 'nar bàrdachd, agus, gun dearbhadh a thoirt dhuinn air an atharrachadh, chreidinn gur e "Gleann na cuthaige" a tha ar Glinn Cuaich ag ciallachadh; agus cia mheud "Gleann Cuaich" a tha againn an Albainn? I Tha aon an Siorramachd Pheairt is aon an Siorramachd Inbhir-nis: a bheil aon eile

Tha dà ainm aig na Gaill oirre mar an ceudna—"gouk" agus an t-ainm cumanta "cuckoo." Is ann co-cheangailte ris a' cheud ainm (gouk) a bhuail na smuaintean sònraichte so orm an dràsd. Tha fios agaibh gu bheil e'na ghnè anns a' chuthaig gur ann an neadan eòin eile, glaisein mar as trice, a bheireas i a h-ubh, aon ubh a mhàin an aon nead. Chan 'eil mi an dùil gu bheil dearbhadh air co-dhiubh a bheireas cuthag tuille na aon ubh ré a cuairt shamhraidh do'n tìr so, seadh, co-dhiubh a bheireas an aon chuthag ubh an tuille na aon nead. Bidh aon, a dhà, is

air uairean trì, 'de na h-eòin bheaga so a' falbh air luathas sgéithe an déidh a' choilich chuthaige, oir is coltach gur e an coileach a mhàin a bhios a' seinn a ghug-ghg. A nis, is e "an gocan," no "gocan na cuthaige," a theirear ris an eun bheag so an uair a tha e a' sgiathalaich mar so an déidh na cuthaig, agus is e a bhuail 'nam inntinn gur dècha gu bheil biuntealas no càirdeas aig an fhacal so is aig "gouk" nan Gall r'a chéile. Chan urrainn dhomh innseadh dhuibh ciod an t-ainm (oir is cinnteach gu bheil ainm aca air) a their na Gaill ris an eunan so ris an abair sinne an gocan.

Bha mi am beachd innseadh dhuibh air a' mhìos so mu'n phaipear a fhuair mi bho ar caraid Caiptean Iain A. Moffatt-Pender, agus an t-aobhar gun do chuir se e—seadh, an nì a bha ann a bha e air mhiann mìse fhaicinn. Ach feumaidh mì an seanachas sin fhàgail gu uair eile, nas lugha na gum faod mì a ràdh an so gur e meas a chuireadh bho chionn ghoirid am baile mòr Mhelbourne an Astràlia air mo sheann mhaighstir-sgoil féin, Seumas Noble MacCoinnich (Seumas na Bantraich) à Ploc Loch Aillse—duine a chuir urram air a' Ghàidhealtachd, air Albainn, agus air Breatann 'na ghnìomhachas mar lighiche is mar shoisgeulaiche gach àite anns an do shaothraich e ré còrr is leth-cheud bliadhna. Ach fàgaidh mì meaniomradh air gu uair eile.—Bhur Caraid Dìleas,

EACHANN MACDHUGHAILL.

## OISINN NA H-OIGRIDH. Dun Bhuirbh.

Bha boirionnach a' fuireach am Beàrnaraidh na Hearadh agus bha i an còmhnaidh ag gearain air na bhiodh aice ri dheanamh de dh'obair san tigh. Bha i deanamh a beò-shlainte air fighe chlò.

Aon fheasgar bha i ag obair gu trang, agus 's ann a mhiannaich i gu robh cuid de na Sitheannaich aice air son a cuideachadh, 's thubhairt i: "O, nach robh agam na Sitheannaich a tha fuireach an Dun Bhuirbh!"

Cha robh am facal mu dheireadh a mach as a beul nuair lìon an tigh le Sìtheannaich, gach aon dhiubh ag éigheach, "Obair! obair! dhuinne obair!"

Thug am boirionnach bochd dhaibh obair, ach cha chumadh i obair gu leòr riutha, agus cha robh an seanfhacal riamh air a choimhlionadh cho math gus an oidhche ud—"S e llonmhorachd nan làmh a ni an obair aottom."

Bha na Sìtheannaich ag glanadh an tighe dhi, agus cuid aca a' snìomh is cuid eile a' fighe.

Mu dheireadh cha robh comas aig a' bhean obair a chumail riutha 's dh'fhalbh i a mach a shireadh comhairle air seann bhodach a bha ri taobh an tighe.

Thubhairt esan rithe: "A bhean gun toinisg, car son a dh'iarr thusa air na Sìtheannaich tighinn chun do thighe; ach falbh is éigh aig an dorus, 'Dun Bhuirbh 'na theine,' agus théid mise an urras dhuit gum bi an tigh falamh."

Rinn am boiríonnach so, is ghrad leum na Sitheannaich a mach 's iad ag éigheach, "Mo chreach 's mo léireadh!," agus chan fhaca a' bhean sin tuilleadh iad.

Bha na seann daoine ag cumail a mach nach robh e fortanach iarraidh air na Sìtheannaich cuideachadh a thoirt do neach sam bith.

> MURCHADH ALASDAIR MAC-AN-TUAIRNEIR. (Sitheannaich = Sidhichean (F.-D.))

#### FACAL SAN DOL SEACHAD.

LUCHD-LAGHA GANN .-- Chì mi gu robh am Morair MacGib, ard-bhreitheamh Cùirt an Fhearainn ag ràdh an là-roimhe gu bheil fir-lagha air fàs glé ghann air feadh na Gàidhealtachd, agus gu bheil sin 'na bhacadh mór a bu chòir a leasachadh.

Car son a tha feum air luchd-lagha anns a' Ghàidhealtachd no an àite air bith ? Saoilidh cuid gur e an aon obair a th'aig fear-lagha a bhith aona chuid a' dìteadh no a' dìon neach a tha air beulaibh na cùirte. Ach tha móran ghnothaichean ann a bharrachd air sin a tha cur feum air eòlas is comhairle luchdlagha. Anns an t-saoghal a th'ann tha sinn uile air ar cuairteachadh cho mór le riaghailtean is le achdan pàrlamaid 's nach 'eil e soirbh dhuinn gach nì a chur an òrdugh mar as còir, agus sheachnamaid iomadh dragh nan robh sinn a' deanamh an tuilleadh feum de luchd-lagha ann an gnothaichean cruaidhe a thig 'nar rathad.

Nach bu mhath do bhalaich Ghàidhealach a tha cur rompa dol do'n Oil-thigh smaoineachadh mu dhéidhinn dreuchd an

lagha a leantainn?

Camanachd.—"Tiugainn a dh'iomain!" "Dé an iomain?" "Iomain chaman!" Coltach ri iomadh nl eile, chuir an cogadh stad air an iomain, ach tha sinn toilichte gu bheil na balaich an iomadh àite air na camain a ghlacadh as ùr agus an fhaiche-chluich a thoirt orra. Tha sgiobaniomain air ceann a thogail a rithist anns na ceàrnan far an robh cliù aca roimhe so mar luchd-iomain-am Bàideanach, an Lochabar, an Latharna, an dùthaich MhicShimidh, anns na bailtean móra agus an àitean eile. Meal-an-naidheachd air Sgioba Baile Ur an t-Sléibhe air dhaibh Cuach Iomain na h-Alba a chosnadh air son na naoidheamh uaire; rinn iad so le buaidh a thoirt air Sgioba Taobh Loch Fin. Tha Cuach MhicAmhlaidh fhathast ri chosnadh.

Is e ball-coise as motha a th'air aire a' mhór-chuid de shluagh na dùthcha so, agus eadhon anns a' Ghàidhealtachd tha na gillean a' dol ris gu dian, ach tha sinn an dòchas gun cumar air aghaidh a' chluich-iomain fad iomadh latha is bliadhna. Chan 'eil nas taitniche na bhith faicinn dà sgioba a' strì air a' bhlàr-iomain, agus a bhith cluinntinn brag a' bhuill air na camain.

GLIOCAS NAN GAIDHEAL.—Cha do shéid gaoth riamh nach robh an seòl cuid-eigin.

FIRINN AIR SON A' MHIOS SO .- "Dùisgidh fuath aimhreitean, ach folaichidh gràdh gach coire."-Gnàthfhacail x.12.

#### CLO NA HEARADH.

Rinn an clò-mór cosnadh a chumail ri muinn ir Leòdhais is na Hearadh ri linn a' chogaidh. Feumaidh na h-Eileanaich greim teann a chumail air an còir air an ainm 's air an aodach no is goirid gus an toirear an dà chuid bhuapa.

Ri linn a' chogadh shealladh dhomh aodach am muileann aig Walkerburn, agus "Clò na Hearadh" air. "Bha dùil agamsa," arsa mise, "gur ann as na Hearadh

fhéin a thigeadh an clò so."

"Chan ann," arsa m'fhear-iùil; "chan 'eil san Harris ach an t-ainm a tha air an t-seòrsa aodaich so. Is mise bha thall 's a chunnaic, 's a thàinig a nall 's a

dh'innis.

BODICHIN

#### AN ARD-COMHAIRLE.

Chumadh Coinneamh Ghàidhlig na h-Ard-Chomhairle air Di-haoine, an aona là deug de'n Gibhlein, 1947, an Seòmraichean Mhic a' Mhuilleir an Sruighlea. Bha an Ceann-Suidhe, an t-Ollamh Iain Camshron, LL.B., anns a' Chathair, agus bha na buill a leanas an làthair:-A' Bhean-uasal M. Barron, Glaschu; Neacal Caimbeul, Inbhir-nis; A' Mhgdn.uasal Catriona Chamshron, Glaschu; Stiùbhart Cunningham, M.A., Cill-Fhinn; A' Bhean-uasal Mórag C. Edgar, Sraththire; Domhnall Greum, M.A., Inbhir-nis; An t-Urr. Iain MacAoidh, M.A., Glaschu; Iain MacAoidh, Dìn-éideann; An t-Urr. T. M. MacCalmain, M.A., Glaschu; Dòmhnall MacDhòmhnaill, Inbhir-nis; Iain MacDhòmhnaill, M.A., Peairt; Eachann MacDhùghaill, Glaschu; Iain MacGhill-Iosa, Goraig; Iain N. MacLeòid, A' Mhanachainn; Iain A. MacNeacail, M.A., Glaschu; Alasdair T. M. MacNéill, Glaschu; Fearchar MacRath, M.A., B.Sc., Glaschu; Uilleam MacRath, Baile Bhàillidh; Dòmhnall MacThòmais, M.A., An t-Oban; A' frithealadh :—Niall MacGhille-Sheathanaich, Rùnaire ; Alasdair MacMhathain, Iar Rùnaire ; Dòmhnall MacPhàil, Fear-Deilbhe na h-Airde Tuath; Dòmhnall P. Mac a Phearsain, Fear nan Lùth-chleas; agus A' Mhgdn.-uasal C. Nic an Tuairneir, Bana-chléireach.

#### CAIRDEAN NACH MAIREANN.

Aig toiseach na coinneimh labhair an Ceann-Suidhe mar a leanas :

"Bho choinnich sinn mu dheireadh rinn am bàs iomadh bearn am measg ar luchd-cuideachaidh.

"An toiseach, tha A' Bhean-uasal Oighrig Nic a' Chombaich, no Phemie Marquis, mar a b'fheàrr a b'aithne do'n mhór-chuid i. Bha i còrr is deich bliadhna fichead 'na ball de'n Ard-Chomhairle so, agus mar an ceudna 'na ball de thri Fo-Chomhairlean eile. Air Comhairle a' Mhòid 's a' Chiùil gu h-àraidh thug i seirbhis shònraichte do'n Chomunn. Chaill i a céile trì seachdainean mun do chaochail i fhéin, agus tha ar comh-fhaireachdainn ris an teaghlach a dh'fhàg iad 'nan déidh.

"Bha Ceann-Cinnidh Chloinn Fhionghuin 'na dhuine a fhuair aois mhór, agus ged nach robh e riamh air a' Chomhairle, bha e 'na bhall de'n Chomunn fad còrr is dà fhichead bliadhna.

Bha e còmhla ruinn aig Mòd Obar-Dheadhain,

"Le bàs Iain MhicCòrmaig thàinig call mór air aobhar litreachas ar cànain. Is ann a mhuinntir an Ros Mhuilich a bha e, agus bha e air oileanachadh greis ann an Oil-thigh Ghlaschu. Choisinn e móran dhuaisean aig Mòdan a' Chomuinn, agus bha e air an treas fear de na bàird a chaidh a chrùnadh aig a' Mhòd. Dh'fhàg e cuimhneachan as a dhéidh an rosg is am bàrdachd a mhaireas iomadh latha.

"Tha ar comh-fhaireachdainn a' dol a mach gu ar bana-charaid, A' Bhean-uasal Dunlop, anns an sgaradh a dh'fhiosraich i. Chaochail a céile caomh bho chionn beagan sheachdainean, agus bu mhath leinn fios a bhith aice gu bheil

sinn ag cuimhneachadh oirre aig ám a bróin.

"Chaochail Gàidheal caomhail eile, Dòmhnall Mac a' Phearsain, a bha 'na mhaighstir an Sgoil Srath na h-Apunn fad dà fhichead bliadhna. Bha e 'na dheagh sgoilear Gàidhlig. agus bha e 'na bhreitheamh aig Mòdan móra is beaga. Bha e 'na Cheann-Suidhe air Meur a' Chomuinn san Apuinn ré móran bhliadhnachan agus 'na bhall de'n Chomhairle so.

"Thàinig bàs aithghearr air ar caraid, An t-Urramach Tòmas S. Mac a' Phearsan, goirid an déidh dha a dhreuchd a thoirt suas. Bha e deich bliadhna fichead 'na bhall de'n Chomhairle so. Bha e mar an ceudna 'na Iar-Cheann-Suidhe agus 'na Fhear-Gairme air Comhairle a' Chlò-bhualaidh. Bha e 'na chùl-taic mór do aobhar na Gàidhlige am Baile Chinnloch Chill Chiarain, mar a bha e anns gach sgìre san robh e riamh. Tha ar comh-fhaireachdainn le a bhantraich agus a thriùir

"Thàinig mar an ceudna call mór air aobhar ceòl ar dùthcha le bàs na Mnà-uasail Ghrannd am Baile a' Chaolais. Bha i 'na seinneadair barraichte agus choisinn i móran dhuaisean aig na Mòdan Nàiseanta. Bha i 'na ball de'n Chomunn ré móran bhliadhnachan, mar a bha a céile, an Lighiche Lachann Grannd nach maireann.

"Chaochail càirdean eile nach robh cho aithnichte do ar buill ach a bha dìleas do'n Chomunn 'na uile shaothair as leth AN GAIDHEAL.

na Gàidhlige, mar a bha Gilleashuig Caimbeul, Rudha Ard-Driseig; Iain MacGhille-Bhride, Arainn; Iain Stiùbhart Bannatyne; Alasdair MacDhòmhnaill, Dearabhaig; agus Calum MacCaluim, a bha an Ohar-phuill.

"Tha àireamh mhór an sin de chàirdean a' Chomuinn, agus tha ar comh-fhaireachdainn a' dol a mach do'n luchd-dàimh 'nam bròn. Bithidh sinn 'gan cuimhneachadh 's 'gan ionndrainn.''

MacNéill, Glaschu.

Leughadh tagraidhean neo-làthaireachd bho àireamh de bhuill na Comhairle

Leughadh Gearr-sheanchas na coinneimh roimhe agus chaidh gabhail ris. Chuir an Ceann-Suidhe fàilte fhuranach air na huill a leanas a hha an làthair air son na ceud uaire :-Iain MacDhomhnaill, Fear-Gairme Comhairle Ionadail a' Mhòid am Peairt; Iain MacGhill-Iosa, Goraig; agus Alasdair

Leughadh Geàrr-sheanchas coinneimh de Chomhairle an Ionmhais. Bheachdaich a' Chomhairle, mar a dh'iarradh, air Riaghailtean is Rian-Cise a thaobh cosdas siubhail is pearsanta hhall taghte na h-Ard-Chomhairle air dhaihh frithealadh aig coinneamhan na h-Ard-Chomhairle agus a Fo-Chomhairlean. An déidh heachdachadh air na riaghailtean so agus le heagan fhacal a chur riutha, ghahhadh riutha.

Thugadh taing chridheil do Mhgr. Iain A. MacNeacail air son a shaothrach ann a hhith ag ullachadh nan riaghailtean cho comasach agus cho diongmhalta. Thugadh taing do'n Rùnaire air son an eadar-theangachaidh shoilleir a rinn e air

an iomradh agus air na riaghailtean.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Iain A. MacNeacail, chaidh gabhail ri Geàrr-sheanchas Comhairle an Ionmhais.

#### COMHAIRLE AN FHOGHLUIM

Leughadh Geàrr-sheanchas coinneimh de Chomhairle an Fhòghluim. Dh'iarr a' Mhgdn.-uasal Catriona Chamshron fiosrachadh mu dhéidhinn Cùrsa Aithghearr a bhios freagarrach do oileanaich Diadhaireachd a tha air Feachdan an Rìgh fhàgail agus a tha fo stiùradh Eaglais na h-Alha. Thug an t-Urr. Iain MacAoidh mìneachadh air a' chùrsa so agus na cuspairean a dh'fheumas oileanaich a ghabhail. An déidh sgrùdaidh dh'iarradh air Comhairle an Fhòghluim a' cheist ath-hheachdachadh agus iarraidh gum hiodh Gàidhlig air aon de na cuspairean a dh'fhaodadh oileanaich a ghabhail anns a chùrsa ghoirid so comh-cheangailte ris na h-Eaglaisean uile.

Dh'iarradh air a' Chomhairle mar an ceudna iad a thoirt fa chomhair nan Oil-thighean gur còir na leabhraichean Gàidhlig as am hi na ceistean a bhios air an cur anns a' Cheud Cheasnachadh a hhith air an ainmeachadh roimh-làimh, mar a thàtar a' deanamh a thaobh chànainean eile.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Fearchar MacRath,

chaidh gabhail ris an Iomradh.

#### COMHAIRLE A' CHRAOBH-SGAOILIDH.

Leughadh Geàrr-sheanchas coinneimh de Chomhairle a' Chraohh-sgaoilidh. Bha deashud ann mu luchd-teagaisg ciùil, agus bha cuid de na huill am heachd gum bu chòir oidhirpean a dheanamh gu Mòdan Dùthchail a chumail codhiuhh hhiodh fear-teagaisg ciùil air fhasdadh leis a' Chomunn no nach hiodh

Lahhair Mgr. Dòmhnall Greum, Fear-Gairme na Fo-Chomhairle an Inhhir-nis, agus thug e taing do'n Ard-Chomhairle air son Seòmar-gnothaich agus Bana-chléireach a thoirt dhaibh an Inbhir-nis, agus air son cho sgiobalta 's a rinn iad na gnothaichean a shocrachadh.

Air iarrtas an Fhir-Ghairme, Mgr. Dòmhnall Mac-Dhòmhnaill, chaidh gabhail ris an Iomradh. Chaidh heachdachadh air litir bho'n Urr. Calum MacGilleathain a chumail thairis gus an ath-choinneamh.

#### GNIOMHACHAS IS EALDHAIN. Leughadh Geàrr-sheanchas coinneimh de Chomhairle a'

Ghnìomhachais is nan Ealdhain. Chuireadh Fo-Chomhairle air bonn gu bhith deasachadh clàr-iomairt an ath-Mhòid. Tha a' Chomhairle a' deanamh ullachaidh air son Cairtean ùra a hhith air an clò-hhualadh roimh am na Nollaige. Air iarrtas na Mnà-uaisle Edgar chaidh gabhail ris an

Iomradh.

COMHAIRLE A' MHOID 'S A' CHIUIL.

Leughadh Gearr-sheanchas air dà choinneamh de Chomhairle a' Mhòid 's a' Chiùil.

Chaidh heachdachadh air comh-fharpais shònraichte air son còisirean dùthchail an Earraghàidheal, agus thugadh aithisg nach rohh e comasach a' chomh-fharpais so a chumail air a' bhliadhna so an Ceann Loch Gilh. Chliùthaich a' Chomhairle sgrìobhadh gu Meur an Obain agus iarraidh orra a' chomh-fharpais a chumail am mìos Lùnasdail.

Ghabhadh ris an Iomradh so air iarrtas Mhor. Iain A.

MhicNeacail. Anns an dara Gearr-sheanchas bha a' Chomhairle ag iarraidh

ùghdarrais Clàr-eagair Mòd 1948 a shocrachadh gun tighinn fa chomhair na Comhairle Ghnìomhaich, a chum is gum hiodh gach ceòl is cuspair eile ullamh aig Mòd na hliadhna so.

Air iarrtas Mhgr. Dhòmhnaill MhicThòmais chaidh

gabhail ris a' Gheàrr-sheanchas so.

Air iarrtas a' Chinn-Suidhe thug Mgr. Iain MacDhòmhnaill, Fear-Gairme Comhairle Ionadail a' Mhòid am Peairt, aithisg air na tha iad a' deanamh fa chomhair Mòd na bliadhna so. Bha móran ri dheanamh, ach bha e toilichte innseadh gu robh a' soirbheachadh leotha, ged a bha fhathast dragh aca àiteanfuirich fhaotainn do hhuill nan còisirean. Dh'ainmich e mar an ceudna gu rohh buidheann math Gàidhlige aig Mgr. Ruairidh MacFhionghuin anns a' bhaile, agus nach robh e oidhche na bu lugha na deich ar fhichead a hhith an làthair aige.

CLANN AN FHRAOICH IS COMUNN NA H-OIGRHDH, Thugadh aithisg gun do chumadh coinneamh ghoirid de Chomhairle Clann an Fhraoich air an fheasgar sin. Thug Mgr.

Dòmhnall MacPhàil iomradh air an ullachadh a thàtar a' deanamh fa chomhair Campa na hliadhna so; agus thug Mgr. Dòmhnall P. Mac a' Phearsain iomradh air an ohair a rinn e fhéin am measg nam Feachd san Eilean Sgitheanach, an Ile, agus am Muile, hho'n choinneamh mu dheireadh.

Ghahhadh ris an dà aithisg so air iarrtas an Fhir-Ghairme. Mgr. Eachann MacDhùghaill.

AM MOD NAISEANTA AN 1948.

Leughadh Geàrr-sheanchas air coinneamh de'n Chomhairle-Earalach.

Dh'ainmich an Ceann-Suidhe gu robh fios a nis air fhaotainn hho Fo-Chomhairle a' Chraohh-sgaoilidh an Inhhir-nis nach robh e freagarrach Mòd 1948 a chumail anns a' bhaile sin. Tha a' Chomhairle ag cliùthachadh gun iarradh air Comh-Chomhairle nam Meuran an Glaschu iad a ghabhail ri riochdairean hho'n Chomhairle so a chum is gum heachdaich iad air a' Mhòd a chumail an Glaschu air an ath-hhliadhna. Dh'iarr an Ceann-Suidhe gun tugadh a' Chomhairle Ghnìomhach làn ùghdarras dhaibh am Mòd a shocrachadh.

Labhair Mgr. Dòmhnall MacDhòmhnaill agus Mgr. Dòmhnall Greum mu na h-aobharan nach robh e comasach am

Mòd a chumail an Inhhir-nis air an ath-bhliadhna, Air jarrtas Mhor, Dhòmhnaill MhicDhòmhnaill thugadh an

t-ùghdarras a dh'iarradh do'n Chomhairle-Earalach am Mòd a shocrachadh, agus chuir Mgr. Iain A. MacNeacail aonta ris. Air iarrtas a' Chinn-Suidhe chaidh gahhail ris an Iomradh.

#### COMH-CHRUINNEACHADH NAN CEILTEACH

Leughadh Geàrr-sheanchas coinneimh de Chomhairle Shònraichte nan Còirichean. Thàinig a' Chomhairle gu comh-dhunadh mu leabhraichean "Còisir a' Mhòid," agus tha iad ag cumail f'an comhair còrdadh mu "Orain a' Mhòid" agus clàran a' ghramaphoin. Ghabhadh ris an Iomradh air iarrtas Fhir na Cathrach.

Shònraicheadh ath-choinneamh na Comhairle a chumail

air a' cheathramh là de'n Iuchar.

Thug an Ceann-Suidhe iomradh gun d'fhuair e litir bho rùnaire Comh-chruinneachadh nan Ceilteach, ag innseadh gu bheil an Comh-chruinneachadh ri bhith air a chumail am Baile Ath Cliath hho'n dara là fichead gus an naodhamh là fichead de'n Iuchar. Thuirt an t-Ollamh Camshron gu hheil e fhéin a' leigeil dheth a dhreuchd mar rùnaire a' Chomh-chruinneachaidh an Alhainn, agus gu hheil e iomchuidh gum biodh rùnaire eile air a thaghadh. Is e ainm is seòladh an Rùnaire an Eirinn, Oscar MacUilis, "Inis Chaoin," Deilginis, Co. Atha Cliath.

Thugadh a' Choinneamh gu crìch le taing chridheil a thoirt do Fhear na Cathrach.

#### BAS CHAIRDEAN.

We regret to record the deaths of the following friends and supporters of our movement.

#### Rev. T. S. MacPherson.

The Rev. Thomas S. MacPherson, formerly of the Highland Church, Campbeltown, died at Langholm, Dunfries-shire, on 2nd April. Born in Ardnamurchan in 1870, Mr. MacPherson was educated at Raining's School, Inverenses, and the Universities of St. Andrews and Edinburgh. He served as Assistant at St. Columba's, Glasgow, and was ordained in 1895. Thereafter he held the following Charges—Tiree (1895-1904), Tarbert, Lochfyne (1906-9), Voker (1909-16), St. Vincent Parish, Glasgow (1916-25), and the Highland Church, Campbeltown (1925-46).

For nearly fifty years Mr. MacPherson was a member of An Comunn and served for some thirty years on the Executive Council, being a Vice-President for four years and Convener of the Publication Committee from 1911 to 1914. He also officiated many times as a Mod adjudicator. But perhaps his most signal service to the Cause was rendered in Campbeltown during his long and notable ministry there. Campbeltown, as we know, has long been strongly affected by Lowland and non-Gaelic influences, but in recent times there has been a remarkable revival of interest in Gaelic in that area. The Campbeltown Gaelic Choir has won renown, and individuals from the area have gained distinction in literary and other activities connected with the Gaelic Movement. Mr. MacPherson, it may be said, was the guide and inspirer of that revival. We had hoped that in the leisure of his retirement, upon which he had so recently entered, he might have continued to serve the Cause, and his passing has left us much the poorer.

Many fine tributes have been paid to Mr. MacPherson's Gasciates in church and civic life and in the Gaelic Movement, but we have pleasure in publishing the following tribute by Mr. Charles Reppke, who was his close associate in helping on the cause of Gaelic in South Kintrye.

"It was my good fortune to be intimately associated with the late Rev. T. S. MacPherson in the work of the Campbeltown Branch of An Comunn, and during that period I had ample opportunity to assess his outstanding qualities of heart and opportunity in the gentleness, sincerity, tolerance, patience, generosity, and tact, all contributed to the sum of a most lovable personality. He was exceptionally well gifted in the ability to adapt himself to the occasion. His concern and sympathy for the sorrowing; his humour and cheerfulness at our Ceilidhs and similar events; and his incisive and clear-cut comments at business meetings-all these denoted a unique flexibility of mind. These qualities are the explanation of his popularity and the respect in which he was held. In his varied activities—and they were many—his zeal in the cause of Gaelic was exceeded only by his devotion to his ministerial duties. For weeks prior to the local Mod the Highland Manse was 'Liberty Hall' to all who aspired to Gaelic musical honours, and it was in this connection that his amazing patience and tact were fully portrayed. I am quite certain that no one ever put in so many 'man-hours' at teaching Gaelic to soloists and choirs as did Mr. MacPherson; and it was all a labour of love without thought of reward other than the satisfaction of having done something for the language he loved.

"Whatever proficiency the writer has attained in reading Gaelic is wholly due to Mr. MacPherson, and it was a matter of some satisfaction to me that I was able latterly to repay him in some measure by relieving his ageing shoulders of part of the burden of preparing competitors for the Mod.

"Mr. MacPherson's retiral from the Highland Church and his consequent residence outside Campbeltown was a sore blow to many of us, but softened somewhat by his assurance that we would all meet at the Perth Mod.

"' Not now in Perth,' as the Rev. Mr. Blackwood said at the crowded Memorial Service, 'shall we meet him in the flesh, but somewhere further out beyond the bounds of our poor earthliness we shall think of him listening to us.'

"In a gently falling drizzle of rain I stood as a pall-bearer by the side of his open grave, and it seemed to me that the heavens were shedding tears at the committal of all that was mortal of our dear friend to a last resting-place among the Lowland hills, his heart and soul being ever in his beloved Highlands.

"But he wished it so, and that should satisfy those of us who mourn the passing of one whom to meet was a pleasure, and whose friendship was a blessing.

"He lived by the precepts of his Bible and died in the glory of his service to Gaeldom."

#### Mrs. Grant, Ballachulish.

Mrs. Catherine Grant, widow of the late Dr. Lachlan Grant, Ballachulish, died at a comparatively early age on 21st March, She was for many years a zealous member of An Comunn and was widely known as an accomplished singer in Gaelic and English. Mrs. Grant won many prizes at the Mods. She was a gracious lady, ever eager to help in good causes, and gave splendid service especially during the war in connection with W.V.S. work and charitable organisations. She took a keen interest also in the efforts to ameliorate the economic and social conditions of the Highlands, efforts in which her late husband, Dr. Grant, founder and first President of the Highland Development League, and her late brother, Mr. Angus Clark, also a member of the Council of the League, were so closely concerned.

#### Mr Donald MacPherson, Appin.

Mr. Donald MacPherson died on 28th March at the age of 81. He was a native of Badenoch, and was the Headmaster of the school in Strath of Appin. Not only was he the President of the local Branch of An Comum, but he also helped on many occasions as an adjudicator at Mods, particularly in the oral competitions. He was highly respected by all and loved by many—a fine old man who cherished the best traditions of his people.

We place on record our deep sympathy with the families and friends of those whose passing we have mentioned and also with several others among our membership who have recently suffered bereavement.

# CAIFIDH MOR NA H-OIGRIDH, 1942.

("Grand Café de la Jeunesse").

Le Deorsa Caimbeul Hay.

Bha mi fhéin is Gilleasbuig 'nar suidhe gu seasgar socrach aig bòrd beag cruinn an Caifidh Mór na h-Oigridh, agus eadarainn dà ghlaine de'n fhìon dearg sin nach 'eil ro dhona is nach 'eil ro mhaith.

Caifidh na h-Òigridh, Caifidh an Dechais, Caifidh an Ama-Gu-Teachd—sin agad an seòrsa tiotail as mò aig na h-òsdairean Arabach am bailtean beaga is móra Alidir is Thònaisi; ach, a dh'aindeoin sin, bltear ag cumail a mach gur ni nach gabh athurrachadh an gnè nan Arabach an dèidh a th'aca air a bhith ag ràdh, "Tachraidh na thachras—kull shi fy yedd Allad, d h-uile nì an làimh Dhè). "Ma tha iad buailteach gu "ibbadh leis a' chùis a bhith mar tha e," nach 'eil seanfhacal againn fhéin a their, "An rud at has and dan, 'ae thachras "?

Inem a their, "An rud a tha san dan, se unachras "
Ach coma dheth sim—chuala mi mar an ceudna a bhith cur
mar fhiachaibh gu bheil luchd Josaim cumhangi, mitinneach,
mi-shìobhaits; nach fhaodar idir earbes a chur sa a h-aon
diubh (chuala mi aig Frangach, a chuir sacadar oinn de
pholosia, on ingigean as bòidhche, no de chuid de'n t-asophal air
fad fhàgail air chiram aoin de na Drbasich "fhiadhaich"
agus faibh gun smaoin gun iomagain d'an taobh ré dheich
bliadhna, oir cha bheanar riù); gum bi deichnear bhan aig
h-uile mac mathar dhiubh (mas e is gun gabhadh "ma
màthar " a ràdh ri cloim athraichean a bhiodh air am bleith
eadar briogada bhan), agus a leithlid sin de bhlialum.

Biodh sin mar a thogras e, bha an dithist againn gu seasgar aitheil a stigh ann a' chaifidh, a chuideachd air fichead Frangach, dà Gheancach, trì maraichean Lochlannach, aon "chan'eil-fhois-agam-6-6" do'm bu deise a' Ghreugais na gach cainnt eile, dà Spàinteach o'n Chorps Franc d'Afrique, am balachan abhaisteach a bhioich thall 's a bhos ceadar casan nan daoine ag atach, "Tsiris! Leig dhomh leus a chur air bhur brògan. Kiwi, Johnnie! Zùj dùro! (deich franc);" agus, mar cheannard agus mar chrùn orra uile, mo sheanneòlach Diemai Muhammad.

Is e bu chosnadh do Djemài Muhammad, cogadh no sìth ann, na seòladairean a chuireadh cas air tìr air ceidhean Bhóna a threòrachadh chun gach àit a bu roghnaiche leò—a dh'ithe, a dh'òl, chum a' chionama, agus mar sin air aghaidh.

An tró so bha Djemài car air mhisg le cus nin rouge, is bha e bruidhneach, briathrach. "Haqq Rabbi (Firman, an Tighearna)!" shéid easa dìreach 'nam chluais, is e corrach air a chasan: "Gun teagamh chan 'eil mo leithid eile a dh'Arabach eadar Thanis agus Oràn. Na dean ach falbh sìos agus foòraich fad is leud nan ceidhe, agus their iad riut, 'Is e Djemài Muhammad prìomh Arabach nan ceidhe so. Is e Djemài Muhammad prìomh Arabach nan ceidhe so. Is e Hein crìn agus lochran ham Moslamach taobh a 'chalaidh.' Djemài Muhammad ch', dh'éigh easa, agus cha mhòr mach do thuit e as a sheasamh.

"Ma tà, a shùilean t'athar," arsa mise, "tha rud beag a dhith ormas a bhios mi 'ga iarraidh ort. Wa rdeek (air do cheann), innis dhomh ciamar a ghabhas e bhith gu bheil thuas, mas ann de Ioslam thu, ag òl an fhìona sin a chaidh a thoirmeasg leis an Fhàidh, agus, a thuilleadh, 'ga fhìor òl is 'ga shìor òl gus a bheil thu a' faicinn a h-uile rud air a dhibliachadh.

"Ol is fìon," arsa Djemài, le sealladh fad as a' teachd 'na shùilean, "shereb wa shiràb (d) is fìon!) Fìon dearg is fìon buidhe, aràqi is sùgh nan craobh-pailme agus facal an Fhàidh!", agus le sin dhìrich e air cathair a bha làimh ris agus thàinig e mach

le sriut rann as a' Choran.

Is e nì ceòlmhor, binn, sòluimte an Coràn 'ga ghabhail an Arabais, agus dh'éisd mi ri Djemài le mór-thlachd. Bha mi fad air ais, agus m'inntinn leagte air na Càilifean, air na Sùltain, air naoimh Allah—na Sùfaidhean—a bhiodh a' sìreadh na Firime an sgoltaibh nan creag agus air feadh nan dìthreabh, agus air rìghrean na h-Alhambra is sgeulaichean Bhaghdàid, nuair dhùisg straighlich uathbhasach mi.

Bha Djemài agus a' chathair, an dà chuid aca, corrach air na casan, agus, sùil d'an tug mi, bha an searmonaiche air slait a dhroma air ùrlar a' Chaifdh, agus a' chathair 'na pìosan

beaga mu'n cuairt dha.

"Berra! (a mach!)," sgairt an t-òsdair; "cha tu a phàidheadh a càradh. Mach thu, bhurraidh!"

Agus dh'fhalbh Djemài a' bòrdaireachd troimh an dorus. "Esta loco, pobreció (tha e as a rian, an truaghan)," arsa fear de na Spàintich; agus rinn na Frangaich, na Geancaich, na Lochlannaich, an Greugach (mas e Greugach a bh'ann),

agus balachan glanaidh nam bròg gàire le chéile.

"Chan ionghnadh mise bhith searbh dhiubh," area Gilleasbuig, is a s' meannaich gut rungh. "Uair gheith thu lad cho cràbhach, còir, is ainm Allah an dèidh a h-uile facail a thig as am beul. Uair gheibh thu lad air leud an droma an ceò na misg—agus feuch am fear sin ag gabhail a' Choràin agus samh an fhìona dheth. Tha iad cho luaineach ràs a'ghaoith an ám tàirneanaich, agus leig mi dhìom a bhith strl ri tuigsinn an naduir. Air gach aon chor chan ann mar na Gàidheil iad. Nuair a bhice sinn etch gheibhear teth sinn, agus nuair a bhice sinn tara cha bhi sinn ach fuar, agus chan ann meadhbhice sinn tara cha bhi sinn ach fuar, agus chan ann meadhcoinneimh neach de ar n eòlas le fiamh a' ghàire air ar facaill agus ar lamh chil air a sìneadh thuige." (An comharradh dimeas as mò am measg nan Arabach.)
"A bheil thu 'g ràdh, a Lasbuig r'y area mise. "Tha mi

"A bheil thu 'g ràdh, a Lasbuig ?" arsa mise. "Tha mi creidsinn gun cuir thu 'aonta ris, gum faodar nàdur is gnà cinnich air bith a leughadh as na sgeulachdan aca. An diugh cheannaich mi am Mosachan Arabach ud, An Nars (A' Bhuaidh), agus tha sgeul éibhinn ann a leughas mi dhuit; agus an déidh dhomh a leughadh faodaidh tu do bharail a thoirt seachad air nàdur ana doine a dh'innseadh agus a dh'éisdeadh

a leithid."
Bha am fear-taibse ealanta nach beò, Uisdean Camshron MacGhill-Iosa, de'n làn-bheachd gur e "crann doruis tighe an tuathanaich" a bu chòir a ràdh, is chuala mi e a' toirt a bheachd an argumaid glé theth anns na làithean san robh Acadamaidh na Gàidhlig am bith. Bha cuid a bha de atharrachadh beachd, agus is coltach gun cumadh iadsan ris a' bheachd gur e "Druim-tigh-Mhic-Ghille-Chatain" a bu chòir a ràdh; ach tha an dòigh anns an abrar e le tuath is nàistinnich Mhuile-"Druim-tighe-Mhic-Ghille-Chatain"-a' dearbhadh gur ann mar sin a theireadh na seann daoine e is gur e a tha ceart. Bha mi féin riamh am beachd gur e cur-dearbhaidh air a' chùis so an taibse Gàidhlig a bha anns an fhacal, is bha mi glé thoilichte fhiosrachadh gu bheil a leithid de àite ann le cinnt agus fhaicinn le m' shùilean féin.

Chan urrainn dhomh soillearachadh a thoirt air a' chùis gu bheil "Mac-Ghille-Chatain" a' tighinn a stigh anns an ainm, leis gu bheil dùthaich Chloinn Chatain glé fhada bho Mhuile; ach, air an làimh eile, bha aon de Chinn-fheadhna Leathanach Dhubh-aird is an abairte Lachunn Catanach, ach chan aithne

dhomh ma bha buintealas aig an dara aon ris an aon

Is ann air enoc a tha an so a thugadh an t-ainm an toiseach—enoc a tha ro choltach le amharc air bho thaobh sòrraichte ri druim tighe—ach theirear an diugh e, is coltach leam, ris an t-slios-bheinne uile gu léir. Chan 'eil e fada bho'n bhaile bheag, bhòidheach ud. Dearbhair.

An uair a tha mi a' sgrìobhadh tha an t-sìd air tighinn gu rian fàis mu dheireadh thall. Lean fuachd is gaillionn geamhraidh glé fhada am bliadhna, agus is beag nach bu gheamhradh an t-earrach uile. Bha cailleach mhór an reodhaidh is na h-an-shìd ro reachdmhor, làidir air an earrach a bha an so, agus bu ghann a thugadh gu stamhnadh i idir; ach tha i féin is a slachdan draoidheachd air an ruaig a nis, is cùmhnglaichear i ris a' Bheinn Bhric anns a bheil a dachaidh gus am bi geamhradh eile a' tarruing dlùth. Bidh Camp Comunn na h-Oigridh againn bhuaithe sin, agus tha ar sùil ri làithean fada, sona an Inbhirailleart an ùine nach 'eil fada bhuainn a nis. Bidh mean-iomradh is seòladh air gach taobh de'n tionnsgnadh sin agam dhuibh an àireamh an Iuchair. Bhur Caraid Dìleas.

EACHANN MACDHUGHAILL.

#### OISINN NA H-OIGRIDH.

#### DONNCHADH MOR CHINN T-SAILE.

Bha Donnchadh Mór Chinn t-Sàile uair a bha sud a' dol còmhla ri a mhàthair gu Gearasdan Dubh Inbhir-Lòchaidh, is iad a' reic an annlainn.

Dh'iarr Donnchadh airgiod a cheannaicheadh boineid air a mhàthair, oir cha robh ann an uair ud ach an glas-ghille agus is maith dh'fhaoidte nach robh boineid riamh air a cheann calma.

Dhiùlt a mhàthair airgiod a thoirt da. Ach an uair a bha iad a' tilleadh dhachaidh thachair na robairean riutha anns a' mhonadh agus sheas iad aig Donnchadh leis a' bhagradh àbhaisteach ag iarraidh air gach sgillinn ruadh a bha aige a liubhairt dhaibh.

Thuirt Donnchadh nach robh bonn-a-sia aige-san, gur h-ann aig an té ud thall (a mhàthair) a bha an sporan, agus iad a dh'fhiachainn rithe, agus nach cuireadh esan dragh air an talamh orra.

Shuidh e air cloich fhad is a bha a mhàthair a' liubhairt na bha aice de airgiod, agus an uair a thug i seachad e thuirt i riutha gu robh a nis aca na h-uile sgillinn a bha aice de'n t-saoghal, ach gum biodh i 'nan comain an déidh na rinn iad oirre nam buaileadh fear diubh sròn a bhròige air a' ghille mhaol ud a bha na shuidhe air a' chloich

Rinn fear diubh sin, agus is e a bha ann gun d'éirich an gille maol is cuirear na robairean air muin a chéile, agus thugar uapa na h-uile tasdan.

An uair a ràinig Donnchadh agus a mhàthair faisg air an tigh fhéin ruith Donnchadh air thoiseach gus an innseadh e fhéin mar a thachair. Thug e an t-airgiod d'a athair agus dh'fhoighnich esan ciod a choisinn da-san gur h-ann aige a bha an t-airgiod. Dh'innis Donnchadh facal air an fhacal mar a thachair, mar a dhiùlt a mhàthair airgiod a cheannaicheadh boineid dha, agus mar a rinn esan pronnadh nam mial air na robairean.

Arsa athair ris, "Bheir mise boineid dhuit," agus chaidh iad a mach far an robh greigh de lothan agus thug a athair dha a roghainn diubh.

IAIN N. MACLEOID.

#### AINMEAN-AITEAN. Feuchaibh ris an so.

Anns an litir aige air a' mhìos so tha Eachann a' toirt iomraidh air àite ann am Muile air a bheil ainm fada, agus, anns an dol-seachad, thug e tarruing air àite anns a' Chuimridh

air a bheil ainm sònraichte fada. Saoilidh mi gur e so an t-ainm-àite Cuimreach air a bheil Eachann a' smaoineachadh: "Llanfairpwllgwyngyllgogerychwymdrobwll-llantysiliogogogoch." Sin agaibh ainm, is dà fhichead litir 's a h-ochd-deug am (58)

Is e an t-ainm Muileach a thog Eachann "Druimtighe-Mhic-Ghlie-Chatain"—seachd Utrichean fichead (27). Tha ainm-aite eile ann a tha litir nas fhaide. Is e sin an t-aite ris an abrar anns a' Bheurta "Campbeltown"— Baile-Ceann-Loch-Chille-Chiarain." Tha ochd litrichean fichead an so (28).

Bha iomradh anns na paipearan-naidheachd o chionn ghoirid mu àite ann an Siorrachd Dhun-phris, agus 's e an t-ainm a th'air anns a' Bheurla "Ae." Chan aithne dhomh ainm-àite eile anns a' Bheurla nas giorra na so, ach tha ainm againn anns a' Chàidhlig a tha nas giorra eadhon na "Ae." Tha e cho goirid 's nach gabh a dheanamh dad nas giorra. Is e sim "1." an t-eilean naomh aig Calum-Cille.

A nis, ma tà, bheir mi leabhar mar dhuais do'n neach fo aon t-ainm-aite Gàidhlig as fhaide.

Siùthadaibh, agus cuiribh bhur n-aois air bhur litir.

AM FEAR-DEASACHAIDH.

# FACAL SAN DOL SEACHAD.

An t-Urramach Cyril Dieckhoff,—Air an latha mu dheireadh de'n Chéitein choimhlion an t-Athair Urramach Eanraig Cyril Dieckhoff leth-cheud bliadhna anns an t-sagartachd, agus tha An Gaidhead ag cur meal-an-naidheachd air agus ag guidhe dha gum bi móran bhliadhnachan eile air am buileachadh air, agus neart is slàinte 'nan cois. Tha leth-cheud bliadhna anns an t-sagartachd no mar mhinistear no an dreuchd sam bith 'na thachartam mór, agus is e flor aobhar-duend sha bha tha cheud bliadhna anns an t-sagartachd no mar mhinistear no an dreuchd sam bith 'na thachartam mór, agus is e flor aobhar-duend sha cheadh agus chair a chair an chair an an Liubile de'n t-seòrsa so. Ged nach e Gàidheal (ne. saoilidh mì cadhon Albannach)

a channa Gaidhean an daidhean an daidhean

Chuirinn air thoiseach mar a phrìomh-obair am Paclair Gàidhlig a chuir e mach an 1932. Tha am Faclair sin air a at-idheachadh air dual-chainnt Ghàidhlig an t-seann ghìnealaich an Gleann-garadh, agus tha e luachmhor ann fhéin agus 'na eisimpleir air mar as còir dol an ear oibre de'n t-seòrsa.

Anns a' cheud leabhar de "Scottish Guelic Studies" rinn e iomradh feumail air dual-chainntean Gàidhlig na h-Albann, agus tha aon oraid eò-dhiubh aige ann an leabhraichean Comunn Gàidhlig Inbhir-nis, far a bheil e a' toirt cunntais air beul-aithris ann Gàidheal.

O chionn móran bhliadhnachan is ann am Manachainn no Abaid Chille-Chuimein a tha Maighstir Cyril a' deanamh a chòmhnaidh, ach tha e aithnichte agus tha meas air an iomadh ceàrn de'n Ghàidhealtachd. Gach beannachd leis!

"'(Trois Thra." — Beagan sheachdainean air ais, fo riaghladh Commun na Morbhairne, chaidh an dealbh-chluich "'Crois Tòra" a chluich air air chaidh an dealbh-chluich "'Crois Tòra" a chluich air air deal Tigh-cluiche an Atheneum an Glaschu tha oithche an diella. Bha air as gioba-cluiche à iomadh ceàrn de'n Chàidheannail a bh. Bc. Chan eil sinn idir neo-chleachte ri dealbh-chluichean ann an Gaidhlig, ach tha mi de'n bheachd gur eo an dara nuir a chuireachd dealbh-chluich Gàidhlig air na claran ann an Tigh-cluiche. (Chuireadh "Mairead" an céill san dheneum an 1921). Bha mar sin gach goireas is acfhuinn aig a' chuideachd, — airneis is sgàil-bhratan is soluis is eile. Mar an ceudna bha na gioba air an éideadh gu freagarrach a réir có am pearsa a bha ind a' rìochdaichadh.

Ach, nas fheàrr na sin, rinn gach aon de'n sgioba gu maith agus gu fior-mhaith. Bha a h-uile nì cho dòigheil is cho nàdurra 's gun saoileadh tu nach e cluich a bh'ann idir ach rud a' tachairt an ceart da-rìreabh. Is a Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaidh nach maireann a sgrìobh an dealbh-chluich so. agus tha mar chuspair aige tachartasan co-cheangailte ri "Bliadhna Thearlaich" Tha am Prionnsa Tearlach air tighinn air tìr am Mùideart agus roimhe crùn is rìgh-chathair a shinnsir a chosnadh air ais le faobhar a' chlaidheimh. Tha feadhainn de na Cinn-fheadhna ag coinneachadh ris, is cuid dhiubh dian gu éirigh leis is cuid eile caran teagmhach. Ach tha òraidean fileanta a' bhàird ainmeil, Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, 'gam brosnachadh. Chì sinn an sin seann bhodach. Dòmhnall MacEachainn, a' rùrach sìos is suas 'na thigh beag fhéin 's e a' sireadh a dheagh chlaidheimh 's gun sgeul air is Màiri, a bhean, air a chur am falach. Fhuaras an claidheamh ach 's e an gille as òige aca a dh'fhalbh leis a sheasamh còir a' Phrionnsa. Aig deireadh an sgeòil tha am Prionnsa 'na fhògarach, blàr oillteil Chuil-Iodair seachad, bròn is dibhealmisnich an iomadh dachaidh Ghàidhealaich, ach tha Raonull Og MacEachainn sàbhailte.

Is e obair mhath a rinn Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaidh an uair a sgrìobh e an deabh-chluich so, agus is e obair ro-mhaith a rinn an sgìoba aig Fionnlagh ('s e fhéin a riochdaich pearsa a' Phrionnsa) ann a bhith 'ga chur an céill. Taing dhaibh-san agus do Chomun na Morbhairre air son an saothrach. Tha sinn an dòchas gum faicear an dearbh sgioba sin ann an dealbhchluich eile an bùin ghòirid.

Goille-Chnagaidh.— Chl mi gu bheil an t-Urnas Nàiseanta (The National Trust) air seilbh fhaotainn air plos mór fearainn mun cuairt air Bealach Choille-Chnagaidh. Is e an t-Urnas so buidheann a tha gabhail fo dhion is fo'n cùram plosan de'n dùthaich a tha sònnaichte air son maise nàdurra no air son thachartasan ainmeil an eachdraidh co-cheangailte riutha, air eagal 's gum millear iad air dòigh sam bith.

B'ann aig Coille-Chnagaidh a chuireadh an cath ainmeil ria an abradh na Gàidheil "Cath Raon Raniridh," Anns a' chath so, ann an 1689, chuir am feachd Gàidhealach, fo chommand Iain Ghreumaich ("Claurchouse"), Morain Dhìmdeagh, an ruaig air feachd an Rìgh Uilleam, fo chommand san t-Seanalair MacAoidh. Rimeadh sgrìos mór air armait Mhicaoidh. Mar a thuirt Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, is e cuimhreachadh air euchdan nan Gàidheal an aghaidh nan Gall, bu llommhor air "tatha Coille-Chnagaidh sin na chnag sinn iad d'an uaigh."

Bha àite sònraichte aig a' chath so ann an cuimhne nan seann-Ghàidheal, agus tha móran de na bàird a' luaidh air. Rinn Iain Lom dà oran m' a thimchioll, agus tha iomradh air ann an Làmh-sgrìobhainn Fhearnaig. Tha Silis na Ceapaich ag insseadh gu robh a ceile an làthair aig a' chath "an Coille Chrìothnaich is là an t-Sléibhe." Be "Coille Chriothnaich" ainm eile air Coille Chnagaidh.

Ach ged a bhuidhinn Clébheris an cath chaill e a bheatha. Mar a tha Iain Lom ag ràdh:

"An Raon-Ruairidh nam bad Is lìonmhor uaigh is corp rag, Mìle sluasaid is caib 'gan léidigeadh. AN GAIDHEAL

" A shàr Chlébheris nan each, Bu cheann-feadhn' thu air feachd : Mo chreach léir an tùs gleac mar dh'éirich dhuit."

Gliocas nan Gàidheal .-- Chan fhaighear math gun dragh.

Firing air son a' Mhios so .- Chan ann do na daoine luatha a tha an réis no do na daoine treuna an cath.-Ecles,

#### SECRETARY'S NOTES.

Ayr .- The closing Ceilidh of the Ayr Branch was held in the Ayr Academy Hall on Friday, 18th April, and I had the honour of occupying the Chair. There was a very large attendance of members and friends, and I was introduced by the Branch President, Mr. Alasdair MacKechnie. The Ayr Gaelic Choir, conducted by Mr. Donald MacIssac, made a most creditable appearance in the programme and their repertoire of Gaelic songs was a revelation to many of the older members. Mr. MacIsaac, now resident in the district, is a distinct asset to the Branch. His enthusiasm for Gaelic Music and his ability to interpret its beauty and enthuse others augurs well for the success of the Choir. Miss Helen T. MacMillan and Mr. MacIsaac contributed Gaelic solos which were much enjoyed.

The Ayr Branch is in a flourishing condition. There is a large membership and Gaelic is given its due place at all meetings. In mentioning Mr. MacIsaac's work for the Gaelic Choir, it is interesting to recall that he accompanied me when

the Branch was formed in 1929.

Glasgow and Govan Branches. - The Monthly Concert of these Branches was held in the Christian Institute. Glasgow, on Saturday, 19th April, when Mr. John C. MacLean, Gourock, presided. There was a very good attendance and an excellent programme was submitted. These monthly concerts of the Glasgow and Govan Branches have been highly popular during the winter and the programmes submitted have been of a high order.

Taynuilt.—On Friday, 2nd May, I presided at a Concert organised by the Cruachan Branch in aid of the National Mod Fund. The artistes who sustained the programme are all well known, and each gave a delightful performance. Indeed it was agreed all round that it was one of the best concerts held in Taynuilt for many years. Miss Helen T. MacMillan, Miss Chris Turner, Messrs. Angus Whyte, Alasdair Matheson and Iain MacSween, as visiting artistes, were ably supported by Dr. MacNicol and Mr. MacCallum (piano and violin) and Piper Leitch. A successful dance followed the concert. We are much indebted to Mrs. Bell. Secretary. and a faithful and hard-working Committee for the Gaelic Cause, for undertaking so successfully the necessary local arrangements in promoting this happy function.

Perth .- On Friday, 18th April, the National Mod Local Committee held a Gaelic and Scots Rally in the City Hall, Perth. The Chairman, Lieutenant-General Sir A. F. F. Christison, Bart., K.B.E., C.B., D.S.O., M.C., G.O.C. Scottish Command, was introduced by Mr. John MacDonald, Convener of the Mod Local Committee and Chieftain of the Perth Gaelic Society. As was fitting on an occasion such as this, the Chairman opened the proceedings with a Gaelic address, and the Concert which followed was of a high order. The artistes taking part were Petrine M. Stewart, Rose B. MacConnachie, Jean Hastings, Chrissie MacKenzie, Margaret MacDonald (Violinist), Alasdair Matheson, Angus Whyte, Matthew Nisbet, Miss M. Martin (Accompanist), and Pipe-Major MacPhee and Party. A successful dance followed the concert and a goodly sum was added to the Mod Fund.

Lochearnhead.—A highly successful Concert and Dance was held in the Public Hall on Friday, 25th April, in aid of the National Mod Fund. Sir Malcolm MacGregor of MacGregor, Bart., presided, and among the artistes who submitted an excellent programme were Petrine M. Stewart. Mary B MacLean, Mairead MacRae, Kenneth MacRae, Angus Whyte, Alasdair Matheson, Stewart Cunningham and Miss Spy (Accompanist). Kenneth MacRae, Junr., opened the Concert with piping selections. The credit for organising this successful function goes to Mr. Cameron and family of Lochearnhead Hotel.

#### THE GOLDCREST AND THE WREN.

When the test-flight to choose a king of the birds took place, the goldcrest (Regulus cristatus), by secreting itself-as is its wont on long flights-among the plumage of the golden eagle, managed to win the crown, but was accused of having stolen the sacred fire from heaven, thereby weakening the life-giving rays of its sacred patron, the Sun-god.

The Earth-mother took umbrage at the theft and refused to produce food for mankind, while the Sea-goddess, to whom the goose was sacred, lashed herself into a raging fury. Hence the reason that the goldcrest and the wren (Troglodytus vulgaris) -the latter considered sacred to the Earth-mother, and therefore used for divination purposes by the druids—were sacrificed at the Winter Solstice ( $L\acute{a}$  Caill).

At the subsequent Feast of the Bonds (Fleadh na nGeamhal). held with the object of binding the gods to help mankind, roast goose was the principal dish on the menu, while the sacred fir-tree and holly were set alight.

The following verses refer to the Celtic tradition, but cf. the story of Prometheus.

Dréinin óir, dréinin óir, Ri nan Ean! Le ceilg ghoid tú ó neimh an teine. Gidh mór do mhuirighean, 's beag tú féin, Fá dheo', gabhadh thú 'sna h-aiteannaibh.

A Ri na nEan, cá bhfuil do bhaile ? I ndos iubhair, ach' ni'l an áit lom, Idir an chuileann a 's an shailigh, An áit mo mhuirighne as feárr liom.

Dreóilin, dreóilin, a Ein na nDruadh ! Gidh mór do mhuirighean, 's beag tú féin, Gabhadh thú ar Ló Caill dod' iodhbradh,

Guidhim, a Shaoir-bhean, tabhair dhom séan. Note:- Dréan, dim. dréinin-draoi-éan, druidic bird. Dreóilin-draoi-eól-éinin, little bird of druidic know-

ledge, the wren. Saoir-bhean, Madam, applied to the Earth-mother.

GLEANN COMHANN.

#### KINTYRE PROVINCIAL MOD.

The 19th Kintyre Provincial Mod was held in Campbeltown on 8th and 9th May and there were large entries in both the Junior and Senior Sections. The competitions were held in the Town Hall and the Christian Institute, and at each session there were large attendances of the general public who showed a keen interest in all the proceedings. A very high standard was attained by all in both Gaelic and Music and the task of the Adjudicators was a difficult one. Great credit is due to those who prepared individuals and choirs, and special mention is made of those stalwarts of the Gaelic Movement in Campbeltown, the Rev. B. B. Blackwood and Mr. Charles Reppke.

In the sphere of Music, Campbeltown is extremely fortunate in having in Mr. M. G. MacCallum, Mrs. Carson, Miss I. Graham, and Mrs. MacNaughtan qualified teachers who have a deep interest in Gaelic music and have also the art and the will to impart their knowledge. In Carradale there are Mrs. Paterson and Mrs. McIntosh; in Southend Miss Rose MacConnachie and the Rev. Angus J. MacVicar; in Lochgilphead Mrs. Isabel Campbell and Mrs. Crawford; and in Tayvallich Miss Gillies. Miss Flora Kennedy, who served the cause of Gaelic faithfully and well in the Island of Luing, is now teaching in Whitehouse, where she continues the good work. She had several competitors forward in the Junior Section,

The Junior Oral Section was extremely interesting and encouraging. The reciting of the prescribed Scripture passages and the poem was exceedingly well done and the reading with expression was highly commendable.

One of the most interesting competitions in the Oral Section was the Conversation between the Adjudicator and members of the Gaelic Continuation Class. Mr. Donald Thomson, who as adjudicator had this difficult task, approached the subject with the tact and sympathy to be expected of a teacher of his experience and enthusiasm. We commend this innovation to other Provincial Mod Committees. It undoubtedly stimulates interest and encourages students to continue

with their study of the language.

The Junior Concert was held in the Christian Institute and
was presided over by Miss Hall of Tangy, President of the
Campbettown Branch, and she also presented the prizes. The
Rev. John MacEchern announced the programme items and
also moved a vote of thanks to Miss Hall. The programme was
sustained by the prize-winners and by Miss Rose MacConnachie,
1946 Mod Gold Medallist. Every seat in the hall was occupied.

The closing Grand Concert was held in the Rex Cinema which has a seating capacity of 1200, but this was not sufficient to accommodate all who wished to gain admittance. The Chairman was Mr. T. G. Henderson, M.A., Director of Education for the County, and he was introduced by Provost Keith.

Mr. Henderson said that he was very much interested in the teaching of Gaelic and would do whatever he could to promote the interest of Gaelic in the district, if there was a corresponding response from the parents. Two graduate teachers with Gaelic qualifications had just been appointed, and Mr. Henderson said that he was quite prepared to appoint a Gaelic teacher to Campbeltown Grammar School, if there was a sufficient demand for the teaching of Gaelic there. Mr. Henderson stressed the great social and cultural value of the Mods and emphasised that Gaelic is a living language, it would be most regrettable if Scotland were to lose that language which had contributed so much to its cultural life. It could be kept alive only by the young people, both at school and at home. Mr. Henderson also paid tribute to the remarkable enthusiasm for Gaelic in the Kintyre area and to the high standards achieved at this Mod.

The prizes were presented by Miss Hall of Tangy, who was introduced by Mr. Peter J. Campbell who has been Secretary of the Branch since it was formed in 1921. Miss Hall was thanked by Mr. Neil Shaw, General Secretary, for her generous support of An Comunn and all its activities. Mr. Malcolm G. MacCallum, who acted as official accompanist, thanked Mr. Repple for his labours in promoting the Mod and for carrying

it through so successfully.

The Adjudicators were: for Gaelic, Mr. Hugh MacPhee, Glasgow, and Mr. Donald Thomson, M.A., Oban; and for Music, Miss Mairi Pate, Glasgow and Mr. Willis Calder, Greenock.

The following is a list of the First-Prize Winners:-

JUNIOR SECTION.

Oral. Reading Poetry—Anne Mairi Cameron, Southend. Prose—Anne Mairi Cameron. Reciting "Am Bruideargan" from Memory—May Newlands, Campbeltown. Reciting Scripture from Memory—May Newlands.

Vocal Music. Solos—Own Choice (Girls)—Rosemary Colliver, Campbettown. Own Choice (Boys)—James Gillies, Lochgilphead. Girls and Boys (under 14), Prescribed—Helen Martin, Campbettown. Girls and Boys (over 14 and under 16), Prescribed—Mairi Leitch, Lochgilphead. Girls and Boys (12 and under), Prescribed—Helen Martin. Duets (Own Choice)—May MacKinnon and Sarah Hawksley, Rhunahaorine.

Choral. Unison Singing—Lochgilphead Junior Gaelic Choir (Conductor, Mrs. A. Crawford). Singing in Two-part Harmony—Dalintober Junior Gaelic Choir (Conductor, Isa Graham). Winners of the Tangy Shield.

Instrumental. Playing of a Highland March, Strathspey and Reel on the Pianoforte—Jean Lamont, Lochgilphead, SENIOR SECTION.

Literary. Translating from Gaelic to English—Mrs. Smith, Campbeltown. Translating from English to Gaelic—Mrs. MacQuilkan, Campbeltown.

Oral. Conversation with Adjudicators—Mrs. MacSporran, Campbeltown.

word Music. Solos—Own Choice (Ladies)—Isa Graham,

Campbeltown. Own Choice (Men)—Malcolm MacEachran, Campbeltown. Girls and Boys (over 16 and under 18)—Carol Galbraith, Campbeltown. Male and Female Voices (Prescribed)—Mary MacShannon, Campbeltown. Solo Puirta-Beul—Mrs. Campbell, Lochgilphead. Duets (Own Choice)—Mrs. Campbell and Mrs. Crawford, Lochgilphead.

Choral. Ladies' Choirs (Prescribed)—Southend Ladies' Choir (Conductor, Rose MacConnachie). Mixed Voice (Choirs (Prescribed)—Southend Gaelic Choir (Conductor, Rose MacConnachie), Winners of the Campbeltown Cuach.

Aggregate Prizes. Ladies—Mary MacShannon; Runnerup, Isa Graham. Men—Malcolm MacEachran; Runner-up, Duncan MacPhee.

Sheriff MacMaster Campbell Memorial Medals. Girls—Helen Martin. Boys—Malcolm Watson.

R. A. Wallace Memorial Prize—Isa Graham.

# NAIDHEACHD A MELBOURNE. Dùghall MacGòrmaic.

Dh'fhàg sinn ar beannachd aige an raoir. Chruinnich sinn ri chéile shìos aig carbad-na-smùide air son làmh a bhreith aon uair eile air Dùghall mun d'fhàg e sinn.

Duine iongantach, duine neònach—duine a tha làn tuigse agus toinisg gun a bhith daonnan glé thuigseach: duine coibhneil, fialaidh—gun a bhith daonnan làn coibhneis.

Có dhiubh, tha e a nis trì fichead agus a ceithir deug. Tha e alan. Tha e glan agus usasal na dhòigh. Tha e àrd, tiugh, neartmhor agus fallain, agus cho dìreach ri giuthas. Bha e bhith-chridheach, tapaidh, agus sunndach an raoir, agus ghabh sinn thachd as br dheth. Bu mhinic, ann a làithean a dh'fhaibh, nach do thuig sinn gu ro-mhaith e; bu mhinic an a dh'fhaibh, nach do thuig sinn gu ro-mhaith e; bu mhinic bu thrir, gun aobhar, a bheireadh e an ear á na theireadh tu ris; g'fé thrie bha e ri feala chha-uaireanann oha robh.

Ma tà, dh'fhàg e sinn an raoir, air dha a bhith fomadh bliadhan 'an measg. An ceann mìosa no a dhà bhithlé e air ais am Muile, far an d'rugadh e agus far an d'fhuair e a krach. Tha cuimhne mhaith air na sgrìobh sinn mu a dheidhin air cheud uair a chunnaic sinn e aig ar céilidh anns a' bhaile so, bho chionn faisg air deich bliadhnaichean ar fhichead:

". Thànig a staeah do'n Chéilidh a nis seoladair mór, àrd, tiugh, colgarra, agus bhruidhinn e ruinn mar gum biodh fuaim nan tonn ann. Is e as ainm dha Dùghall Mac-Còrmaic, agus is ann de Ros Mhuile a bhuineas e. Air dha a bhith làimh rist tiota, tuigidh tu car son a dh' fhàg e Muile—cha robh an t-àite beag sin farsuing gu leòir! Thug am Muil-each mòr so a' mhuir air an uair bha e ôg, agus an ceann dine gòirid bha e 'na chaiptean air bòrd a bhàta fhéim—far nach bìodh 'na aghaidh ach a' ghaoth agus na tuinn a mhàin."

Gu tà, a bheil eomharradh àraidh da-rìreadh air Dùghall MacCòrmaic as fhiach dhuinn a chur an céill? Car son a bheir sinn cliù air? An urrainn duinn iomradh sam bith a dheanamh air a leigeas ris dhuit gur e duine air-leth sònraichte a tha ann ?

Chan urrainn domh fhéin a h-aon de na ceistean sin a fhreagairt, ach so mar tha cuid againn a' faicinn an Dùghaill so . . . . Le ar sàilean dùinte, chi sinn, an toiseach, balach ard, làidir, lauth, sparragach, shìos ir taobh na mara—am baile beag, am Muile. Tha Dùghall air a' chladach, aig bun an uilt, mailte ri balaich eile s'huile; tha eagal air cach roimhe-luaithe, a tha 'nam measg; le glaodh dian tha e ag éigheach rit: "Grossabh oirbh uile agus cuiribh an t-eathar a mach. Giblainibh a nuas, agus bithibh cabhagach, na ràimh, an crann agus na siùil. Bitheadh cabhag oirbh." Ni na balaich na tha Dùghall ag àithneadh dhaibh. Tha an t-eathar a nia sir bhog agus tha Dùghall fhéin air an stiùir, ach cha robh dùil aige gum bìodh an sruth cho làidir. "Grosairbh!" Cumairbh rithe gent uile nhae màtlara agaibh "gaodh-cha har cha gun gairth a chair a tha chair a saidh an tha chair a chair a

Seadh, seadh, a Dhùghaill, tha eagal air na gillean beaga sin romhaí; tha, tha, chan 'eil teagamh sam bith againn nach 'eil. Ach, a sheòid, a Dhùghaill, air feasgar an dearbh latha ud fhéin nach thuas a leurn a stach anns an fhairge bho mhullach na Carraige Duibhe sin air son Iain beag Chaluim Dhuinn a tharruing a mach as an t-sal gra shèalle gu thragus e air dhol leis a' chreife agus gun chomas anàimh? I susa a rinn sin, a ghaoil, ged nach dubhairt thu fhéin facal m' a dheidhinn ri duine riamh.

Chi ainn ar Dòghall a rithist an Gleann Comhann aig cèig uairean anns a' mhaduinn-a' mhaduinn phrumda, dhorch, oillteil sin—an treas latha deug de'n Ghearran, sia ceud deug ceithir fischead agus a dhà dheug. Nach 'eil sinn a' faicinn Dhùghaill a' dol air adhart leis fhèin, a bhiodag 'na làimh, an aghaidh naimhdean a athar ? Nach 'eil Dòghall air son Maclain fhèin a ghliótheadh bho chunnart—nach e mac dhà-san a tha ann ? Ach tha na naimhdean ro chealgach, ro llomhnor, agus tuitidh Maclain agus Dùghall e chèile. Sin agud Dùghall MacCòrmaic mar a chl sinn glé thrie an diugh e, na mhac caima agus na ghaisgeach, oi tha fuil bhilath silochd a' mhac a chainn agus na ghaisgeach, in chuisibh . . . is 'a thà' :

"Is mise Tighearna Innse Gall, Is mise Fear-gléidhidh na Eilean; Cha téid birlinn air tonn Eadar Barraidh is Ceann-tìre, Eadar Ile agus Uibhist, Eadar Colbisaa is Sléibhte, Bho Mhuile gu Gob Leòdhais, Bho Dhìm-bheagain gu ruig Hiort, Gun chead bhuam fhéin."

Am faic thu fhéin a nis an duine còir mu a bheil sinn a' sgrìobhadh? Tha sinn an dòchas gum faic, oir, ma chì, cha chreid sinn nach bi cuimhne agad-sa air cuideachd—mar bhios againne.

I. M. M.-P.

#### PROPAGANDA NOTES.

Northern Area.

Wick. The Organiser paid his annual visit to the Wick Branch on I8th April. There was a large attendance at a Ceilidh, where an informative paper was read by Mr. D. G. Henderson, a former Hon. Secretary of the Branch. Song were sung by members, and a welcome visitor was Mr. Shearer, late of Loch Boisdale, South Uist, who song several Gaelic songs. The Annual Meeting was afterwards held. Mrs. Rosie, a native of Skye and a fluent speaker of Gaelic, continues as President, as do Miss M. Miller, Northoote Street, as Hon. Secretary and Mr. Cochrane of the Commercial Bank as Hon. Treasurer. £2 2s was donated to the Central Fund and £5 5s to the Perth National Mod.

Sutherland. During the course of this visit the Organiser made useful contacts at Brora and Golspie in connection with the forthcoming County of Sutherland Mod.

Badenoch/Strathspey.—On 22nd April the Organiser visited Badenoch and had an interview with the Provincial Mod Secretary about the prospects for the forthcoming Badenoch/Strathspey Provincial Mod. A meeting of the Provincial Mod Committee was held at Kingussie on 28th April, with the Very Rev. Dr. Dugald MacFarlane, Convener, in the Chair. It was reported that, due to the very severe weather experienced in the district, preparation of competitors discussion, if was unanimously decided to hold the Mod on 6th June, even on a small scale.

Lochaber.—On 24th and 25th April the Lochaber Provincial Mod area was visited as far west as Mallaig, where arrangements for the Mod are proceeding satisfactorily. Mr. MacPhail had interviews with the President and Hon. Secretary at Port William.

Tigharry.—The Tigharry Branch has had a very successful session, and the sum of £6 16s has been forwarded to the Central Fund.

Mr. Neil A. MacDonald, Barra. We congratulate Mr. MacDonald, M.A., Headmaster of Eoligarry Public School, who has been appointed Headmaster of Casilebay Junior Secondary School. From a short leet of three, two of whom were non-facilie speakers, Mr. MacDonald was appointed by a large majority to this very important post. Gach soirbheachadh a bhith 'na chois

Sub-Committees. — Meetings of the Northern Propaganda and Education Sub-Committees were held on Saturday, 3rd May.

Concert Tour in Aid of the Central Fund.

Kittartity. — A very late Spring, coupled with Double Summer Time, did not tend to bring out large audiences, but nevertheless all of the five Concerts were successful, especially from a propaganda point of view. The first of these was held at Kiltarlity on 5th May and was presided over by the Northern Organier. In addition to the Concert Party of four—Ferting Minister. In addition to the Concert Party of four—Ferting Minister. In addition to the Concert Party of four—Ferting Minister. In the Concert Party of four—Ferting Minister. In the Concert Party of four—Ferting Minister. In the Concert Party of the Conce

Muir of Ord.—The second Concert was held at Muir of Ord, the first part being devoted to solos, duets and puir ta.-beut. The Inverness Post Office Players sustained the second part by the production of George Grant's play "By Order," a scene from the Sutherland Clearances. The author himself was present and gave a short synopsis of the play. Both Concert and Play were thoroughly enjoyed by a most appreciative audience. Mr. Murdo MacLean, Tarradale Arms, made all the arrangements for this Concert and also provided hospitality for the Party. Readers in the South will remember Mr. MacLean's many good deeds for the Gaelic Cause while he was resident in Wishaw, Lanarkehire. His interest is as keen as ever. Votes of thanks were proposed by the Rev. Roderick Smith, M.A., and the Chairman, Mr. MacPhall.

Tain. — On the following night the Party were at Tain where ex-Provost William Ross presided. There was a fair attendance. The Chairman exhorted all to support the cause of An Comunn and said that he presided at a meeting twenty-seven years ago when Miss Farquharson of Invercauld formed the Tain Branch of An Comunn Gaidhealach. He was very happy, he said, to be able to preside again, although he had passed his eighty-fourth year. The Concert was much enjoyed by the audience, and thanks are due to Mr. Alasdair MacKenzie, who made the local arrangements, and to local artistes who contributed so willingly to the programme. The Organiser suggested that the Tain Branch should be resuscitated, and it was decided that a meeting be held early next session to get the Branch under way. Votes of thanks were moved by the Chairman and Mr. MacKenzie

Dingwall. - On the following evening the Party were at Dingwall, and, as at Muir of Ord, the Inverness Post Office Players presented "By Order." Both Concert and Play were very well received. Mr. A. W. MacKay, M.A., Rector of Dingwall Academy, presided and at the close moved a hearty vote of thanks to all who had provided such an excellent entertainment. Mr. George Grant, the author of the play, was also present and his talk on the Clearances was much appreciated. The Chairman was thanked by the Northern Organiser. Sincere thanks are due to Mr. Reid, who attended to the sale of tickets, and to Provost A. MacRae who supplied the Stewards.

Alness .- The last Concert of the Tour was held at Alness, where the Rev. Malcolm Laing, M.A., (late of South Uist), presided and spoke in Gaelic and English. There was a very good attendance, and the Concert Party were assisted by the Simpson Brothers, Alness, and the Chisholm Troupe of Highland Dancers from Inverness and Pipe-Major Calum Chisholm. This Concert was voted one of the best ever held at Alness and the hope was expressed on all sides that the same Party might soon pay a return visit. On the suggestion of the Organiser it was decided to make an effort to form a Branch of An Comunn at the beginning of next session. The Chairman moved a very hearty vote of thanks to the artistes, Mr. Alasdair MacKenzie who organised the Concert, and Mr. A. MacKenzie who attended to the sale of tickets. Mr. MacPhail proposed a hearty vote of thanks to the Rev. Mr. Laing for presiding. The singing of "Soraidh Leibh" and the National Anthem brought the Concert and the Tour to an end.

The Party afterwards returned to Inverness after a strenuous week's work, but satisfied that good propaganda work was accomplished, and more than ever convinced that the approach to the language through music can be very effective. To Petrine, Chrissie, Mairi, and Alasdair sincere thanks indeed-a happy Party, who gave of their best and who have the satisfaction of knowing that their interpretation of Gaelic Song was thoroughly appreciated by understanding

Due to causes stated, the financial side of this Tour was not so successful as that of former Tours, but the sum of £42 8s 8d has been forwarded to the Central Fund.

#### MNATHAN NAM MARAICHEAN. (O Ghreugais an latha an diugh).

Chualas gal aig na mnathan air a' chladach so uam.

Mnathan-pòsda nam maraich, fir-chaitheamh a' chuain.

An ceann sìos air am broilleach,

gu bochd ìosal fo ghruaim. A' tilgeadh chlach air an lìonadh, is iad ag iarraidh sgeòil uaith.

"A mhuir shearbh 's a mhuir ghàbhaidh, aigein bhàirrghil nan stuadh!

" Càit a nis bheil na daoine

is na gaolain chaidh uainn ? "

"Ciamar fhreagras mi sibhse, a chuideachda thruagh ?

"Na fir ghaoil thug mi sìos leam gu tigh ìosal, tigh buan.

" Is iad 'nan cadal, 's iad mùchte, anns a' ghrunnd dhomhain fhuar."

DEORSA CAIMBEUL HAY.

#### HISTORY OF PRE-CHRISTIAN IRELAND. An Important New Book.

EARLY IRISH HISTORY AND MYTHOLOGY, by T. F. O'Rahilly (Dublin Institute for Advanced Studies, 568pp., 25s.)

Professor O'Rahilly has many publications to his credit, some of which are of special value to the student of Scottish Gaelic (notably his "Irish Dialetts, Past and Present" in various articles in "Scottish Gaelic Studies"). In his latest book — which bears on every page the indications of prodigious industry—he sifes the legends, traditions, sagas, and records bearing on the history of Ireland prior to the official introduction of Christianity in 431 A.D., and out of the apparent chaos of conflicting evidence he weaves a fascinating account of the history and mythology of the peoples who inhabited Ireland in pagan times. He gathers into his wide net a wealth of information on a large variety of

On various points, Professor O'Rahilly's conclusions run counter to those of other scholars, and to one reader at least the violent treatment (reminiscent of the notorious odium theologicum) meted out to some of these scholars is the least pleasant feature of an entrancing volume. The late Professor Eoin MacNeill takes some hard knocks, although on many points his findings are accepted, while Professor R.A.S. Macalister and the archæologists generally (including V. Gordon Childe) are vigorously assailed. It is Sir John Rhys, however, who receives the roughest handling, chiefly because it is his main theory that Professor O'Rahilly is primarily intent on demolishing once and for all.

#### RHYS'S THEORY.

Rhys's theory was that the first Celts to arrive in the British Isles were the Goidels, who came between 1000 and 500 B.C. These islands had previously been inhabited by the Cruithni or Picts or Iverni, who were non-Indo-European in language. After the Goidels there were two other invasions—the Brythons (before the middle of the 4th century B.C.) and the Belgæ (shortly before Cæsar's time). That is, the Goidels were the earliest Celts to arrive; they occupied Britain first and thence they spread or were driven to Ireland. Rhys's theory, although rejected by Zimmer, Kuno Meyer, W. J. Watson and others, has been very influential, and has been favoured particularly by many of the archæologists. It was held to some extent by the late Professor John Fraser and in a modified form by the late Professor Eoin MacNeill.

As against Rhys and his followers, Professor O'Rahilly's main contention is that the Irish tradition is correct which holds that the Goidels came to Ireland direct from the Continent and that, before their arrival, Ireland had been colonised by other Celtic peoples, and that the Goidels were the last to

Taking as his main sources native Irish tradition, supplemented by linguistic evidence and references in classical authors (but, for reasons stated, ignoring the "findings" of archæology), Professor O'Rahilly subjects to severe and searching criticism the pseudo-historical annals of later times, particularly "Lebor Gabala Erenn" (The Book of the Invasions of Ireland), and seeks to extract from the chaff of fictionised history a few grains of historical fact.

In the early Christian centuries, says Professor O'Rahilly, the ethnic origins of the different sections of the Irish population were still vividly remembered, but, in order to foster the unity of the whole country (already linguistically united by the disappearance of pre-Goidelic dialects), the chief concern of the early historians and genealogists was to efface these ethnic distinctions by inventing for the people generally a common ancestry in the fictitious Mil of Spain, the ancestor of the dominant Goidels. Thus they date the Goidelic invasion some two millennia earlier than its actual date.

#### THE INVADERS OF IRELAND

While a detailed and dated history of pre-Christian Ireland cannot be expected. Professor O'Rahilly considers that there is reasonable certainty that there were four well-defined groups of invaders, and their invasions can be approximately dated. He holds that the Goidels were not the first, but the last, to arrive, and that they came direct from the Continent. Dismissing the first alleged invasion (that of Partholon) and the later one of the Tuatha de Danaan as fictitious ("learned inventions "), and regarding the invasion of Nemed as being identical with that of the Fir Bolg, Professor O'Rahilly arranges the four invasions as follows:

(1) The Cruthin (Pretani), the earliest inhabitants of Britain and Ireland to whom a definite name has been given, although, of course, there were other peoples earlier still. The Cruthin were in Ireland by the 6th century B.C., and so the first Greeks to gain knowledge of the British Isles called them "the Pretanic Tales "

(2) The Fir Bolg or Builg, otherwise known as the Erainn (Iverni), identical with the Belgæ of Britain and the Continent. They invaded Ireland from Britain about the 5th century B.C.

(3) The Laginian invaders (including the Lagin, Domnainn, and Galioin), who arrived after 325 B.C. and were originally Gauls who came to Britain and Ireland from Armorica. Their conquest of Ireland was only partial (the province of Leinster takes its Gaelic name from them).

(4) The Goidels, who came direct from Gaul (not Spain) to Ireland between 150 and 50 B.C. (but nearer the latter date than the former), and whose conquest of the country was still incomplete at the beginning of the 6th century A.D. The three previous groups of invaders were P-Celts, while the Goidels were Q-Celts.

A close scrutiny is made of the place and tribal names in Ptolemy's account of Ireland, and Professor O'Rahilly considers that Ptolemy is describing, not the Ireland of his own time (c. 100 a.D.), but that of the time of Pytheas (c. He concludes that the Ireland of the 4th century B.C. was dominated by the Erainn, who were P-Celts; there are no traces of Goidels nor of the Laginians.

#### THE PICTS.

Of special interest to us in Scotland is Professor O'Rahilly's discussion of the Picts and their language-a much disputed question. The Cruthin were at one time common to Ireland and Britain. In Ireland remnants of them survived in the early Christian period in scattered communities, mainly in the north, the most important being the Dal nAraidi. The Cruthin were much more prominent in Scotland, where they preserved their independence until the 9th century A.D. and (before the arrival of the "Scots" or "Gaidheil" from Ireland) held nearly all Scotland north of the Forth and Clyde. They were distinct from the northern Britons (of Strathclyde), whose capital was Dun Bretan (Dumbarton). From the 3rd century onwards the Cruthin of Scotland were known to Latin writers as "Picti" (but the Cruthin in Ireland were never called "Picti").

What was the language of the Picts? There are three main theories. (a) Rhys and others held that Pictish was a non-Indo-European language. (b) W. F. Skene's view was non-indo-European language. (2) W. F. Skene's view was that the Picts spoke Gaelie, a theory advanced again in recent years by the late Mr. F. C. Diack ("The Inscriptions of Pictland"), while the late Professor John Fraser seemed to favour a modified form of the same theory. But (c) "the preponderant opinion of modern scholarship is that Pictish was a Celtic language, different from both British and Goidelic, but decidedly more akin to the former than to the latter." This is the opinion of Whitley Stokes, Alexander MacBain, W. J. Watson, and of Professor O'Rahilly himself.

#### CELTIC MYTHOLOGY.

Of special interest also, particularly to students of comparative religion and of folklore, is the discussion of the

religious ideas of the pagan Celts of Ireland. Sun-worship was the chief feature of the pagan religion of pre-Christian Ireland. The supreme deity was the sun-god (there was also a sun-goddess), the god of the Otherworld. This supreme deity was conceived of as assuming various forms (horse, bull, wolf, eagle, swan, salmon) and as having many different attributes and functions. He was therefore known by many different names—the Dagda ("the good god"), Eochaid Ollathair (the great father), Aed (fire), Dian Cecht, etc. In course of time, names which originally denoted different attributes of the one deity came to be regarded as the names of different deities. Still later, these divinities were mortalised and humanised, and came to be thought of as historical personages of the distant past.

Celtic tribal names were very often pluralised forms of deity-names. For example, the Builg (for which Fir Bolg was a later periphrasis) were the devotees of their ancestor-god. Bolg ("he of the lightning"), one of the names of the sun-god, the god of thunder and lightning. From its shape and brightness the sun was regarded as the divine eye of the heavens, whence the word suil (eye), akin to the Latin sol(is) (sun). The sun-god was conceived of as a huge one-eyed god, whence one of his names was Goll (the one-eved). The lightning flash from the sun was thought to be the flashing glance of the sun-god's eye, and the lightning-stroke or thunderbolt (the most powerful missile imaginable) was conceived of as a fiery weapon (spear, arrow, sling, hammer, or club). This lightningweapon was forged by the Otherworld god (as the divine smith), but it was usually wielded by a younger and more human-like deity, the Hero, who with it overcame the Otherworld-godthe Hero slavs the god with the god's own weapon. Cuchulainn's deadly weapon was in gai Bolga (the spear of lightning), which he got from the goddess Scathach, from whom also he learned another feat, in torannchles (the thunder-feat). The luin of Celtchar was also a lightning-spear (possibly Finn's "mac an luinn" was a variant of the same). The lightning, thought of as a flashing sword, became "an claidheamh soluis in folklore. Other two names for the lightning-weapon were in corrbolg (pointed lightning) of Finn and in caladhbolg hardlightning), from which latter (through a Latinised form) came "escalibur." the sword of King Arthur.

Many other words and names are linked with this dominant idea of a sun-god. There was the sun-goddess Grian or Ainne, toes or a sun-got. Indee was tensus-goudess criain or anne.

Ainne (fleriness, speed) was derived from dn, which originally
meant "travelling" and was applied to the solar deity as
"traveller of the heavens"; whence it came to mean "sunlike," "speedy, fiery, illustrious, great." It occurs in these
meanings in later literature (cf. Scottisk Gaelic, &in an latina, "the heat of the day": Wm. Ross's "ain na gealghreine"). The word an is akin to Latin Janus, "the traveller," the allseeing sun-god (represented as two-faced). This is one indication of the special kinship between the religion of the ancient Latins and that of the Celts. A diminutive of an is (f) dinne, originally meaning "a sunlet," then "a ring" (a gold ring in shape and brightness resembling the sun). The sun-god was also the great healer, and so rings were much worn, primarily as healing amulets rather than as ornaments. The sun-god as "traveller of the heavens" was also conceived of as a horse or a horse-rider, whence the many names derived from "ech" -Roach (great horse), Echbel (horse-mouth), Eochu, Eochaid,

#### FINN MACCUMAILL.

Two great cycles of tales have come down to us from ancient days-the Ulidian Tales (about Cuchulainn, Conchobor, Ailill, Medb. etc.) and the Finnian Tales (about Finn Mac-Cumaill, Oisin, etc.). The older scholars (Keating, Zimmer, O'Curry, etc.) regarded the characters in these stories as historical, but Nutt, Rhys and most modern scholars regard them as more or less mythical. Professor O'Rahilly declares that they are wholly mythical and have not the slightest basis in history. His discussion of the Finnian Cycle (which became thoroughly acclimatised in Gaelic Scotland) is of great interest. One of our Scottish tales is about how Finn got his wisdom ("Mar a fhuair Fionn fiacail an eòlais"), Finn's custom of chewing his thumb to acquire occult knowledge is not dismissed with the explanation (given by another scholar) that Finn, "when in deep thought, seems to have been in the habit of biting his nails!" Professor O'Rahilly does some ingenious unravelling of "the wisdom of Finn.

Tuathal Techtmar, leader of the Goidels, is, however, regarded as a historical character, and Niall Noigiallach and his father, Eochu, are accepted as the earliest historical kings of Tara. Conn Cétchathach and Cormac mac Airt may have had a basis in history but have acquired mythical accretions.

Altogether, this book, which casts new light on so many different and obscure tonics, must be regarded as a landmark in the study of early Irish history and mythology, and, while it is too much to expect that the last word has now been said on that subject, this work will undoubtedly determine the course of further research into the material with which it T. M. M. deals

#### CAILLEACH BARNEY.

O chionn ceithir fichead bliadhna no mar sin bhiodh ban-Eireannach, ris an canadh iad Cailleach Barney, dol timchioll Eilean Leòdhais le each is cairt làn ceannachd de gach seòrsa; agus am measg gach bathair a bhiodh aice bhiodh pige uisgeheatha aice an còmhnaidh.

Air feasgar briagha samhraidh thàinig i gu baile beag ris an canar Tobson, an Eilean Bheàrnaraidh, agus an uair a chuala na bodaich gun tàinig Cailleach Barney air tìr an Ceann an Taib, chruinnich iad timchioll oirre air son drama fhaighinn. Ghabh na bodaich drama, is drama, is drama, gus an robh

sogan maith air cuid aca a' dol dhachaidh.

Goirid an déidh sin thachair gu robh leasachadh teaghlaich aig Murchadh, fear de'n sgiobaidh a bha an oidhche ud ag òl còmhla ri Cailleach Barney; agus chaidh esan a dh'iarraidh baistidh air son an leanaibh air an Urr. Iain Caimbeul, ministear na h-Eaglaise Saoire anns na h-Uigean.

"Chan urrainn mi am baisteadh a thoirt dhuit, a Mhurchaidh," arsa Mgr. Caimbeul. "Chuala mi gun do ghabh thu an daorach an oidhche bha Cailleach Barney an Tobson, agus mar sin feumaidh tu tighinn air bialaibh an t-Seisein.' "Ceart gu leòr, a mhinisteir," arsa Murchadh. "Ni mise

Shuidh an Seisean an Eaglais Cheann Langabhat, agus ghairmeadh Murchadh air am bialaibh

'A nis, a Mhurchaidh," arsa Mgr. Caimbeul, "an innis thu do'n t-Seisean cia lìon drama a dh'òl thu an oidhche bha Cailleach Barney an Tobson ? "

"O uill, a mhinisteir, tha mi creidsinn gun do ghabh mi trì no ceithir no is dòcha còrr."

"Ud, ud, a Mhurchaidh," arsa Mgr. Caimbeul, "tha sin cus. Seall nan gabhainn-sa aon drama fhéin rachadh e 'na mo cheann."

"Tud, a mhinisteir," arsa Murchadh, "chan 'eil sibh a' tuigsinn a' chiùil idir. B'fheàrr aon drama a thigeadh as a' bhotul agaibh-se na sia bhiodh aig Cailleach Barney.

Fhuair e am baisteadh!

IAIN N. MACLEOID.

#### IN BRIEF.

Birthday Greetings to Princess Elizabeth .-Dr. John Cameron, President, and Mr. Neil Shaw, General Secretary, on behalf of An Comunn Gaidhealach, sent a message of sincere congratulations and good wishes to H.R.H. The Princess Elizabeth on the occasion of her twenty-first Birthday on 21st April. Dr. Cameron received the following acknowledgement by cablegram from Cape Town from Her Royal Highness's Lady-in-Waiting:—"The Princess Elizabeth desires me to thank you, the Secretary, and all the members of An Comunn Gaidhealach for your very kind message of Birthday Greetings.'

International Festival and Gaelic .- In connection with the International Festival of Music and Drama to be held in Edinburgh in August, Mr. Neil Shaw, General Secretary of An Comunn, has been informed by the Festival Manager that a Gaelic Concert has been arranged to take place during the

Festival. The Concert will be in the Freemason's Hall, George Street, Edinburgh, on 29th August at 7.30 p.m.

The Lord Provost of Edinburgh had been approached with a view to having Gaelic represented at the Festival, and it is very satisfactory that the efforts of An Comunn in this matter have been successful. An Comunn have cordially thanked the Lord Provost for his good offices in this connection.

It would have been a great pity if the ancient language of Scotland had been denied a place at such an important Festival where the music and song of so many countries are to be represented in our ancient Capital.

Celtic Art Exhibition .- The Celtic Art Exhibition . arranged by the Dunedin Society (which is now affiliated to An Comunn Gaidhealach) is to be held in Lewis's, Argyle Street, Glasgow, from 28th May to 7th June, and it is hoped that all who can will visit it.

Scottish Gaelic Texts Society. - This Society which was instituted in 1934, was in abeyance during the war but activities have now been resumed. Professor W. J. Watson is Hon. President, the Hon. Lord Mackay is Watson is Hon. Fresident, the Roll. LOTA MARNAN J. President, and Mr. Hugh Watson, W.S., 16 St. Andrew Square, Edinburgh, is Hon. Secretary and Treasurer. The Society has already published three important Square, Edinburgh, 18 1101. Secretary & Mail Account.
The Society has already published three important works—"Scottish Verse from the Book of the Dean of Lismore," edited by Professor W. J. Watson (1937), "The Songs of John MacCodrum," edited by Rev. Wm., Matheson (1938), and "Heroic Poetry from the Book of the Dean of Olasska, and " Lismore," edited by the Rev. Dr. Neil Ross (1939). A number of works are in course of preparation, including the poems of Duncan Ban Macintyre, edited by Mr. Angus MacLeod, Oban High School.

"Scotland," - This is a new monthly magazine published by the Scottish Council (Development and Industry), and aims at reflecting the events and ideas which affect the future of Scotland, with special reference to industrial achievements. The first number appeared in March, and the price is ls. It is well produced and illustrated, and the contents are of varied interest.

"Scottish Historical Review." - In 1928 this Review ceased publication, after continuing for twenty-five years. Its cessation was a matter of regret, and it is with pleasure that we hail this revival of a publication which in the past so well served its purpose of encouraging interest and research in Scottish history. The Review is to appear twice a year, April and October, and costs 6s per issue. Among the several scholarly contributions in this number two are of special interest to those who are concerned with Highland history-"The Numbers and Distribution of the Population of Medieval Scotland" by Lord Cooper, and The Tacksman and his Holding in the South-West Highlands" by Andrew McKerral. The Review is published by Messrs. Thomas Nelson & Sons, Edinburgh, and the general editor is Dr. H. W. Meikle, with the assistance of an editorial board consisting of our leading Scottish historians.

Old Irish Grammar .- "A Grammar of Old Irish," by Rudolf Thurneysen; revised and enlarged edition, translated from the German by D. A. Binchy and Osborn Bergin (Dublin Institute for Advanced Studies, 688pp., 21s.). This magnificent volume has recently appeared. Professor Thurneysen died in 1940 at the age of 84. As long ago as 1909 he had published his "Handbuch des Altirischen," which for almost forty years has been the standard work on Old Irish grammar. Since then, however, scholarship has advanced (largely by the labours and under the inspiration of Thurneysen himself) and thus there was need for a revised edition as well as for an English translation. This new edition in English was undertaken some eleven years ago at the request of the Irish Government, but the outbreak of war and Thurneysen's death caused delay. While the book is primarily of interest to students of Old Irish, it is also of great value to the student and writer of Modern Scottish Gaelic, and many points of grammar, syntax, and orthography in our modern language are clarified by reference to this great work. It is intended to issue later a new English edition of Part II. of Thurneysen's "Handbuch. consisting of a selection of Old Irish texts, with notes and T. M. M. glossary.

#### EADAR SINN FHEIN. LITIR A CANADA.

A Dhuine Uasail.-Bha mi a' leughadh ann an Gàidheal a' mhìos a chaidh-mìos an Fhaoiltich-cunntas air mar a tha nithean agaibh air an taobh thall, agus mar a bhios cuid agaibh ag gearan fo ghainne 's fo theanntachd 's fo dhaoiread, agus bha sibh ag ràdh nach sibhse idir as miosa cor agus, nan robh barrachd eòlais air suidheachadh dhùthchannan eile, gum biodh sibh nas taingeile na tha sibh. Mar sin, ma tà, tha mi feuchainn ri dealbh a thoirt duibh mar a tha cùisean r'am faotainn an ceartair an so.

An ám dhomh a bhith 'g éisdeachd ri trioblaidean na Roinn-Eòrpa, bithidh iongantas orm mu chor mo chàirdean thall; agus tha mi an dòchas nach 'eil sibh a' faotainn 's a' fulang na h-éigin le fuachd agus tuiltean a thàtar a' faighinn gu deas oirbh. Bha aimsir mar sin againn féin am bliadhna, agus tha móran sneachd 'na laighe air làr nan sràidean fhathast. Tha mi ag creidsinn co-dhiubh gu bheil pailteas agaibh de lòn ged a tha gainnead ann de nithean bu ghnàthach leibh fhaighinn mun do thòisich an dara eogadh. Is e so an suidheachadh an so mar an ceudna. Bithidh feadhainn ag ràdh gum bi firlàimh-oibre ag cumail air ais bathair air son phrìsean nas troma. ach chan 'eil mi cinnteach mu'n so, ach tha mi cinnteach gu bheil iad (na prìsean) a' dol am meud anns na bailtean móra.

Bithidh na fir-oibre, fir-cèaird, na cosnaichean, an còmhnuidh sìreadh àrdachaidh 'nan tuarasdal agus na fir-làimh-oibre gu seasmhach ag cur an aghaidh sin. Chan 'eil beachd agam có as miosa. Ach 'nam bharail-sa bha cothrom aig an dithis aca air tairbhe mhaith a dheanamh aig ám a' chogaidh, agus ma tha iad a mach air a chéile tha a' choire orra fhéin. Tha fios againne gu bheil Breatann a' deanamh nas motha air son nan daoine cumanta na thàtar a' deanamh air an taobh so, agus is e so an tìr as beairtiche a tha air an talamh an dràsda.

Mar a chì mise e, bha sliochd na Gàidhealtachd bochd riamh o nach d'fhuair iad saothair ann ar tìr fhéin, ach bu chòir tairbhe na sìthe a bhith air a sgaoileadh air feadh na tìre gu léir. Mura bheil roinntean ri bhith air an cumail anns an Roinn-Eorpa agus àitean eile, cha bhi annta ach strì am feasda, ach cha bhi dad againn ri dheanamh ach a bhith sìreadh air son na fìrinn oir, mar a thuirt Criosd fhéin, 's e an fhìrinn a ni saor sinn, agus gu bheil Dia air an stiùir is bithidh latha an ath-dhìolaidh fhathast ri teachd.

Tha gach cinneadh Roinn-Eòrpach a' tàmh an so an roinntean dhaibh féin. An Ceap Breatainn gheibh sibh Gàidheil na h-Alba; an Quebec, an New Brunswick agus an Saskatchewan Fraingich; an ceàrnan de Alberta chan fhaighear ach Ukranians-agus na h-uile ag cumail ri an cainnt féin. An Ontario a deas 's e muinntir Shasainn is Eirinn a tha toirt am bàrr; agus am mór-roinn Bhritish Columbia 's ann as an t-Suain a tha a' mhór-chuid de'n t-sluagh, agus gun teagamh is iad an sluagh as cinneadail a th'anns an tìr, eadhon a' toirt barrachd air na Leódhasaich mar siod. Tha luchd imrichte na Gearmailt 's na h-Eadailte an sud 's an so, gu h-àraidh an Ontario; agus tha móran eud eadar cach a chéile air feadh na tìre, ach tha mi an dòchas gun téid i fa-sgaoil anns an uair ri teachd, agus nach bi ach an dà chainnt labhairt ann, a' Bheurla 's an Fhraingis. B'e siod am miann co-dhiu. SGITHEANACH.

## THE CELTIC CONGRESS.

Dear Sir,-It is to be hoped that a good group from Scotland will be found in Dublin at the Celtic Congress, which is being held this year from 22nd to 29th July. It is most desirable that the leaders of the younger generation should be to the fore, and—most important—that teachers of Gaelic and Gaelic students should arrange to be there. During the same week the Oireachtas, the All-Irish national festival, will be held in Dublin. There is much to be seen, much to be enjoyed, and much to be learned during such a week in Dublin.

With our Scottish force rather disorganised (our minds were on other things for six solid years), might I suggest that all who wish to be members of this Congress might lose no time in getting into direct touch with Oscar uasal MacUilis, "Inis Caoin," Deilginis, Co. Atha Cliath, Eire.

Tha Oscar còir cho laghach, dàimheil agus a tha e eudmhor, gnìomhach. Tha Gàidhlig Albannach aige a thog e am Barraidh. An uair a ràinig e Bàgh a' Chaisteil có bha roimhe san tigh-fuirich ach an sgoilear gleusda sin, Borgstrom, agus cha luaithe bha Oscar a steach na bha Borgstrom a mach. Thug e am Bàgh Tuath air agus ars esan ri Oscar, "Chan e so a' cheud uair a chuir Eireannach ruaig air Lochlannach: rinn sibh roimhe aig Cluain Tarbh e!" B'e fàth na h-imrich gu robh eagal air an Lochlannach gu milleadh am blas Eireannach aig Oscar a' chluas sin aige fhéin a bha cho geur a' togail an fhìor bhlais Bharraich.

Tha Oscar e fhéin 'na sgoilear math agus 'na chànanaiche barraichte. Tha Gàidhlig de gach seòrsa aige (tha e teagasg cruinne-eòlas agus iomadh eòlais eile an Gàidhlig), tha Beurla aige, agus tha Breatannais is Fraingcis is Gearmailteis is Eadailteis aige leis.

Siùthadaibh, ma tà, a dhaoine òga Albannach, togaibh an Ded-aréine ri crann.—Dìreach mar a bhà. CALUM MACGILLBATHAIN.

> THE NATIONAL MOD. 1948. To be held in Glasgow

The Committee at Inverness, having decided that the time is not opportune to hold the 1948 Mod in Inverness, the Advisory Committee, as directed by the Executive Council, approached the Joint-Committee of the Glasgow and Govan Branches to see if they would renew their former invitation to hold the 1948 Mod in Glasgow

A deputation from the Advisory Committee conferred with the Joint-Committee, and the latter unanimously agreed to renew the invitation on the assumption that the support of the affiliated societies would be forthcoming. The Advisory Committee accepted the renewed invitation and expressed their cordial thanks to the Glasgow and Govan Branches Joint-Committee for undertaking this work for An Comunn.

A National Mod Local Committee has now been formed, with Mr. John A. Nicolson as Convener.

RAINN.

(O'n Ghreugais aig Simonides,)

A mach á Sparta gun sheòl iad le deicheamh Phòibes, mo thruaighe. Nuair nach robh dùil ris, ghabh d'an ionnsaigh aon fhairge, aon oidhch', aon uaigh iad.

DEORSA CAIMBEUL HAY.

IMPORTANT DATES.

3. Mid-Argyll Provincial Mod. June

Badenoch-Strathspey Provincial Mod. 6. Oban, Lorne, and Mull Provincial Mod.

19. Dingwall Provincial Mod

20. Lochaber Provincial Mod. Ardnamurchan Provincial Mod.

26. Lewis Provincial Mod. 22

Oct.

27. Sutherland Provincial Mod. Meeting of Executive Council.

 Comunn na h-Oigridh Camp opens at Inversilort.
 Closing date for Entries and submission of Musical ..

Compositions and Literary Work for National Mod Competitions.

22-29. Celtic Congress (Dublin).

4. Comunn na h-Oigridh Camp closes.
29. International Festival, Edinburgh—Gaelic Concert. Aug. Sept. 30 National Mod at Perth begins.

3. National Mod concludes. 4. Annual General Meeting of An Comunn. £2.881 3 10

#### AN COMUNN CENTRAL FUND.

To enable An Comum to meet its current obligations, and place it in a position to launch a propagands campagn now that the war is over, and thus regain the ground lost during the years of its enforced inactivity, donativity, large or small, will be gladly received by the Treasurer, Mr. James T. Graham, C.A., 5 St. Vincent Place, Glasgow, C.I. Remittances should be made payable to "An Comum Guidhealach."

Zin Commin Conjunction.					
Previously acknowledged		 	£470	1	9
Wick Branch		 	2		-
Tigharry Branch, North Uist		 		18	
Proceeds of Dance at Tigharry		 	3	18	_
Net Proceeds of Concert at Arre	ochar	 		-	
Govan Branch		 	3	_	-
J. W. MacLure, Esq., Calcutta		 	2	2	_
Donald Campbell, Esq., Campbe	eltown	 	-	5	_
			-		-
			6407		

WAR MEMORIAL	AND T	HAN	KSGI	VI:	NG F	UN	D.
Previously acknowledged	1				£2,868	18	1
Proceeds of Work Party	Meeting	, 29/4/	47	٠.		-	
Greenock Gaelic Choir				٠.	10	- 5	-

#### NATIONAL MOD. ABERDEEN.

RECEIVED AT ABERDEEN-Previously acknowledged £864 17 7 Anonymous in October, 1946, Magazine, previously ack-nowledged in June, 1946, £2 2 -Magazine Proceeds of Dance, per Mr. D. MacDonald, Stonehaven, overstated £862 15 1 Add-Highland Song Competition, £- 1 -understated Proceeds of Highland additional 100 15 ---Miss Stewart, London - 10 -Misses Mitchell, Aberdeen 1 ---Miss J. W. Ferguson, Cracb-- 10 stone House E. W. Watt, Esq., LL.D., Aberdeen C. J. MacIver, Esq., Aberdeen . . . 5 ---Alex. Lyon, Esq., Aberdeen Miss Alice S. R. MacLennan 1 1 --- 5 -C. J. Stuart, Esq., Paisley John Taylor Brown, Esq., 1 ---5 ---Proceeds of Concert at Kinloch-Rannoch, per Mrs. Blair 90 --- -at of Concert Kintore, per W. A. Sutherland 14 16 9

RECEIVED AT HEAD OFFICE, GLASGOW-

Previously acknowledged The Gaelic Society of Glasgow

Ceilidh nan Gaidheal

Comunn na Clarsaich

Dr. Duff, Fort William

Grand Total .. £1,222 19 1

.. £192 12 3

5 ---

5 ---

3 3 -

#### THE SCOTTISH CENTRE

158 HOPE STREET, GLASGOW, C.2.

-	
The Former Days, by Norman Maclean	9/6
All Around Scotland, by Robert J. Drummond	7/6
Gateway to Skye, by Duncan Mac- pherson	9/6
The Bull Calves, by Naomi Mitcheson	
(a new novel)	15/-
Spanish Lady, by Maurice Walsh	9/6
The Man in Brown, by Maurice Walsh	9/6
Democratic Ideals and Reality, by H. J. Mackinder ("Pelican" reprint)	1/-
Psychology and World Order, by Ran- yard West ("Pelican" reprint)	1/-
Am Fear-Ciùil, by Donald MacKechnie (Gaelic poems, songs and transla-	5/-
tions)	3/-
Gaelic Without Groans, by Rev. John MacKechnie	2/6

All the new Scottish Periodicals, including Chapbook (6d); Lion Rampant (1/-); New Scot (6d); An Ceum (2d); Scots Digest (1/-); Con Brio (1/-); The Open-Air in Scotland (2/-); To-day and To-morrow (2/6).

Postage is additional to above Prices.

Cash with Order or C.O.D.

# MACLAREN'S PUBLICATIONS

Please send for our Book Catalogue Cnoc an Fhradhaire. Poems by Angus Robertson Easy Gaelle Syntax. Gaelle Sentences Orain nam Beann. 26 Gaelle Songs with music -Cook's Sermons in Scots Gaelle Olteagan a Tir nan Og. Songs by Roderlek MacKay, The Ulst Bard Smeorach nan Cnoc 's nan Gleann. Malooim Gilles and others-Gillies and others

Nicelson's Basic Goele Crammar

Nicelson's Basic Goele Crammar

Service State Control of the Control

MacLaren's Gaelio Self Taugits, in cloth, with Key

Oraln's Mhod Lay and xwil's Solo Test Bongs

Dance Tunes: Orania is Putra Beeli Solfa, i.-, Saar,

Dance Tunes: Orania is Putra Beeli Solfa, i.-, Saar,

Dance Tunes: Orania is Putra Beeli Solfa, i.-, Saar,

Dancapan que Spoulachdan Beega. MacLemans

Canc Chubaig. Levis Songs by Wm. MacKensis

Takamama. Kow paniali Gaele & Engilah seliton

In gilt edges

In Ann. The Gesselle Verp. "to be "explained." 2d 2d 2d 4d 3d 4d 6d 7d Is Ann. The Gaelle Verb "to be "explained MacKellar's Gaelle and English Phrase Book MacAlpine's Pronouncing Gaelle-English Dictionary MacAlpine's Caelle-English, English-Gaelle Dict'n'y Nicolson: History of Skye, 12 Illustrations MacKennie: Skye Traditions and Memories MacKennie: Old Skye Tales, Illustrated Nicolson's Riddles and Enigmas in Gaelle and 14d 2d 8d 8d 7d 8d "Six Little Bannoeks." Gaetic and English MacInnes: Six Songs of Skye with music -Ishebai na h-Airigh, Gaetic and English Songs 3d Buchanan's Spiritual Songs Claraach an Doire: Songs by Neil Macleod An t-Ogha Mor. Gaelic Novel by Angus Robertson Ceoiradh Cridhe: 9 Original Songs with music. Gaelic and English 4/-All An Comunn's publications as advertised are in stock

ALEX. MACLAREN & SONS

GAELIO BOOKSELLERS

268 Argyle Street, GLASGOW, C.2

-£1,013 13 10



EDITOR:-Rev. T. M. MURCHISON, M.A., 14 Kinross Avenue, Glasgow, S.W.2. (Telephone: HALfway, 2844), to whom all literary communications should be addressed. Business and other communications should be sent to the General Secretary, An Comunn Gaidhealach, 131 West Regent Street, Glasgow, C.2. (Telephone: Douglas, 1433). All matter for inclusion in the Magazine should be in the Editor's hands by the 12th of the month preceding publication.

eabhar XLII. [Earrann 10 An t-Iuchar, 1017

#### "FUIL NA FEINNE FO'N BHREAGAN."

Is e so òraid a liùbhradh air an ràdio aig toiseach a' Chéitein Is e so òraid a liùbhradh air an ràdio aig toiseach a' Chèitein le Fo-Sheanalair an Ridire Philip MacCristein (Lieutenant-General Sir A. F. Philip Christison, Bt., K.B.E., C.B., D.S.O., M.C.), Ard-Chomanndair an Airm an Albainn. Tha sinn an comain an t-Seanalair agus luchd-Gàidhlig a' Bh.B.C. air son cead an òraid a thoirt am follais an so.

A chàirdean: Tha mi toilichte an cothrom so a bhith agam gu bhith a' bruidhinn ruibh. Mar a dh'fhaodas fios a bhith agaibh, tha sinn ag cur fa chomhair nan gillean òga gum bitheadh iadsan 'gan ceangal fhéin gu saor-thoileach ris na seann réiseamaidean a choisinn iomadh cliù do'n dùthaich air feadh an t-saoghail. 'S e bu mhath leam gu sònraichte gun cumadh na Gàidheil a suas na réiseamaidean Gàidhealach agus gun gabhadh iad an cothrom gu bhith ag cuideachadh leis na "Territorials," mar a their sinn,

Ri linn a' chogaidh, an uair a bha cunnart a' bagairt air gach taobh, rinn sluagh na rìoghachd so strì nach fhacas riamh a leithid agus thug iad buaidh. Dhearbh an cogadh mu dheireadh dhuinn nach 'eil aon sam bith saor bho chunnart. Tha sinn uile an dòchas gun tig an latha anns am buailear na claidhean gu coltair agus na sleaghan gu corranaibh-sgathaidh, nuair nach tog cinneach claidheamh an aghaidh cinnich agus nach fòghlum iad cogadh nas mò.

Ach ged a bha a' mhór-chuid a' saoilsinn an uair a thigeadh latha na buaidhe gun tigeadh sìth agus soirbheachadh, chan ann mar sin a tha, agus is gann ceàrn de'n t-saoghal far nach 'eil dragh agus buaireas an diugh. Agus cuimhnichibh gum b'ann an uair a shaoil leis a' Ghearmailt gu robh sinn lag is ar neart 'gar tréigsinn, a theann iad ri bhith fàs uaibhreach agus a' bagairt air gach sluagh. Chan fhaod a leithid sin tachairt a rithist, agus cha tachair e ma ni sinn uile ar dleasdanas.

Tha e mór agam gum buin mi do na Camshronaichréiseamaid cho Gàidhealach, cho ainmeil, agus cho curanta 's a tha san arm.

Tha an sgeul so a' dearbhadh nach do chaill na Gàidheil an gaisge no an treuntas anns a' chogadh mu dheireadh. Thachair so aig Keren. Cha ruig mi leas innseadh dhuibh mu na creagan casa a bha dìon an àite sin. Bha an nàmhaid air a dhaingneachadh an sin le seòltachd agus le gach seòrsa gunna. Cha robh cothrom air faighinn a dh'ionnsaigh an àite sin ach leis na gillean againne a bhith ag gabhail dìreach rompa. Dh'fheuch iad uair is uair ris an nàmhaid a ruagadh as a sin gus an do shoirbhich leotha, agus an uair a thug iad a mach am binnean a b'àirde gu dé a fhuair iad an sin ach trì Camshronaich 'nan sìneadh, ag cumail an nàmhaid fad trì làithean bho a bhith a' losgadh air an companaich. Trì daoine an aghaidh a' mhór-chuideachd, ach bha cliù na réiseamaid ri chumail, agus cha do dhì-chuimhnich iad mar a bhios sinn ag ràdh, "Géill cha tug Camshronach riamh."

B'e na h-Earraghàidhealaich a' chuid mu dheireadh de'n arm a ghabh thairis air an drochaid chloiche gu Singapore, an déidh maille a chur air na h-Iapanaich, agus rinn iad sin le ceum uallach, a' mèarsadh le ceòl pìoba mar nach robh cunnart air thalamh ag cur curaim orra.

B'e so an teisteanas a thug an Seanalair Havelock-Sasannach-air na Sìothphortaich anns an "Indian Mutiny"-"Chan 'eil mise 'nam Ghàidheal : b'fheàrr leam gun robh !"

Tha eachdraidh nan réiseamaid Gàidhealach eile a cheart cho urramach, agus faodar a ràdh an diugh mu'n deidhinn uile, mar a thubhairt Uilleam Pitt, an déidh cogadh mór na Frainge, ann an Tigh nan Cumantan: "Tha e mór agam," ars esan, "gur mise a' cheud aon a chaidh an tòir air fiùghantas air feadh garbh-chrìochan an taoibh tuath; dh'iarr agus fhuair mi an sin, is thug mi gu bhur taobh, daoine cruadalach, gaisgeil. Anns a' chogadh mu dheireadh chathaich iad le dìlseachd agus choisinn iad buaidh dhuibh anns gach ceàrn de'n t-saoghal."

Faodaidh cuimhne a bhith agaibh aig toiseach a' chogaidh mu dheireadh, an déidh do na Gearmailtich bualadh rompa, bha iad a' feuchainn gach innleachd a bha 'nan comas gu fios a bhith aca gu dé a bha sinn a' dol a dheanamh. Thòisich iad ri éisdeachd ris gach òrdugh a bha sinne ag cur air an telephon. Cha robh na gillean Gàidhealach fada ag cur stad air sin, an uair a theann iad ri bhith a' bruidhinn ri cach a chéile anns a' Ghàidhlig. Tha feum air a' Ghàidhlig fhathast mar a tha air na gillean Gàidhealach.

A nis, 's e so a' cheist. B'e na Gàidheil, luchd na Gàidhlig, ar n-athraichean, a choisinn gach cliù a tha aig na réiseamaidean Gàidhealach uile, agus is e an cunnart gum bi a' mhór-chuid de na tha anns na réiseamaidean sin gun bhoinne de fhìor fhuil Ghàidhealaich 'nan cuislean. A chàirdean, chan fhaod sin a bhith: feumaidh sinne ar tomhas féin a chur ris a' chliù a choisinn ar daoine. Tha an cothrom againn ; a bheil sinn a' dol a ghabhail ris? Is cinnteach gu

A chàirdean, tha mi ag iarraidh oirbh air sgàth nan daoine bho'n tàinig sibh an cliù-san a thogail agus a bhith cur ris : agus, mar sin, gun abair iadsan a thig 'nar déidh gu bheil an t-seann dìlseachd agus an seann dualchas am measg nan Gàidheal gus an latha an diugh -seadh, gun do lean am mac mar an t-athair.

Cluich no gleachd air muir no raon, B'e 'n dual daonnan bhith smachdail; 'S beag an t-ionghnadh iad bhith treun, 'S fuil na Féinne fo'n bhreacan.

#### LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Is ann air Camp Comunn na h-Oigridh a bha briathran mu dheireadh litir àireamh an Og-mhios, agus is ann far an do sguir mi, theagamh, a dh'fhaodainn tòiseachadh an litir na h-àireimh so, àireamh an Iuchair.

An ám dhomh sgrìobhadh tha a' chuid as reutanaiche de'n uidheamachadh a tha feumail air cheann a' chaimp air a dheanamh le bhur deagh rianadair, Dòmhnall MacPhàil. Bidh dorsan a' chaimp, ma tà, air am fosgladh, do na caileagan an toiseach, air Di-ardaoin, an 10mh latha de'n Iuchar, is bidh iadsan a' fàgail soraidh aig Inbhir-aoilleart air Di-luain, an 21mh de'n Iuchar. Bidh an sin trì làithean gu réiteach an déidh na clann nighean, le deasachadh air cheann nam balach, is iadsan a' ruigheachd air Di-ardaoin, an 24mh de'n Iuchar. Bidh iad a' fàgail air Di-luain, an 4mh latha de'n Lùnasdal.

Bidh tuille de chaileagan na de bhalaich anns a' champ, is the aobhar air sin-aon dhiubh, gu bheil campan eile a' tàladh nam balach an ceartair; ach tha sinn an dòchas, an uair a bheir iadsan a tha a' tighinn, maille ris na caileagan, deagh thuairisgeul air dol Camp Comunn na h-Oigridh, mar nach 'eil guth air a labhairt ann ach a' Ghàidhlig, cho math ri iomadh maise eile, gum bi a' chlann bhalach is a' chlann uile a bhios a' tighinn do'n champ a' sìor dhol am meudachd gus nach bi talach sam bith againn air cho beag 's a bhios ann.

An ceartair, an uair a tha mi a' sgrìobhadh, is e 33 de nigheanan is 10 balaich a chuir a steach an ainmeannan. Tha làn-fhiughair againn gum bi tuille a' dol ris an aireimh, gu sonraichte na balaich, leis nach bi iadsan a' tighinn gus an 24mh de'n Iuchar.

Dh'fhaodainn a ràdh, a chùm is nach bi sibh air bhur teumadh le iomagain air chor sam bith, ma bhios deasachadh sam bith, no eadar-dhealachadh bho'n rian a chuir mi sìos an so, r'a dheanamh, gun téid rabhadh a chur chugaibh cho luath 's a ghabhas sin deanamh.

Agus tha an t-ám air tighinn a nis gu paipearan a' cheasnachaidh aig Comunn na h-Oigridh (air cheann nam bràisdean) a bhith a' tighinn a steach. Tha cuid air tighinn mar thà; agus dh'fhaodainn na sgoiltean as an tàinig iad cheana ainmeachadh. So agaibh iad, leis an àireimh a tha air aghaidh air tòir bràisde Làn-Ghàidheil air a toirt seachad an toiseach. is Sàr-Ghàidheal an sin:-Bodha-mór (Ile) 20, 11: Staon-a-brig (Uidhist) 6, 0; Tairbeart na Hearadh 14, 16; Plana-sgeir (Leódhas) 10, 4. Uile gu léir, 50 agus 31; 's e sin, ceithir fichead 's a h-aon.

A nis, tha mi dìreach an déidh litir fhaotainn bho dheagh charaid dhuibhse is mo dheagh charaid féin, an t-Urr. Calum MacGilleathain, an Conan, agus bu mhath leam stiall de na tha innte a thoirt dhuibh air a' mhìos so is an còrr uair-eigin eile, or chan 'eil facal innte nach bu mhath leam gum faiceadh sibh e. Bha e an déidh Gàidheal an Og-mhios fhaotainn is Litir Comunn na h-Oigridh a leughadh an uair a sgrìobh e. Chan 'eil mi dol a chur sìos nam briathran coibhneil leis a bheil e a' moladh Litir na h-àireimh so; ach cha bhiodh e iomchuidh dhomh mur abarainn "Móran

taing dhuibhse, a dheagh charaid!" son 'Druim-tighe-Mhic-Ghille-Chatain' dheth," tha e ag ràdh, " nach fìor, a nis, gum feumar a' Ghàidhlig a chluinntinn mum bi cinnt aig duine air an iomlan! Chan urrainn dhomhsa a ràdh an litir sgrìobhte có aca is e (1) 'Druim-tighe | Mhic-Ghille-Chatain' a tha ann, no (2) 'Druim | Tighe Mhic-Ghille-Chatain.' Mas e (1) a tha ann, chan 'eil teagamh nach e tighe a tha ceart. Ach mas e (2) a tha ann, is fìor dhomhsa a ràdh gur e 'Druim Tigh Mhic-Ghille-Chatain ' a thigeadh chugam féin gu nàdurra. Ged thà, có is urrainn a ràdh nach 'eil an dà sheòl ceart ? Tha aobhar air na dhà, agus gabhaidh na dhà fhìreanachadh. Is e càil na Gàidhlige as ùire teannadh air falbh bho'n dòigh aig Camshron Gille-Iosach, an nòs as sine. Tha fios agaibh sàr-mhath air mar a chante 'Fear' (sud no so) ri fear-fearainn: bha mo sheanamhair bho fhear anns na Hearadh ris an canadh iad 'Fear Sheile-bost.' So mar a chuireamaide e anns na Hearadh, 'cù Fear Hùisinis ' (cù a bhuineadh do Fhear Hùisinis), ach 'cù fir Hùisinis' (cù a bhuineadh do thuath Hùisinis)."

Ach feumaidh mi an còrr de'n litir fhàgail gu uair

A thaobh an ainm-àite so, "Druim-tighe-Mhic-Ghille-Chatain," is am beachd a thug am Feardeasachaidh nas fhaide air aghaidh an àireamh an Og-mhios, an uair a tha e a' toirt fainear gu bheil an t-ainm-àite, "Baile-Ceann-Loch-Chille-Chiarain," nas fhaide na "Druim-tighe-Mhic-Ghille-Chatain," tha e ceart gu leòr nam biodh daoine ag cleachdadh an AN GAIDHEAL.

ainme sin, ach chan 'eil. Cha chuala mise riamh Gàidheal ag ràdh "Barle-Cheann-Loch-Chille-Chiarain " ach " Ceann-loch " a mhàin, agus " Chille-Chiarain" air a chur ris an uair a bhiodh iad air mhiann a chomharrrachadh a mach gu soilleir ciod an "Ceann-loch" a bha a' tighinn fainear dhaibh, oir tha iomadh "ceann-loch" ann, mar a tha "Ceann-Loch-Iall," "Ceann-Loch-Iùbh," "Ceann-Loch-Raineach," "Ceann-Loch-Speilbh," is iomadh aon eile. Chan 'eil " Baile " air a chur air thoiseach air aon sam bith de na cinn-locha sin, agus mar sin tha mise a' tagar, gus am faighear le cinnt ainm-àite air chor-eigin eile a tha cho fada ri (no nas fhaide na) "Druim-tighe-Mhic-Ghille-Chatain," gu bheil an t-urram sin aige fathast, ged a tha e fada air deireadh air an fhamhair mhór Chuimreach a bha air m'inntinn anns an am is a thug am Feardeasachaidh dhuinn-agus tha mi toilichte gun tug, oir tha fios againn a nis càite am faigh sinn e uair sam bith a bhios sinn air mhiann ar n-eòlas air ùrachadh.

Agus, a nis, cha bu mhath leam, is cha bhiodh e iomchuidh dhomh, crìoch a chur air mo sheanachas air a' mhìos so gun an call mór a thuit oirnn mar Ghàidheil, am bàs Iain A. MhicNeacail, a thoirt fainear. Bidh iomradh mhion air a' churaidh so, a thuit oirnn anns an strì cho uile gu léir obann, an roinn shonraichte de'n àireimh so bho làimh eile; ach bu mhath leamsa clach a chur 'na chàrn an so.B'eolach sinn air a chéile, agus sin iomadh bliadhna. Thuit esan anns an strì gu cinnteach, oir shaothraich e as leth cànain a dhùthcha is as leth nan Gàidheal cho fada 's a bha e air chomas sin a dheanamh. Duine làidir, beachdail, meanmnach; làidir am bodhaig, am barail, is an comas-inntinn, am fòghlum is an gnìomhachas, bidh sinn 'ga ionndrainn agus a' toirt fainear na bearn mhóir leathainn a dh'fhag e an sreaththoisich nan deanadach as leth a shluaigh iomadh latha.-Bhur Caraid Dileas,

EACHANN MACDHUGHAILL.

## OISINN NA H-OIGRIDH.

EADAR-THEANGACHADH.

[Bheirear leabhar mar dhuais do'n neach fo aois a h-ochddeug as fheàrr a dh'eadar-theangaicheas an earrann a leanas gu Beurla. Cuiribh bhur n-oidhirp a dh'ionnsaigh A' Ghàidheil roimh dheireadh a' mhìos].

#### Cuairt San Tódha.

Cha diochuimhnich mi gu bràth an sealladh air an do leag mì mo shùil air a' nhaduinn sin an uair a ràinig mì mullach an Tódha. Bha gnùis flathail na gréine dìreach air fàgail beanntan nam Mór-thir agus a' cur a gathan tlàtha thairis air a' Chuan Sgith gu ruige aodann na creige fodham. Shios gu fada fiadhaich bha am muir cho sèimh 's gun seòladh an t-slìge bhàirnich air, agus faileas nan eilean a' snàmh eadar da lionn; ach ged a bha sin 'na shealladh glòirmhor, 's a ghlac m' aire aghaidh nan creag a bha beò le còin mhara agus a cheart uiread ag itealaich 's a' scrèachail unn cuait orm 's gach taobh a sheallath

Cha robh leud mo bhròige air palla no bile nach robh ag èaladh le iseanan an fhulmair 's na faoileige.

119

Chuir mi romhan greim fhaighinn air fear de na h-eòin chroma, ach ma chuir, thòisich an othail 's an uspairtich. Leum an sgarbh 's an gearradh-breac o an daingnichean rag 's rinn iad toll gorm 's an uisge: dhùisg na trìlleachain a bha air na leacan agus le rabhadh 'nam beul bha iad air sgéith bho phiorra gu piorra. "Bi glic, bi glic," arsa iadsan, ach cha tug mi feart orra. An uair a bha mi a' dlùthachadh air an nead agus a' sìneadh a mach mo làimhe spùt an t-eun mosach steall mór de dh'ola lìgheach bhuidhe as a bheul agus thug an samh orm mo chùl a chur ris an nead. Shaoil leam an uair sin gun ghabh na h-eòin mu m' thimchioll an cuthach gu buileach agus bha plosgadh mo chridhe agus seadhan mo chléibh ag cur an céill gun cuir sgread na faoileann geilt air an nàmh. D. MacT.

#### COILLE MHOR SRATH GHLAIS.

O chionn iomadh bliadhna bha Gàidheal còir, tapaidh ag còmhnaidh an Srath Ghlais, agus bhiodh e a' dol gach bliadhna gu Loudaidh a dh'ionnsaigh na buana.

Anns an ám sin cha robh carbad na smùide cho farumach o bhaile gu baile agus a tha e an diugh, agus mar sin cha robh aig na buanaichean bochda air ach coiseachd ceum air cheum gus an ruigeadh iad an eann-uidhe. Is iomadh àmhghar a bha tachairt riutha air an rathad, agus bu tric a bhiodh am beatha an cunnart, gu h-àraidh air an t-slighe dhachaidh an uair a bhiodh fios aig mèirlich nan coilltean gum biodh beagan thasdan air an subhal.

Chaidh buanaiche Srath Ghlais a theasairginn uatha fad iomadh bliadhna, ach mu dheireadh thall cha robh eadhon esan gun a eachdraidh fhéin aige air àmhgharan turus na buana.

Bliadhna an déidh bliadhna an uair a bhiodh e fàgail an tighe air son Loudaidh, is e an àithne mu dheireadh a bhiodh e faighinn o bhean an tighe e a bhith glé chinnteach nach dì-chuimhnicheadh e corran a thoirt dhachaidh, ach a cheart cho minic agus a gheibheadh e an àithne a cheart cho tric sin bha e 'ga dì-chuimhneachadh.

Mu dheireadh thall cheannaich e an corran mun d'fhàg e Loudaidh agus cheangail e suas e gu chramach an truaill fhodair. Ghabh e air gu Srath Ghlais, agus air a shlighe dhachaidh choinnich seann nàbaidh ris agus chaidh iad le chéile steach do phràban a bha ri taobh an rathaid agus dh'iarr iad dà dhrama.

Thòisich an còmhradh agus drama an déidh drama 'ga òrdachadh, agus cha b'fhada bha an ùine ag goid seachad, air chor agus gu robh seachd dùirn de'n oidhche ann mun d'fhàg iad am pràban. Cha robh aig a' bhuanaiche air ach aghaidh a thoirt air a' choille mhóir ùdlaidh uaignich a bha eadar e agus a dhachaidh, agus ge b'fhada uaithe bha a dhachaidh cha b'fhada 'na bheachd-san a bhiodh e 'ga ruigheachd.

Bha oidhche bhriagha, chiùin ann le gealaich air a coinneil, agus shaoil leis gu robh sin có-dhiubh 'na fhàbhar. Cha deachaidh e fada air adhart an uair a chunnaic e duine a' tighinn 'na choinneamh agus an uair a bha e dìreach gu bhith aige dh'fholaich an duine e fhéin air chùl craoibhe.

Bha am buanaiche a' tuigsinn gu robh an t-ám aige an corran a thoirt as an truaill, agus gun an còrr dàlach a dheanamh rinn e sin. Chaidh e a null gu taobh an rathaid far an robh an duine, agus dh'fhoighnich e dheth ciod e an uair a bha e, agus a cheart cho luath agus a dh'innis an duine sin da dh'fharraid e dheth ciod e a thug air a dhol air cùl a' phris an uair a chunnaic e e.

"O," ars an duine, "is e àite glé chunnartach a tha so. Is iomadh mèirleach a chaidh troimh an choille so, ach o'n a tha coltas cho suilbhireach ort fhéin chan 'eil dad de dh'eagal agam romhad, agus o'n a tha sinn ag gabhail an rathaid còmhla, is feàrr dhuinn greasad oirnn agus gheibh sinn drama am pràban a tha mu mhìle uaithe so."

"Ro mhaith," ars am buanaiche, agus ghabh iad air

aghaidh.

Cha robh am buanaiche ro chinnteach as a chompanach, agus mar sin bha e ag cumail geur shùla air fad na slighe. Bha e a' dearcadh do'n duine ag cur a làimhe 'na bhroilleach an dràsda agus a rithist, agus cha robh so ag còrdadh ris idir. Bha eagal uamhasach air gur e dag a bha e a' fiachainn ri ghleusadh gu a bheatha a thoirt air falbh.

Is ann a rug e fhéin air a' chorran air a shocair, agus, an uair a fhuair e fàth air an duine, tharraing e e agus chuir e an ceann deth le aon sgobadh, air chor agus gun do thuit an ceann air an aon taobh de'n rathad agus a' cholann air an taobh eile. Bha an ceann a' sgriachail agus a' rànail agus ag éigheach ris a' bhuanaiche: "Is dona a rinn thu! Cha robh olc sam bith air m'aire-sa ged a bha mi ag gabhail an rathaid cuide riut. Bha mi ionraic, onarach, gun ghunna, gun daga, agus dhòirt thusa an fhuil neochiontach."

An uair a chuala am buanaiche so bha e gun fhios ciod e a dheanadh e. Bha an oidhche reòta, agus gun dàil sam bith a dheanamh chàirich e an ceann gu cùramach air a' cholainn agus cheangail e an amhaich gu cruaidh, teann le nèapaicin-pòca, agus an tiota thuirt an duine: "Cha chreid mi nach dean mi feum fhathast. Tog mi agus thoir mi do'n tigh-òsda."

Choisich iad do'n tigh-òsda le chéile, agus an uair a ràinig iad bha an tigh lom-làn de bhuanaichean, agus bean an tighe agus a' bhan-chòcaire a' pronnadh dà phoit mhór bhuntàta air son na suipearach. Dh'iarr am buanaiche dà ghloine de uisge-beatha gun bhaisteadh, ag ràdh gu robh e fhéin airtnealach agus gu robh a chompanach air a leòn gu dona. Fhuair iad sin, agus shìn iad air seanchas.

Bha an duine leòinte a' fàs blàth araon le teas an uisge-bheatha agus blàths an teine. Thòisich e ri sreathartaich agus ri séideadh a shròine is cha robh fhios air an talamh ciod a bha ceàrr air.

Rug e air a shròin le a dhà mhiar air son an sreathart a chumail air falbh, agus an uair a rug thuit an ceann mar a bha e anns a' phoit bhuntàta, agus chaidh an tigh gu ùpraid.

Theich am buanaiche cho luath agus a dheanadh a chasan da, is cha d'fhuaradh gréim riamh air, agus cha mhotha a tha lorg air duine a bhuineas da air an latha an diugh. IAIN N. MACLEOID.

#### THE LATE MR. J. A. NICOLSON.

We regret to record the death on 7th June (after a very brief illness) of Mr. John Alexander Nicolson, M.A., F.E.I.S., a Vice-President of An Comunn Gaidhealach and Convener of the Finance Committee.

"John A.", as he was familiarly known to many in Glasgow and Skye, was born in the Braes district of the parish of Portree in 1890, and was educated at the local school, at Portree Secondary School, and at Glasgow University. For fourteen years he held teaching appointments in various Glasgow schools and was on the staff of Garrioch School when he was appointed first Supervisor in Glasgow of the Junior Instruction Centres set up by the Ministry of Labour in 1934. For some years past he held the responsible post of Youth Welfare Organiser of the Glasgow Education Committee, and in this connection, had much pioneer work to do in organising the rapidly expanding youth services of the city. He took a prominent part in the activities of the Educational Institute of Scotland, and from 1931 to 1934 he was President of the Glasgow Local Association of the E.I.S. He was also for seven years Secretary of the Glasgow Elementary Schools' Football Association.

It was, however, as a keen and energetic leader among the Highland community in Glasgow that John A. Nicolson was best known. He identified himself particularly with the Glasgow Skye Association, of which he was at one time Secretary and served as President from 1932 to 1935, and with the Highlanders' Institute, of which he was President from 1933 to 1936, and of which also he was a Trustee and a member of Executive Committee up to the time of his death.

To An Comunn Gaidhealach Mr. Nicolson gave over twenty years' service as a member of the Executive Council and of several of its Committees. At the last Annual General Meeting he was appointed a Vice-President and succeeded Dr. John Cameron as Convener of the Finance Committee. He was one of those responsible for establishing the Glasgow Central Branch of An Comunn, and was President of the Branch from its inception, while he played a leading part in founding the Glasgow Local Mod some five years ago. Only a few weeks ago he had undertaken the onerous duty of Convener of the Local Committee which is to prepare for the National Mod to be held in Glasgow in 1948. On many occasions he served as a Gaelic Adjudicator at provincial and national Mods; and he also broadcast frequently in the Gaelic programmes of the B.B.C.

John A. Nicolson was a man of forceful personality and of much ability. In particular he had the gift of fluent and impressive speech and a good platform manner, with a clear and orderly mind which swiftly

fastened on main issues.

The interment took place in his native parish of Portree, and the cortege was followed by a very large gathering of fellow-islanders, especially of the people of Braes. The funeral service was conducted by a fellow-Braesman, the Very Rev. Norman Maclean, D.D., and the Rev. A. J. Macleod, B.D., Minister of Portree. An Comunn Gaidhealach was represented at the funeral by Mr. Jack Ross, Mr. Iain F. Steele, and Mr. Donald Matheson, President, Vice-President and Secretary respectively of the Portree Branch.

And so there has passed from us with startling suddenness an able fellow-Highlander whose presence and voice will be much missed among us in the days to come. We would express our deep sympathy with his wife and daughter in their sore bereavement.

T. M. M.

# THE LATE MR. A. D. CUMMINGS.

We regret to record the death on 2nd June of Mr. Alexander Dougal Cummings, J.P., F.E.I.S., at the age of 69. Mr. Cummings was native of Grantown-on-Spey and was educated at Aberdeen University. He was Headmaster of Callander Public School for forty years and retired four years ago.

Mr. Cummings was a fluent Gaelic speaker and served for a time on the Executive Council of An Comunn Gaidhealach. He was the author of Old Times in Scolland and other books.

#### NATIONAL MOD (1948), GLASGOW. New Local Convener Appointed.

At a meeting of the Glasgow National Mod (1948) Local Committee, held on 23rd June, the Vice-Convener, Mr. Coll MacDougall, made appropriate reference to the great loss sustained by the Committee by the death of its Convener, Mr. John A. Nicolson.

Mr. Farquhar MacRae was unanimously appointed to succeed Mr. Nicolson as Convener. Mr. MacRae is a Vice-President of An Comunn and Convener of the Education

Committee.

#### WELSH LEAGUE OF YOUTH. Founder Honoured.

In the recent King's Birthday Honours List it was announced that a Knighthood is to be conferred on Mr. Ian ab Owen Edwards, M.A., J.P., the Founder and President of the Welsh League of Youth. The new Knight is in a sense the "spiritual father" of our own Comunn na h-Oigridh, as the founding of Comunn na h-Oigridh was in large measure due to the example and inspiration of the Welsh movement. A message of congratulation has been sent to Sir Ifan

Edwards from An Comunn Gaidhealach and Comunn na h-Oigridh.

The following account of the Welsh movement may be of interest to our readers. It is extracted from "Youth Organisa-

tions of Great Britain, 1944-45 "Gordan & Sons, Ltd., London).
"The Webh Lague of Youth (Urdd Gobaith Cymru) is an unsectarian and non-political youth organisation. Founded in 1922 by Mr. Ifan ab Owen Edwards, it soon spread from the village of Llanuwehllyn in the heart of the Merionethshire hills to all patter of the Principality. Its object is to promote Christian Webh Citizenship among the youth of Welse, and to the youth of other nations. Its threefold promise is well known to many thousands of Welsh boys and girls, whether they be Webh-speaking or not:

I PROMISE TO BE FAITHFUL—

To Wales, and worthy of her.

To my fellow-man, whoever he may be.

To Christ, and His Spirit of Love.

"For practical purposes, the League's work is divided into there: spiritual, physical, and cultural. It finds incentives for activities in religious services and hymn-singing festivals, Eisteddfodau (competitive and cultural gatherings), Mabolgompua (sports and games), and camps. Pligirmages and torshave been arranged to other countries, and the youth of other lands have attended the league's festivals in Wales.

"Children under 14 are eatered for in Adramaus (branches) and boys and girls from 14 to 25 in Adusydydd (Youth Chubs). Boys and girls who, though perhaps of Welsh extraction, are not conversant with the Welsh language, are catered for in 'Young Wales Clubs,' an English-speaking counterpart of the medium of expression in these clubs, they are Welsh in spirit and atmosphere, and they are founded only in the Anglicised

areas of Wales."

The activities of branches and clubs are many and variousdramatics, music, history and literature, rural crafts, study circles, and discussion groups, devotional services, agriculture, indoor and outdoor games, civics, etc. In 1944 the total membership was 107,400, and there were 407 clubs and 656 branches. T. M. M.

#### FACAL SAN DOL SEACHAD.

Ant-Oliamh Urramach Lachlann MacGilleathain MacBhatir.—Tha an Gàidheal ainmeil so air a luibile a ruigheachd mar mhiniatear, oir the leth-cheud bliadhna o shuidhicheadh e anns a' cheud agire a bh'aige. B'ann an Eaglais Mhóir Ghlaschu a bha e air son àireamh bhliadhnachan nun do leig e dheth uallach na h-oibre. An 1933 bha e' na Cheann-suidhe (Moderator) air Ard-sheanadh Eaglais na h-Alba. Choisinn e cliù gife òg mar shearmonaiche comasach agus mar bhàrd agus ùghdar leabhraichean. Tha a dhachaidh a nis o chionn iomadh bliadhna ri taobh Loch Carrann, agus tha sinn ag guidhe dha móran bhliadhnachan eile ann an sith agus socair na sgìre alainn an sith agus socair na sgìre alainn ain.

Eaglàis Ghàidhealach Cheann-Loch.—Chì mi gu bheil ministear ùr air a phòsadh ris an Eaglais Ghàidhealaich an Ceann-Loch-Chille-Chiarain. Is e so an t-Urramach Gilbeart Stùbhart Camshron, B.D., agus tha sinn ag guidhe dha fhéin is do'n choimhthional beannachd is soirbheachadh

Tha mi tuigainn nach 'eil Gàidhig idir aig a' mhinistear nr, agd is Gàidheach an t-ainn a th'air, agus is duilich leinn sin. Chan aithne dhomh de cho tric agus a bha seirbhisean Gàidhig air an cumail anns an eaglais so anns na bliadhnachan mu dheireadh, ach tha fhios againn nach robh nas cudmhoire no nas dlès do'n Ghàidhig am meag mhinistearan Gàidhealach na am ministear mu dheireadh a bha cas neaglais so, an t-Urramach Tòmas S. Mac-a-phearsain nach maireann. Tha fhios againn cuideachd gu bheil feadhainn an Ceann-Loch aig à bheil idid anabarrach anns a' Ghàidhig.

Is iomadh ministear ainmeil a bha air ceann a' chòimhthionail so anns na linntean a dh'fhalbh. B'ann anns an t-siathamh linn a thàinig an Naomh Ciaran á Eirinn a shearmonachadh an t-Soisgeil an Cinn-tìre, agus riamh o'n àm sin bha an Soisgeul air a chur an céill an sgìreachd Chille-Chiarain,

agus anns a' Ghàidhlig cuideachd.

B'ann an 1672 a thugadh an t-ainm "Camphelionen" nir a' bhaile an toiseach. Anns an t-seachdamh linn deug, an uair a bha móran dragh is aimhreit an Albainn mu chlisean Stàit is Eaglaise, thàinig móran air imrích á taobh an irar-dheas na h-Albainn do Chim-tire agus iad fo dhion Marcuis Earraghàidheal. Cha robh Gàidhlig aig na coigrioth sin, agus ma sin thogadh eaglais dhaibh fhéin—an Eaglais Ghailda. Fad uine mhóir bha an dá eaglais—an Eaglais Ghaildha Fagus an Eaglais Ghallda—for iaghladh an non sheisein, ged a bha ministear is àit-aonraidh an urra aca.

Bu mhath cuimhne a chumail air cuid de na ministearan a bha thairis air a' choimhthional Ghàidhealach, oir bha feadhainn

dhiubh a rinn sàr-sheirbhis do'n Ghàidhlig.

Anns a' phrìomh-shreath chuirinn "Caraid nan Gàidheal." Tormod MacLeòid. Bha easn air ceann na h-Eaglais Ghàidhealaich bho 1808 gu 1825. Bho 1781 gu 1807 is e an t-Ollamh Iaim Mac-a-Chobhann a bha 'na mlinistear an so. Rinn esan cuideachd saothair mhòr as leth na Gàidhlige agus sar measg nan leabhraichean a chuir e mach bha iad so: "Sean Dàna,"
"Dàn an Deirg," "Sailm Dhaibhidh," agus eadartheangachadh air àireamh leabhraichean eile. Roimhe sin bha
ministearan eile an Ceann-Loch aig an robh làmh ann an eadartheangachadh a' Bhiobuil agus nan Saina agus Leabhar nan
Ceist-Dùghall Darach (1649-1664), Iain Camshron (16691680), agus Raibeat MacDhonnchaidh (1681-1697). Nas
fhaisge air ar latha féin bha iad so anns an Eaglais Ghàidhcalaich—an t-Ollamh Seumas Curdie Russell, Eachann MacFhionghuin, Iain Calum Mac-an-Rothaich, agus Dùghall
MacCaluira.

A' Ghàidhlig agus Luchd na Postachd, — Beagan bine air ais chomhairlich ar caraid, Iain N. MacLeòid, dhuinn seòladh Gàidhlig a chnr air ar cuid lltrichean, agus e de'n bheachd gun toireadh sin air na h-Oifigean Puist cléirich fhasdadh aig am biodh Gàidhlig air son rian a chur air a'

phostachd sin.

Ma thà, tha mi dìreach air fios fhaotainn bho Ghàidhead dìleas aig a bheil an cleachdaidh seòladh ann an Gàidhlig a chur air na litrichean a sgrìobhas e, leis an t-seòladh Bheurla san oisinn. O chionn ghoirid bha e a' sgrìobhadh A Glaschu gu bana-charaid dha am Bàideanach; chuir e seòladh Gàidhlig air an litir, ach dhl-chuimhinch e seòladh Beurla a chur san oisinn. Ciod a thachair? Cha b'urrainn do luchd Oifig a' Phuist an Ghachu an seòladh a leughadh, ach thuig ouid-eigin 'nam measg gur e Gàidhlig air chor-eigin a bh' ann agus bha fhios aca gu bheil Gàidhlig ani chor-eigin a bh' ann agus gu bheil Gàidhlig an Albainn 1), agus mar sin chuir iad an litir a null gu Baile Atha Cliath.

An Eirinn rinn Muinntir na Postachd an gnothach air a' Ghàidhlig a leughadh agus thill an litir air ais do dh'Albainn,

agus ràinig i mu dheireadh a ceann-uidhe.

Ciod a tha rī fhòghlum á so ? Thà, gu bheil a' Ghàidhlig 'na coigreach 'na tìr féin; agus, an dara rud, is glie seòladh Beurla a chur air litir còmhla ri seòladh Gàidhlig, ma tha cabhag air an litir. Cha deanadh e a' chhis gum biodh gach litir eadar Glaschu agus a' Ghàidhealtachd a' dol rathad Baile Atha Cliath.

Mòd Shan Francisco .-- An latha roimhe fhuair mi fios á San Francisco ag innseadh mu'n Mhòd a bh'aca an Oilthigh a' bhaile sin ann an deireadh mìos a' Ghiblein. Thàinig cuideachd mhór cruinn as a' bhaile agus á bailtean eile an California, Los Angeles agus Pasadena ; agus bha Mòd mór aca. An déidh a' Mhòid bha céilidh aca agus thugadh seachad corr is trì fichead leabhar Gàidhlig mar dhuaisean. Is e so an cóigeamh Mòd a chumadh an San Francisco, agus air clàrinnsidh a' Mhòid gheibhear còrr is deich ar fhichead de chomhfharpaisean de gach seòrsa air son òigridh is inbheach-seinn is aithris, còmhradh is litreachadh-fhacal, òrain-dithis, còisirean, sgeulachdan, leughadh a' Bhiobuill, puirt-a-beul is eile. Chan e mhàin Gàidhlig na h-Albann a bha aca, ach seinn òran Cuimreach is Eireannach cuideachd. Bha faisg air ochd fichead neach a' feuchainn anns na comh-fharpaisean. Agus có a bh'air ceann na cuideachd, có am fear-iùil gnìomhach dealasach a bha air chùl gach oidhirp is gach saothrach ? Có, ach Seumas MacGaraidh, agus is airidh e air a mholadh air son gach saothair is dragh a tha e gabhail air an aobhar na Gàidhlige an tìr fad as. Ach chan 'eil Seumas còir leis fhéin, is e nach 'eil. Cha dean aon duine Mòd, agus mar sin cliù dhaibh-san uile an California a tha cuideachadh leis anns an obair.

Comharradh nan Gall,—Tha Alaedair MacEach-Thighearna ag ràdh gum bu chòir oidhirp a dheanamh air na h-ainmean-àitean Fort William, Fort Augustus, Fort George agus an leithid sin a chur & cleachdadh agus na h-ainmean Gàidhlig aiseag 'nan àite—Inbhir-Lòchaidh, Cille Chuimein, is eile. Car son a bhitheamaid, ars ean, ag gléidhead chomharraidhean air smachd nam feachdan Gallda thairis air ar Gàidhealtachd? \*

Gliocas nan Gàidheal.—Chan fhaighear an dé air ais an diugh. \* \* \*

Firinn air son a' Mhìos so.—Feuchaibh uime sin gun gluais sibh gu faicilleach, chan ann mar amadain ach mar dhaoine glice, ag ath-cheannach na h-aimsir.—*Ephes.* v. 15-16.

#### EDINBURGH LOCAL MOD.

An treas dòigh anns am faighear buannachd anns na h-ealainean so—gun gabh airgiod a dheanamh leotha. Gheibhear reic air na nithean a nithear. Tha sinn cleachte gu leòir—a' chuid as motha againn, gu sònraichte anns na bailtean móra—a bhith coss airgid (agus móran airgid cuideachd) gus an oidhche a chur seachad dhuinn; is ann ainneamh a chosnar airgiod mar sin, ach cosnar e mas e so an seòrsa cur-seachad a th'agad. Tha féill air obair ghrinn shnasail; tha luach ann. Cuiridh e buinn anns an sporan.

Gu dé seòrsa oibrichean is ealainean-làimhe a th'ann ris am faod neach a làmh a chur? Is iomadh iad, is faodaidh neach a roghainn a dheanamh a réir a chàil agus a chothroim. Is e fiodh is leathar is snàth na stuthan cumanta as an deanar iomadh nì feumail agus grinn-"toys" air son na cloinne, bàtaichean beaga is barachan is cairtean beaga is dolaichean is cluichean de gach seòrsa, sporain is bocsaichean, bascaidean is bratan-ùrlair, obair-ghréis air aodaichean agus mar sin air aghaidh. Chan 'eil feum air móran uidheim air son cuid de na nithean sin-sgian gheur is pìos fiodha, fòghnaidh sin air son iomadh rud snasail is feumail a ghearradh a mach 's a shnaidheadh. Gheibhear air beagan thasdan acfhuinn ris an abrar "fretwork set," 's e sin, sabh beag is inneal beag no dhà eile air son fiodh oibreachadh. Air son obairleathrach fòghnaidh sgian is tolladair.

A nis, ma tha duine dol a dh'fhaotainn toileachaidh as an t-seòrsa oibre a tha an so, agus ma tha na nithean a ni e dol a chosnadh airgid dha, feumaidh iad a bhith air an deagh dheanamh, agus gu sònnaichte feumaidh iad grinneas a bhith orra agus rud-eigin Gàidhealach no Albannach de choltas orra. Gach bliadhna tha mòran sluaigh à dùthchannan eile a' tighinn do Albainn agus do'n Ghàidhealtachd a chur seachad an làithean saora, agus is miann leotha nithean beaga a cheannach a bheir iad air falbh leotha dhachaidh mar chuimhneachan air an dùthaich leotha dhachaidh mar chuimhneachan air an dùthaich

so. Mar sin, tha reic air na gnothaichean beaga grinnaagus is math a dh'fhaodadh a' mhòr-chuid de na nithean sin a bhith air an deanamh anns a' Ghàidhealtachd fhéin agus chan ann anns na bailtean mòra mu dheas mar is trice a tha tachairt an dràsda. Ach feumaidh cruth is cumadh a bhith air na gnothaichean sin a tha da-rireabh Gàidhealach is Albannach.

Bha na seann Ghàidheil, no co-dhiubh na Ceiltich. anns na linntean fad as ainmeil agus sònraichte air son an ealainean-dealbhaidh, agus rinn iad dealbhtharraing air cloich agus air craicionn a tha innleachdach da-rìreabh. Chithear eisimpleirean air an t-seòrsa dealbhaidh a bh'aca ann an seann leabhraichean, air seann chroisean cloiche is seann leacan-lighe agus air àireamh nithean eile air an tug iad dealbh is cumadh gu grinn agus gu seòlta. Anns an ealain Cheilteach so bha iomadh ball-sgeadachaidh-iomadh seòrsa dealbh-tharraing-sreathan is crìosan, lùban is cuairteagan is cearcaill is móran shamhlaidhean eile. Bha an ealain so cho fìor innleachdach agus leis gach ùpraid a thàinig an déidh-làimhe air na Ceiltich gun do chailleadh eòlas air an sgil iongantach so. agus, ged a bha eisimpleirean de'n obair ghrinn innleachdach sin air am fàgail, cha b'urrainn do neach sam bith a thuigsinn ciamar a bha e air a dheanamh. Bhiodh daoine a' feuchainn ri leth-bhreac dheth a dheanamh, agus rinn feadhainn sin gu fìor-mhath, ach cha robh eòlas ann idir air an dòigh-dhealbhaidh so gus o chionn beagan bhliadhnachan nuair a thòisich daoine ri móran as ùr fhaotainn a mach mu'n t-seann ealain Cheilteach so. Ach a nis tha cothrom aig daoine air an eòlas ealanta so ionnsachadh agus an sgil so a thogail, agus ma ni iad sin théid aca air

grinneas a chur air na nithean a ni an làmhan.

Aig toiseach an Og-mhìos ghléidheadh féill-thaisbeanaidh an Glaschu (agus cumar an fhéill cheudna an Dùn-éideann air a' bhliadhna so fhathast) gus a bhith cur fo aire dhaoine nan dearbh nithean nu' nrobh mi' sgrìobhadh. Aig an fhéill ud chunnacas rudan de gach seòrsa air an deanamh de mheiteal, de fhiodh, de phaipear, de chlò is de dh'aodachrudan grinn le cumadh is dealbh-tharraing Ceilteach orra: feadhainn dhiubh sean, ceudan bliadhna a dh'aois, feadhainn eile ur, nithean a rinneadh air a' gheamhradh so chaidh ann an dachaidhean Gàidhealach. Cia as a thàinig na nithean ùra is có a chruinnich ri chèile iad ?

Tha Mgr. Seòras MacGhille-bhàin, aig a bheil eòlas anabarrach agus sgil neo-chumanta ann an ealdhain Cheilteach, an déidh Colaiste bheag a chur air chois an Gleann Urchardain dìreach air son a' cheart aobhair so-ealain Cheilteach a theagasg; agus ri ùine tha dòchas ann gum bi clasaichean air an cumail air feadh na dùthcha uile. Tha Mgr. Mac-Ghille-bhàin cheana air leth-dusan de leabhraichean

beaga a chur an dò anns a bheil e deanamh soilleir innleachd-tarraing nan Ceilteach, air chor 's gum faod neach sam bith a ghabhas an dragh deilbh ùra a dheanamh air paipear no air fiodh no leathar no meiteal. Tha a' Cholaiste ùr agus na clasaichean ùra so gus a bhith teagasg do shean 's do dh'òg a bhith grinn is sgileil le 'n làmhan agus nithean maiseach is feumail a dheanamh á fodh is á leathar is á meiteal is le snàth is snàthaid is le stuthan eile, agus cumadh is leathart na cheilteach a thoirt orra. Tha dòchas gun soirbhich leis an duine chòir anns an oidhirp ionmholta so. Cheana chunnaic sinn na nithean grinne a rinn feadhann a fhuair an ionnsachadh bhuaithe.

A rithist, the buidheann ann ris an abra anns a' Bheurla "Highland Home Industries"—"Cuideachd Ealainean-Tighe na Gàidhealtachd." Tha greis a bhliadhnachan bho thòisich iad so, agus bha agus tha làmh aig a' Chomunn againn fhéin ann an riaghlaidh na cuideachd. Tha a' chuideachd so a' brosnachadh 's ag cuideachadh fhear is bhan air feadh na Gàidhealtachd nithean a dheanamh de'n t-seòrsa mu'n robh mi a' sgrìobhadh shuas, agus tha iad ag reic nan nithean sin dhaibh agus 'gam pàidheadh gu math. Tha iadsan a tha ag obair fo sheòladh na buidhne so ri àireamh oibrichean—cuid a' fighe, cuid a' deanamh clò, cuid a' deanamh bhascaidean, agus fichead rud eile, is gach nl grinn is fiachail.

Mar sin, ma thà, a bharrachd air obair-fearainn is obair-iasgaich is gach cosnadh eile ris am feum daoine an làmhan a chur, tha na h-oibrichean beaga grinne a tha an so, na h-ealaidhean-làimhe, saothair a chuireas seachad an tide, a bheir toileachadh do'n neach a tha sgileil is ealanta, agus a chuireas barrachd san sporan. Tha dòchas ann gun sgaoil agus gum meudaich an seòrsa oibre so agus gum bi so 'na bhuannachd do'n Ghàidhealtachd.

#### LITIR COMUNN NA H-OIGRIDH.

Tha Camp Comun na h-Oigridh a nis 'na uidheam an Inbhir-ailleart, ach an ám dhombas agrìobhadh, oir feumaidh an litir so, maille ris a' chòrr de'n Ghàidheal, a bhith glé thràth an làmhan a' chlo-bhualadair, chan urrainn dhomh a' bheag a ràdh air a' cheann sin ach gu robh sè nigheanan deug air fhichead air an aghaidh an ám fosglaidh, agus gu robh latha math aca an ám dhaibh bratach a' chaimp a thogail ri crann. Agus bhuaithe sin lean an t-sid air a bhith fàbharach, is gach gealltanas air gur ann nas feàrr a bhios i a' dol.

Gun teagamh, chan 'eil móran gréine againn an diugh féin, ach tha a' ghlaine ag éirigh, agus bidh fiubhair againn gum bris a' ghrian a mach as a mogal 's gun sgap i na neòil a tha 'ga còmhdach air falbh do àite sam bith anns am bi iarraidh aca orra—àit-eigin far a bheil iad a' faotainn tuille na tha iad ag iarraidh de theas gréine is nas lugha na shireadh iad de neòil 's de thaisealachd.

A bheil fios agaibh, bho'n a sgrìobh mi na facail ud, mar gum biodh aon-eigin aig m' uilinn a chunnaic ciod a bha mi a' sgrìobhadh 's a dh'innis dhise e, nach ann a tha i air briseadh a mach 'na làn neart, agus an ceartair, an uair a tha mi a' sealltainn a mach air an uinneig, tha dà dhealan-dé gheal ag itealaich 's a' réiseadh a chéile os cionn nam blàth a tha a' fàs cùl an tighe—" Cùl-tighe-Eachainn-Mhòir-Mhic-Dhùghaill!" Saoil sibh nach 'eil an t-ainm-àite sin eadhon nas fhaide na an t-ainm a thug Mac-Ghille-Chatain dhuinn!

Mar a dh'innis mi dhuibh air a' mhìos a dh'fhalbh, bidh na caileagan a' fàgail a' chaimp' s a' dol dhachaidh air Di-luain, an 21mh de'n Iuchar, agus na balaich ag gabhail seilbhe trì làithean 'na dhéidh sin. Bidh iadsan a' toirt a steach an Lùnasdail ann 's a' fàgail air Di-luain, an 4mh latha dheth. Tha sinn an dòchas gum bi iad le chéile fortanach a thaobh sìde, agus nach brùchd torrunn is dòrtaidhean orra mar a bhuail air a' champ an uiridh.

B'fheudar do'n chlann nighean na bùithean fhàgail is an leapannan cadail a chur suas an cairtealan nan seòladairean anns am biodh iad ag gabhail am bìdh 's ri nithean eile. Gu cinnteach, bu mhath dhaibh gu robh na cairtealan sin aca gu fatradh fhaotainn annta an uair a thàinig an éigin! Thug mi féin cuairt suas do'n champ agus bu sud a' cheart latha is oidhche a bha mi ann. Is fìor gum faotainn mar sin a ràdh gur mise "bha thall 's a chunnaic." Thàinig am feasgar is an oidhche gu bhith còrr le tein-adhair is tàirneanach; ach cha "threabh gach bliadhna d'a chéile," is tha ar sùil am bliadhna ri aimsir nas feàrr, a réir 's mar a tha na comharraidhean 'gam foillseachadh féin. Is ann aig an t-sìd a tha e r'a dheanamh, cha mhór uile gu léir, agus ma tha i fàbharach, laighidh gach nì eile gu socrach 'na àite féin.

Tha sùil agam cuairt a thoirt suas am bliadhna a rithist—an uair a bhios na balaich ann, oir b'ann an uair a bha na caileagan ann a thug mi mo chuairt an uiridh. Is ùrail mo chuimhne air aon nì cocheangailte ris a' chuairt ud. Bha buagan leabhran agam leam, "Balaich an t-Sratha," a sgrìobh an duine ceanalta, an Lighiche Alasdair Mac-an-t-saoir, Airdruighe, a bhuineadh do Shrath Gheàrrloch, 's a chuir e an tairgse na cloinne a bha anns a' champ, leabhran an t-aon, 's a liubhair mise do na caileagan agus Dòmhnall MacPhàil do na balaich an uair a thàinig iad féin do'n champ. Chan fhaigh iadsan no sibhse an còrr ghibhtean bho làimh an Lighiche chòir, oir thàinig a' ghairm nach fhaodar a dhiùltainn air mun do ruith a' bhliadhna gu crìch, agus tha na bha talmhaidh dheth an diugh 'na laighe an Srath a ghràidh. Srath Gheàrrloch. Bidh sinn 'ga chuimhneachadh 's 'ga ionndrainn am bliadhna.

Ma tha cuimhne agaibh, thug mi dhuibh an litir an luchair earrann á seanachas a fhuair mi bho mo charaid féin is bhur caraid-sa, an t-Urramach Calum MaGGilleathain, an Conan, agus thubhairt mi gun tillinn rithe uair eile. Chan 'eil ach aon taobh dhith do bheil rùm agam gu buntainn an ceartair, agus is e so c.

Bha mi ag innseadh dhà mar a bhiomaid, an uair a bha sinn gòrach is anns an sgoil (aon eile a bu shine na mise is mi féin), a' dearmad na sgoile is ag cluich truant. Bha mi ag innseadh dhà mar a bhrathadh sinn, latha anabarrach grianach, teth a thàinig, agus an uair a chaidh sinn dhachaidh, seadh, an uair a chunnaic sinn an còrr de'n chloinn a' faotainn m'a réir as an sgoil, thug mo mhàthair fainear gu robh sinn air ar droch losgadh leis a' ghréin, is thuig i nach robh cùisean mar bu chòir dhaibh! Tha e cho math brat-sgàil a tharruing air na thachair an uair sin!

Ach is e a bha mi a' tighinn air uile gu léir ciod a' Ghàidhlig a tha air truant. Chan abramaide ris ach gu robh sinn " a mach air na cnuic." Chì mi gur e "lùrdan" a tha am Foclair MhicGillinnein mar cho-fhreagartas dha, ach cha chuala mise am facal sin air a chleachdadh riamh. Tha ar caraid ag ràdh nach cuala esan nas mò facal a tha fìor fhreagarrach, ach gun cuala e "falach-fead" air a chleachdadh. Chan abramaide "falach-fead" ri truant idir. B'àbhaist cluich a bhith againn ris an abramaid "falach-fead," agus bhiodh e air a chleachdadh an dòighean èile mar an ceudna, ach cha b'ann mar cho-fhreagartas do truant.

Có agaibh aig a bheil facal cothromach is nas feàrr na aon a thug mi dhuibh air truant? Gun teagamh, is dòcha gur e facal Gàidhlig a tha an truant e féin, co-dhiubh gur e freumh Gàidhlig a tha aige, 's gu bheil buintealas aige ris an fhacal "truagh." Anns a' Bheurla féin tha ciall nas farsuinge aig truant na bhith a' dearmad na sgoile. Tha e ag gabhail a steach dùil shuarach sam bith, aon gun diù, no neach a tha dearmadach air a dhleasanas; agus is cinnteach gu bheil an seòrsa sin uile gu léir ro phailt anns an t-saoghal a tha ann.—Bhur Caraid Dìleas,

EACHANN MACDHUGHAILL.

# \_\_\_\_

#### OISINN NA H-OIGRIDH. Bodach a' Bhogha.

Bha a' fuireach ann am Beàrnaraidh na Hearadh aig ám an Ridire Tormod MacLeòid fear ris an abradh iad Murchadh Mór Sgalabroig.

'Na òige bha am fear so ealanta leis a' bhogha saigheid, ach aig an ám a thachair an tachartas so bha Murchadh air an leabaidh le seann aois is tinneas.

Bha e 'na chleachdadh aig an Ridire Tormod MacLeòid a bhith a' tathaich Mhurchaidh Mhóir is ag éisdeachd a chuid sgeulachdan. Aon latha bha MacLeòid shìos ag céilidh air Murchadh nuair a thàinig mac Mhurchaidh a stigh agus thubhairt e, "Athair, nam faiceadh sibh na geòidh a tha shios air iochdar an locha!"

Thubhairt Murchadh Mór, "Bha mi latha de m' shaoghal 's bhiodh geadh agam air bàrr na saigheide;" ach fhreagair MacLeoid 's thubhairt e, "Tog dheth do ranntachd, a Mhurchaidh!"

Dh'iarr an seann duine air a' mhuinntir a bha a stigh a thogail a mach gu ceann an tighe 's a sheann bhogha a thoirt chuige. Rinn iad sin 's chuir iad e 'na shuidhe aig ceann an tighe air cathair.

An sin dh'iarr Murchadh air a mhac am bogha a chur air lagh ach cha rachadh aig a' ghille sin a dheanamh. Thug am bodach am bogha bho làmhan

a' ghille 's air dha am bogha a chur air an lagh loisg e air na geòidh 's dh'iarr e air a' ghille a dhol a lorg a shaigheid. Thàinig an gille dhachaidh is geadh aige air bàrr na saigheide.

An uair sin dh'iarr MacLeòid air Murchadh leantainn air le chuid sgeulachdan, ach thubhairt an seann laoch ri MacLeòid, "A' chuid a fhuair, fhuair; 's a' chuid nach d'fhuair, chan fhaigh," agus riamh bho'n latha sin cha do dh'innis Murchadh sgeul do MhacLeòid.

MURCHADH A. MAC-AN-TUAIRNEIR.

#### LUS.

Is deagh chaomh leam fhéin am facal lus. Ged nach 'eil e mór, tha e làn brìgh. Togaidh e dealbh tomadach agus taitneach fa chomhair sùil na h-inntinn-liosan ùrar, glinn uaigneach, is cùiltean fasgach air an còmhdach le gorm-fhàs dosrach is blàthan cùbhraidh fo theas na gréine samhraidh.

Bha na seann Ghàidheil móran na b'fhiosraiche air ainmean, gnè agus feartan nan lus na tha an sliochd an diugh. Cha robh aspirin, cascara, no pilichean fasanta 'nan latha, ni motha bha bùth fear-reic nan cungaidh-leighis aig bun na h-ursainn. Nach robh gach locshlaint a bha dhìth orra ag cinntinn mun cuairt orra anns an fhìon-lios dhùthchasach aca fhéin -Gilead mhaiseach na Mòirthir is nan Eileanan an

Tha cuimhne agam bodach toinisgeil a ràdh rium aon uair nach robh eucail a bha dualtach do chorp mhic an duine nach strìocadh do bhuaidh nan lus a bha a' fàs anns a' choimhearsnachd, nam biodh an sùgh air ullachadh le sgil agus comhairle eagnaidh air a chùl. Cha robh mór chreideas idir aig ar sinnsear ann an éifeachd cungaidhean ùra nan lighichean. Chuala mi mu aon bhean chòir a dh'fhàs seachd sgith de "dhotair nan gràineanan," agus, ars ise, "Thilg mi na pilichean do'n todhar agus dh'fhàg mi mo stamag an urra ris a' Chruith-fhear!"

Is muladach da-rìreadh mar chaidh ainmean Gàidhlig nan lus a chall air feadh na Gàidhealtachd, gun tighinn air an tur aineolas a tha cho coitchionn a thaobh am feartan fa leth. Iarr air clann na sgoile an diugh cur sìos air paipear ainm Gàidhlig a h-uile lus as aithne dhaibh, agus tha mi meallta ma gheibh thu bho'n chuid as motha barrachd air deich no dusan

Innsidh na unathan dhuit mu Lus nam Beannachd—an tea—agus na fir mu Lus nam Beannachd am bógaidh-rol-ach foighnich dhiubh dé an t-eolas a th'aca orra so a leanas, agus saoilidh iad gu bheil thu a' mabadaich an cainnt nan Dùitseach: Lus nan Capull, Lus a' Chraois, Lus nam Ban-sìth, Lus na Fola, Lus a' Chrùbain, Lus nan Laogh, Lus nan Laoch, Lus Mhic Rìgh Bhreatainn, Lus nam Miall, Liath-lus, Slàn-lus, etc.

Nach ann air cànain ullamh, shaidhbhir Dhonnachaidh Bhàin is Mhic Mhaighstir Alasdair a thàinig an dà latha!

SULA SGEIR.

#### DUIL RIS.

## (Calum is Coinneach).

Air fonn :- "Crodh Laoidh nam Bodach."

Ma tha mo thogair,
Ma tha mo thogair,
Ma tha mo thogair,
Gun togar leinn crann.

Coinneach: B'i 'n sgoil an droch obair, Is càch mar a thogras, Orm feumaidh mi togail Ged a dh'ob mi dhol ann!

CALUM: Cha bhi an sgoil fada, Ma chaillear oirnn madainn Bidh feasgar math againn, Ge b' oil le na th'ann.

COINNEACH: Cà 'n téid sinn trath feasgair?
Cha chreid mi ma sheasas
A' ghaoth o an deas dhomh
Gur leise leam bhith thall.

CALUM: Gun cuir sinn linn bheaga Fiach an tàrr sinn muc-creige, Cha chuir cearbanach eagal No teagamh 'nar ceann.

COINNEACH: Fan gu'n tig am blàths gréine A ni moch-eirigh éibhinn, Sinn gun bhrògan, 'nar leine, A' leum 'na ar deann!

CALUM: Ni sinn Tairbeart dheth furasd', Le slige-fhiasgain mar chulaidh, Là nach dùirigeadh Iuibili Dhol gu muir ann.

Mac-Talla: Sin agad e!

Tha Calum is Coinneach cho fada siar agus a leigeas eilean mara dhaibh e, agus tha iad anns na h-oghaichean, agus iad mu na comh-aoisean; agus, mar a thuirt Coinneach MacLeòid, is dual daibh bhith sireadh na mara. Is i a' ghainneamh mhín gheal an cuan a tha aca-san, agus slige-fhiasgain 'na h-eathar aca. Is ann air ceann na tràghad a thu ''An Tairbeart' aca. Tha tigh Choinnich a deas air tigh Chaluim, agus is mór am maitheas do ghille beag a' ghaoth a bhith air a chùl, agus an dà chabhaig air. Is ann air eathar beag iasgaich a bha iomraiteach aig a' bhaile a tha an ''Iubill'!

Bodachan.

#### CELTIC ART EXHIBITION.

The Celtic Art Exhibition (promoted by the Dunedin Society) will be on view in Edinburgh at the Clan House, 117 Grove Street, off Lothian Road, from 3rd August to 13th September. The official opening is at 3 p.m. on the 23rd.

#### FACAL SAN DOL SEACHAD.

A' Bhana-Phrionnsa Ealasaid.—An ám dhomh a bhith sgríobhadh is mór an gàrideachas air feadh na rioghachd agus co'radah-pòsaidh air a dheanamh eadar a' Bhana-Phrionnsa agus an duine-usasl òg, Philip Mountbatten. Bithidh sinne mar Ghàidheil agus mar Chomunn ag cur meal-an-naidheachd orra agus ag guidhe dhaibh gach beannachd. Ma tha nas lugha cumhachd aig an teaghlach rìoghail na bha aig an sinnsirean anns na h-amannan a dh'fhaibh, tha barrachd àghdarrais aca de sheòrsa eile. Saoilidh mi gu bheil acthair rìoghail Bhreatainn air a bunaiteachadh air deagh-ghean a' mhòr-shluaigh ann an dòigh a tha air leth sònraichte, agus guma fada mhàreas sin. R' tinne—agus guma fada bhuainn an latha—gabhaidh a' chàraid òg orra uallach cho trom 's a chuirear air gualainn sam bith, ach tha sinn ag creidsinn gu bheil iad le chéile, 'nan gnè nàdurra agus 'nan oileanachadh, agus tha sinn an dòchas cuideachd tre ghràs Dhé, air an uidheamachadh fa chomhair nan dleasanasan mòra agus cudthromach a tha feitheamh orra.

Coinneach MacLeoid .- Chì mi gu bheil an t-Ollamh Urra mach Coinneach MacLeòid, Ministear Sgìr Ghiogha is Chara, do a' leigeil dheth uallach a dhreuchd a dh'aithghearr. Có nach cuala ainm Choinnich MhicLeòid? Tha a chliù air dol fad is farsaing eadhon am measg nan Gall. Chan 'eil ceàrn de'n t-saoghal far an togar fonn Gàidhealach anns nach 'eil iomradh air an Ollamh choir. Tha greis mhór a nis bho'n choisinn Coinneach MacLeòid àite dha fhéin mar bhàrd agus mar sheanchaidh, mar dhuine aig a bheil eòlas is tuigse anabarrach air inntinn is anam nan Gàidheal agus aig a bheil mar an ceudna comas neo-chumanta gu bhith cur an céill, an rosg agus am bàrdachd, a bheachdan agus a bhreithneachadh agus sin ann an Gàidhlig agus am Beurla. Tha cuimhne agam mar gum b'ann an dé a' cheud uair a chuala mi e a' labhairt. Bha e a' liubhart oraid Bheurla fa chomhair Comunn Oiseanach Oil-thigh Ghlaschu, agus an tiota bha mi air mo ghiùlan air sgiathan a' mhìc-mheanmna air falbh bho'n fhicheadamh linn gu linntean àrsaidh. Bha ceòl sìdhe eadhon 'na ghuth. Agus tha taisgte gu cùramach agam fhathast litir a fhuair mi bhuaith mu'n ám sin—litir làn dibhearsoin is àbhach. An làithean òige bha e 'na Cheann-suidhe air a' Chomunn Oiseanach agus thug e toileachadh mór dha gun d'rinneadh Ceann-suidhe Urramach dheth a' bhliadhna bha sud; bha e nas moiteil, ars e fhéin, na ged a dheante Moderator na h-Eaglaise dheth. Is iomadh Ceann-suidhe is Moderator is D.D. a th'ann agus a bh'ann, ach chan 'eil ann, cha robh 's cha bhi ann, ach aon Choinneach MacLeòid, agus guma fada a mhealas e sìth is slàinte is sonas. Shaothraich e gu maith agus gu sàr-mhaith ann an seirbhis na h-Eaglais agus ann an aobhar na Gàidhlig. Tha ceithir bliadhna fichead bho shuidhicheadh e an Giogha; roimhe sin bha e greis an Colbhasa; agus rugadh e an Eige. Ged a chuir e seachad móran bhliadhnachan 'na shearmonaiche an àireamh cheàrnan air tir-mór, bha "gàir a' chuain, a nuall 's a gàir.' daonnan 'na chluais.

Iain Mór an Fhéilidh.—Tha dùil aig Mgr. Iain M. Mófatt-Pender a bhith tighinn á Astralia air chuairt do'n dùthaich so roimh dheireadh na bliadhna, agus is naidheach am fhór is mhath sin. Tha Clann an Fhraoidh ri gàirdeachadh und ei ann an Gharoidh ri gàirdeachadh ann eir lein, agus sta uillachadh 'ga dheanann gus céilidh mhór a chumail an uair a ruigeas ar caraid Glaschu. Gheibh e fàilt is furan da-fireabh.

Am B.B.C. an Gille-Mhoire.— Dh'éisid mì le mórthlachd an là roimhe ris an deasbud a bh'asa an Cille-Mhoire san Eilean Sgitheanach agus am B.B.C. 'ga chraobh-sgaolleach. Chan e rud ir a th'ann a bhith 'g' éisdeachd deasbuid de 'n t-seòrsa, eadhon deasbud Gàidhig, ach an fheadhainn a chualas roimhe so b'ann as na bailtean no na leth-bhailtean. Bha an deasbud so am meadhon nan daoine a tha an sàs an obair na croite agus chan ann a' bruidhinn mu chroitearachd an seasgaireachd cosmidh eile. Agus is gasda a chaidh muinntir Chille-Mhoire ris an deasbud. B' is oa' cheist: ''Gu de ghabhas deanamh, gus an sluagh, a chumail air a' Ghàidhcaluchd? A bheil croiteannoid gu leo? "F Eo threòrachdha" amhinisteir (an t-Urramach Murchadh MacLeòid) agus a' mhaighairi agoile (Mgr. Domhnall Fionnlasan) tha comun àiteachais aca san sgìr ao a bhios ag gléidheadh choinneamhan gus beachdachadh air chiseann is ceistean a bhuineas da dh'obair is do ghoireasan na sgìre. Is boold nach 'eil comunn den t-aeòrna sin anns gach sgìr. Nam bitheadh, bhiodh barrachd dòchais ann gun gabhadh rud as fhiach a dheanamh a chum leas na Gàidhealtachd.

Gliocas nan Gàidheal.—Is math an naidheachd a bhith gun naidheachd.

Firinn air son a' Mhìos so.—Mar uisgeachan fuara do'n anam thartmhor, mar sin tha deagh sgeul à tìr chéin.—
Gnàth-fhacail xxv. 25.

# AM FEILE BEAG.

By Albannach.

How firmly imprinted upon our memories are the days of our boyhood! I remember, for instance, as if it were yesterday, how I read Guth na Bliadhna by candle-light in a dug-out at Arras, and how I was strangely moved by Sinclair's Gaelic poetry. Two copies of Guth na Bliadhna were left in that dug-out, for there was no room for them in the pack! About the same time I bought a Minro's little poem on the kill—"The Kill of the Highlands is my delight." And its appearance is, as it were, now before my

These two things stand out for what are very dear to us Gaels—our language and our garb. Our Comunn, let us remember, has as one of its aims "the wearing of the Highland Dress."

When I was a boy in the Burgh School at Kirkwall; Sheriff Mcreer gave a public lecture on "The Forty-Five," illustrated by Jacobite songs. He described how the Southerners were surprised at the aspect of these Highlanders with "their outlandish garb." At the close of the lecture our Headmaster, Dr. MacEwen, got up to propose a vote of thanks. He objected to that description of the kilt. He himself called it "the most picturesque garb that ever adorned the human male."

I have lived to see the kilt become more and more popular in Scotland, and I confess that I would like it be a lot more common. It is an attractive garb, and it is serviceable and warm. It is Scottish. Always with the Scots has appeared the kilt, and, small as our country is, its sons have appeared in all corners of the globe, the spear-head in every relieving force and the most gallant and most dauntless and the gentlest of men. And with them and their kilts there have been their Gaelic and their pibroch. While we do well to put first things first in our Gaelic cause—the language first of all—let us realise how important and how advantageous these others are, our music and our dress. I am convinced that their importance is under-rated rather than over-rated.

The English are the greatest politicians the world has known. Queen Elizabeth is their true heroine. Ours is poor Mary! It ought to enlighten us to recollect that the English in their constant policy of the elimination of our civilisation have found it expedient to do their utmost to rob us of our kilts and tartans. They realised, did they not, that a measure of the esprit of the Gael was dependent upon external things that made a distinction in personal appearance. Under Queen Elizabeth were passed the atrocious "Penal Laws" which made the wearing of the Irish "Habit" punishable by death. The Irish were compelled to wear their har in the English fashion!

Their language could not be removed so swiftly, for a man must have some language, but, had it been as possible, they (the English) had been the lads to do it. Let everything be Anglicised!

An Linasdal, 1947.

In Scotland we were dealt with in the same way precisely, and with the same ambition. Even the MacKays and the Campbells lost their kilts and their tartans. Fortunately, for us, we did not forget our loss and did not rest reconciled to it. Our Highland Regiments kept the garb and the tartan to the front and made them more conspicuous.

It is rather a shame that our kilt and our language have been rather separated from one another. If you find a kilted man you suspect too often that he is not a Gaelie speaker. Frequently, indeed, he turns out to be an Englishman! That is all wrong. Highlanders and Scotsmen should value their garb and their tartans more highly still. Not only would the wearing of the kilt and that an cloth add to our sense of nationality, but it would benefit us financially. A Scotland where the kilt and the not lack its visitors. We have often met strangers who have confessed their disappointment at finding Scotland so English in language and habit. That, of course, is the real English conquest of Scotland. All Scotsmen are not complacent about it. They ought not to be.

Let all our lads get kilts and wear them; and let our girls favour the tartan and wear it in one form or another. One cannot learn the language in a month's time, but, for Scotland's sake,

"Bring Forward the Tartan,"

#### EXECUTIVE COUNCIL.

The Extraordinary Meeting of the Executive Council of An Comunn Gaidhealach was held in the North Church Hall, Stirling, on Friday, 4th July, 1947.

The President, Dr. John Cameron, was in the Chair, and the following members were present:—Col. D. C. G. Ballingall, Kippen; John M. Bannerman and Mrs. J. M. Bannerman, Balmaha; Kims. M. Barron, Glasgow; Miss Catriona B. Cameron, Glasgow; Nicol Campbell, Inverness; J. Stewart Cunningham, Killin; Mrs. C. B. Dunlop, Glasgow; Donald Graham, Inverness; Campbell, Perth.; Roderick MacDonald, Dundee; Hector MacDougall, Glasgow; Alexan, Graham, Graham, Graham, Graham, Graham, Graham, Jor. J. A. MacLean, Inverness; Rev. Malcolm MacLean, Conon; Alex. C. M. MacNelli, Glasgow; Parquhar MacRea, Glasgow; Chades Repple, Campbeltown; Angus Robertson, Chades Repple, Campbeltown; Angus Robertson, Glasgow; and Donald Thomson, Oban. Attending were James T. Graham, Tresaurer; Neil Shaw, General Secretary; Alasdair Matheson, Assistant Secretary; and Miss Chris. Turner, Clerkess.

#### TRIBUTE TO LATE J. A. NICOLSON,

At the outset the President referred in appropriate terms to the sudden death on 7th June of Mr. John A. Nicolson, who had been closely associated with many Highland organisations but especially with An Comunn Gaidhealach. For over 20 years he had been a member of the Executive Council and was chiefly responsible for founding the Glasgow Central Branch, of which he was the first President. Last year be became a Vice-President of An Comunn and Convener of the Finance Committee, and only a week before his death he had been appointed Convener of the Glasgow Local Committee for the National Mod in Glasgow in 1948, an appointment which would have given full scope to his organising ability. Mr. Nicolson, said Dr. Cameron, had many of the qualities of leadership. Reference was also made to his willingness to help others and to his sense of humour. He accomplished much, and his help and guidance would be much missed for many a day. The Council would record their deep sense of loss and their appreciation of his services to An Comunn, and they would also convey to his widow and daughter heartfelt sympathy in their great sorrow.

The President cordially welcomed Dr. J. A. MacLean, Director of Education for Inverness-shire, and Mr. Donald Grant, who were attending the Council for the first time,

#### DIVINITY STUDENTS AND GAELIC.

Minute of the Education Committee was approved on the motion of Mr. Farguhar MacRae, Convener. Miss C. B. Cameron again raised the question of Gaelic in the Church of Scotland's Modified Course and Special Ex-servicemen's Course for students intending the Ministry. After considerable discussion it was agreed to make further enquiries and also to enquire about similar courses in the other Churches which have Gaelic-speaking Divinity Students. Mr. Lachlan MacKinnon pointed out that Gaelic is not included as a subject in the Civil Service Examinations and it was remitted to the Committee to take up this matter with the authorities.

It was noted with satisfaction that, as a result of representations made by the Committee, arrangements have been made to teach Gaelic in two of the Glasgow secondary schools, 52 children having enrolled at Bellahouston Academy and 36 at Woodside Secondary School. Mr. Alex. Nicolson, Lecturer at Jordanhill Training College, is to conduct these classes.

#### THE MAGAZINE.

In moving the adoption of the minute of the Publication Committee, the Convener, Rev. T. M. Murchison, stated that the Committee were much concerned with the deficit incurred on the Magazine but such loss was inevitable so long as An Comunn continued to sell An Gàidheal at less than half its cost-price. Since there appeared to be strong opposition both to ceasing the free issue of the Magazine to members and to the raising of the membership subscription, the Committee recommended that the price of An Gàidheal be increased to 6d. per copy and that the copies supplied to members be charged for at the rate of 3d. per copy. After some discussion, and in view of Mr. D. Thomson's intention to give notice of motion to raise the membership subscription, the Committee's recommendation was withdrawn and the remainder of the minute was approved.

Minute of the Propaganda Committee was read and, on the motion of Mr. Hector MacDougall, Convener, was adopted. At this stage a memorandum by the Rev. Malcolm MacLean. which had been circulated to members, was discussed at some length. This document dealt with the position of Gaelic and made suggestions for more effective propaganda. Mr. D. Thomson took strong exception to some of the views expressed in the memorandum and Mr. MacLean gave a fuller explanation of some points. It was then moved, seconded, and agreed to pass to the next business.

Minute of the Art and Industry Committee was adopted on the motion of Mrs. Edgar. It set forth the arrangements for competitions for Celtic Design Classes in the 1948 Mod Syllabus.

Minute of the Mod and Music Committee was approved on the motion of Mr. J. M. Bannerman, Convener. This minute laid down an age-limit for Juniors as follows:-Juniors are those under 16 years, Seniors are those over 16 years, excepting competitors in Choral Competitions where the age-limit for Juniors is to be 17; age to be reckoned as at the first day of the Mod.

Mr. John Macdonald, Convener of the Perth National Mod Local Committee, gave information about Mod arrangements. Financially the position is satisfactory, he said, but the provision of accommodation is proving most difficult. He hoped however that they would be able to accommodate all the members of

Minute of Clann an Fhraoich Committee was adopted on the motion of Mr. Hector MacDougall, Convener. The arrangements for the Comunn na h-Oigridh Camp which was to open at Inversilort on 10th July were described; it was expected that a satisfactory number would attend. It was noted with satisfaction that there was an increase in the numbers taking part in the examinations for Lan-Ghaidheal and Sar-Ghaidheal badges.

#### NEW FINANCE CONVENER.

Minutes of two meetings of the Finance Committee were read. On the motion of Mr. J. M. Bannerman, seconded by Mrs. Dunlop, Mr. Robert Bain was appointed Convener of the Committee in succession to the late Mr. J. A. Nicolson.

The Treasurer submitted the Accounts for the financial year which ended on 31st May, 1947. These showed that there was a very satisfactory surplus of over £1.200 for the Aberdeen Mod. However, in spite of this surplus, the increased expenditure forcast in last year's report resulted in a deficit for the year of almost £200. The Central (War Comforts) Committee had raised the sum of £2,771 2s 6d for the War Memorial and Thanksgiving Fund, and this sum would be invested in the names of the Trustees of An Comunn and held for the purpose for which it was raised. On the motion of Mr. Farguhar MacRae the Minutes and Accounts were adopted.

Annual reports of the Standing Committees were submitted. amended, and approved. It was agreed to include in the printed reports a list of office-bearers and members of the Standing Committees, and also a statistical note giving the total number of members (honorary, life, ordinary, and representative), number of Branches and of Affiliated Societies. number of Feachdan in Comunn na h-Oigridh and number of children at present members of that body.

Nominations were received for the offices of President, Vice-President, and ten places on the Executive Council. Minute of the Advisory Committee was adopted on the

motion of the President. Minute of the final meeting of the Central (War Comforts) Committee was read, and tribute was paid to the leadership of the Convener, Mrs. J. M. Bannerman, and to the Hon. Secretary, Mr. Shaw, and Hon. Treasurer, Mr. Graham. There was also read a minute of the War Memorial and Thanksgiving Fund Committee, which outlined future activities and recommended that a whole-time organiser be appointed, preferably with office facilities. Since the National Mod is to be held in Glasgow in 1948, there is an undertaking that (apart from four functions previously arranged) no money-raising activities will be organised in the Glasgow area until after the Mod except by the Local Mod Committee: it is recommended. however, that the time allowed for raising the Memorial and Thanksgiving Fund be extended to 31st December, 1950. On the motion of Mrs. J. M. Bannerman, Convener, these minutes were approved.

RE-ORGANISATION.

Minute of the Re-organisation Sub-Committee was read, The Secretary, as instructed, had circularised the 77 Branches about the re-organisation proposals (as set forth in An Gàidheal, February, 1947, pp.63f.), but only six had replied. In the light of the replies received and on further consideration the Committee recommended the institution of a Junior Membership and the creation of a Standing Committee for youth work, and members of the Committee were to submit notices of motion giving effect to these proposals. The Committee were not at this stage prepared to make any recommendations about membership subscriptions, the magazine, or regional organisation. On the motion of the President the minute was adopted.

Notices of motion to amend the Constitution and Bye-laws were tabled as follows (proposed changes and additions are

indicated by italics) :-

By the Rev. T. M. Murchison :-

(1) That Rule 3 of the Constitution be amended to read: "The Association shall consist of Honorary, Life, Ordinary, Junior, and Representative Members."

(2) That after Rule 5 of the Constitution a new Article be inserted, namely: "Junior membership shall be

open to persons, not older than twenty-one years and not younger than fourteen years, who are interested in the objects of the Association."

(3) That Rule 14 of the Constitution be amended to read : "The Subscription of Ordinary Members shall be five shillings per annum and of Junior Members shall be one shilling per annum, and shall be payable in advance on the 1st day of June in each year. The name of any Ordinary or Junior Member who is twelve months in arrear with his subscription may be struck off the roll. Members of Comunn na h-Oigridh aged fourteen years and over shall ipso facto be regarded as Junior Members but shall not be required to pay the Junior Membership subscriptions."

By Mr. J. M. Bannerman :-

(4) That Rule 27 of the Constitution be amended to read: "The Executive Council shall at the Preliminary Meeting in each year appoint from among its own members eight Standing Committees, viz.:-Finance. Publication, Propaganda, Art, and Industry, Mod and Music, Clann an Fhraoich, and Comunn na h-Oigridh.

(5) That, in Rule 34 of the Constitution, Section (7) be deleted and replaced by two new Sections as follows:

"(7) CLANN AN FHRAOICH COMMITTEE

shall organise and develop the activities of Clann an Fhraoich, which consists of those members of the Association, including learners of Gaelic, who pledge themselves to use Gaelic on all possible occasions, particularly in communicating with each other. The meetings of the Committee shall be held in Gaelic."

"(8) COMUNN NA H-OIGRIDH COMMITTEE shall be responsible for the direction and development of the youth activities of the Association, including Comunn

na h-Oigridh."

By Mr. Donald Thomson:-(6) That Rule 13 of the Constitution be amended to read : "Life Members shall each pay one subscription of six

(7) That the first eleven words of Rule 14 of the Constitution be amended to read: "The subscription of Ordinary Members shall be ten shillings per annum,

(8) That Rule 24 of the Constitution be amended to read ; "Ordinary Meetings of the Executive Council, other than the Preliminary Meeting, shall be held at Stirling or at such place as may be decided by the Executive. Council at the previous meeting."

By Rev. T. M. Murchison :-

(9) That, under the heading "THE MOD-Procedure," a new Bye-law be inserted immediately before Bye-law 25, namely: "In selecting a place for the National Mod the Annual Meeting shall consider only written invitations submitted by responsible and representative local parties who desire the Mod to be held in their particular areas."
(10) That Bye-law 46 be amended to read: "The financial

year of the Association shall run from 1st May to 30th April in the following year inclusive.

A Vote of Thanks to the Chairman terminated an unusually lengthy meeting.

#### TAILLEAR NA MANACHAINN.

Ann am Manachainn nan Lios, no Manachainn Mhic Shimidh, tha tobhtaichean seann Abaid ainmeil a thogadh anns a' bhliadhna 1230. Bhiodh iomadh seann sgial air an aithris le na seann daoine mu'n togail àrsaidh so, agus tha an seanchas a leanas air bial nan seann daoine anns an sgìre

Chaidh fathunn mun cuairt gu robh coigreach as an tsaoghal thall a' tadhal gu tric air tobhtaichean na h-Abaide mu mharbhan na h-oidhche, agus an uair a chuala muinntir na Manachainn sin cha d'rachadh mac màthar aca air àruinn nam ballachan àrsaidh aon uair is gun tuiteadh an oidhche.

Ach bha tàillear crùbach uailleil anns an nàbachd, agus thubhairt esan nach robh eagal sam bith aige-san roimh gach droch spiorad a bha anns an t-saoghal iochdrach ged thigeadh iad còmhla timchioll air na ballachan mu mheadhon oidhche, agus gun cuireadh esan geall gun cuireadh e crìoch air deise aodaich an taobh a stigh de na ballachan air oidhche àraidh, ged bhiodh na spioradan mu thimchioll cho tiugh ri plàigh nan locust anns an Eiphit.

Chaidh an oidhche a shuidheachadh, agus thog an tàillean crùbach air le a chlò agus a shnàthaid agus a dheamhais, a gus thòisich e ri tàillearachd anns na tobhtaichean aig cridhe a' mheadhon-oidhche. Cha robh a shnàthad fada an greim an uair a chunnaic e f'a chomhair tannasg aibheasach a bha ag cur sgàile air na

speuran m'a choinnibh. Shìn an tannasg a mach a ghàirdean anns nach robh dad ach cnàmhan a bha cho oillteil mór is gun do chuir sealladh dhiubh crith air creubhaig an tàilleir. Labhair an tannasg is thubhairt e, "Seall, a thàilleir, làmh mhór gun fhuil gun fheòil," agus fhreagair an tàillear, " Chì mi

sin agus fuaighlidh mi so. Thuirt an tannase na briathran ceudna trì uairean, agus

thug an tàillear crùbach an aon fhreagairt.

An uair a chuir an tàillear crìoch air an obair dh'éirich e is sgioblaich e an t-aodach air an robh e ag obair is rinn e air an tigh. Ach ma rinn, lean an tannasg e le a ghàirdean cnàmhach sìnte mach air son a bhualadh.

Gu fortanach do'n tàillear cha d'eirmis an làmh chumhachdach air a bhualadh, ach thug i sgailc air ursainn a tuath an doruis mhóir, agus tha an làrach a dh'fhàg i ri fhaicinn an sin fhathast.

IAIN N. MACLEOID.

#### LOCHABER PROVINCIAL MOD.

The Lochaber Provincial Mod, which was held at Fort William on 20th June, was probably the most successful Mod yet held in Lochaber. The entries were good (over 200), and the standard both in Gaelic and music was high. Large audiences were present throughout the day, and at the evening Concert, held in the Playhouse (kindly granted by Mr. Robert Wotherspoon and the Directors), not a seat was vacant,

Mr. F. S. Cameron-Head of Inversilort presided at the Concert and was introduced by the Northern Organiser, who referred to the splendid work being done by Mr. and Mrs. Cameron-Head for the Gaelic Cause, mentioning specially the accommodation provided for this year's Comunn na h-Oigridh Camp at Inversilort. The Chairman gave a stirring address in Gaelic and English, and he was heartily thanked by Mr. Neil Shaw, General Secretary. The prizes were presented by Mrs. Neil Shaw.

Sincere thanks are due to the local Mod Committee, and especially to the Hon. Secretary and Hon. Treasurer, on whom

a great deal of the Mod work devolved.

The Adjudicators were:-for Music, Mr. David Yacamini, Perth, and Mrs. Tomison, Linlithgow; for Gaelic, Rev. A. J. Maclean, Fort William, Mr. Neil Shaw, Mr. Donald MacPhail. Rev. M. A. MacCorquodale, Kinlochleven, Mr. Donald Thomson, Oban, and Mr. Lachlan MacKinnon, Fort William,

#### The following were the First-Prize Winners:-

#### JUNIOR SECTION.

Oral. - Reciting prescribed poem, George H. Smith, Kinlocheil. Reading prescribed prose, Christina MacLeod, Kinlocheil. Conversation, Anthony MacDonald. Reciting poem, Mary Ferguson, Fort William Secondary School. Reading unseen prose, Annie T. Campbell, Fort William Secondary School. Reading prescribed prose, Annie T. Campbell. Reading unseen Scripture passage, Annie T. Campbell.

Vocal Music .- Solos-Under 12 (prescribed): Girls, Ann Margaret Kennedy, Fort William Secondary School; Ann Margaret Kennedy, Petr Villam Scoolhary School, Boys, Iain Donald Hamilton, Corpach. 12 to 16 years (prescribed): Girls, Isleen Mackintosh, Fort William Secondary School; Boys, Thomas MacKenna, Kinlocheil. 12 to 16 years (prescribed): Girls and Boys, Thomas Mac-Kenna. Duets, Fiona Cameron and Anne Grant, Fort William Secondary School.

Choral. — Unison, Mallaig School Choir. Two-part Harmony, Roy Bridge School Choir.

#### SENIOR SECTION.

Oral.—Reading unseen prose, Kate Sarah MacInnes, Fort William Secondary School; Reciting prescribed poem, Catherine MacDonell, Fort William Secondary School. Read. AN GAIDHEAL.

ing prescribed prose. Kate Sarah MacInnes. Competition arranged by Judges, Margaret MacIsaac, Fort William Secondary School. Acted Dialogue, Catherine M. Morrison and Catherine MacDonell, Fort William Secondary School.

Vocal Music. — Solos — Prescribed : Ladies, Ishbel MacLellan, Fort William Secondary School; Men, Ewen Fraser, Glen Urquhart. Solos (former Trophy winners), Joan Stewart, Fort William. Open competition, Ishbel MacLellan, Duets, Patricia and Ishbel MacLellan, Fort William Secondary School. Quartette, Kilmallie Quartette.

Choral. — Ladies' Voices, Fort William Secondary School Choir. Mixed Voices, Kilmallie Gaelic Choir. Challenge

Shield competition, Glen Urquhart Gaelic Choir.

## ARD NAMURCHAN PROVINCIAL MOD.

After an interval of eight years the Ardnamurchan Provincial Mod was once again held at Strontian on 24th June. There was a large entry in both senior and junior sections, competitors coming from places as far apart as Kilchoan and Trislaig.

Such was the length of the Mod programme that judging continued until the evening. Later there was a concert sustained by the leading prize-winners and presided over by the Hon. Mrs. Maclean of Ardgour, who presented the prizes. Mr. Neil Shaw, speaking in Gaelic, moved a vote of thanks to Mrs. Maclean and also thanked the people for their generous support of the Mod. After the concert a dance was held by the Strontian Youth Club in aid of An Comunn funds,

The adjudicators were :- Gaelic, Rev. A. D. Maclean, Ardgour; Mr. Neil Shaw; Rev. M. A. MacCorquodale, Kinlochleven; and Rev. A. J. Maclean, Fort William; Music, Mrs. Tomison and Mr. Willis Calder; Piping, Mr. Neil Shaw.

The First-Prize Winners were :-

JUNIOR SECTION.

Oral. — Reading at sight, Norman MacLeod, Strontian. Reciting from memory, Norman MacLeod. Re-citing from memory (learners), Mairi Macdonald, Strontian. Conversation, Norman MacLeod.

Vocal Music. - Solos: Girls, Margaret Cameron, Trislaig; Boys, Norman MacLeod; Learners, Creina Mac-Gregor, Lochaline. Duets, Annie and Cathie Macpherson, Glenborrodale.

Choral .- Lochaline School Choir.

# SENIOR SECTION.

Oral. — Reading at sight, Isabella Mackenzie, Kilchoan. Recitation, Donald Cameron. Sgeulachd, Annie M. C. Macphail.

Vocal Music. — Solos: Ladies, Morag Cameron, Claggan; Men, Peter MacQueen, Ardgour. Unpublished local song, Ellen M. Cameron, Acharacle. Morven song, Morag Cameron. Ardnamurchan Silver Pendants Competitions (solos): Ladies, Morag Cameron; Men, William pecutions (solos): Ladies, morag Cameron; Men, Wilham Lawrie. Solos (learners), Dolly Henry, Morven. Duets, Ena Graham and John Macdiarmid, Morven. Quartettes, Morven No. 2 Quartette. Puirt-a-beul, Sheila F. Dewar. Solos (former First-Prize winners), Mrs. Johan Stewart, Ardgour.

Choral, - Unison, Morven Choir. Harmony, Morven Instrumental. - Piping: March, Iain Johnston; Strathspev and Reel, Iain Johnston.

### FALBHAIDH 'S CHA TILL. (O'n Eadailtis)

Thuirt an gobhlan ris an òigear: "Tha 'n tìde reòta-falbhaidh mi. Nuair thilleas blàithean maoth a' Chéitein, thig mi fhéin an taobh-s' a rìst."

Thuirt an duilleag ris an t-slataig: "Is fuar an latha. Falbhaidh mi. Nuair a thilleas ort an gobhlan, le tuil an t-snodhaich tillidh mi."

Thuirt an tìom ri mac an duine : "Chan eòl domh fuireach. Falbhaidh mi. Tillidh ort na h-eòin 's na blàithean, ach mise gu là bràth cha till."

DEORSA CAIMBEUL HAY.

### LEWIS PROVINCIAL MOD.

The first Provincial Mod in Lewis since 1939 was held in the Town Hall, Stornoway, on 26th and 27th June. There was a good number of competitors and large audiences filled the hall. The standards attained were very high, and the Mod a most successful one. A gratifying feature was the number of boys and girls who competed.

Stornoway Gaelic Choir, Stornoway Ladies' Choir, and the Nicolson Institute Class V Choir took part in the proceedings, not as competitors, but for the sake of getting a "crit" from Mr. McConochie. High commendation was given to the choirs

both for music and for Gaelic.

At the Junior Concert on the first evening, Mr. John MacKay, Edinburgh, a native of Carloway and a member of the Executive Council of An Comunn, complimented the local Branch on the success of the Mod and the children on the excellence of their work, and strongly urged the latter to attend the Comunn na h-Oigridh Camp. A comprehensive vote of thanks was moved by Mr. Alasdair Matheson, Assistant Secretary of An Comunn, who acted as compere at the Concert.

For the Senior Concert on the following evening the Town Hall was packed. The programme was sustained by the senior prize-winners, and Mr. Alasdair Matheson also contributed. Votes of thanks were moved by Mr. Murdo MacLeod, President of the local Branch. The success of the Mod reflects much credit on the local Committee, particularly Mr. Murdo MacLeod,

Branch President, and Mr. Alex. Urquhart.

Branen President, and Mr. Alex. Ucqunart.
The Adjuictators were:—for Music, Mr. J. N. MacConochie,
